

L.36.6.

LIST OF GAELIC BOOKS

And Works on the Highlands

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN & STEWART,

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

63 & 64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

A liberal discount allowed on orders for exportation
or for private circulation.

	s. d.
M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dictionary, with Grammar, 12mo, cloth,	9 0
... Ditto ditto, <i>hf.-bound calf</i> ,	11 0
... Gaelic and English, separately, cloth,	5 0
... English and Gaelic, separately, cloth,	5 0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, cloth,	10 6
<hr/>	
Alleine's Alarm to the Unconverted,	1 6
... Saint's Pocket Book, cloth, 1s. <i>sewed</i> ,	0 6
Almanac for 1875, in Gaelic,	0 6
An T-Oranaiche, by Sinclair (<i>in parts</i>), each,	1 6
Assurance of Salvation, 18mo, <i>sewed</i> ,	0 6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, cloth, ...	1 6
... Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2 6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0 1
Bible in Gaelic, 8vo, <i>strongly bound in calf</i> , ...	7 6
Blackie's (Prof.) Language and Literature of the Scottish Highlands, 8vo, cloth,	6 0
Boston's Fourfold State, 12mo, cloth,	4 0
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, <i>sewed</i> ,	0 3
... God's Way of Peace,	1 0
Buchannan (Dugald) of Rannoch's Life and Conversion, with his Hymns, 18mo, cloth,	2 0
... The Hymns, separately, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0 3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, cloth, ...	2 0
... World to Come, or Visions from Hell, cloth,	1 6

Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart.

		<i>s.</i>	<i>d.</i>
Bunyan's Grace Abounding, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	2	0
... Pilgrim's Progress (<i>three parts</i>), <i>cloth</i> ,	...	2	6
... Water of Life, <i>cloth</i> ,	1	0
... Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	0
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English,		0	2
... Mother's, 1d. Gaelic and English,		0	2
... Brown's Shorter, for Young Children,		0	1
Confession of Faith, fcap. 8vo, <i>cloth</i> ,	2	6
Dairyman's Daughter, <i>sewed</i> ,	0	4
Dàin an Deirg agus Tiomna Ghuill (Dargo and Gaul), with a new Translation, Notes, and Introduction, by C. S. Jerram,	2	6
Dewar's (Rev. Dr) The Gaelic Preacher, 8vo, ...		0	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ...		0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> ,	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> ,	0	2
English Poems, with Gaelic Translations, arranged on opposite pages, 12mo, <i>Part 2</i> ,	1	6
Finlayson, (Rev. R.) Brief Sketch of the Life of, by Rev. J. Macpherson, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	0
Flavel's Token for Mourners, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	0
Forbes' (Rev. J.) Baptism and the Lord's Supper, ... An Lochran : Dialogues regarding the Church,	0	4
... Long Gheal : The White Ship ; a Spiritual Poem,	0	6
...	...	0	4
Gael (The), a Monthly Gaelic Magazine, bound in cloth for 1873, 74, 75, and 76, each,	...	7	6
The same in Numbers, Monthly, each,	...	0	6
Gaelic First Book, 18mo, 2d. ; Second do.,	0	4
Gaelic Spelling-Book, 18mo, <i>cloth</i> ,	0	6
Gaelic Tracts, 50 different kinds, <i>sorted</i> , for	2	6
Gaelic Tracts, 8 sorts,	100 for	1
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> ,		2	0
Hall's (Newman) Come to Jesus,	0	6
Harp of Caledonia, Gaelic Songs, 32mo, <i>sewed</i> ,		0	4

National Library of Scotland



B000501545



Digitized by the Internet Archive
in 2013

SIGHS
FROM HELL;
OR
THE GROANS OF A DAMNED SOUL.

BY
JOHN BUNYAN.

"The rich man died, and in hell he lifted up his eyes."—
LKE xvi. 22, 23.

EDINBURGH
MACLACHLAN AND STEWART.

X

OSNAICHEAN

BHO IFRINN;


NO

ACAIN ANMA DAMNAITE.

LE

IAIN BUINIAN.

"Fhuair an duine saoibhir bàs, agus ann an ifrinn thog e sunshùilean."—Luc. xvi. 22, 23.



DUNEIDEANN :

MAC-LACHUINN AGUS STIUBHARD.

MDCCLXXIII.

1930-1931

1930-1931

1930

1930-1931

1930-1931

1930-1931

1930-1931

1930-1931

1930-1931

1930-1931

1930-1931

AN T-UGHDAR DO 'N LEUGHADAIR.

A CHAIRID, a chionn gu 'm beil e 'na ni cunnartach a bhi 'gimeachd a chum ionad an dorchadais agus na dòrainn ; agus a rithist, a chionn gur h-e (gidheadh) an turas a tha a' chuid a's mò do na h-anmannan truagha th' anns an t-saoghal a' gabhail, agus sin le tlachd agus éibhneas, mar gu 'm b' ann an sin a mhain a bhiodh an t-aon sonas r'a fhaotainn ; smuainich mi uime sin gur e mo dhleasanas (air dhomh a bhi air mo dheanamh mothachail mu thimchioll a' chunn-airt anns am bi iadsan a shiùbbhas ann) thus' a bhacadh, O a dhuine no a bhean thruagh agus innseadh dhut, le mìneachadh an t-samhla so, ciod a' chrìoch mhuladach a bh' aig na h-anmannan ud, agus a tha choltas orr' a' bhi aca, a bha, no bhitheas air am faotainn, a' sìor bhuannachadh ann.

Is gnà leinn esan a mheas 'na chairid, a bheir rabhaidh d'a choimhearsnach mu thimchioll a chuunnairt, 'nuair a tha fios aig' air, agus 'nuair a tha e mar an ceudna a' faicinn gu 'm beil an ràthad anns am beil e triall a' treòrachadh gu dìreach a dh'ionnsaigh sin ; gu h-àiridh 'nuair a smuainicheas sinn gu 'm faod ar coimhearsnach a bhi 'n dara cuid ain-eolach, no neo-chùramach mu dhéibhinn a shlighe. A chairid,

faodaidh e bhith, gu'n robh thu riamh o'n thàinig tu
 dh'ionnsaidh an t-saoghal, le do chùl ri nèamh agus
 t' aghaidh ri ifrinn, agus thusa, an dara cuid tre ain-
 eolas no mi-chùram, (ni a tha cheart cho olc, mur eil ni's
 measa,) a' ruith gu dian-shiùbhlach air an t-slige sin
 riamh. Ach guidheam ort, cuir stad beag air do teann-
 ruith, agus gabh beachd air an aoidheachd a tha choltas
 ort fhaotainn, m'a bhuanacheas tu da-rìreadh air an
 t-slige tha romhad, a ta treòrachadh chum a' bhàis,
 agus a deanamh greim air ifrinn, (Gnà. v. 5.)
 Faodaidh e bhith gu 'm beil an t-slige taitneach do'n
 fheòil, ach bitidh a' crìoch searbh do t' anam. Eisd
 nach eil thu cluinntinn sgreadal ghoirt na h-aiteam
 a th'air ùr thriall ag radh, tumadh e barr a mheòir ann
 an uisge, agus fuaraicheadh e mo theanga a ta air a
 ro-phianadh anns an lasair so, (Luc. xvi.) Nach eil
 thu ga'n cluinntinn ag radh, cuir aon o na mairbh
 chum m' athar, mo bhràthar, agus teaghlaich m' athar
 a chum an cumail o thighinn do'n ionad dhòrainneach so.
 Nach dean na h-acainean brònach so uime sin do chridhe
 clach-chruaidh a bhioradh? An dùin thu do chluasan,
 agus do shùilean? Agus nach toir thu aire? Gabh
 rabhaidh, agus cuir stad air do thuras mu'm bi e tuilleadh
 a's anamoch. Am bi thu coltach ris a' chuileig fhaoin
 nach eil aig fois mur bi i an dara cuid air a glacadh ann
 an lion an damhain-allaidh, no air a losgadh anns a'
 chainneil? Am bi thu coltach ris an eun a dh'iteal-
 aicheas le deifir a chum rib' an eunadair? Am bi thu
 coltach ris an aon bhaoghalta sin a tha air ainmeach-
 adh anns an t-seachdamh caibidil do Leabhar nan
 Gnàth-fhacal, a bha air a tharruinn a chum a chasgraiddh

air taod ana-mhiann faoin ? O a pheacaich, a pheacaich, tha nithe ni's fearr na ifrinn ra 'm faotainn, agus aig luach ni's saoire mar mhìl' uair na sin ! Och (cha-n eil coimeas da) tha nèamh, tha Dia, tha Criosd, tha co-chomunn ri cuideachd do-àireamh naomh agus ainglean, éisd ma tha ris an teachdair-eachd sin a tha Dia a' cur, a tha Criosd a' cur, a tha naoimh a' toirt leo ; cha-n e sin a mhàin ach, a tha na mairbh a' cuir g'a t' ionnsaidh ; " Uime sin tha mi guidhe ort, gu'n cuireadh tu e gu tigh m'athar ;—oir ma théid neach d'an ionnsaidh o na mairbh gabhaid iad aithreachas." " Cia fad a dhaoine baoghalta a ghràdh-aicheas sibh baoghaltachd ? Agus sibhse a luchd-fochaid a ghabhas sibh tlachd ann am fochaid ? Agus sibhse amadan an a bheir sibh fuath do dh' eòlas ? Pillibhse ri m' achmhasan feuch, (deir Dia,) doirtidh mi mach mo spiorad dhuibh, ni mi aithnichte mo bhriathran dhuibh." Tha mi 'g radh, cluinn an guth so, O aoine ghòraich, agus pill agus bi beò, thus anaim pheacaich, air eagal gu 'n toir e ort an ràdh sin eile a chluinntinn : " A chionn gu 'n do ghairm mi, agus gu 'n do dhiùlt sibhse, gu'n do shìn mi mach mo làmh, agus nach tug duine sam bith' an aire ; ni mise mar an ceudna gàire ri 'r sgriosa ni mi fanaid an uair a thig bhur n-eagal."

O anaim thruaigh, na 'm bu mhath le Dia no le Criosd gun éireadh beud dhut, bu chùis eil'e ; an sin, na 'n diùltadh tu, dh' f haodadh tu, leithsgeul air chor-eigin a bhi agad ri thoirt seachad, no coire r'a faotainn, agus aobhar gu maille dheanamh. Ach tha so air son do shuannachd, air son do shochair, air son mathadh

do pheacannan, tearnadh t' anma, do shaoradh o theine ifrinn, o'n fhéirg a tha ri teachd, o losgadh sìorruidh, chum deagh-ghean Dé, Chriosd, agus co-chomunn ris an uile shonas, (a ta sona dha rìreadh.)

Ach facdaidh e bhith gu 'n abair thu, cha-n eil anns na h-uile ni labhradh anns an teagascg so ach samhla, agus cha-n f hìrinne samhlachan.

B' urrainn mi do chuir dhiom leis an fhreagairt so, ged is samhla th'ann, gidheadh is fìrinn e, agus cha bhreug ; agus gheibh thusa e mar sin cuideachd air do chosg, ma bhios tu air t-fhaotainn 'na t'fhear tarcais, air Dia, air Criosd, agus air slainte t'anma féin.

Ach, anns an dara h-àite biodh f hios agad air son cinntichead, nan nith th' air an ciallachadh le samhlachan, gur fìrinnean iongantach iad. O ciod an fhìrinn ghlòrmhor a th' air a chiallachadh leis an t-samhla so ! " Tha rìoghachd néimh coltach ri lìon a tha air a thilgeadh 'san f hàirge, agus a thionail de na h-uile seòrs' éisg :" a' ciallachadh, gu 'm biodh peacaich do na h-uile seòrsa, do na h-uile chinneach, air an toirt a steach do rìoghachd Dhé le lìon an t-soisgeil. Agus O cia cho fior sa bhios an earrann eile dheth, 'nuair a ta e air a cho-lionadh ? a tha 'g radh, " agus air dha a bhi làn, tharruinn na h-iasgairean e chum na tràighe agus air suidhe dhaibh chruinnich iad na, h-éisg mhatha ann an soithichibh agus thilg iad na droch éisg a mach," (Mat. xiii. 47, 48.) A' ciallachadh na h-àitean còmhnaidh glòire a bhios aig na naoimh, agus fòs an diùltadh a bheir Dia do na h-ain-diadhaich, agus do pheacaich. Agus mar an ceudna an samhla sin, ciod an fhìrinn urramach a ta ann ! a deir, " Mur

faigh an gràinne cruithneachd a thuiteas anns an talamh bàs, fanaidh e 'na aonar : ach ma gheibh e bàs bheir e toradh mòr uaithe," (Eoin xii. 24.) A' ciall-achadh, mur b' e gu 'n d' rinn Iosa Criosd da rìreadh fhuil a dhòrtadh, agus am bàs mallaichte fhaotainn, gu 'm fanadh e 'na aonar, 's e sin, nach biodh aige anam sam bith ann an glòir maille ris ; ach na 'm bàsaicheadh e, gu 'n tugadh e mach mòran measa, 's e sin, gu 'n tearnad e mòran pheacach. Agus mar an ceudna nach cinnteach an fhirinn a bh' anns an t-samhla sin, mu thimchioll nan Iudhach a chuir Chriosd gu bàs, ni gure na h-Iudhaich bhochda sgapte is fearr aig an urrain fios a bhi air air an cosg ; oir bha iad, ach beag, riamh o 'n àm sin 'nam fògaraich, agus na n sluagh aig an robh diomadh goirt Dhé gu h-iongantach air fhoillseachadh nan aghaidh a réir firinn an t-samhla (Mat. xxi. 33—41,) O uime sin, air sgàth Iosa Criosd, na dean tàir air an fhirinn, air son i bhi air a nochdadh ann an sàmhla ! Oir leis an argamaid so faodaidh tu mar an ceudna tàir a dheanamh, cha-n e sin a mhàin, ach ni thu tàir, ach beag air na h-uile ni a labhair ar Tighearn' Iosa Criosd : oir labhair e riù air a' chuid bu mhò (mur do labhair na h-uile) ann an samhlachan. C' arson a bhiodh e air a ràdh umadsa, mar a tha e air a ràdh mu chuid : Tha na nithe so air an labhairt riù-san a ta 'muigh, ann an samhlachan, "ionus air faicinn dhaibh nach faiceadh iad agus air cluinntinn daibh nach tuigeadh iad," (Luc. viii. 10., Tha mi 'g ràdh, thoir an aire nach bi thu na t' f hear-etrìth an aghaidh sàmhachan Chriosd ; air eagal gu 'u

cuir Criod mar an ceudna an aghaidh slàinte t'anma aig latha 'bhreitheanais.

A chairid, cha-n eil tuilleadh agam ri ràdh riut aig an àm so; ma tha thu g'a mo ghràdhachadh, bi 'g ùrnaigh air mo shon, nach tréigeadh mo Dhia mi, 's nach buineadh e uam a Spiorad, agus gu'n deanadh e iomchuidh mi chum giùlan leis na dh'fhaodas an saoghal no'n diabhol a leagadh orm. Feumaidh mi innseadh dhut, gu'm beil sluagh an t-saoghail air bhoile, tha iad a' bualadh an casan air an lèr, agus a' crathadh an cinn, agus b' aill leo a bhi 'g iomairt;—gu'n cuidich an Tighearna mise chum na ni iad a ghiùlan le foighidin; agus an uair a bhuaileas iad an aon ghial, gu'n tionndadh mi riù an ghiùl eile, chum gu'n dean mi mar a dh'iarr Criod orm, oir an sin gabhaidh Spiorad Dhé, agus na glòire còmhnaidh orm.—Beannachd leat.

Is leatsa mi, Gu seirbhas a dheanamh anns an Tighearn Iosa.

IAIN BUINIAN.

OSNAIDHEAN BHO IFRINN;

NO

ACAIN ANMA DAMNAITE.

LUC. XVI. 19—31.

“*Bha Duine saoibhir àraidh ann, a bha air a sgeudachadh le purpur agus lion-eudach grinn, agus bha e caitheadh a bheatha gach là gu sòghail le mòr-ghreadhnachas.*”

CHA do labhradh an sgriobtur so le ar Tigh-earn Iosa Criod, gu staid dithis a mhàin fheuchainn dhuibh (mar tha cuid tre aineolas air rùn Chriosd ann a' shamhlachan a' bruadar,) ach gu fheuchainn dhuibh staid nam muinntir dhiadhaidh, agus ain-diadhaidh, gu deireadh an t-saoghail ; mar a ta e soilleir dha-san ga'm beil cridhe tuigseach. Oir labhair e iad a chum gu'n tugadh ginealaichean an deigh làimhe an aire dhaibh, agus gu'n ghabhadh iad fiambah, air eagal gu'n tuiteadh iad sa'n staid cheudna.

B

A nis, ann am labhairt air na briathran so, cha bhi mi fadalach, ach cho aithghearr 's a dh' fhaodas mi ; théid mi seachad tre na rainn fa leth, agus cuiridh mi sìos dhuibh cuid do na firinnean eugsamhail a tha annta : agus gu 'n deònaich an Tighearn gu 'm bi iad feumail, agus gu mòr bhuanachd dhaibh-san a leughas iad, no chluinneas iad air an leughadh.

Air an naoidheamh rann deug, agus air an fhicheadamh rann mar an ceudna, cha chaith mi mòran ùine ; a mhàin bheir mi dhuibh trì no ceithir rabhaidhean, agus mar sin théid mi seachad a chum nan ath rann, oir is iad na briathran air am beil mi a' rùnachadh labhairt ni's ro shònraichte.

Tha'n naoidbeamh rann deug, an fhicheadamh, agus a' cheud rann thar fhichead a' dol air an aghaidh mar so :—“ Bha duine saoibhir àraidh ann, a bha air a sgeadachadh le purpur agus lion-eudach grinn, agus bha e a' caitheadh a bheatha gach là gu sòghail le mòr ghreadhnachas : Agus bha duine bochd àraidh ann do'm b'ainm Lazarus, a chuireadh 'na laidhe aig a dhorus, làn do chreuchdaibh,” &c.

I. Nam biodh na rainn so air an labhairt le Iosa Criosc, agus gun tuilleadh rachadh an saoghal gu léirfaisg air am mìneachadh gu mearachdach. Tha mi 'g radh, mur abradh Iosa ach an uiread so, “ Bha duine saoibhir àraidh ann, a' caitheadh a bheatha gach là gu sòghail, agus duine bochd àradh a chuireadh 'na laidhe

aig a dhorus, làn do chreuchdaibh” dheanadh an saoghal an co-dhunadh so umpa : gu’m b’ e an duine beartach an duine sona ; oir aig a’ cheud sealltainn, tha e a’ foillseachadh a leithid do nì ; ach gabh na h-uile cuideachd, ’s e sin, leugh an sàmhla uile, agus chì thu nach eil duine sam bith ann an còr na’s measa na e, mar a nochdas mi gu soilleir an deigh so.

2. A rithist, na’n tugadh duine breth air daoine a réir coltais o’n leth a muigh, ghabhadh e gu minig a chomharradh gu mearachdach. An so tha duine a réir coltais o’n leth a muigh a tha taisbeanadh mar an t-aon duine beann-aichte, mòran ni’s fearr dheth na’n duine bochd, a thaobh a’s gu ’m beil e beartach, agus an duine bochd aimbeartach ; tha e-san air a dheagh éideadh, ach theagamh gu’m beil an duine bochd lomnochd ; tha aig-san biadb math, ach bhiodh an duine bochd toilichte le biadh nan con. “Agus bu mhiann leis a bhi air a shàsachadh leis an sprùileach a bha tuiteam o bhòrd an duine shaoibhir :” tha’n duine beartach a’ caitheadh a bheatha gu sògail na h-uile latha, ach feumaidh an duine bochd a bhi toilichte le mìr, ’nuair a’s urrainn e fhaighinn. O cò nach miannaicheadh a bhi ann an staid dhuine bheartaich ? Tha aig duine beartach seòrsachan do dheiseachan ùra, agus miasan blasda, taitneach na h-uile latha ; na’s leòir gu thoirt air neach aig nach eil intinn no aire air nì sam bith ach a bhrù, a dhruim, agus ana-miannan

a ràdh, O nach robh mi ann an staid an duine ud ! O nach ann a bhiodh agam mu'n cuairt domh mar a th' aig an duine ud ! An sin bhithinn beò da rìreadh : an sin bhiodh agam socair cridhe ionmhas math : an sin bhithinn beò gu taitneach, agus dh' fhaodainn a radh ri m' anam, Anaim, biodh deagh mhisneach agad. ith, òl, agus bi subhach, (Luc. xii. 19.) tha agad gach nì gu saoibhir, agus tha thu ann an còr ro shona.

Tha mi 'g ràdh, dh' fhaodadh gur e so an co-dhùnadhbh acasan a tha a' toirt breth a réir coltais o'n leth a muigh. Ach ma bhios an samhla uile air a thoirt fainear gu math, chì thu "An ni sin a ta ro mheasail aig daoinibh, is gràinealachd e am fianais Dé" (Luc. xvi. 15.) Agus a rithist, An còr sin a's dubhaiche a réir coltas an leth a muigh. 's e gu minig còr a's oirdheirc ; (Iob, xvi. 20—22.) oir bha aig an duine bhochd deich mìle tomhas ni b' fhearr deth, ged a thaobh coltais o'n leth a muigh a b'e a staid-san staid bu dubhaiche ; o sin bheir sinn fainear an uiread so.

1. Gu 'm beil iadsan a tha a' toirt breth a réir coltas o'n leth a muigh, air a' chuid a's mò a' toirt breth gu mearachdach. Eoin, vii. 24.

2. Gu 'm beil iadsan a tha a' sealltainn air an sòlasaibh o'n leth a muigh a bhi'nan comharr-aidhean air ghràs sònraichte Dhé dhaibh, mar an ceudna air am mealladh. (Tais. iii. 17.) Oir mar a ta e an so anns an t-samhla, faodaidh

e bhith nach dean duine beartach, agus lean-abh an diabhoil ach an t-aon phearsa; no faodaidh pailteas do shòlasan' a bhi aige duine o'n leth a muigh, agus gidheadh a bhi air a ghiùlan leis na deamhnau a dh' ionnsaidh losgadh sìorruidh. (Luc. xii. 10.) Ach 's e so an t-inneal glacaidh anns an do ghlac an diabhol iomadh mìle do dh' anmannan bochda, eadhon, le 'm faighinn gu breth a thoirt a réir coltais o'n leth a muigh, no réir beannachdan Dhé o'n leth a muigh.

Fèòraich do thruaghan bochd, feòlmhor, sanntach, cionnas a dh' aithnicheadh e duine ann an staid shona; agus freagraidh e, a mhuinntir ud a tha Dia a' beannachadh, agus do 'm beil e a' toirt pailteas do 'n t-saoghal so, ged is iadsan mar is tric a ta na'n daoine mall-aichte. Mo thruaighe na daoine bochda! tha iad cho aineolach a' smuaineachadh, a thaobh gu 'm beil duine a' cinneachadh ann an nithe o'n leth a muigh, gu 'm beil Dia ga' ghràdhachadh le gaol àraighe, air neo nach deanadh e riamh ni cho mòr air a shon, nach deanadh e riamh a bheannachadh mar sin, agus soirbheachadh le obair a làmhan. Ah, anaim bhochd! 's e 'n duine beartach a tha a' dol do dh' ifrinn. "Agus fhuair an duine saoibhir bàs mar an ceudna, agus ann an ifrinn, thog e suas a shùilean," &c.

Air leam gu'm beil mar a shiùbhlas daoine mòra an t-saoghal gu spaideil, mor-chuiseach, sios a's suas an t-sràid air cuid do dh' uairean

a' cur iongantais orm. Gu cinnteach tha iad ag amhare orra féin a bhi 'nan daoine mhàin a ta sona ; ach is ann do bhrìgh gu'm beil iad a' toirt breth a réir coltas o'n leth a muigh ; a tha iad g'am faicinn féin a bhi 'nan daoine mhàin a ta beannaichte, 'nuair tha f hios aig an Tighearn gu'm beil a mhòr bhuidheann (ach tearc) air am fàgail a' muigh á staid bheannaichte. Cha-n ionadh iad a ta glic a thaobh na feòla, cha-n ionadh cumhachdach, cha-n ionadh uasal a tha air an gairm. (1 Cor. i. 26.) Ah! na 'n deanadh iadsan a ta 'n dràsta a' deanamh uaill air chòr 's gur gann a dh' fhaodas neach sam bith sealltainn orra, so a chreidsin, bheireadh e orra an cinn a chromadh sìos, agus eigeach a mach, O thoir dhomh cuibhrionn Lasarus.

Dh' fhaodainn so a mheudachadh gu mòr, ach cha dean mi sin, a mhàin an uiread so their mi ribhse aig am beil mòran do 'n t-saoghal. Thugaibh an aire nach bi agaibh 'ur cuibhrionn anns an t-saoghal so ; thugaibh an aire nach bi e air a radh ribh an deigh so, 'nuair a b' àill leibh gu ro dheònach neamh a bhi agaibh, Cuimhnichibh, ann an àm 'ur beatha, gu 'n robh agaibh 'ur nithe matha, ann an am 'ur beatha gu 'n robh agaibh 'ur cuibhrionn. Salm, xvii. 14.

Agus a chairid, thus' a ta 'g iarraidh an deigh an t-saoghail so, agus ag iarraidh beartais, feòr-aicheam a' cheisd so dhiot, am biodh tu toilichte gu'n cuireadh Dia seachad thu le cuibhrionn

anns a' bheath so ? am biodh tu toilichte le bhi air do chumail a muigh á nèamh le druim gu math air éideadh, agus brù gu math air a lionadh le àilleasan an t-saoghal so ? am biodh tu toilichte t-uile nithe math a bhi agad ann an àm do bheatha, do nèamh a bhi agad gun mhairsinn ni's fhaide n'am feadh a bhios tu beò anns an t-saoghal so ? am bhiodh tu toileach a bhi air do bhacadh o shonas agus bheannachd shìorruidh ? ma tha thu 'g radh nach bhithheadh, a sin thoir an aire ort fén o'n t-saoghal agus o do pheacannan ; thoir an aire nach iarr thu bhi 'na do dhuine beartach, air eagal gu'm bi do bhòrd air a dheanamh na ribe dhut. (Salm, lxix. 22.) Air eagal gu 'n dùin beartas an t-saoghal so a mach thu á glòir. Oir mar a deir an t-Abstol, "An dream le'n àill a bhi beartach, tuitidh iad ann am buaireadh, agus ann an ribe, agus *ann* an iomadh ana-miann amaideach agus ciurrail, a bhàthas daoine ann am milleadh agus ann an sgrios." (1 Tim. vi. 9.) An uiread so gu coitcheann, ach a nise gu sònraichte.

Tha 'n dithis dhaoine mu 'm beilear a' labairt an so (mar a thubhairt mi) a' nochdadhbh duinne staid nam muinntir dhiadhaidh agus ain-diadhaidh ; tha 'n duine bochd a' nochdadhbh na muinntir dhiadhaidh, agus an duine beartach na muinntir ain-diadhaidh. "Bha duine bochd àraidh ann," &c.

Ach c' arson a tha a' muinntir ain-diadh-

aidh air an nochadh fo shamhla duine beartach?

1. Air son nach b' àill le Criod iad a shealltainn ro àrd, mar a thuirt mi roimhe, ach a chum 's gu 'n tugadh iasan aig am beil beartas an aire nach e am beartas an uile chuibrionn, Seum. i. 10—12. 1 Tim. vi. 17.

2. Air son gur e na daoine beartach a's buailtiche do bhuaireidhean an diabhoil ; gur iad a's ullamh gu bhi air an séideadh suas le uaill, neart agus cùram an t-saoghail so, nithe anns am beil iad a' caitheadh a' chuid a 's mò do 'n aimsir ann an ana-miannan, misg, macnus, diomhanas, maille ri oibrichean eile na fèòla ; " Nithe air son am beil fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-eas-ùmhìlachd." Col. iii. 6.

3. Air son gu 'm b' àill leis cridheachan a mhuinntir féin a chòmhfhurtachadh, a tha mar is tric do'n t-seòrs' a's bochda : Ach thagh Dia na bochdan, nithe neo-mheasail agus taireil an t-saoghail. (1 Cor. i. 26.) Na 'n suidhicheadh Dia an duine beartach anns an staid bheann-achite, cho-dhùnadh a chlann, air dhaibh a bhi bochd, nach robh cuibhrionn acasan anns a' bheath a ta ri teachd.

Agus a rithist, mar b' e gu 'n tug Dia a leithid do dh' fhoillseachadh mu chòr brònach nam muinntir ud a ta mar is tric 'nan daoine beartach, cho-dhùnadh daoine gu tûr, gur iad na daoine beartach na daoine beannaichte. Cha n-e sin a mhàin, ach ged tha 'n Tighearn e-féin cho soilleir a' cur an céill, gu 'm beil

muinntir bheartach an t-saoghal mar is tricanns an staid a's truaighe, gidheadh tha iadsan tre as-creideamh air neo ladornas, ga'n cruadhachadh féin, agus ag iarraidh glòir an t-saoghal so, mar nach ciallaicheadh an Tighearn Iosa Criod mar a thuirt e, air neo gu 'n abair e ni's mò na thig cinnteach gu crìch : ach biodh fhios aca gu 'n robh aig an Tighearn àm gu co-lionadh an ni sin air son an robh àm aige gu chuir an céill, oir cha-n urrainn an sgriobturi a bhi air a briseadh. Eoin, x. 35.

Ach a rithist, cha-n eil an Tighearna le fhal a' ciallachadh gu 'm beil a' mhuinntir ud ain-diadhaidh, a tha beartach anns an t-saoghal, a mhàin oir an sin dh' fheumadh iadsan uile a ta bochd, eadhon 'nam muinntir gun ghràs agus dhiomhan a bhi air an tearnadh, agus air an saoradh o dhioghaltas sìorruidh ; ni a bhiodh an aghaidh facial Dé, a tha 'g radh ; gu 'm beil cuideachd maille ri rìghrean na talmhuinn, agus na daoine mora, agus na h-aird cheannardan, agus na daoine cumhachdach ; daoine daor no seirbhisich, agus tràillean a ghlaodhas a mach aig taisbeanadh an Dé Uile-chumhachdaich, agus a Mhic Iosa Criod gu breitheanas ; Tais. vi. 15.

Air chòr 's ged tha Criod ag radh, Bha duine saoibhir àraidh ann, gidheadh feumaidh sibh a thuigsinn gu 'm beil e ciallachadh a mhuinntir ain-diadhaidh uile, beartach no bochd. Cha n-e sin a mhàin, ach, mur tuig

sibh e mar sin an dràsta bithidh sibh air bhur toirt gu thuigsinn gu'm beile gu bhi air a chiallachadh mar sin aig latha dara teachd Chriosd, 'nuair a sheasas na h-uile a bhios ain-diadhaidh air làimh chlì Chriosd le aghaidhean nàrach agus cogaisean ciontach, le saithichean féirg an Uile-chumhachdaich, ullamh gu a bhi air an taomadh a mach orra. An uiread so gu h-aithghearr air an naoidheamh rann deug. Dh' fhaodainn nì eile thoirt fainear uaithe, ach an dràsta stadaidh mi, air dhomh caochla nithe a bhi agam gu labhairt mu'n timchioll aig an àm so.

*“Agus bha duine bochd àraighe ann, d’ am b’ ann
Lasarus, a bha air a chur ’na laidhe aig a dhorus,
làn do chreuchdaibh.”—Rann. 20.*

THA 'n rann so gu h àraighe a' cumail a mach na nithe so 1. Gu'm bheil naomh-sluadh Dhé 'nam muinntir bhochd dhùmheasach. “Bha duine bochd àraighe ann.” Ma tha sibh a' tuigsinn an fhacail bochd, gu ciallachadh bochdainn o'n leth a muigh, no gainne ann an nithibh o'n leth a muigh, na'n leithidibh sin tha naoimh an Tighearna, oir tha iad air a' chuid a's mò na'n sluagh bochd, neo-mheasail, tàireil. Ach ma shamhlaicheas sibh e, agus ma mhìnlicheas sibh e air an dòigh so, tha iad 'na'n sluagh a tha gu dian ag iarruidh lòn nèamhaidh; 's e so fòs

spiorad chloinn Dé, agus faodaidh e bhith, agus is firinn e anns an t-seadh so, ged nach eil e cho nàdurrach air a thionail o'n sgriobtur so.

2. Gu 'n robh "e air a chuir 'na laidhe aig a dhorus làn do chreuchdan" Tha na briathran so a' ciallachadh galar nan creideach, ag ràdh, Bha e làn do chreuchdan, ni a dh' fhaodas a chiallachadh na h-iomadh trioblaid, buaireadh, geur-leanmhuinn agus àmhghar araon an corp agus an-spiorad, a ta tachairt orra, am feadh a tha iad anns an t-saoghal, agus mar an ceudna an gnàthacadh a ta iad a' faotainn o làmhan an t-sluidh ain-diadhaidh so a tha beò air an talamh. Ach tha e air a ràdh, "Bha e air a chur 'na laidhe aig an dorus làn do chreuchdaibh," thoir an aire, "bha e air a chuir 'na laidhe aig a dhorus," cha b' ann 'na thaigh, bha sin air a mheas tuilleadh as math air a shon, ach "bha e air a chur 'na laidhe aig a dhorus, làn do chreuchdaibh". O sin thug-aibh fainear, nach eil an saoghal ain-diadhaidh ag iarraidh aoidheachd a thoirt do naoimh bochd Dhé, no 'n gabhail a steach do'n taigh-ean. Ma dh' fheumas iad a bhi an àit-eigin làimh riu, gidheadh cha tig iad a steach do'n taighean, dùin iad a mach air an dorus; ma dh' fheumas iad a bhi am fagus duinn, biodh iad aig an dorus. "Agus bha e 'na laidh aig a dhorus, làn do chreuchdaibh." 2. Thugaibh fainear, nach eil an saoghal idir air

beantuinn riu le doilgheasan clainne Dhé, oir tha iadsan uile làn do chreuchdaibh ; sluagh a tha air an cur suarach, air an sàrachadh, air am buaireadh, air an geur-leanmhuinn, ris nach eil an saoghal a' gabhail truais ; cha n-eil, ach a roghainn air a sin, 's ann a tha iad a' saothrachadh gu'n trioblaidean an-tromachadh, le'n dùnad a mach air na dorsan ; rachadh iad fodha, no snàmhadh iad, ciod an umhail a th' aig an t-saoghal ; rùinich iad cùl a chuir riu, cha toir iad aoidheachd sam bith dhaibh ; ma ni laidhe sìos air na sràidean math sam bith dhaibh, ma ni gnathachadh cruidh math sam bith dhaibh ; ma ni cùl a chuir riu, ma ni 'n diùltadh, agus an dùnad a mach air na dorsan leis an t-saoghal math sam bith dhaibh, bi'dh gu leòir aca dhe 'n sin ; ach air dòigh eile cha bhi teach-an-tìr no sòlas sam bith aca bho 'n t-saoghal. "Agus bha e air a chuir 'na laidhe aig a dhorus, làn do chreuchdibh."

"*Agus bu mhiann leis a bhi air a shàsachadh leis an spruileach a bha tuiteam o bhòrd an duine shaobhir : seadh, agus thàinig na madraidh agus dh'imlich iad a chreuchdan.*"—Rann. 21.

Leis na briathran so, tha ar Tighearn Iosa a' feuchainn dhuinn fònn eridhe a' chriosdaidh, agus mar an ceudna eridhe agus giùlan dhaoine

saoghalta a thaobh muinntir naomh' an Tigh-earna. Tha so a' ciallachadh gu 'n dean rud sam bith cridhe a' chriosdaidh a thoileachadh am feadh a thae air an taobh-so do ghlòir ; "agus bu mhiann leis a bhi air a shàsachadh leis an sprùileach," biadh nan con, ni sam bith, tha mi 'g ràdh, bithidh criosdaidh toilichte le ni sam bith, ma bhios uiread aige 's a chumas a chorp agus 'anam r'a chéile (mar a 's gnà leinn a ràdh) tha e toilichte, tha e riaraichte : dh'f hòghlum e, ma dh' f hòghlum e a bhi 'na chriosdaidh, a bhi toilichte le rud sam bith ; mar a thuirt Pòl, "Dh' fhòghlum mi anns ciod sam bith staid am beil mi, leis a sin a bhi toilichte." Tha e fòghlum anus na h-uile còr a bhi a' meòrachadh gaol a thoirt do Dhia, imeachd maille ri Dia, e-féin a thoirt suas do Dhia ; agus ma 's e 's gu 'n dean an sprùileach a tha a' tuiteam o bhòrd an duine shaoibhir uiread ri acras a chasg, agus neart cuirp a thoirt dha, a chum leis a sin gu 'm bi e ni's comasaich' airimeachd ann an slighe Dhé, tha e toilichte. "Agus bu mhiann leis a bhi air a shàsachadh leis an sprùileach a bha tuiteam o bhòrd an duine shaoibhir." Ach thoir fainear cha d' fhuair se iad, cha-n eil thu a' faotainn gu 'n robh uiread ri pronnag no mìr air a bhuleachadh air. Cha robh, na'm bitheadh bhiodh na coin air am mealladh, feumaidh sin a bhi air a ghleidheadh do na coin. Uaithe sin thugaibh fainear, gu'm beil an saoghal ain-diadhaidh a' gràdhach-

adh an cuid con ni's mò na clann Dhé
 Their sibh, tha sin iongantach. Tha e mar sin
 a rìreadh, gidheadh tha e fior, mar a dhearbharr
 gu soilleir—Cia iomadh pùnd-Sasunnach a tha
 cuid do dhaoine a' caitheadh ann am bliadhna
 air son biadh da'n cuid con, 'nuair tha naoimh
 bhochda Dhé a' dol bàs le gort, togaidh iad
 taighean air son an cuid con, 'nuair a dh'
 fheumas na naoimh a bhi air am fògradh agus
 còmhnaidh a ghabhail ann am frògan agus 'an
 còsan na tlamhuinn, (Eabh. xi. 38.) Agus ma
 bhios iad ann an aon sam bith de an cuid
 taighean air son màiil, bheir iad bàirlinn
 dhaibh dol a mach asda, no spònaidh iad sios
 an taigh thar an cinn, a chum 's gu 'm faigh
 iad cuibhte do'n leithidean do thuathanaich.
 A rithist, tha cuid de dhaoine nach urrainn
 dol leth-mhile bho 'n dachaigh gun an cuid
 con a bhi ac' aig an sàiltean; ach 's urrainn
 iad dol gu gle dheònach fichead mile as
 eaghais cuideachd criosdaidh. Cha 'n e sin
 a mhàin, ach ma tha iad sùrdail mu thim-
 chioll an cuid con, is gu'n tachair dhaibh
 coinneachadh ri criosdaidh, teichidh iad gu deòn-
 ach ás an rathad uaithe ma's urrainn iad. Théid
 iad air an taobh eile do'n dìge, no'n rathad, a
 roghainn air cuideachd sam bith a bhi aca ris:
 agus ma thig leanabh le Dia aig àm sam bith, a
 steach do thaigh anns am beil uiread ri dithis
 no triùir do thruaghanan ain-diadhaidh, tha
 iad gu tric a' guidhe an dara cuid iad féin no

an naomh a bhi mach air an doras ;—agus c'arson sin ? Air son nach urrainn iad cuir suas le cuideachd a' chriosdaidh ; ged ma thig cù a steach aig an àm cheudna, no truaghan misgeach, mionntach, a tha ni's measa na cù, ghabhaidh iad gu caoimhneil ris ; suidhidh e sìos maille riu agus compairtichidh iad ris do 'n cuid àilleasan. Agus a nis' innisbh dhomh, sibhse a ta a' gràdhachadh 'ur cuid peacannan agus 'ur sòlasan, nach bu ròghnaiche leibh cuideachd a chumail ri misgear, mionntair, striopach, meirleach, cha-n e sin a mhàin ach ri cù, na ri criosdaidh treidhireach ? Ma their sibh nach bu ròghnaiche, ciod is ciall do 'ur giùlan eoimheach ri pobull Dé ? C'arson a tha sibh ag amhrac orra mur gu 'm b' àill leibh an slugadh suas ? gidheadh aig an àm cheudna, ma's e 's gur urrainn sibh coinneachadh ri 'r cù, no ri còmparanach misgeach, 's urrainn sibh sodal a dheanamh riu, a bhi caidreach riu, dol do'n taigh-òsda maille riu, ged a b' ann a dba na trì dh'uairean 's an t-seachduin : ach ma choinnich-eas pobull Dé cuideachd, ma ni iad ùrnaigh cuid-eachd, agus ma shaothraicheas iad gu chéile a theagasg, fanaidh sibh gu là a' bhreitheanais mu 'n seall sibh a steach do 'n taigh anns am bi iad. O ! a chàirdean, 'nuair a thig na h-uile ri uile, gheibhear gun do ghràdhhaich sibhse misgearan, striopaicean, coin, ni sam bith ; cha-n e sin a mhàin, ach gun do riaraich sibh an diabhol, a roghainn air comunn

gràdhach agus càirdeil, a bhi agaibh rì naomh-shluagh Dhé.

Osbarr “thàinig na madraidh agus dh’ imlich iad a chreuchdan”. Ann an so a rithist faodaidh sibh fhaicinn, cha-n e mhàin staid shàraichte pobuill Dé anns an t-saoghal so, ach fòs, gu’m beil eadhon coin féin, a réir an gnè, ni’s caoimhneile do na naoimh, n’ a tha ’n saoghal peacach ; ged nach bi aig na h-ain-diadhaich tròcair air na naoimh, gidheadh tha e air orduchadh, gu ’m bi aig na creutairean so, coin, leòghain, &c. Ged nach tugadh an duine beartach aidheachd dha na thaigh, gidheadh thig a chuid con agus ni iad dha an caoimhneas as fearr as urrainn iad, eadhon a chuid creuchdan imlich. Bha e mar so maille ri Daniel, ’nuair a bha ’n saoghal air éiridh an caothach ’na aghaidh, agus b’ àill leo a thilgeadh a chum nan leòghan gu bhi air a shlugadh suas, dhùin na leòghain am beoil ris, (no roghainn air sin dhùin an Tighearna suas iad) air chòr ’s nach robh an crón sin air tachairt dha, mar bu mhiann leis na h-eas-cairdean, (Dan. vi.) Agus so tha mi dearbht’ ás, na ’n deanadh na creutairean mar a b’ àill le cuid do dhaoine iad a dheanamh, cha-n fhaodadh pobull Dé imeachd cho sàmhach sìos agus suas na sràidean, agus aitean eile ’sa a tha iad. Agus mar a thuirt mi roimhe, mar sin tha mi ’g ràdh a rithist, tha mi dearbh-chinnteach gu ’m bi aig là a’ bhreith-

eanas ciont agus giùlan mliòran dhaoine 'us mhnathan air an rùsgadh cho follaiseach, 's gu'n taisbean e gu soilleir gu 'n robh iad glé mhi-thròcaireach, agus air chaothach an aghaidh clann Dé; ionnas 'sa 'nuair a rinn freasdal Dé cùisean a thionndadh an aghaidh an dòchais gu'n robh iad fo mhòr dhiùmadh air a shon, mar a tha e gu ro shoilleir r'a fhaicinn annta-san a tha 'g an cuir féin a rannsachadh, (Salm xxxi. 13.) cionnus a bheir iad na naoimh a chum daorsa, agus a chum am fuadach' do fhrògaibh, mar anns na bliadhnhachan so mu dheireadh. Agus do bhrìgh gu 'n d' rinn Dia 'na mhathas nithe òrduchadh air dhòigh eile, chäs iad am fiaclan ris a sin. Uaithe so ionnsaicheadh na naoimh, gun iad-féin earbsa r' an naimhdean; "Bithibh air bhur faicill o dhaoine." (Mat. x. 17.) Tha iad 'nan daoine ro mhi-thròcaireach, agus cha bhi iad cho caoimhneil dhuibh (ma 's urrainn iad a leas-achadh) 's a dh' fhaodas sibh a shaoilsinn a dh' fhaodadh iad abhith. Cha n-e sin a mhàin, ach mur dean làmh riaghlaidh Dhé 'na mhathas, nithe òrduchadh an ceart aghaidh an tograidhean nàdurrach-san, cha dean iad dhuibh uiread a dh' fhàbhair 's a ni iad do chù.

Agus tharladh gu'n d'fhuair an duine bochd bàs agus gu'n do ghiùlaineadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abrahaim ; fhuair an duine saoibhir bàs mar an ceudna, agus dh' adhlaiceadh e,—Rann. 22.

THA na rainn roimhe so a' nochadh gu soilleir giùlain na'm muinntir ain-diadhaidh anns a' bheatha so, do thaobh nan naomh. A' nise tha'n rann so a' cumail a mach araon, triall nam muinntir dhiadhaidh agus ain-diadhaidh, a mach ás a' bheatha so.

Far an tubhairt e, “ Agus tharladh gu'n d' fhuair an duine bochd bàs, agus gu'n do ghiùlaineadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abrahaim ; fhuair an duine saoibhir bàs mar an ceudna.” Bhàsaich an duine bochd so, a ta ciallachadh na muinntir dhiadhaidh ; agus bhàsaich an duine beartach, a ta ciallachadh na muinntir ain-diadhaidh. Uaithe sin thugaibh fainear, cha-n fhaod aona chuid muinntir dhiadhaidh no ain-diadhaidh a bhi beò do ghnà gun chaochla, an dara cuid le bàs no breitheanas ; bhàsaich an duine math, agus bhàsaich an droch dhuine. Tha 'n sgriobtur fòs a' cur leis an fìrinn so, gu 'm feum an sluagh math agus olc bàsachadh, 's iongantach math a ta e's an àit am beil e air a ràdh, “ Agus amhui a ta e air òrduchadh do dhaoinibh bàs fhaotainn aon uair, ach andéigh so breitheanas.” Eabh. ix. 27.

Thugaibh fainear, cha-n eil e 'g ràdh gu 'm

beil e mar sin, gu 'm faod e bhith gu 'n tachair do dhaoine bàsachadh ; ni a dh' fhaodadh dòchas eigin a ghin ann an cridhe nam muinn-tir ain-diadhaidh gu h-àraidh, gu dol as o shearbhadas ; ach tha e 'g ràdh, is ni ro chinnteach e, "tha e air òrduchadh," thugaibh fainear, "tha e air òrduchadh do dhaoine bàs fhaotainn, agus an déigh sin breitheanas." Dh' òrduich Dia e, bho 'n thuit daoine bho 'n staid shona sin anns an d' rinn Dia an tùs, an suidheachadh, "gu 'm bàsaich iad," (Rom. vi. 23.) A nise 'nuair tha e air a ràdh, bhàsaich an duine bochd, agus bhàsaich an duine beartach ; cuid do 'n t-seadh is e, sguir iad a bhi ni's mò anns an t-saoghal so. Tha mi 'g ràdh, 's e sin cuid de 'n t-seadh, ach cha n-e uile gu léir. Ged is e gu léir an seadh, An uair a bhàsaicheas cuid do na creatairean, gidheadh cha-n eil e ach ann an cuid an seadh, 'nuair a tha e air a ràdh, gu 'm bàsaich daoine, mnathan, no clann ; oir tha riu-san rud-eigin eile gu bhi air a ràdh, thuilleadh air dol a mach ás an t-saoghal gu lòm ; oir na 'm bitheadh, 'nuair a bhàsaicheas daoine no mnathan gun ath-bhreith, crìoch orra, cha-n e mhàin anns an t-saoghal so, ach mar an ceudna anns an t-saoghal a ta ri teachd, bhiodh iad sona seach mar bhitheas iad a nis' ; oir an uair a bhàsaicheas daoine agus mnathan ain-diadhaidh, tha sin gu tighinn an déigh a' bhàis, a bhios ro uabhasach leo ; 'se 'sin ri ràdh, a bhi air an

giùlan le ainglean an dòrchadais o leapaichean bàis do dh' ifrinn, an sin gu bhi air an gleidheadh gu breitheanas an latha mhòir, 'nuair a chòmhlaicheas corp agus anam a chéile, agus a bhios iad air an aonadh cuideachd a rithist; agus air an deanamh comasach air dol fo mhòr-dhioghaltas an Uile-chumhachdaich ré uile shiorruidheachd. 'S e so, tha mi 'g ràdh, a tha' leantuinn duine (nach eil air a bhreith a rithist) an déigh bàis; agus tha e soilleir uaithe sin, ann an 1 Pead. iii. 18—19. Far, an déigh labhairt mu Chriosd a bhi air a thogail a rithist le cumhachd a spioraid shiorruidh, a deir e, "Leis," 's e sin, leis an spiorad sin, chaidh e agus "shearmonaich e do na spioradaibh ann am priosan": ach ciod is ciall da so? 'S e an uiread so, air do na h-anmannan ud a bha aon uair beò anns an t-saoghal, anns na laithean anns an robh Noah beò, a bhi easumhail, anns na h-àmaibh acasan, do ghairmibh Dhé, le spiorad ann an Noah, oir 's ann mar sin a tha mise 'g a thuigsinn; bha, do réir sin a bha air a ro'-innseadh leis an t-searmonaiche sin, am beatha air an toirt uatha, agus buaidh air a thoirt orra leis an tuil, agus tha iad a nis' ann am priosan. Thugaibh fainear, "shearmonaich e do na spioradaibh ann am priosan: cha-n eil e 'g ràdh, a bha ann am priosan, ach dhaibhsan (ann), a tha nis' ann am priosan, fo shlàbhraighean dorchadais, air an gleidheadh, no air an cumail a steach anns a' phriosan sin

anns am beil iad a nis' (ullamh coltach ri luchd do-bheairt anns a' phrìosan, gu a bhi air an toirt an làthair cathair breitheanais Chriosd aig an latha mhòr); ach mu dhéibhinn so labhraidh mi ni's fhaide gu h-aithghearr. A nise, nam biodh an aon fhìrinn so, gu'm feum daoine bàsachadh agus falbh a mach as an t-saoghal so, agus an dara cuid dol a steach do dh' aoibhneas, air neo do phrìosan, gu bhi air an gleidheadh gu là a' bhreitheanais, air a creidsinn, cha bhiodh cho liugha do mhuinn-tir fhaoin mhi-stuama againn ag imeachd sìos a's suas na sràidean 's a ta againn a nis: air a' chuid a's lugha, chuireadh e bacadh cumhachdach air an giùlan salach, air chor 's nach siubhladh iad, nach b' urrainn iad triall cho suarach agus cho peacach 's a tha iad a' deanamh. Bel-shadsar, ged bha e cho fada bho eagal Dé 's a bha e, gidheadh 'nuair nach fhac e ach gu'n robh Dia fo dhiùmadh agus e-féin air a bhagairt air son a chuid aingidheachd, "thug e air a cheann a chromadh sìos agus air a ghlùinean bualadh an aghaidh a' chéile, (Dan. v. 5, 6.) Ma leughas tu na rainn roimhe so, gheibh thu gu'n robh e mi-chùramach agus a' riarachadh a chuid ana-mhiannan le pòit, agus maenus maille r' a chuid coimhleapach. Ach cho luath 's a bhreithnich e meur làmh-sgrìobhaidh, "an sin chaochail gnùis an rìgh, agus rinn a smuaintean a bhuaireadh air chòr as gu'n robh uilt a leasraidh air am fuasgladh, agus bhuail a ghlùin-

ean an aghaidh a chéile." Agus an uair a dh'innis Pòl do dh' Fhelics mu ionracas, stuamachd, agus mu'n bhreitheanas ri teachd, thug e air a bhi air bhall-chrith. Agus innseam dhut (anaim) cò sam bith thu, na 'n deanadh tu gu deimhin a chreidsinn gu'm feum thu bàsachadh, agus tighinn a chùm breitheanais, gu 'n tugadh e ort duilleag ùr a thionndadh thairis. Ach 's e so an truaighe, tha 'n diabhol a' saoithreachadh leis na h-uile meadhon ; mar ann an cumail a mach nithe eile a ta math, mar sin gu cumail a mach ás a' chridhe, cho mòr 's a tha 'na chomas, smuaintean mu dhol seachad o 'n bheatha so a chum saoghal eile ; oir tha fhios aige, ma's e 's gur urrainn e an cumail o smuaintean cud-thromach mu 'n bhàs, gu 'n cùm e ni's fhusa iad nan cuid peacannan, agus mar sin o dhlùthachadh ri Criosd ; mar a deir Iob, " Tha an taighean tearuinte o eagal, cha mhò a tha slat Dhé orra." Ni a tha a' toirt orra a ràdh ri Dia, " Imich uainn, oir cha-n àill leinn eòlas do slighean," (Iob xxi. 14.) Do bhrìgh nach eil orra eagal bàis agus breitheanais ri teachd, air an aobhar sin tha iad a' cur uatha Dhé agus a shlighean ; agus a' caitheadh an làithean 'nan cuid peacaidh, agus ann an tiotadh, 's e sin, mu'm beil fhios aca air, tha iad a' dol sìos do 'n uaigh, (rann 17.) Agus mar so thachair e mar an ceudna ris an duine mu 'm beil air a labhairt ann an Luc. xii. 20. An duine, an àite smuaineachadh air bàs, smuainich e cionnas a

ch' fhaodadh e a chuid saibhlean a dheanamh ni bu mhò ; ach ann am meadhon a ghnothaich anns an t-saoghal chaill e 'anam mu 'n robh fhios aig' air, a' saoilsinn gu 'n robh am bàs iomadh bliadhna air falbh uaithe ; ach thuirt Dia ris.—Amadain, tha thu cuir dragh ort féin mu thimchioll nithe na beatha so, tha thu a' cuir uat smuaintean mu dhol a mach ás an t-saoghal so, 'nuair air an oidhche so féin iarrar t-anam uat ; no, an nochd, bheir iad ('s e sin an diabhol) air falbh t' anam uat. Agus an so tha e a' tachairt gu'm beil, daoine nach eil air an gnàthachadh ri smuaintean mu dhéibhinn dol a mach ás a' bheatha so, gu'm beil iad cho oban air an toirt air falbh, gun dùil aca féin no aig an coimhearsnaich ris, o na sòlasan agus o na buannachdan, seadh, agus o na h-uile shealbh ris am beil iad a' cur 'f had sa tha iad beò anns an t-saoghal so. Agus so tha e tachairt a rithist, gu 'm beil cuid agaibh 'n 'ur bailtean agus 'n 'ur dùthchannan, a ta cho grad air an toirt air falbh, cuid o thaghall nan taighean-òsda, cuid eile bho thaghall taigh-ean nan striopach, cuid eile bho àbhachd agus cleasachd, cuid eile bho chùraman agus iarr-tasan sanntach an déigh an t-saoghal so, gun sealltainn air a shon aona chuid leo féin no le'n companaich. Uaithe so tha e mar an ceudna, gu'm beil daoine a' gabhail cho mòr do dh' iongantas ri chluinntinn, gu 'm beil a leithid so do neach marbh, a leithid

a dh' aon air bàsachadh ; 's ann do bhrìgh gu 'm beil iad cho beag a' toirt fainear araon an diombuanachd féin, agus an coimhairsnaichean : oir na 'm biodh an smuaintean gu math aca air an cleachdadhbh mu ghiorràd na beatha so, agus an cunnart a thachras dhaibh-san a théid am mearachd air an Tighearn Iosa Criod, dheanadh e iad ni bu chaithrisich' agus ni bu stuaimé, agus bheireadh e orra ni's mò dh'ùin' a chaithe ann an seirbhis Dhé, agus ni's mò thlachd a bhi aca' ann an iarraidh an déigh an Tighearn' Iosa Criod, An neach is e am Fear-saoraidh o'n fhéirg a ta ri teachd, (1 Thes. i. 10.) Oir, mar a thuirt mi roimhe, tha e soilleir, nach eil iadsan a tha beò a réir na feòla sa h-ana-mhiannan, a rìreadh agus gu dùrachdach a' smuaineachadh air bàs, agus air a bhreitheanas a tha tighinn 'na dhéigh ; cha mho a tha iad a rìreadh ag oidhearpachadh mar sin a dheanamh ; oir na'm biodh, bheireadh e orra a ràdh, maille ri Iob naomha, " Uile lathachan m' aimsire suidhichte feithidh mi gus an tig mo chaochla," (Iob xiv. 14.) Agus mar a thuirt mi roimhe, gu 'm beil cha-n e mhàin aig a' mhuinntir ain-diadhaidh, ach mar an ceudna aig a' mhuinntir dhiadhaidh an àm gu dol ás a bheatha so. " Agus bhàsaich an duine bochd." Naoimh an Tighearna, feumaidh iad-san a bhi air an toirt o'n bheatha so mar an ceudna, feumaidh iad-san an spiorad a thoirt suas do

làmhan an Tighearn an Dia ; feumaidh iadsan mar an ceudna a bhi air an dealachadh o'm mnathan, o'n clann, o'm fir-phòsta, o'n càirdean, o'm maoin, agus o na h-uile ni a ta ac' auns an t-saoghal. Oir dh' òrduich Dia e, tha e air òrduchadh (eadhon leis an Tighearn) do dhaoine am bàs fhaighinn aon uair, "oir is éigin duinn uile a bhi air ar nochdadhl an làthair cathair-breitheanais Chriosd." Mar a ta e, ann an 2 Cor. v. 10, 11. Ach faodaidh cuid a radh an aghaidh so, ma bhàsaicheas a' mhuinntir dhiadhaidh cho math ris a' mhuinntir ain-diadhaidh, agus ma dh' fheumas na naoimh iad-féin a nochdadhl fa-chomhair cathair a' bhreitheanais, cho math ris na peacaich ; an sin ciod a' bhuanachd a th' aig a' mhuinntir dhiadhaidh ni's mò na aig a' mhuinntir ain-diadhaidh, agus cionas a's urrainn na naoimh a bhi ann an còrnà's fearr na mhuinntir eucorach ?

Freagairt—Leugh an dara rann thar an fhichead thairis a rithist, agus chì thu mùthadh iongantach eatorra, cho mòr 's a tha eadar nèamh agus ifrinn, aoibhneas sìorruidh agus pian sìorruidh : oir chì thu 'nuair a bhàsaich an duine bochd, a tha sàmhachadh na mhuinntir diadhaidh, "Gu 'n robh e air a ghiùlan leis na h-ainglean gu uchd Abrahaim," no do dh' aoibhneas sìorruidh. "Ach cha-eil a' mhuinntir ain-diadhaidh mar sin," (Salm i.) ach tha iad air ball air an tilgeadh leis na diabhoil do 'n t-sloc gun iochdar, air an

tarruinn air falbh 'nan cuid aingidheachd, (Gnà. xiv. 32,) oir a deòr e, "Agus ann an ifrinн thog e suas a shùilean." An uair a tha mhuinntir ain-diadhaidh a' bàsachadh, tha'n truaighe a' toiseachadh, oir an sin tha na deamhnaibh a' taisbeanadh mar cho liugha do leòghain ; a' feitheamh gach tiotadh gus am falbh an t-anam o'n chorp. Air cuid do dh' uairean tha iad faicsinneach do 'n neach a' tha bàsachadh, agus air uairean eile ni's neo-fhaicsinniche ; ach do ghnà tha so cinnteach, cha téid iad gu bràth iomrall air an anam, ma bhàsachadh e mach ás an Tighearn Iosa Criod ; ach slaodaidh iad e air falbh do 'n phrìosan, mar a thuirt mi roimhe, gu bhi air a phianadh an sin agus air a chumail gus an tig latha mòr agus eagalach a' bhreitheanais, aig an latha sin feumaidh iad, eadar chorp agus anam, a bhìnn dheireannach fhaighinn o 'n bhreitheamh cheart ; agus o 'n àm sin a bhi air an dùnad a mach o làthaireachd Dhé ann am mi-shuaimhneas agus an truaighe shìorruidh. Ach a' mhuinntir dhiadhaidh, 'nuair a tha àm an triall aig làimh, an sin tha ainglean an Tighearn aig làimh mar an ceudna ; seadh, tha iad ullamh a' feitheamh air an anam a chum a ghiùlan gu tearainte gu uchd Abrahaim. Chan-eil mi 'g radh, nach eil na deamhnabh gu minig glè dhicheadach gun amharas, agus a' feitheamh nan 'naomh 'nan tinneas : Tha, agus gun cheist bithidh iad glè dheònach air an

anam a chumail o glòir. Ach an so tha 'n sòlas, mar ta na deamhnan a' tighinn o ifrinn, gu milleadh an anma (ma bhios e comasach dhaibh aig àm a thriall) mar sin tha ainglean an Tighearn a' tighinn o nèimh, gu faire thar an anma agus a ghiùlan sàbhailte (a dh' ain-deoin nan deamhnan) do dh' uchd Abrahim.

Bha 'n sòlas so aig Daibhidh, agus tha e 'ga labhairt a mach-air son sòlas d'a bhràithrean, "Càmpaichidh ainglean an Tighearna mu'n timchioll-san d'an eagal e agus teasraigidh e iad," (Salm. xxxiv. 7.) Thugaibh fainear, tha ainglean an Tighearn a' càmpachadh mun cuairt d' a chlann, gu 'n saoradh ; cò uaithe ? bho 'n nàimhdean, 's cha n-e an deamhan an nàmhaid a's lugha dhiù. Tha so 'na comh-fhurtachd oirdhearc aig àm sam bith, ainglean, pobull Dhé a bhi feitheamh duine bhochd no bean bhochd ; ach gu h-àraidh, tha e sòlasach ann an àm a' chruaidh-chais, aig àm a' bhàis, 'nuair a bhios na deamhnan a' cuartachadh an anama leis na h-uile cumhachd a's ùrrainn ifrinn a thoirt dhaibh. Ach a nise faodaidh e bhith, nach eil ainglean glòrmhor Dhé a' nochdadh air tùs, do bheachd an anama ; cha n-e sin a mhain, ach gur h-ann a tha ifrinn 'na seasamh fa-chomhair, agus na deamhnan ullamh, mar gu 'm b' àill leo a ghiùlan an sin ; ach 's e so an comhfhurtachd tha na h-ainglean do ghnà a' nochadh aig a' chrìch, agus cha dearmaid iad an t-anam, ach giùlanaidh iad e do dh' uchd

Abrahaim. A chàirdean ! thugabh fainear, an so, tha duine ain-diadhaidh air a leabaidhbàis, agus cha-n eil aige neach gu labhairt ris, cha-n eil aige neach gu comhf hurt a labhairt ris ; ach cha-n ann mar sin a tha do chlann Dé, oir tha aca-san an Spiorad gu 'n còmh-furtachadh. Ann an so tha na h-ain-diadh-aich, agus cha-n eil Criosd aca gu ùrnaigh a dheanamh air son an giùlain tearainte gu glòir, ach aig na naoimh tha fear-eadar-ghuidhe, (Iob xvii. 9.) Mar so tha na h-aingidh; 'nuair tha iad a' bàsachadh, cha-n eil ac' a h-aon do dh' ainglean Dhé gu frithealadh dhaibh : ach aig na naoimh tha 'n cuideachd. Ann am facal, an neach neo-iompaichte 'nuair a bhàsaicheas e, théid e fodha anns an t-sloc gun iochdar. Ach na naoimh, 'nuair a bhàsaicheas iad, théid iad suas maille ris na h-ainglean gu uchd Abrahaim, no do ghlòir do-labhairt, Luc. xxiii. 43.

A rithist tha e air a radh, gu 'n robh an duine saoibhir 'nuair a dh'eug e air adhlaic-eadh no air a chuir 's an talamh ; ach an uair a bhàsaich an duine bochd, bha e air a ghiùlan leis na h-ainglean do dh' uchd Abrahaim ; tha sin a' nochdadhbh còr oirdhearc naomh-shluagh Dhé, mar a thuirt mi roimhe ; agus cha n-e mhàin sin, " ach mar an ceudna mòr-luach bàs nan naomh ann an sealladh an Tighearna, (Salm cxvi. 15.) A chum gu 'm faod ginealaichean an deigh so fhaicinn cho luachmhor

'sa tha bàs a naoimh ann an sealladh an Tigh-earna 'nuair a thubhairt e, tha iad air an giùlan leis na h-ainglean do dh' uchd Abrahaim.

Mar so tha 'n Tighearn iomadh uair a' sgeadachadh bàs agus triall a naomh-shluaignéin gu nochadh do ghinealaichean an deigh so cho oirdhearc sa ta iad 'na shealladh. Tha e air a radh mu thimchioll Enoch, gu'n tug Dia leis e; mu thimchioll Abrahaim, gu'n do bhàsaich e ann an deagh sheann aois; mu Mhaois, gu'n do thiodhlaic an Tighearn e: mu Elijah, gu'n robh e air a thoirt suas do nèamh, gu 'm beil na naoimh a' cadal ann an Iosa; gu 'm beil iad a' gabhail an saothair; gu 'm beil an oibríchean 'g an leantuinn; gu 'm beil iad fo 'n altair; gu 'm beil iad maille ri Criod; gu'm beil iad anns an t-solus; gu 'm beil iad gu tighinn maille ris an Tighearn Iosa gu breith a thoirt air an t-saoghal Tha 'n ràite so a' ciallachadh an uiread so, gu 'm beil bàsachadh mar naomh, 'na urram agus na inbhe ro mhòr. Ach cha-n eil na h-ain-diadhach mar sin. Tha 'm beartach nc an t-ain-diadhach a' bàsachadh agus tha e air a thiodhlaiceadh, tha e air a ghiùlan bho àite-còmhnaidh do 'n uaigh, agus ann an sin tha e air fhalach anns an ùir; agus cha-n eil a chorp cho teann a' dol na smùir agus a' tighinn gu neo-ni anns an ionad sin, na tha ainm a' lobhadh anns an t-saoghal: mar a deir an sgriobtuir naomha, "Lobhaidh

ainm an aingidh," (Gnà. x. 7.) Agus gun amharas, cha-n eil ainmean nam muinntir dhiadhaidh cho mòr 'nan urram an deigh am bàis, sa tha na h-aingidh agus an ainmeannan cho mòr a' lobhadh. Ciod an t-as-urram do'n ginealachd féin a bha bàs Bhalaaim, Agaig, Ahitopheil, Hamain, Iudais, Heroid, maille ris a' chud eile do'n còmpanaich.

Mar so tha 'n ainmeannan sgriobht' aig na h-aingidh, anns an talamh, agus tha iad a' dol am mugha agus a' lobhadh ; ach tha ainmeannan nan naomh a' tilgeadh a mach fàileadh cùbh-raidh taitneach ; agus 's e sin tha 'n Tighearn' Iosa a' ciallachadh, 's an ait' anns am beil e 'g radh, " Tha 'mhuinnfir dhiadhaidh air an giulan leis an h-ainglean do dh' uchd Abrahaim." Ach cha-n fhiach na h-ain-diadh-aich ni sam bith ; 's an àit anns am beil e 'g ràdh " Tha na h-ain-diadh-aich a' bàsachadh agus tha iad air an adhlaiceadh."

"Agus ann an ifrinn thog e suas a shuilean, air dha a bhi ann am piantaibh, agus chunnaic e Abraham fad uaithe, agus Lazarus 'na uchd." —Rann. 23.

THA 'n rann roimhe so a' labhairt a mhàin mu thriall nan ain-diadhach a mach ás a' bheatha so, cuideachd maille ris a' ghiùlan glòrmhor a th' aig a' mhuinnfir dhiadaidh do rioghachd an Athar féin. A nise tha ar Tighearn a' feuchainn anns an rann so, ann an

cuid ciod a tha tachairt, agus ciod a thàrlas do'n droch dhuine, an déigh do'n bheath so tighinn gu crìch, 's an àit' anns am beil e 'g radh, "Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean." 'Se sin, tha na h-ain-diadhaich, an déigh dhaibh dol ás a' bheatha so, a' togail suas an sùilean aon an ifrinn; o na briathran so, faodar na nithe so a thoirt fainear.

1. Gu 'm beil ifrinn ann air son anmannan a bhi air am pianadh innte, 'nuair a thig crìoch air a' bheatha so. Thugaibh fainear an deigh dha bhi marbh agus air adhlaiceadh, "Ann an ifrinn thog e suas a shùilean."

2. Gu 'm beil na h-uile a ta ain-diadhaidh, agus a ta beò agus a' bàsachadh 'nan cuid peacannan cho luath 's a bhàsaicheas iad, a' dol do dh' ifrinn: bhàsaich e, agus bha e air adhlaiceadh. "Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean."

3. Gu 'm beil cuid cho trom 'nan cadal, agus cho neo-chùramach 'nan cuid peacannan, 's gur gann a tha fhios aca gu math c' àit' am beil iad gus an tig iad do dh' ifrinn; agus sin tha mi tuigsinn bho na briathran so, "Ann an ifrinn thog e suas a shùilean". Bha e 'na chadal roimhe, ach thug ifrinn air a shùilean a thogail suas.

Mar a thuirt mi roimhe, tha e soilleir, gu 'm beil ifrinn ann air son anmannan, seadh, agus chuirp cuideachd, gu bhi air am pianadh innte an deigh dhaibh dol ás a' bheatha so; mar a

ta e soilleir ; air tùs, a chionn gu'n tubhairt an Tighearn Iosa Criod, nach urrainn breug a dheanamh, an deigh do 'n pheacach a bhi marbh agus air adhlacadh, "Ann an ifrinn thog e suas a shùilean."

A nise, ma theirear an aghaidh so, gur e th' air a chiallachadh an so le ifrinn an uaigh. Sin tha mi gu soilleir ag àicheadh :

1. A thaobh nach eil an corp mothachail 'san uaigh air pian no socair ; ach ann an ifrinn, do 'n téid spioradan nam muinntir dhamnaite, tha iad mothachail air pian, agus b' àill leo gu deònach a bhi saor uaithe, gu socair a' mhealltuinn, ni tha iad a' mothachadh a bhi dh'easbhuidh orra ; mar a ta e gu soilleir air a leigeadh ris anns an t-samhla so, "Cuir Lasarus a chùm 's gu 'n tùm e barr a mheòir ann an uisge, agus gu'm fuaraich e mo theanga."

2. Cha n-e an uaigh a th' air a chiallachadh, ach àite-eigin eile, oir na cuirp, cho fad 'sa laidheas iad an sin, cha-n eil iad comasach air an sùilean a thogail suas a dh' fhaicinn còr glòrmhor cloinne Dhé, mar a ta anmannan nam muinntir dhamnaite a' deanamh. "Ann an ifrinn thog e suas a shùilean."

3. Cha-n urrainn gur e 'n uaigh a tha air a chiallachadh, oir na b'i, dh'fheumadh, gu 'n robh an t-anam air adhlaiceadh innte maille ris a' chorpa, ni nach urrainn co-chòrdadh ri leithid nam marbh a ta air an nochdadh an

so, oir a deir e, “ Bhàsaich an duine saoibhir; ”
 ’s e sin, bha ’anam air a dhealachadh o chorp.
 “ Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean.”

Ma bhios e air àicheadh a rithist nach eil ifrinn ann, ach anns a’ bheath so; sin tha mi mar an ceudna ag àicheadh, mar a thuirt mi roimhe; an deigh dha bhi marbh agus air adhlaiceadh, “ Ann an ifrinn thog e suas a shùilean.” Agus innseam dhut, O anaim, cò air bith thu, mur dlùthraig thu steach gu sàbhailt ris an Tighearn Iosa Criosd, agus mur gabh thu greim air na rinn e, agus air na tha e a’ deanamh ’na phearsa féin air son pheacach, gheibh thu a leithid do dh’ ifrinn an deigh do ’n bheatha so a bhi thairis ’s nach faigh thu mach aisd’ a rithist a chaoidh nan caoidhean. Agus thusa a ta ana-miannach, agus nach eil ach a’ fanaid air seirbheisich an Tighearna, ’nuair a dh’ innseas iad dhut mu phiantan ifrinn, gheibh thu, ’nuair a théid thu mach ás a’ bheath so, an ifrinn sin, eadhon an ifrinn a tha ’n deigh na beatha so, gu’n coinnich i thu air do thuras a chùm an àit’ sin agus cuiridh i, maille ris a’ chuideachd ifrinneil, a leithid a dh’ f’hlàilt ort, ’s nach di-chuimhnich thu e am feasd; an uair a thig an sgriobtuir sin gu bhi air a cho-lionadh air t’ anam, (Isa. xiv. 9.) “ Tha ifrinn nam marbh air gluasad shìos air do shon, gu do choinneachadh aig do theachd, tha e dùsgadh nam marbh air do shon, uile dhaoine mòra na talmhuinn; tha e toir

air uile rìghrean nan cinneach éiridh suas o'n cathraichibh. Labhraidh gach aon diù, [se sin iadsan a ta ann an ifrinn] agus their iad riut, Am beil thusa fòs air fàs lag mar sinne? An d'rinneadh tu coltach ruinne." (Isa. xiv. 9, 10,) O air uairean 'nuair a smaointich mi mu dhéibhinn dol do dh' ifrinn, agus a smuaintich mi air buainead an truaighe-san a thuiteas innte; mhosgail mi suas a dh' iarraigd air an Tighearn' Iosa Criosd, mo shaoradh uaipe, a roghainn air tàir agus fanaid a dheanamh oirre.

"Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean." An dara nì a dh' innis mi dhuibh, b' e so, gu 'm beil na h-ain-diadhaich uile a tha beò agus a' bàsachadh 'nan cuid peacannan, cho luath 'sa ta iad a' dol a mach ás a' bheath so, a' dol siòs do dh' ifrinn. Tha so mar an ceudna air a dhearbhadh leis na briathran a th' anns an t-sàmhla so, 's an àit' anns am beil Criosdag ràdh, "Fhuair e bàs agus dh'adhlaiceadh e agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean" Mar a thuiteas a' chraobh, mar sin laidhidh i, cò dhiù a's ann gu nèamh no gu ifrinn, (Eccles. xi. 3.) Agus mar a thuirt Criosd ris a' mheirleach air a' chrann, "An diugh bithidh tu maille riumsa ann am Phàrras;" eadhon mar sin faodaidh an diabhol a ràdh ris an anam, Am màireach bithidh tu maille riumsa ann an ifrinn. Faic an sin ciod an còr truagh anns am beil es-an a ta bàsachadh gun a bhi air ath-bhreith, tha e

dol o thinneas buan gu ifrinn a's buaine; o phiantan bàis gu piantan sìorruidh ifrinn. "Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean." A chàirdean! na'm biodh sibh agaibh féin, bhiodh cùram agaibh air son 'ur n-anmannan; 'nan tugadh sibh uiread ri aire, chitheadh sibh cho gòrach 'sa tha iadsan a ta deanamh tàir air slàint an anmannan. O ciod an tairbh do t'anam sòlasan, a bhi agad anns a' bheath so, agus piantan ann an ifrinn, (Marc xiii. 36.) B' fhearr dhut dealachdain ri t'uile pheacannan agus shòlasan, agus chòmpanach agus gach ni eile anns am beil thu a' gabhail tlachd, na t'anam agus do chorp a bhi air an tilgeadh do dh' ifrinn. O ma ta na dearmad ar Tighearn Iosa Criosd, air eagal gu 'n tuit thu sìos do dh' ifrinn, (Eabh. ii. 3.) Smuainich, nach leònadh e thu chum do chridhe, nan tàrladh air do leabaidh-bàis, an àite còmhfhurt beath' air a deagh chaitheamh, agus toillteannasan an Tighearn Iosa Criosd cuideachd, maille ri còmhfhurt a Spioraid ghlòrmhor a bhi agad, gur e bhiodh agad, sealladh air beath air a droch-caithe, do pheacannan ag itealaich 'na t'aodan do chogais a' labhairt a mach le tàirneanaich 'na t'aghaidh, smuaintean mu Dhia uabhasach dhut, no a' cur uabhais ort, am bàs le dhubhan gun tràcair a' beirsinn ort, na diabhoil 'nan seasamh a feathamh air son t'anma, agus ifrinn 'g a cuir féin am farsuinneachd, agus

ullamh gu do shlugadh suas, agus sìorruidheachd do thruaighe agus do phiantan a' feitheamh ort, o nach faigh thu fuasgladh. Oir thoir an aire, cha-n eil am bàs a' tighinn 'na aonar gu anam neo-iompaichte, ach le a leithid do chuideachd 's na'n robh thu uiread as fiosrach uime, bheireadh e ort a bhi air chrith. Guidheam ort thoir fainear an sgriobtuir so. "Agus dh'amhairc mi, agus feuch each glas, agus b' e ainm an tì a shuigh air am bàs, agus lean ifrinn 'na chuideachd." (Tais. vi. 8,) cha-n eil am bàs a' tighinn 'na aonar a dh' ionnsaidh an ain-diadhaich, cha-n eil, ach tha ifrinn a' dol 'na chuideachd. O an luchd-comhfhurtachd truagh! O a' chuideachd thruagh! bàs agus ifrinn. Tha 'm bàs a'dol a steach do d' chorp, agus a' dealachadh corp agus anam o chéile; tha e 'na sheasamh a muigh (mar a dh' fhaodas mi radh) gu glacadh, no a roghainn air sin, gu t'anam a chagnadh eadar fhiacan bithbhuan. An sin, bidh t' aoibhneas, do shòlas, do thoil-inntinnean peacach air an crìochnachadh, 'nuair thàrlas so; feuch! thig e. 'S beann-acht' iad-san uile a theicheas tre Iosa Criosd, tre a thoillteannas-an le creideamh, O na compaich anam-mhurtach so! "Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean."

An treas ni, tha fhios agaibh, a thug sinn fainear o na briathran so, b' e so, Gu 'm beil cuid cho trom 'nan cadal, agus cho neo-chùram-

ach 'nan cuid peacannan, 's gur gann a tha f hios aca c' àit' am beil iad, gus an tig iad do dh' ifrinn." Agus sin, dh' innis mi dhuibh, tha mi tuigsinn o na briathran so, "Ann an ifrinn thog e suas a shùilean." Thugaibh fainear, b' ann an ifrinn a thog e suas a shùilean. A nise, tha cuid a' tuigsinn leis na briathran so, gu 'n tàinig e dha ionnsaidh féin, no gu 'n do thòisich e air tuigsinn ann féin, ciod an staid anns an robh e, agus ciod a chaidh thoirt uaithe ; ni a tha fathasd 'na dhearbhadh air na chaidh chur sìos leam. 'S ann an sin a tha iad a' tighinn thuca féin, 's e sin, ann an sin tha iad a' mothachadh c' àit' am beil iad a rìreadh : mar so tha e tachairt do chuid do dhaoine, gur gann a tha f hios aca c' àite am beil iad, gus an tog iad suas an sùilean ann an ifrinn. Is ionann do'n t-sluagh so is daibh-san a thuit ann an am preatal ; tha f hios agaibh ma thuiteas duine sìos am preatal ann an seòmar, ged a thogadh tu suas e agus a ghiùlan do sheòmar eile, gidheadh cha-n eil e mothachail air c' àit' am beil e gus an tig e ga ionnsaidh féin, agus gun tog e suas a shùilean.

Gu firinneach is aobhar eagail, gur am mar so a thàrlas do dh' iomadh anam bochd tha iad cho neo-f haireachail, cho cruaidh, "an cogaisean cho mòr air a losgadh le iarunn dearg," (1 Tim. iv. 2.) 's gu 'm beil iad rò aineolach air an staid, agus 'nuair a thig am bàs, buailidh e iad mar gu'm b'eadh ann

an neul (gu h-àraidh mu bhàsaicheas iad gu h-obann), agus mar sin tha iad air an greasad air falbh, agus is gann a tha fhios aca c' àit' am beil iad, gus an tog iad suas an sùilean ann an ifrinn : 's e so esan a tha bàsachadh 'na làn neart, agus e uil' aig fois agus an sìth, (Iob xxi. 23.)

Do 'n t-seòrsa so tha iadsan mu'm beilear a' labhairt an Salm lxxii. 's an àit' am beil e 'g ràdh, " Cha-n eil cuibrichean 'nam bàs, ach a ta 'n neart laidir, ann an dochair mar dhaoinibh eile cha-n eil iad, agus mar dhaoinibh eile cha-n eil iad air an sàrachadh." Agus a rithist, caithidh iad a laithean ann an saoibhreas, agus ann an tiota théid iad sìos do'n uaigh. Iob xxi. 17

Gu dearbh tha so ro mhòr air aithneachadh le mhothachadh an-aoibhneach agus lathail ; cuid a dh'uairean 'nuair a théid sinn a shealltainn orrasan a ta tinn anns na bailtean agus anns na h-àitean 's am beil sinn beò ; Oh cia neo-mhothachail, a ta iad ! cia dàite 'nan cogaisean cha-n eil iad aon chuid mothachail mu nèamh no mu ifrinn ; mu pheacadh no mu Shlànaighear ; labhraibh riu mu dhéibhinn an còr agus staid an anmannan, agus gheibh sibh iad cho ain-eolach is ged nach biodh anmannan aca gu meás a bhi ac' orra. Cuid eile, ged tha iad 'nan laidhe ullamh gu bàsachadh, gidheadh tha iad cùramach mu thimchioll an gnothaichean o'n leth-a-muigh, mar gu 'm biodh iad cinnteach á beatha an so, eadhon agus am mealtainn gu

bràth. A rithist, thigibh gu muinntir eile, labhraibh riu mu dhéibhinn staid an anmannan, ged nach eil aca ni's mò do dh'fhaireachadh nuadh-bhreith na tha aig brùid ; gidheadh labhraidh iad cho muinghinneach mu dhéibhinn an staid shìorruidh, agus slàinte an anmannan, a's ged a bhiodh ac' am fhaireachdain a's oirdheirc a th' aig duine no bean sam bith air an t-saoghal, ag ràdh, bithidh sìth agam, (Deut. xxix. 19.) 'Nuair mar a thuirt mi eadhon an dràsta ; tha fhios aig an Tighearn gu 'm beil iad cho ain-eolach mu'n nuadh-bhreith, mu nàdur agus oibreachadh a' chreidimh, mu fhianais an Spioraid, as ged nach robh nuadh-bhreith, no creideamh, no fianais Spiorad Chriosd ann an neach sam bith, do na naoimh anns an t-saoghal. Cha n-e sin a mhàin, ach mar so tha mòran dhiù, eadhon uair no na's lugha roimh àm am bais. Ah anmannan bochda ! ged a dh' fhaodas iad dol air falbh an so coltach ri uan, mar their an saoghal ; gidheadh na'm b' urrainn dut uiread r'an leanmhainn beagan, gu seasamh agus éisdeachd ; gu luath an deigh an dol air falbh, tha aobhar eagail, gu 'n cluinneadh tu iad a' beucail coltach ri leòghan aig an ceud inntreachdain a steach do dh' ifrinn, mòran ni's measa na rinn Còrah 's na bha maille ris, 'nuair a chaidh iad sìos beò 's an talamh, Aireamh, xvi. 31—35.

A nise, leis an aon ni so tha'n diabhol a' gabhail cothrom mòr air cridheachan nan ain-

eolach, a' toirt sanais dhaibh, no cuir 'nan cuimhne, air son gu 'n d' fhalbh an dream a bhàsaich, cho cùin, gu'n amharus sam bith gu'm beil iad air dol gu fois agus aoibhneas; 'nuair, mo thruaighe! a tha aobhar eagail gu'm b'e 'm fàth mu'n dh' falbh iad cho ciùin, gu'n robh iad neo-fhaireachail agus cruaidhichte 'nan cogaisean; seadh, marbh roimh sin 'nam peacannan agus 'nan eussantas. Oir nam biodh uiread ri cuid do dhùsgaidhean aca air an leapaiscean-bàis, mar a bh' aig cuid, bheireadh iad air a' bhaile uile gairm a mach mu thimchioll an còr brònach, dubhach, cràiteach: ach a chionn gu'm beil iad air an losgadh le iarunn dearg agus ain-eòlach, agus a' triall gu ciùin, air an aobhar sin tha 'n saoghal "a' gabhail eridhe ri feur" (mar is gnà leinn a ràdh) agus cha-n eil iad a' deanamh cùis mhòr sam bith do bhi beò agus a' bàsachadh nach urrainn iad innseadh cionnas; "Uime sin mar shlàbbhraibh chuairtich àrdan iad." (Salm lxxiii. 5, 6.) Ach sealladh iad riu-féin, oir mur bi còir aca, anns an Tighearn Iosa a nise, fhad 'sa bhios iad beò anns an t-saoghal, co-dhiù a bhàsaicheas iad fo bhuaireas no ciùin, théid iad a dh' ionnsaidh an àite cheudna, agus togaidh iad suas an sùilean ann an ifrinn.

O mo chàirdean, na'm biodh uiread ri fios agaibh air an staid thruagh anns am beil iadsan, a tha dol a mach ás an t-saoghal so gun chóir ann am Mac Dhé, bheireadh e oirbh

'ur leis a bhualadh, agus ann an searbhadas bhur n-anmannan éibheach a mach,—“A maighstearan ciod as còir *dhuinn* a dheanamh chum gu'n tearnar *sinn*.” (Gniomh xvi. 29—13.) Agus cha n-e sin a mhàin ach cha bhiodh sòlas agad gus am faigheadh tu fois air son t' anma anns an Tighearna Iosa Criosd.

Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean, air dha bhi ann am piantaibh, agus chunnaitc e Abraham fad' uaith, agus Lazarus'na uchd.—Rann. 23.

Tha ni-eigin aithghearr agam air a thoirt fainear o na briathran so, “Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean.” Agus gu dearbh, cha tug mi-fainear ach ni-eigin, oir tha iad ro làn do bhrìgh, agus dh' fhaodadh iomadh ni a bhi air a thoirt fainear uapa. Tha aon nì fathast air am faodainn beantainn, a ta air a ghabhail a steach anns an ràdh ud, agus 's e sin so. Tha mi saoilsinn gu'm beil an Tighearn losa Criosd leis a so a' ciallachadh, gu'm beil daoine gu làndurrach ain-dheonach gu faicinn no guaire a thoirt d'an staid bhrònaich féin, tha mi 'g ràdh a thaobh lànduir; ach ged a tha iad an dràsta gu toileach ain-eolach gidheadh “ann an ifrinn togaidh iad suas an sùilean.” 'S e sin,

ann an ifrinn chì iad agus tuigidh iad an còr, truagh ; agus uime sin ris na briathran so, " Ann an ifrinn thog e suas a shùilean," tha e cur air dha a bhi ann am pian ; mar gu'n abradh e, Ged aon-uair a dhùin iad an sùilean, ged bha iad uair-eigin (2 Pead. iii. 5.) gu toileach ain-eolach, gidheadh 'nuair a dh' fhàlbhas iad do dh'ifrinn bithidh iad cho truagh air an làimhseachadh agus air am pianadh, a's gu'm bi iad air an éigneachadh gu'n sùilean a thogail suas. Fhad 'sa tha daoine bed anns an t-saoghal so, agus iad ann an staid nàdurraich, bithidh deagh bharail aca umpa féin agus mu'n còr ; co-dhùnaidh iad gu 'm beil iad 'nan criosd-aidhean, gur e Abraham an athair, (Mat. iii. 7, 8.) Agus am an staid cho math ri staid na h-aiteam a's fearr ; co-dhùnaidh iad gu 'm beil creideamh an Spiorad aca, deagh dhòchas agus còir anns an Tighearn Iosa Criost ; ach fòs 'nuair a thuiteas iad sìos do dh' ifrinn, agus a thogas iad suas an sùilean an sin, agus a chì iad, an toiseach an anmannan, a bhi air am pianadh gu h-anabarrach ; an àite-còmhnaidh a bhi an t-sloc gun iochdar ; an cuideachd mìltean do dh' anmannan damnaite ; mar an ceudna cuideachd do-àireamh do dheimhnaibh ; agus dioghaltas teth loisgeach Dhé, cha n-e mhàin gu sileadh, ach gu tuiteam orra gu ro dhian ; an sin air dhaibh a bhi deònach air dùsgadh, a bha uile aimsir am beatha 'nan cadal marbh,

tha mi 'g radh, 'nuair a thachras so, feuch thig e, an sin "togaidh iad suas an sùilean"; ann an meadhon phiantan "togaidh iad suas an sùilean."

A rithist, faodaidh sibh a thoirt fainear o na briathran so : "Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean, air dha a bhi ann am piantaibh." Gu 'm bi àm pianaidh nan daoine ain-diadhaidh air son am peacannan ann am piantaibh na h-ifrinn. A nis' an so tha mi air mo chuir gu seasamh, 'nuair a tha mi a' toirt fainear no smaointeachadh air piantaibh ifrinn anns am beil a' mhuinntir dhamnaite a' tuiteam. O piantando-labhairt ! O 's piantan gun chrioch e ! A nise, chum 's gu 'm faod t' anam a bhi air a thoirt gu teicheadh o na piantaibh do-f hulang so chum am beil a' mhuinntir dhamnaite a' dol, feuchaidh mi dhut gu h-aithghear ciod iad piantan ifrinn. '*Sa' cheud àite*, leis na h-ainmean aice. '*S an dara h-àite*, an staid dhubhach anns am bi thu, ma théid thu 'n sin. '*Sa' cheud àite*, ainmean : tha i air a gairm "enuimh nach bàsaich am feasd." (Marc ix.) Tha i air a gairm, "àmhuinn cho teth ri teine," (Mal. iv. 1.) Tha i air a gairm, "àmhuinn theinteach," (Matt. xiii.) Tha i air a gairm, "an t-sloc gun aigin, an teine do-mhùchaidh, teine agus pronasg, teine ifrinn, an loch teine, teine dian-loisgeach, teine sìorruidh, teine bith-bhuan, sruth teine," (Tais. xx.)

1. Aon earrann dhe do phiantan is e so, bith-dh làn-shealladh agad air t'uile dhroch caithe-

heathe o thoiseach gu deireadh ; ged an so a's urrainn dhut peacachadh an diugh, agus a dhichùimhneachadh mu'n tig am màireach ; gidheadh ann an sin (ann an ifrinn) bheirear ort a chùimhneachadh cionnas a pheacaich thu an aghaidh Dhé aig a leithid do dh' uair, agus ann a leithid do dh' àite, air son a leithid do nì, agus maille ri leithid do neach, nì a bhios 'na ifrinn dhut. "Cuiridh Dia iad ann an òrdugh fa chomhair do shùl." Salm L. 21.

2. Bithidh na ciontan sin uile agad'nan laidhe trom air t'anam cha n-e mhain cionta aon no dha, ach an cionta gu léir cuideachd, agus an sin laidhidh iad 'na t' anam mar gu'm biodh do bhrù làn bighe, agus air a cur air teine laiste. Ann an so, 's urrainn do dhaoine cuid a dh' uairean smaointeachadh air am peacannan le tlachd, ach ann an sud le piantaibh do-labhairt ; oir is e sud tha mi tuigsinn an teine mu'm beil Criod a labhairt, nach mhùchair gu bràth, (Marc viii. 43—46.) Am feadh a tha daoine beò an so; O ! cia mar a tha ciont aon pheacaidh cuid do dh' uairean a bruthadh an anma? Bheir e air duine a bhi na leithid do chòr, 's gu'm bi e sgìth de a' bheatha air chòr 's nach urrainn e aon chuid fois fhaotainn aig an taigh 'na shuidhe no 'na laidhe. Cha n-e sin a mhain, ach tha fios agam gu 'n robh iad cho mòr air am pianadh le cionta aon smuain pheacach, 's gu 'n robh iad an impis dol ás an

céill, agus iad féin a chrochadh. Ach a nise 'nuair a thig thu do dh' iffrinn, agus agad, cha n-e mhàin aon no dha, no ceud do pheacannan, maille r' an cionta gu léir air t'anam agus air do chorp, ach na h-uile peacadh a chuir thu riamh an gnìomh o'n thàinig tu steach do 'n t-saoghal; gu léir air am bualadh air do chogais an aon àm, mar gu 'm buaileadh neach iarunn dearg teth ri do bhroilleach, agus mairsinn an sin chum an uile bhith-bhuan-tachd ; tha so truagh !

3. A rithist, an sin bheireir a chum do chùimhne, an tàir a rinn thu air soisgeul Chriosd ; an sud bheir thu fainear cho toileach 'sa bha Criod air tighinn a chum an t-saoghal a thearnadh pheacach, agus cho faoin sa bha 'n ni sin air son an do dhiùlt thu e. Tha so air a chumail a mach gu soillear an Isaias xxviii. far, aig labhairt d'a mu dhéibhinn an Tighearn Iosa Criod, stéidh an tearnaidh, rann 16, a deir e mu'n timchioll-san a dhiùltas an soisgeul, an uair a théid sgiùrsadh a chur thar na talmhuinn, (ni a tha mis' a' tuigsinn a' bhios aig deireadh an t-saoghail) an sin a deir e,—Glacaidh i sibh madainn an deigh maidne, air an latha agus air an oidhche théid i seachad thairis oirbh, 's e sin do ghnà gun sgur sam bith. Agus bithidh e 'na chràdh a mhain an iomradh a chluinntinn. Na chràdh, 's e sin, na phiantan no na earrainn mhòr do dh'iffrinn a mhain an iomradh a thuigsinn, an

naigheachd mhath a thàinig a chum an t-saoghal le bàs Chriosd air son pheacach. Agus tuigidh tusa gu deimhin gur e so inntinn an Spioraid, ma choimeasas tu e ri Isa. liii. l. Far am beil e a' labhairt mu dhaoine a bhi a' tionndadh an culthaobh air tairgsean gràis Dhé anns an t-soisgeul, a' deir e, "Cò a chreid ar teachdaireachd? no an soisgeul a chuireadh an céill leinne?" Nise bithidh so 'na phianadh cumhachdach do 'na h-ain-diadhaich, 'nuair a thuigeas iad gu 'n robh mathas Dhé cho mòr, 's gu 'n do chuir e eadhon a Mhac a mach á 'uchd gu bàsachadh air son pheacach, agus gidheadh gu 'm biodh iadsan cho amaideach sa chuir uapa, aon gu aon eile, gu 'm biodh iad cho amaideach is gu'n cailleadh iad nèamh, agus Criosd, agus beatha shìorruidh ann an glòir, air son comunn cuid-eachd mhisgearan: gu'n cailleadh iad an anmannan air son beagan sùgraiddh, air son an t-saoghal so, air son strìopaich, air son sin a ta ni's aotrom' na faoineachd agus neo-ni; tha mi 'g ràdh bithidh so 'na phianadh no mhòr dhutsa.

4. Is e earran eile dhe do phianadh e so; chì thu do chàirdean, do luchd-eòlais, do choimhearsnaich: cha n-e sin a mhàin ach faodaidh e bhith t'athair, do mhàthair, do bhean, t' fhear-pòsta, do chlann, do bhràthair, do phiuthar, còmhla' ri muinntir eile ann an rioghachd nèimh agus tu-féin air do thilgeadh a mach, "An sin bithibh gul agus giosgan fhiacal,

'nuaira chì sibh Abraham, (bhur n-athar) agus Isaac agus Iacob (cuideachd maille ri 'ur bràithrean) na fàidhean uile ann an rìoghachd Dhé, agus sibh-féin air 'ur tilgeadh a mach." Cha n-e sin a mhàin, ach a deir e, " Thig iad o 'n àird an ear agus o 'n àird an iar," (Luc xiii. 28.) 'se sin, iadsan nach fhaca tu riamh 'na t'uile bheatha roimhe, agus suidhidh iad sìos maille ri do chàirdean, agus do choimhearsnaich, do bhean agus do chlann, ann an rìoghachd nèimh. Agus bithidh tus' air son do pheacannan agus t-as ùmhachd air do dhùnad, cha n-e sin a mhàin, ach air do thilgeadh a mach. O pianadh iongantach !

5. A rithist, cha bhi agad a h-aon' ach cuideachd do dh' anmannan damnaite, maille ri cuideachd do-àireamh do dheimhnaibh gu cuideachdas a chumail riut ; am feadh a tha thu anns an t-saoghal so, bheir dearbh smaintean mu na diabhoil a bhi tighinn 'na do làthair air t'f heoil crithneachadh, agus air t'fhalt seasamh dìreach air do cheann. Ach O ! ciod a ni thu ('nuair nach e 'mhain smaintean air taisbeandadh an diabhoil) ach dearbh chuideachd uile dheimhnabh na h-ifrinn a bhi còmhla riut a comhartaich agus a' beucaich, a' sgreadail 'sa rànaich ann an leithid do dhòigh oilteil, sgreataidh, 's gu 'm bi thu eadhon an impis dol as do chéill, agus ullamh gu ruith ann an tür chaothach, a rithist air son àmhaghair agus pian.

6. A rithist, a chum 's gu'm bi thu air do

phianadh a rìreadh, leaghaidh no cuiridh Dia cumhachdach néimh urrad do chorraich agus do dhioghaltas ort 's a's urrainn e, le neart a chumhachd glòrmhor. Mar a thuirt mi roimhe, gheibh thu a chorraich, cha-n ann le boinn-ean, ach le frasan, thig i le tairneanach, air do chorp agus air t' anam cho teann, agus cho tiugh, 's gu 'm bi thu air do phianadh thar tomhas. Agus mar sin a deir an Sgriobtura' labhairt mu dhéibhinn nan aingidh, "Muinntir air an deanar peanas le sgrios sìorruidh o làthair an Tighearna, agus o glòir a chumhachd," (2 Tes. i. 9.) 'nuair a bhios na naoimh ag amharc le meas air a mhathas agus air a ghlòir.

A rithist, bithidh so agad, mar a thuirt mi roimhe, gun stad sam bith, cha bhi socair sam bith agad, cha bhi cho fada sa dh' fhaodas 'neach e-féina thionnda ; bithidh e agad do ghnà, gach uair, a latha agus a dh' oidhch' ; oir cha bhàsaich a' chnuimh gu bràth, ach do ghnà a' cagnadh, agus cha mhùchair an teine gu sìorruidh ; mar tha e sgrìobht' ann am Marc. ix.

A rithist, bi'dh tu gu bràth anns a' chòr so, agus tha sin cho brònach ri càch uile. Oir na'm biodh aig duine a pheacannan gu léir air an cur an sùim dha, agus co-chomunn maille ris na diabhoil, agus uiread do chorraich sa's urrainn Dia mòr Néimh a leagadh air ; tha mi 'g ràdh, mur biodh e ach air son àm àraig,

eadhon deich mìle bliadhna, agus mar sin, crìochnachadh, bhiodh aobhar chomhfhuit, agus dòchas saorsainn ann; ach 's ann an so a tha do thruaighe, 's e sin do staid gu bràth, ann an so feumaidh tu bhi gu bràth; 'nuair a sheallas tu mu'n cuairt dut, agus a chì thu a' chuideachd do-àireamh do dhiabhoil ulfhartaich 'am measg am beil thu, smaointich-idh tu so a rithist, 's e so mo chuibhrionn gu bràth. 'Nuair a dh' fheumas tu bhi ann an ifrinn cho liugha mhìle bliadhnan 's a tha do reultan anns an iormailt, no do bhoinnean anns a' chuan, no do ghrainean gainmhich air tràigh na mara, gidheadh is éigin dut laidhe an sud gu sìorruidh. O ! an t-aon fhacal so *Siorruidh*, cia mar a phianas e t'anam.

A Chàirdean, cha tug mi ach luaidh ghoirid air piantaibh ifrinn. O ! tha mi air stad, tha mi air stad, agus cha n-eil mi comasach innseadh na tha m' inntinn a' tuigsinn mu phiantaibh ifrinn. Fòs abram riut, gabh ri tròcair Dhé trèid ar Tighearn Iosa Criosd, air eagal gu 'm mothach thu sin le do chogais, nach urrainn dhomhsa a chuir an céill le mo theangaidh, agus gun abair thu, "Tha mi air mo-ro-phianadh anns an lasair so."

"Agus chunnaic e Abrahaim fada uaithe. agus Lasarus 'na uchd."

'Nuair a tha 'mhuinntir dhamnait' anns an staid thruaigh so, air an cuartachadh le eagal agus uabhas, le pianadh agus dioghaltas,

bithidh aon rud ac', agus 'se so e, chì iad staid shona agus bheannaicht' chloinne Dhè: "Chunnaic e Abraham fada uaithe, agus Lazarus 'na uchd;" ni, mar a thuirt mi roimhe, a's e staid shona nan naomh 'nuair a thig crìoch air a' bheath so. Bithidh so a nise cho fad' o bhi 'na shocair dhaibh, 's gur ann a ni e gu h-ióng-antach am pianaibh an-tromachadh no àrdachadh, mar a thuirt mi roimhe. An sin bithidh gul, no aobhar bròin, nuair a chì iad Abraham, agus Isaac, agus Iacob, ann an rìoghachd nèimh, agus iad-féin air an tilgeadh a mach.

2. Thugaibh fainear, iadsan a tha bàsachadh 'n am peacannan tha iad cian o dhol do nèimh: "Chunnaic e Abraham fada uaithe, agus Lazarus 'na uchd." Agus gu dearbh, is ceart do Dhia buntainn riu-san a bhàsaicheas 'nam peacannan do réir na rinn iad; agus a thoirt orrasan a tha fada bho ionracas an dràsta, seasamh fada bho nèimh tre shìorruidheachd. Eisdibh ris a so, sibhs' a mhuinntir chruaidh-chridhach, a ta fada bho ionracas, agus a ta rùnachadh dol air aghaidh n'ur peacannan, 'nuair a bhàsaicheas sibh, bithidh sibh fada bho nèimh; chì sibh Lazarus, ach bithidh e fad' uaibh.

A rithist, "Chunnaic e Abraham fada uaithe, agus Lazarus 'na uchd."

'S iad so cuid do na nithibh a chì an sluagh damnaite cho luath 's a thig iad do dhòrainn. Thugaibh fainear, agus "Chunnaic e Lazarus ann an uchd Abrahaim." Lazarus,

cò e esan? C' uime, eadhon e-san a bha che
mòr air a chur suarach, air a chur an di-meas,
air a chur an neo-phris leis an aon ain-diadh-
aidh so am feadh a bha e anns an t-saoghal,
chunnaic e Lasarus 'na uchd-san.

Uaithe so thugaibh fainear, iadsan a tha beò
agus a' basachadh 'nan nàimhdean do naomh-
shluagh Dhé, air cho mòr agus cho laidir s'ga'm
bi iad, air meud an cumhachd do'm bi ac'
am feadh a bhios iad anns an t-saoghal so,
air mheud an uaill agus an glagaireachd am
feadh a ta iad an so, chì iad, ge boil' le 'm
fiaclan, na naoimh, seadh, na naoimh bhochda,
eadhon na Lasarusan, no'n mbuinntir luideag-
ach a bhuineas do dh' Iosa, a bhi ann an
còr na's fhearr na iad-féin. O! cò a tha sibh
a' smaointeachadh a bh' anns a' chòr a b'fhearr?
Cò dhiù a tha sibh a saoilsinn a chunnaic e·féin
anns a' chòra b' fhearr, e-san a bh' ann an ifrinn,
no e-san a bh' ann an nèamh? E-san a bh' ann
an dorchadas, no e-san a bha ann an solus?
E-san a bh' ann an aoibhneas siorruidh, no e-san
a bha ann an piantaibh siorruidh? Aon diù
còmhla ri Dia, Criod, naoimh, a's ainglean;
an t-aon eile ann an lasraichean cràiteach, fo
mhallachd fuath' siorruidh Dhé, maille ris na
diabhoil agus an cuid ainglean, maille ri cuid-
eachd do-àireamh do dhroch dhaoine, ag ulfhart-
aich, a' beucaich a' ranaich, a' mallachadh, a'
ghnà·losgadh? Gu cinnteach, bithidh au
smuain so air a dearbhadh gu soirbh an so

anns an t-saoghal so féin, leis-san a sheallas oirre le cridhe tuigseach, agus còmhdaichidh si i-féin a bhi fior anns an t-saoghal a ta ri teachd, le mheud 's a théid an darna cuid, do nèimh no do dh' ifrinn.

2. An darna ni a bheireir fainear o na briathraibh so, "Agus chunnaic e Abraham fada uaithe, agus Lazarus 'na uchd," 's e so; iadsan a ta 'nan luchd-geur-leanmhuinn air naoimh an Tighearn a nis 'anns an-t-saoghal so, chì iad gur iad muinntir gheur-ruagt' an Tighearn a th'air am meas cho àrd leis an Tighearn a's gun suidh no gu'm bi iad an uchd Abrahaim (ann an glòir shìorruidh,) ged riunn nàimhdean cloinne Dhé an cur cho suarach, 's gu 'n do mheas iad mar thàmait dhaibh-féin biadh nan con a leigeadh leo-san, no'n sprùileach a thuit fo 'n cuid bàrd a thional suas. Tha so fòs air a dhearbhadh, agus air a chumail a mach gu soilleir leis an t-sàmhla so, agus air an aobhar sin na bithibh air'ur cràdh O sibhse a phobuill an Tighearna, a ta air bhur buaireadh, air bhur geur-leanmhuinn, air bhur sàrachadh, a ta 'g osnaich agus ag ùrnaigh, ged a thà bhur n-eas-càirdean a' sealltainn oirbh an dràsta le gnùis thàireil, ghruamaich, iorgalt', uaimhreich agus ardanaich, gidheadh thig an t-àm anns an amhaire iad oirbh ann an uchd Abrahaim.

Dh' fhaodainn leudachadh air na nithibh so, ach fagaidh mi iad do dh' inntinn an Tighearna, ni, a's fearr a's urrainn mur dheich mìle

tomhas an leudachadh air do chridhe agus air do chogais, na's urrainn mis' a dheanamh air clàr paipeir. Uime sin ; air iad so fàgail do bheann-, achd an Tighearna, thig mi chum an ath rainn agus bithidh mi aithghearr ann an labhairt oirre sin mar an ceudna, agus théid mi seachad a chum chàich.

“Agus ghlaodh e, agus thubhaint e, Athair Abrahaim, dean tròcair, orm, agus cuir Lasarus, chum gu'n tùm e barr a mheoir ann an uisg”, agus gum fuaraiche mo theanga oir a ta mi air mo rophianadh ‘san lusair so.— Rann. 24.

THA fhios agaibh gu 'n d' innis mi dhuibh gu 'm beil an dara rann thar an fhichead 'na fhoillseachadh air triall nam muinntir dhiadhaidh agus ain-diadhaidh a mach ás a' bheatha so ; far am beil e 'g radh, “Gu'n d' fhuair an duine bochd bàs, agus an duine saoibhir mar an ceudna.” Tha'n treas rann thar an fhichead 'na fhoillseachadh air na h-àitean iomchuidh, araon do na muinntir dhiadhaidh agus ain-diadhaidh an deigh am bàis ; aon a bhi ann an uchd Abrahaim, no ann an glòir, an t-aon eil' ann an ifrinn : a nise tha'n ceathramh rann thar an fhichead 'na fhoillseachadh air aithreachas ro anmoch nam muinntir ain-diadhaidh, 'nuair a tha iad air tuiteam sìos do dh' ifrinn. “Agus

ghlaodh e agus thubhairt e, Athair Abrahim,
dean tròcair orm.'

O na facail, "Agus ghlaodh e" faodaidh sinn
a thoirt fainear, air tùs, ciod an caochla
a bhios air na h-ain-diadhaich, 'nuair a thig iad
do dh' ifrinn : "ghlaodh e :" tha e coltach gu 'n
robh e ri gàireachdaich, ri sùgradh, ri fanaid,
ri òl, ri atharais, ri mionnan, ri guidheachan, ri
glagaireachd, agus ri geur-leanmuinn nam
muinntir dhiadhaidh 'n a shoirbheachadh, am
measg a chòmpanach salach : ach a nise tha
chòr air dhòigh eile ; a nise tha e ann am fonn
eile, a nise tha 'ghiùlan uaimhreach, iargalt,
air tighinn a nuas ; "Agus ghlaodh e." Cha
mhair gàireachdaich nan aingidh do ghnà, ach
criochnachaich e gu cinnteach ann an gul ; "Is
gearr caithream nan aingidh." (Job, xx. 5.)
Thugaibh fainear, feumaidh sibh atharrachadh
an dara cuid an so no ann an ifrinn. Mur bi
sibh n-'ur creatairean nuadh, 'n-'ur muinntir air
bhur n ath bhreith, n-ur naoidheanan air bhur
n-ùr-bhreith anns an t-saoghal so ; mu'n triall
sibh ás, bithidh bhur ceòl air a chaochla,
bithidh bhur còr air a chaochla oir ma théid
sibh do dh'ifrinn, feumaidh sibh glaodhach.
O ! na'n deanadh na misgearan òranach, 'nuair
a tha iad subhach air suidheachan na misge,
uiread a's smaointeachadh air so, bheireadh e
orra an ceòl a chaochla agus glaodhach. Ciod
a ni mi ? C' àit' an téid mi 'nuair a gheibh mi
bàs ? Ach mar a thuirt mi roimhe, an diabhol,

mar a tha e a' saoithreachadh chum anmannan bochd' faighinn gu 'n cuid peacannan a leanmhuinn marsin tha e saoithreachadh mar an ceudna gu smuaintean mu dhamnadhl sìorruidh a chumail a mach as an inntinnean ; agus gu 'n amharus, tha 'n dà nì so cho dlù-cheangailte r'a chéile, 's nach uarainn an diabhol an t-anam fhaighinn gu dol air aghaidh gu math ann am peacadh le tlachd mur a h-urrainn e smaointeán mu'n tubaisd uabhasach a tha r'a thighinn a chumail a mach ás an inntinnean.

Ach biodh fhios aca, nach bi e do ghnà mar so maille riu ; oir mas e 'nuair a bhàs-aicheas iad, gu'n tuit iad ann an léir-sgrios sìorruidh, bithidh a leithid do dh' fhaireachdain ac' air am peacannan, agus air a' pheanas a tha dligheach dhaibh, 's gu'n toir e orra glaodhaich. "Agus ghlaodh e." O ciód an t-atharrachadh a bhios 'am measg nan ain-diadhach, 'nuair a théid iad a mach as an t-saoghal so ! Faodaidh e 'bhith ceithir-oidhch-deug no mìos roimh 'n triall, gu 'n robh iad aotrom, laidir, iargalta, g' an cuir féin fo mhisg, a' cur suarach pobull Dhé, a' fanaid air naomhachd, agus a' gabhail tlachd ann am peacadh, a' leantuinn an t-saoghail ; an tòir air beartais, a' caithe am beatha gu h-àilleasach, a' cumail cuideachd ris an aiteam bu ghreadhnaich', ach a nise, 'nuair a tha iad a' tuiteam sios ann an ifrinn, tha iad 'a glaodhaich. A chianamh bha iad a' cur ruthadh dearg ann an gnùisean an cuid ana-miannan,

a' leanmuinn an cùid strìopaichean, a' creach an cuid coimhearsnach, ag innseadh bhreug, a' leanmuinn cluichean agus sùgraidean, chum na h-ùine cuir seachad ; ach a nise tha iad ann an ifrinn, tha iad a' glaodhaich. Faodaidh e bhith gu 'n do chual' iad an uiridh euid do shearimoinean matha, gu'n robh iad air an gairm gu nèamh a gabhail, gu'n robh air innseadh dhaibh gu 'm biodh am peacannan air am mathadh, na 'n teannadh iad a steach ri Iosa, ach air dhaibh a thairgsean a dhiùltadh, agus a ghràs a chuir suarach a bha aon uair air a tairgse, tha iad a nis' ann an ifrinn, agus a' glaodhaich.

Roimhe so bha iad an dùil nach b'urrainn iad innseadh cionnus a chaitheadh iad an ùine mur b' ann ri sealg, agus ri strìopachas, ann an damhs', agus cluich, agus ann an caithe uairean ionlan ; seadh, laithichean, cha n-e sin a mhàin, ach seachduinean, ann an ana-miannaibh na feòla : ach 'nuair a thriallas iad a chum àit' eile, agus a thòisicheas iad air togail suas an sùilean ann an ifrinn, agus a bheir iad fainear an còr truagh agus do-leasaichte, glaodhaidh iad.

O ciod an còr anns an tuit thu, 'nuair a thriallas tu ás an t-saoghal so ; ma thriallas tu neo-iompaichte, agus gun a bhi air t'ath-bhreith b'fhearr dhut a bhi air do thachdadadh an uair a rugadh tu ; b'fhearr dhut a bhi air do spònadh aon bhall o bhall eile ; b' fhearr

dhut a bli air do dheanamh 'nad chÙ, 'nad' losgunn dubh, 'nad nathair, cha-n e sin a mhàin, ach 'nad chreutair sam bith anns an t-saoghal fhaicsinneach, na bàsachadh neiompaichte; agus so chì thu a bhi fior, 'nuair a thogas tu suas do shùilean ann an ifrinn, agus a ghuileas tu.

Ann an so ma ta, mu'n téid sinn a bheag ni's fhaide, faodaidh sibh fhaicinn, nach ann gu'n deagh aobhar a tha na briathran so air an labhairt le ar Tighearn, 'nuair thriallas aon sam bith do na h-ain-diadhaich do dh' ifrinn, gu'n guil iad,—guil,—seadh c' arson sin?

1. Guilidh iad an àm smaointeachach gu'm bi iad air an gearradh á tÙr nam beò, gun ionadsesaidh a bhi ac' innte gu bràth tuilleadh.

2. Guilidh iad an àm smaointeachach gu'n robh soisgeul Chriosd cho tric air a thairgse dhaibh, ach gidheadh nach d' fhuair iad buannachd uaithe.

3. Guilidh iad an àm smaointeachadh, a nise, ged nach robh iad riamh cho deònach air aithreachas a gabhail agus a bhi air an tearnadh, gidheadh gu'm beil iad seachad air na h-uile leasachadh.

4. Guilidh iad an àm smaointeachadh gu'n robh iad cho amaideach 'san toil-inntinnean féin a leantuinn, an uair a bha muinntir eile a' lantuinn Chriosd Luc. xiii. 28.

5. Guilidh iad an àm smaointeachadh gur

éigin daibh a bhi tearbte bho Dhia, bho Chriosd agus bho rioghachd nèimh, agus sin gn siorruidh.

6. An àm smaointeachadh nach dean an cuid guil agus caoidh math sam bith dhaibh a nise.

7. An àm smaointeachadh gur éigin daibh aig latha a' bhreitheanais seasamh air làimh chlì Chriosd, am measg cuideachd do-àireamh do muinntir dhamnaite.

8. Guilidh iad an àm smaointeachadh, gur éigin Lasarus, a chuir iadsan aon uair suarach, a bhi dhiù-san a dh' fheumas suidhe sìos maille ri Criod chum breth' a thoirt binn ditidh air an anmannan gu siorruidh, 1 Cor. vi. 2, 3.

9. Guilidh iad an àm smaointeachadh, 'nuair a tha 'm breitheanas thairis, agus cuid eile air an toirt a chum rioghachd shiorruidh na glòire, an sin as éigin dhutsa dol air t'ais a rithist a chum a' ghainntir dhorchadais sin o 'n tainig tu mach (gu taisbeanadh an làthair cathair a bhreitheanais uabhasaich sin) far am bi thu air do phianadh cho fad' 'sa mhaireas bith-bhuantachd; gun am faothachaidh no'n t-socair a's lugha.

Cionnas, a their thu, O ! thruaghain mhac-nusaich, uaimhrich, mhionntaich, bhreugaich, ain-diadhaidh ! am beil so gu bhi air a chur suarach gu fochaideach ? Agus a rithist, innis dhomh a nise, mur eile ni's fearr peacadh a thréighsinn agus teannadh dlù ri Criod Iosa, a dh' aindeoin nam masladh ris an coinnich thu

air son sin a dheanamh na bhi beò sealan beag anns an t-saoghal so ann an sòlasan diamhain, agus a' beatbachadh ana-mhiannan, ann an dearmad slàinte t'anma, agus a' diùltadh a bhi air t' fhireanachadh le Iosa; agus tuiteam sìos do dh' ifrinn ann an tiotadh agus gul? O! thugaibh an aire, tha mi 'g ràdh, smaointichibh an àm, agus na cuiribh uaibh tairgsean gràis ar Tighearn Iosa Criod, air eagal gu 'n tog sibh suas ùr sùilean ann an ifrinn, agus gu 'n gul sibh le cràdh spioraid.

"Agus ghlaodh e agus thuirt e, Athair Abrahim, dean tròcair orm, agus cuir Lasarus," &c. Tha na briathran so cha n-e mhàin a' cumail a mach còr brònach nam muinntir dhamnaite, agus an tuireadh brònach, agus an glaodhaich a mach fo 'n cràdh spioraid, ach mar an ceudna tha iad a' ciallachadh dhuinne (mar a thuirt mi roimhe an aithreachas ro ana-moch; agus mar an ceudna gu 'm b' àill leo gu ro dheòrnach, na 'm faodadh iad a bhi air an cuir saor o 'n truaighe shìorruidh sin, anns an do thilg siad iad-fein le 'm peacannan. Tha mi 'g ràdh, tha na briathran so a' cumail a mach an iarrtas a th' aig a' mhuinntir dhamnaite, gu bhi air an saoradh o na piantaibh ud anns am beil iad an dràsta: "Athair Abrahim, ars' e-san, dean tròcair orm, agus cuir Lasarus, a chum 's gu 'n tùm e bàrr a mheoir ann an uisce, agus gu 'm fuaraich e mo theanga, oir tha

mi air mo ro-phianadh anns an lasair so.' Faodaidh na briathran so, "Athair Abra-haim," a bhi rudeiginn deacair ra'n tuigsinn, theagamh gu'm faod cuid a smuaineachadh gum béil iad a' ciallachadh Abra-haim, agus iad-san, no e-san a ta glaodhach a mach an so, a bhi ciallachadh nan Iudhach. No theagamh gu 'm faod cuid a shaoilsinn e bhi ciallachadh Dhé no Iosa Criosd a mhac, neach a tha mise a saoilsinn ris am beil-sa' glaodhaich an so; air son gu 'm beil thu a faotainn an glaodh cheudna ris, mar gu 'm biodh e air a lâbhairt a mach leis na h-ain-diadhaich ann an àitean eile do 'n sgriobtur; mar an Luc. xiii. 25, 26. "An sin toisichidh sibh air a ràdh, A thighearn, a Thighearn dh'ith sinn agus dh'òl sinn a' d' làthair, agus theagaisg thu 'n-ar sràidibh." Cha n-e sin a mhàin ach tuilleadh, "ann a t'ainmsa thilg sinn a mach deamhnan, agus ann a t'ainm-sa rinn sinne iomadh obair iongantach." Thachair so dìreach aig àm an diùltaidh. Agus a rithist, ann am Mat. xxv. 11, tha iad a' glaodhaich ri Iosa, "A Thighearn, a Thighearna, fosgail dhuinne." Agus tha e ann an sin a rithist a' toirt an diùltaidh dhaibh, mar anns an t-sàmhla so. Ach cia-sam-bith, no co-sam-bith, an t-Abraham a th' ann, gidheadh faodaidh na fìrinnean so a bhi air an toirt fainear o na briathran;

1. Gu'n iarr a' mhuinntir dhamnaite, 'nuair a

bhios iad ann an staid do-leasaicht', saorsa bho na chorraich anns am beil, agus anns am bi iad, tre shiorruidheachd. "Gu cinnteach ann an tuiltean nan uisgeachan mòra cha tig iad am fagus da."

2. Gu 'n dean iad ùrnaigh (ma dh' fhaodas mi a' chainnt a chleachdadhbh) gu dian air son saors' o 'n staid thruaigh. Tha 'n dà nì so soilleir o na briathran. Oir tabhair fainear, Cha n-e 'mhàin gu 'n tuirt e, "Athair Abrahaim, dean tròcair orm;" ach "ghlaodh e, agus thuirt e, Athair Abrahaim dean tròcair orm." Uaithe sin gabhaibh an treas beachd so, agns 's e sin, tha àm a' tighinn, anns nach eil e coltach gu'm faigh daoine tròcair sam bith, latha Dhé, ged a ghlaodhas agus a ghuidheas iad; oir mar sin bha 'n duine so air a riachadh, mar a ni mi ni's fhaide fheuchainn gu h-aithghearr 'nuair a thig mi g'a ionnsaidh.

Tha cuid do mhuinntir air am mealladh cho mòr leis an diabhol, is gu'n smuaintich iad gu 'm beil Dia cho tròcaireach, as gu 'n toir e feart air ni sam bith air sòn ùrnaigh; tha iad a' smuainteach gu 'm foghainn ni sam bith, am feadh a tha iad an so anns an t-saoghal, tre ain-eolas air fior nàdur tròcair Dhé, agus air eòlas na slighe anns am beil Dia air a riachadh air son peacaidh. A nise tha mi 'g ràdh, tre aineolas tha iad a' smuaineachadh ma 's e 's gu 'n dean iad uiread ri gnè do dh' ùrnaigh gu lag-ghuthach, ged nach eil

fios aca ciod a tha iad ag ràdh, no ciod a tha iad ag iarraidh, gidheadh gu 'm beil Dia riaraichte, seadh, gu ro mhath air a riarrachadh le 'n deanadas : 'nuair mo thruaighe ! nach eil ni sam bith na 's suararaiche. O mo chàirdean, tha mi a' guidhe oirbh sealainn mu 'n cuairt duibh, agus iarraighe gu rò dhurachdach Spiorad Chriosd gu bhur còmhnhadh an dràsta, strì agus ùrnaigh a dheanamh, agus gu bhur deanamh comasach air greim a ghabhail do Chriosd, a chum 's gu'm bi bhurn-anmannan air an tearnadh, air eagal gu 'n tig an t-àm, ged a ghlaodhas agus a ghuidheas sibh, agus ged bu mhiannach leibh mar an ceudna gu 'n robh sibh air greim a ghabhail air an Tighearn Iosa, gidheadh gur éigin gu 'm bi sibh air 'ur damnadh.

An sin, faodaidh sibh a rithist fhaicinn ged tha Dia deònach peacaich a thearnadh aig àm air chor-eigin, gidheadh cha-n eil an t-àm sin do ghnà a' mairsinn. Cha-n eil,—esan a's urrainn fhaighinn 'na chridhe cùl a chur ri Iosa Criosd an dràsta', gheibh e cùl air a chur ris féin an deigh so, 'nuair a dh' fhaodas e glaodhaich agus guidhe air son tròcair gidheadh falbhaidh e gu'n a faotainn. Bithidh àm aig Dia gu coinneachadh riu-san, nach eil an dràst ag iarraidh 'na dheigh-san ; bithidh aca-san àm, seadh, àm ni's leòir an deigh so, gu aithreachas a ghabhail air son an amaideas, agus gu iad-féin a mheas 'nan amadanana, air son an cùl a thionndadh

ris an Tighearna Iosa Criod. " Ni mise mar an ceudna gàire ri'r sgrios ;" ars' e-san, " agus fanaid 'nuair a thig bhur n-eagal," Gnà. i. 26, 27.

A rithist, bu chòir d'a so ar teagasg gu ùine' gabhail am feadh a ta i air a tàirgse, air eagal gu'n gabh sinn aithreachas air sonar n-as-chreidimh agus ar ceannaire, nuair bhios sinn an déigh a call. A chàirdean ! tha ùine prìseil, tha uair do dh'uine chum searmoin éisdeachd prìseil : Smuanaich mi cuid do dh' uairean mar so leam féin, smuainich, gu 'n cuireadh an Tighearn dithis, no triùir de a sheirbhisich, ministearan an t-soisgeul, gu ifrinn am measg nam muinntir dhamnaite leis an ùghdarras so : Siubhlaibh-sa gu ifrinn, agus searmonaich-ibh mo ghràdh-sa dhaibh-san a ta ann an sin : searmonaichibh fad uaire, agus cumaibh a mach toillteannasan breith, ionracais, bàis, ais-eirigh, dol suas, agus eadarghuidhe mo Mhic-sa, maille ri m' uile ghaol ann, agus tairgibh dhaibh e ag innseadh dhaibh, gu'm beil mise a nis' aon uair eile, agus gun ach aon uair, a' tairgse meadhonnan na réite dhaibh. Iadsan a tha 'n dràsta ri glaoighaich, air dhaibh a bhi an an-dòchas, leumadh iad an uair sin ris an tairgse a's lugha do thròcair : O iadsan a b' urrainn lathaichean ionlan, seachduinnean, cha-n e sin a mhàin, ach bliadhnaagan a chaitheamh, ann an diùltadh Dhé bhiodh iad

a nise toilichte air son aon tairgse do 'n tràcair, sin. "Athair," ars' esan, "dean tràcair orm."

A rithist, faodaidh sibh a thoirt fainear, o na briathran so gu 'm biodh tràcair air a gabhail gu toileach 'nuair a tha anmannan fo bhreitheanas ; a nise tha 'n t-anam so anns an teine, a nise tha e fo chorraich Dhé, a nise tha e ann an ifrinn, ann an sin gu bhi air a phianadh ; a nise tha e comhla ris na diabhoil agus ris na spioradan damnaite, a nise tha e a' faireachdadadh dioghaltas Dhé ; a nis' O nise dean tràcair orm ! Ann an so faodaidh sibh fhaicinn, gu 'm beil tràcair air a meas luachmhor leosan a ta ann an ifrinn, bhiodh iad subhach nam b' urrainn iad a faotainn. Athair dean tràcair orm, air sgàth m' anma bochd, cuir beagan tràcair do m' ionnsaidh.

"Agus cuir Lasarus, a chum 's gu 'n tùm e barr a mheòir ann an uisge, agus gu 'm fuaraich e mo theanga."

Tha na briathran so cha-n e mhàin a' cumail a mach, gu 'm beil déidh aig na h-ain-diadh-aich air tràcair, ach ciod na tràcairean ud bu mhath leis na creatairean bochda so fhaotainn.

1. Cuideachd Lasarus a bhi air a dheòn-achadh dhaibh. "Athair Abrahaim, dean tràcair orm, agus cuir Lasarus." A nise b' e Lasarus an tì a bha air a ghràdhachadh le Dia, agus mar an ceudna air fhuathachadh leo-san ; Uime-sin.

2. Thugaibh fainear, na naoimh ud nach b'urrainn an saoghal ann an àm am beatha f'hlang, a nise 'nuair a tha iad air triall, bhiodh iad toileach comunn a bhi aca maille riu. "O nise cuir Lasarus!" ged bha 'n t-àm ann 'nuair nach robh spéis agam dha, gidheadh a nise faigheam beagan comuinn maille ris.

Ged tha 'n saoghal a' cur suarach comuinn, cloinne Dhé an dràsta, gidheadh tha'n t-àm a' tighinn anns am bu mhath leo an comunn a's lugha a bhi aca maille riu. Cha-n e sin a mbain, ach thoirt fainear, a' mhuinntir ud de na nàoimh a ta nise ni's mò air an diùltadh leo, eadhon bithidh iad subhach air son comhfhurtachd uathasan, nam faodadh e bhith. Cuir Lasarus : an tì sin a chuir mi suarach ni's mò na mo chuid con an tì sin nach b' urrainn mi f'hlang tighinn a steach do mo thaigh, ach a dh' fheumadh laidhe aig mo gheata, cuir esan : a nise biodh Lasarus air a ghabhail gu taitneach leam, a nise tha mi'g iarraidh cuid do chomfhurtachd uaithe ; falbhaidh e gun sin a thoirt dhomh.

Uaithe sin a rithist thugibh fainear ; gu 'm beil àm a' tighinn, O sibhse a luchd-geur-leamhuinn iargalta, choimheach air na naoimh, gu 'n cuir iadsan sibhse suarach cho mòr sa chuir sibhse riamh suarach iadsan. Thug sibhse dhaibh-san iomadh facal cruaidh, dh' innis sibh iomadh breug mu 'n déibh-

inn, thug sibh iomadh buille dhaibh ; agus a nise ann 'ur feum agus ann 'ur teanntachd a's mò cha ghabh iad truas ribh. 'S ann a ni an t-ionracan gàirdeachas 'a uair a chì e diogh-altais Dhé ort. Salm lviii. 10.

“Agus cuir Lasarus.” Uaithe so thugaibh fainear, gu ’m bi neach sam bith do na naoimh an uair sin air aideachadh leibh a bhi ’na naomh. A nise tha sibh ga meas a bhi de luchd co'-bharail Himeneuis agus Philetuis, ach an uair ud chì sibh gur iad Lasarusan Dhé, eadhon clann ghràdhach Dhé. Ged an dràsta nach bi naoimh an Tighearn’ air an aideachadh leibh, air son gu ’m beil iad ainniseach, iosal, bochd, suarach, ’n-’ur measg : gidheadh tha’n latha a’ tighinn gu ’n aidich sibh iad, gu ’n iarr sibh an comunn, agus gu ’m bi sibh déidheil air a’ chaoimhneas a ’s lugha fhaotainn uapa.

“Cuir Lasarus, a chum ’s gu ’n tùm e barr a mheòir ann an uisge, agus gu ’m fuaraich e mo theanga ; oir tha mi air mo ro-phianadh anns an lasair so.”

‘S ann mar so a ghlaodhas na h-anmannan a bhuanachaes ’nan cuid peacannan a mach, ann an searbhadas an spioraid, le àmghar iongant-ach agus cràdh cogais gun lasachadh: “A chum ’s gu’n tùm e barr a mheòir ann an uisge, agus gu ’m fuaraich e mo theanga.” A chum ’s gu’n tùm esan, eadhon an duine roimhe gu ’m bu mhasladh leam gu ’n itheadh e comhla ri coin mo threuda, a chuir mi suarach roimhe agus air

nach robh feairt agam a dhùin mi 'mach air na dorsan ; cuir esan a chum 's gu 'n tùm e barr a mheòir ann an uisge, agus gu 'm fuaraich e mo theanga.

A nise, tha na briathran so, "a chùm 's gu 'n tùm e barr a mheòir ann an uisge," &c. a' cumail a mach an càirdeas no am fàbhar a's lugha ; mar gu 'm biodh e air a radh, A nise bhithinn toilichte a chionn an tròcair a's lugha, a nise bhithinn toilichte air son a chomh-fhurt a's lugha, ged nach biodh ann ach aon bhoinne do dh' uisge fuar air barr a mheòir. Smuainicheadh neach gu 'm bu bheag an iarrtas an caoimhneas so ; aon bhoinne uisge ciod e sin ? gabh làn cuinneig dheth, ma ni sin math sam bith dhut. Ach tabhair fainear, cha-n eil e air a cheadachadh dha uiread ri aon bhoinne, fhaighinn cha-n eil uiread 'sa dh' fhaodas duine a chumail air barr a mheòir ; tha so a' ciallachadh gu 'm bi iadsan a thig gearr air Criod air an pianadh cho fad' 'sa mhaireas bith-bhuantachd, agus cha bhi aca uiread ris an t-socair a's lugha, cha bhi, fhad sa dh' fhaodas duine e-féin a thiundadh mu'n cuairt, cha bhi uiread de chead as gu'n sluig e smugaid, cha bhi aon bhoinne uisge.

O na'n gabhadh iad so àite n'ur cridheachan, cia mar a bheireadh e oirbh iarraidh an deigh fois do 'ur n-anmannan mus bi e ro anamoch, mus bi grian an t-soisgeil air dol fodha oirbh.

Thugaibh fainear, tha mi 'g radh, truaighe

nan aindiadach anns am bi iad, agus seachnaibh an cuid lochdan, le teanneadh a steach ri tairgseachan na tròcair : air eagal gu 'n compàirtich sibh de'n chuibhrionn cheudna maille riu, agus éigheach a mach ann an searbhadas 'ur n-anmannan ; aon bhoine do dh'uisge fuar gu fuarachadh mo theanga ; "Oir a ta mi air mo ro-phianadh anns an lasair so."

Gu dearbha 'se'n t-aobhar nach eil an saoghal bochd cho dùrachdach ag iarraidh tròcair, nach eil iad cho suidhichte a' thoirt fainear am pian anns an éigin daibh gu cinnteach tuiteam, ma bhàsaicheas iad a muigh á Criosc. Oir innseam dhuibh, 'nan deanadh anmannan bochd' uiread r'a thoirt fainear da rìreadh a chorraich sin a tha dligheach do'n cuibhrionn-san, air son am peacannan an aghaidh Dhé, dheanadh iad na bu mhò do chabhadh gu Dia tre Chriosc a dh'iarraidh tròcair na tha iad a' deanamh ; an sin bheireadh sinn orra ràdh, Is math teannadh ri Criosc an diugh, mù'n tuit sinn 'na leithid do dh'àmhghar.

Ach c' arson a tha e air a ràdh, "Tumadh e barr a mhèdir ann an uisge, agus fuaraich-eadh e mo theanga ?" Air son mar a tha aig na buill fa-leth anns a' chorp an cuid anns a' pheacadh, agus na chuir an gniomh mar sin bithidh buill fa leth a' chuirp aig an àm sin air am pianadh air a shon. Uime sin, 'nuair a tha Criosc a' comhairleachadh a dheisciobuil, a chum nach tionudadh iad a thaobh uaithe, agus

gur h-ann bu chòir dhaibh eagal agus uamhunn cumhachd an Dé a bhi orra, a roghainn air cumhachd eile ; a deir e, “ Biodh eagal an Tì ud oirbh aig am beil cumhachd araon corp agus anam a thilgeadh do dh’ ifrinn,” (Luc. xii. 5.) Agus a rithist, “ Biodh eagal-san oirbh aig am beil cumhachd araon anam agus corp a sgrios ann an ifrinn.” Ann an so cha-n eil aon bhall a mhàin, ach an corp uile, an corp gu h-iomlan, do ’m beil na làmhan, na casan, na sùilean, na cluasan, agus an teanga nam buill. Agus tha mi dearbhte ás, ged a dh’ fhaodas so a bhi air a mheas feòlmhor le cuid an dràsta, gidheadh taisbeanaidh e bhi ’na fhìrinn an uair sin, chum an truaighe a’s mò dhaibhsan a bhios air an éigneachadh gu dol fodha sin, a leagas Dia na cheart bhreitheanas orra. Uaithe sin glaodhaidh iad, aon bhoinne do shocair air son mo theanga ghuidheach, mhionntach, bhreugach, fhanaid-each. Beagan socair air son mo theanga uallach, mhòr-chuiseach, mhiodalach, bhrosgullach, bhagarrach, mhealltach, chealgach. An dràsta ’s urrainn do dhaoine leigeadh le ’n teangan ruith air thuaiream, mar is gnà leinn a ràdh ; an nise bithidh iad ullamh gu ’ràdh, “ Is leinn féin ar teangan, cò a cheannsaicheas,’ (Salm xii. 4.) Ach an uair ud bithidh iad do dh’inn-tinn eile. An uair ud, O nach h-ann a dh’ fhaodainn beagan socair a bhi agam air son mo theanga cealgaich ! Saoilean cuid a

dh' uairean ri toirt fainear, cionnus a tha cuid de dhaoine a' leigeadh le 'n teangan ruith air thuaiream, gun riaghailt, gu 'm beil e a' cur iongantais orm. Gu cinnteach cha-n eil iad a smuaineachadh gu 'm bi aca ri cunntas a thoirt seachadh air son a bhi a' toirt oilbheum le'n teangaibh. Na'n deanadh iad uiread ri smuaineachadh gur éigin daibh cunntas a thoirt dhasan a tha ullamh gu breth a thoirt air a' bheò agus air na mairbh ; gu cinnteach bhiodh iad ni bu chaithrisiche mu 'n teangan na tha iad, agus bhiodh tuille feart agus spéis aca dhaibh na th' aca.

"Tha 'n teanga," arsa Seumas, "na h-olc do-chasgaidh, làn do nimh marbhtach ; tha i a' lasadh uile chùrs' a nàduir, agus i-féin air a lasadh o ifrinn." (Seumas ii.) An teanga, cia mòr a dh' olc a bheothaicheas suas i ann an ùine ro bheag ? Cia iomadh buille agus leòin a tha i cosnadh ? Cia iomadh uair a tha i (mar a deir Seumas) a' mallachadh duine ? Cia minig a tha 'n teanga na h-inneal-giùlain a mach air an nimh ifrinneach sin a ta anns a' chridhe, araon a chùm eas-urram do Dhìa, ciùradh a comhairsnaichean agus tür mhilleadh a h-anma féin ? Agus am beil thus' a smuaineachadh gu 'n suidh' an Tigh-earn 'na thost (mar a dh' fhaodas mi radh), agus a leigeadh le do theanga-sa ruith mar as àill leatha agus gidheadh gun do thoirt gu bràth gu cunntas air a son ? Cha shuidh',

stad, Cha'n fhuirich an Tighearna do ghnà 'na thosd, ach cronaichidh e thu, agus cuiridh e do pheacannan ann an òrdugh fa chomhair do shùl. O a pheacaich ! cuiridh, agus bithidh do theanga, cuideachd maille ris a' chud eile dod' bhallaibh air an cràdh air son peacachadh. Agus tha mi 'g ràdh, gu 'm beil mi dearbh-chinnteach as, ged tha so air a chuir gu h-aotrom an dràsta', gidheadh tha 'n t-àm a' tighinn, 'nuair a bhios aithreachas air iomadh anam bochd air son an latha anns na labhair iad riamh le'n teangaibh. Och, their aon, gu 'n dearmadain-sa mo theanga cho mòr ! Och nach ann à bha mi, 'nuair a thuirt mi mar so 's mar sud, air mo theanga ghearradh asam ! Nach ann a bha mi air mo bhreith gun teanga ; mo theanga ! m'o theanga ! beagan uisge gu fuarachadh mo theanga, oir tha mi air mo ro-phianadh anns an lasair so ; eadhon an lasair sin a chum an tug mo theanga mi maille ri càch de mo bhuille le peacachadh. Leigidh anmannan bochda an dràsta le 'n teangaibh rud sam bith a radh air son buannachd bheag, air son dàsgillinn na trì-sgillinn do bhuanachd. Ach o ciod an cràdh a bheir sin aig an latha ud, 'nuair is éigin daibhsan, cuideachd maille ra'n teaangan pian fhulang air son an ni sin a rinn iad le 'n teangaibh am feadh a bha iad anns an t-saoghal so ! Ma ta, sibhse tha a' gràdhachadh 'ur n-anmannan, seallaibh ri bhur teaangan,

air eagal gu'n ceangail sibh sibh-féin sìos cho teann ri ifrin le peacannan 'ur teangan 's nach bi sibh gu bràth comasach gu faighinn fuasgailte tuilleadh gu sìorruidh. Oir le do bhriathran bithidh tu air do dhìteadh, mur toir thu 'n aire do d' theanga. “Ach tha mi 'g ràdh rihh, gun toir daoine cunntas ann an latha 'bhreitheanais air son gach facial diomhain a labhras iad.” Mat. xii. 36.

“*Ach thuirt Abraham A mhic, cuimhnich gun d' fhuair thusa do nithe matha ri àm dhut a bhi beo, agus Lazarus mar an ceudna droch nithe: ach a nise a ta esan a' faotainn sòlais, agus a ta thusa air do phianadh*—Rann. 25.

THA na briathran so 'nam freagairt do dh' iarrtas nam muinntir dhamnaite. Tha 'n rann roimhe (mar a dh' innis mi dhuibh) 'na fhoillseachadh air na h-iarrtasan a tha ac' an deigh dhaibh an t-saoghal so fhàgail. Is e so am freagairt, “A mhic, cuimhnich,” &c.

Tha 'm freagairt a' ciallachadh an uiread so, gu 'm beil iad, an àite saorsa no socair sam bith a bhi aca, leis a so ni's mò air am pianadh, agus sin le ath-chuimhneachanan ùra, no le toirt an dhroch caithe-beath'as ùr 'nan cuimhne am feadh a bha iad anns an t-saoghal, “A mhic ouimhnich, gu'n robh agad-sa nithe math' an àm do beatha;” mar gun abradh e, tha

thu nise mothachail air ciod e sin t'anam a chall, tha thu nise mothachail air ciod e sin aithreachas a chuir uat; tha thu nise mothachail, gu 'n do ghniomharraich thu gu h-amaideach, anns gu 'n do chaith thu 'n ùine sin an tòir air nithibh diombuan, talmhaidh, bu chòir dut a chaitheadh ag iarraidh Iosa Chriosd a dheanamh cinnteach do t'anam; agus a nise tre do chràdh spioraid, ann am piantan na h-ifrinn, b'aill leat sin a mhealtuinn a chuir thu roimhe suarach; ach mo thruaighe! tha thu ann an so gu tür air do mhealladh, cha dean t-éigheach a nis' a bheag idir do mhath dhut, cha n-e so an t-àm taitneach gu gabhail riut, (2 Cor. vi. 2.) Cha n-e so an t-àm gu iarrtasan nam muinntir dhamnaite a fhreagairt; na 'm biodh tusa air glaodhach a mach le deagh dhùrachd am feadh a bha gràs air a thairgse, dh' fhaodadh mòran a bhi air a dheanamh; ach an uair-sin bha thu neochùramach, agus thionndaidh thu fad-fhulangas agus mathas Dhé gu maenus. Nach robh air innseadh dhut, iadsan nach éisdeadh ris an Tighearn 'nuair a ghairm e, nach éisdear riusan (ma thiondaidh iad air falbh uaithe-san) 'nuair a ghairmeas iadsan, (Gnà. i. 24—28.) Ach càlg-dhìreach an aghaidh sin, gu 'n deanadh e gàire r'an sgrìos agus fanaid 'nuair a thigeadh an eagal.

A nis' uime-sin, an àite dùil a bhi ris a' bhoinne is lugha do thròcair agus do dh' fhabhar, gairm

a chùm t'inntinn cia mar a chaith thu na laithean ud anns an do cheadaich Dia dhut a bhi beò ; tha mi 'g ràdh, cùimhnich, ann an àm do bheatha gu'n d' rinn thu thu-féin a ghiùlan gu ceannairceach an aghaidh an Tighearna, anns gu 'n robh thu neo-chùramach mu 'f hacal agus òrduighean, seadh, agus mu shlàinte t'anma féin mar an ceuda : air an aobhar sin, a nise tha mi 'g ràdh, an àite dùil no dòchas ri cobhair sam bith, feumaidh tu a bhi air t éig-neachadh gu cuimhneachadh air do shligheachan truaillidh agus beathachadh orrasan, chum t'ioghnaidh agus do bhreislich shìorruidh.

O na briathran so, uime sin, a tha 'g ràdh, "Cuimhnich, gu 'n d' fhuair thusa do nithe matha ri àm dhut a bhi beò," is iad so nan nithe a ta gu bhi r'an toirt fainear uapa.

1. Iadsan, a ta cùir cùl ri aithreachas, agus beò 'nan cuid peacannan, a chailleas an anmannan, an àite an tomhas a's lugha bhi aca do chòmhfhurt 'nuair a thig iad do dh' ifrin, bithidh, aca an droch caithe-beath do ghnà as ùr 'nan cùimhne. Am feadh a tha iad beò an so, 's urrainn daibh peacachadh agus a dhì-chuimh-neachadh ; ach an uair a bhàsaicheas iad, bithidh e aca fa 'n comhair ; bithidh aca cuimhne, no an cuimhne gu comharrachte air a soillseachadh, agus bithidh sealladh ni's soilleir' ac', agus sin do ghnà air an uile dhroch chleachdaidhean a chuir iad an gniomh, feadh a bha iad anns

an t-saoghal. “A mhic, cuimhnich,” ars’ esan ; an sin bheirear ort a chuimhneachadh ;

1. Cionnus a bha thu air do bhreith ann am peacadh, agus air do thogail suas anns a’ pheacadh cheudna.

2. Cuimhnich cionnas a fhuair thu iomadn uair an soisgeul air a shearmonachadh dhut air son toirt air falbh a’ pheacaidh cheudna leis an Tì a ta ’n soisgeul a’ cumail a mach.

3. Cuimhnich gu ’n d’ rinn thu o ghaol do d’ pheacannan agus t’ana-miannan, do chul-thaobh a thionndadh air tairgsean an t-soisgeil cheudna nan deagh naigheachdan agus na sìthe.

4. Cuimhnich gu ’m b’e ’n t-aobhar air son an do chaill thu t’anam, do bhrìgh nach do dhlùthaich thu steach ri saor-ghràs, agus tairgsean Iosa Criod gràdhach agus saor-chridheach.

5. Cuimhnich, cia cho dlù sa bha thu air iompachadh aig a leithid agus aig a leithid sud do dh’äm ach a mhàin gu’n robh thu deònach an cead a thoirt do t’anambiannan ’nuair a dh’ oibrich iad, do mhisgearean ’nuair a ghairm iad, do thaitneasan ’nuair a thairg siad iad-fein, do chùraman agus thrioblaidean an t-saoghail, nithe, coltach ri cho liugha dris a thachd na h agartasan-coguis sin, no sud, a bh’ air an cur air do chridhe.

6. Cuimhnich cia cho deònach sa bha thu air thu-féin a riarrachadh le dòchas cealgair

agus le barail mu dhéibhinn nithe Dhé, gun fhior chumhachd agus bheatha nan nithe sin.

7. Cuimhnich cionnus a rinn thu, 'nuair a bha thu air do chomhairleachadh gu iompachadh, gu'n chuir thu iompachadh, agus aithreachas uat gu àm eile.

8. Cuimhnich cionnus a rinn thu mealladh aig a leithid do dh-àm, a rinn thu breug aig a leithid do dh'àm a char thu do choimhearsnach aig a leithid do dh'àm, a rinn thu fanaid, magadh, beumadh, fuath a thoirt, agus geur-leanmh-uinn air pobull Dhé, aig a leithid do dh'àm, ann a leithid do dh'aite, am measg a leithid do chuideachd.

9. Cuimhnich 'nuair a thàinig muinntir eile cruinn ann an eagal an Tighearna ga iarraidh gu 'n robh thusa air coinneachadh comhla' ri cuideachd do chompanaich dhiomhain gu peacachadh 'na aghaidh; 'nuair a bha na naoimh ag ùrnaigh, bha thusa a' mionachadh, a' mallachadh; am feadh a bha iadsan a' labhairt math mu ainm Dhe, bha thusa a labhairt uile mu naoimh Dhe. Uaithe sin bithidh cuimhne theth-loisgeach agad air t'uile smuaintean, bhriathran agus ghniomharran peacach, o'n dearbh cheud aon gus an aon mu dheireadh dhiù a rinn thu riamh a chionntachadh an àm do bheatha uile: an uair sin gheibh thu a sgriobtus sin a bhi fior (Deut. xxviii. 65—67), "Bheir an Tighearn dhut an sin eridhe gealtach agus fàilneachadh shùl, agus doilgheas

iuntinn, Agus bithidh do bheatha crochte ann an amharus fad' chomhair; agus bithidh eagal ort a latha agus a dh'oidhche, agus cha bni cinnte air bith agad do d' bheatha. Sa mhàdainn their thu, och! nach b'e 'm feasgar e, agus 'san fheasgar their thu, Och! nach b'e a' mhàdainn e; air son eagal do chridhe leis am bì eagal ort, agus air son seallaiddh do shùl a chì thu." Seadh gheibh thu nithe ni 's measa gu do thruaighe, na tha 'n sgriobturi so a' foillseachadh. Oir gu dearbh cha-n eil teanga sam bith comasach an t-uabhas, an oillt, am pian, agus an truaighe shìorruidh is éigin do na h-anmannan bochd ud fhlàng a chuir an céill, a dh' easbhuidh an fhaochadhaidh a's lugha de shocair, thig earrainn mhòr dheth o na chuimhne bheò, làn, agus mhaireannach sin a bhios ac' air am peacannan. Agus air an aobhar sin tha mòr chudthrom anns na facail so, "A mhic, cuimhnich gun d' fhuair thusa do nithe matha ri am dhut a bhi beò."

O na briathran so, tha sibh a' faicinn, gu'm beil so gu bhi air a thoirt fainear, gu 'n cuimhnich na h-ainidiadhaich, air ana-caitheadh am beathan; "Cuimhnich gu 'n d' fhuair thusa, do nithe matha ri àm dhut a bhi beò." Faodaidh sibh na briathran so, "nithe matha," a ghabhail an darna euid a mhàin air son nithe an t-saoghail so, nithe annta féin a ta air an gairm, agus a dh' fhaodas a bhi air an gairm, "nithe matha"; air neo leis na briath-

ran so, eadhon (nithe na beatha so) uile thoil-inntinnean, shòlasan, bhuannach, agus dhiomh-anas, a tha muinntir aineolach an t-saoghal a' cunntadh 'nan nithe matha, agus leis am beil iad a toirt mòr-shòlas dhaibh fein. Anaim, anaim, ith ol, agus bi subhach, oir tha agad mòran de nithe matha air an tasgaidh fa chomhair mòrain bhliadhachan, (Luc. xii. 19.) A nise, tha mi 'g ràdh, bheir Dia, do réir a chumhachd agus a ghliocais ghlòrmhor, air creatairean bochda bhi aca do ghnà 'nan inntinnean cuimhne àr agus shoilleir air an droch caithe-bheatha ; their e riù, "Cùimhnich, cuimhnich, gu 'n robh agad ann an àm do bheatha mar so agus mar so, agus ann an àm do bheatha bha do ghiùlan mar sin agus mar sin."

Nam faodadh peacaich an roghainn a bhi aca, cha bhiodh an cuid peacannan agus ciontan cho mòr aca 'nan cuimhne ; mar a ta e soilleir le 'n giùlan anns an t-saoghal so : oir cha-n fhuilig iad aoidheachd a thoirt do smuain chudthromach mu dhéibhinn am beatha thruaillidh, tha iad "a' cur an droch latha fad' uapa." (Amos, vi. 3 ; Esec. xii. 27 :) ach saoithrichidh iad leis na h-uile meadhon chum an smuain mu thimchiol sin a chur a mach ás an inntinn ; ach 's an àite sin bithidh air a thoirt orra a chuimbneachadh a rìreadh, agus smaoineachadh do ghnà air an gniomharran aindiadhaidh. Agus uime sin tha e air a radh, nuair a thig ar Tighearn Iosa Criosc gu

breitheanas, gur h-ann gu dearbhádh air an t-saoghal ain-diadhaidh an cuid gniomharran olc agus mi-naomha, thoir an aire “gudhearbhadh orra,” (Iudas. i. 15.) Cha ghabh iad gu deònach aire dhiù an dràsta. Ach an uair sin gabhaidh iad an deigh so, ge b’ oil le ’m fiaclan. Agus fòs eadar so agus an uair sin, iadsan a bhàsaicheas am muigh á Criod, bheirear orra fhaicinn, agus aideachadh, deanadh iad na ’s ùrrainn iad, ’nuair a thogas iad suas an sùilean ann an ifrinn, agus a chuimhnicheas iad an cuid peacannan. Bithidh Dia “na fhianais luath ’nan aghaidh,” (Mal. iii. 5;) agus their e, “Cuimhnich ciod a rinn thu ann an àm do bheatha, cionnus a bha thu beò ann an am do bheatha.” O chairid ! “Mur dean thu ann an lathaichean so an t-soluis lathaichean an dòrchadais a chuimhneachadh,” (Eccles. xi. 8.) lathaichean bàis, ifrinn, agus breitheanais, bheirear ort ann an lathaichean an dòrchadais, a’ bhàis, na h-ifrinn, agus aig a’ bhreitheanas mar an ceudna, cuimhneachadh air lathaibh an t-soisgeul, agus cionnas a rinn thu tàir orra cuideachd, a chum do léir sgrios agus do thruaighe shìorruidh féin. Tha so air innseadh anns a chùigeamh caibidil thar an fhichead do Mhata.

“Cùimhnich gu’n d’ fhuair thusa do nithe matha ri àm dhut a bhi beò.”

Ni an Dia mòr, an àite socair sam bith a thoirt do na h-ain-diadhaitch, eadhon am pian-

tan antromachadh; air tùs, le'n doilghiosan a chur a neo-shùim, agus le innseadh dhaibh ciod air am feum iad a bhi smuaineachadh; "Cuimhnichibh," (ars' esan,) "O sibse anmannan caillte, gu 'n robh agaibhse bhurn-aoibhneas ann an àm 'ur beatha, 'ur sìth ann an àm 'ur beatha, 'ur comhfhurtan, 'ur tlachdan, 'ur socair, 'ur beartas, 'ur slàint, 'ur flaitheas, 'ur sonas, agus 'ur cuibhrionn, ann an àm 'ur beatha."

O staid thruagh! Bithidh tu 'nuair sin ann an còr brònach a rìreadh, 'nuair a chì thu gu 'n robh agad do nithe matha, do nithe a b' fhearr, do nithe taitneach; oir tha sin gu soilleir air a chiallachadh leis na briathran so, "Cuimhnich gu 'n d' fhuair thusa do nithe matha ri àm dhut a bhi beò," no na h-uile nithe math a bha choltas ort fhaotainn." Uaithe so thug-aibh fainear firinn eile (ged tha i na h-aon uabhasach) 's e so i. Tha iomadh creutair bochd ann, aig am beil an uile nithe matha, milis agus comhfhurtachd anns a' bheath so, no am feadh a ta iad beò anns an t-saoghal so: "Cuimhnich," ars' esan, "gu 'n d' fhuair thu do nithe math ri àm dhut a bhi beò."

Thig nithe matha nan aingidh gu crìoch ann an ùine ghearr: cha mhair iad maille riù ni's fhaide n'a bheatha so, no àm beatha. Cha robh an sgriobturi sin air a sgrìobhadh an diomhanas a thuirt: "Tha e coltach ri fuaim droighnich fo phoit, ni elasair bheag ghrad, teas rè sealan, ach

thigibh agus thugaibh an aire dhaibh ann an ùine ghearr, agus an àite teas comhfhurt, cha-n fhaigh sibh ni sam bith ach beagan do luathair mharbh ; agus an àite teine lasarach cha-n fhaigh sibh ni sam bith ach fàileadh ceò.

Tha àm a' tighinn, anns am bidh na h-ain-diadhaich subhach air son cuibhrionn a's fearr, 'nuair a chì iad faoineachd so, 's e sin, 'nuair a chì iad ciod a ni bochd a th' ann do duine a chuibhrionn a bhi aige anns an t-saoghal so. Tha e fior, am feadh a tha iad an so air an taobh so do dh' ifrinn, tha iad a' smuaineachadh nach eil ni sam bith gu bhi air a choimeas ri beartas, urram, agus toil-inntinn anns an t-saoghal so, ni a tha toirt orra glaodhach a mach, "Cò a nochdas duinn math sam bith," (Salm iv. 7,) ni a ta ciallachadh, buannachd, agus glòir an t-saoghail so? Ach an uair ud chì iad gu 'm beil ni e.le ann is fearr, agus ni's luachmhор' na deich mìle saoghal. Agus gu dùrachdach a chàirdean, nach cràdh, nach trioblaidich, nach ioma-cheistich, agus nach pian e sibh, 'nuair a chì sibh gu'n do chaill sibh nèamh, air son beagan sòlais agus buannachd ann an àm 'ur beatha ; gu cinnteach pianaidh e sibh, agus cuiridh e sibh fo, mhòr chàmpar a bhi faicinn an nèamh a dh' fhàg sibh air son saoghal breun, truaillidh. O! na'n deanadh sibh uiread ri so a chreidsinn, na 'n deanadh sibh uiread ri so a thoirt fainear, agus a radh an taobh a stigh dhibh féin, Ciod, am bi mi toilichte

ie mo chuibhrionn, mo chuibhrionn anns an t-saoghal so ? Ciod, an caill mi flaitheas air son an t-saoghaile so ? Tha mi 'g ràdh, thugaibh fainear e am feadh a tha solus-latha agaibh, agus solus-soisgeil, am feadh a tha mac Dhé a cumail a mach cùmhiantan na réite dnuibh, air eagal gun toirear oirbh a leithid so do ghuth a chluinntinn.—“ A mhic cuimh-nich gu'n d' fhuair thusa do nithe matha ri àm dhut a bhi beò,” do shuaimhneas, t' aoibhneasan, do shocair, do shìth, agus an nèamh uile a tha choltas ortsa bhi agad. O ! an nèamh thruaghe ! O na sòlsasan goirid ! Ciod an ni leibideach a t' ann a bhi air m' fhàgail ann a leithid do chòr ? Anaim, thoir fainear, nach eil e truagh nèamh a chall air son fichead, deich 'ar f hichead, no dà-f hichead bliadhna do pheacannan an aghaidh Dhé ? 'Nuair a tha do bheath' air crìochnachadh, tha do fhlaitheas mar an ceudna air crìochnachadh ; 'nuair a thig am bàs gu t'anam agus do chorp a sgaradh o chéile, anns an latha sin mar an ceudna feumaidh tu do nèamh agus do shonas a bhi air an dealachadh uat, agus thusa uathasan. Thoir fainear na nithe so gu tràthail, air eagal gu 'm bi agad do chuibhrionn aon an àm do bheatha. Oir ma 's ann 's a bheath so a mhàin a ta ar cuibhrionn againn, is sinn a's truaighe do na h-uile daoine, (1 Cor. xv. 19.) A rithist, thoir fainear, an uair a tha daoine eile (na naoimh) gu an nithe matha fhaighinn,

an sin bha agad-sa do nithe matha : 'nuair a tha cuid eile gu dol a steach do dh' aoibhreas, an sin tha thusa gu fàgail agus gu dol air falbh o t-aoibhneas : 'nuair a tha cuid eile gu dol gu Dia, is éigin dutsa dol chum an diabhoil. Och is truagh ! B' fhearr dhut nach robh thu riamh air do bhreith, na thu bhi 'na t-oighre air a leithid ; air an aobhar sin, tha mi 'g radh, thoir an aire nach e sin do chòr.

"Cùimhnich gu'n d' fhuair thusa do nithe matha, agus Lazarus droch nithe."

Tha na briathran, cha n-e a mhàin a' ciallachadh truaighe nan aingidh anns a' bheatha so, ach fòs mòr shòlas nan naomh ; 's an àit' anns am beil e 'g ràdh, "Agus Lazarus na droch nithe;" 's e sin, bha aig Lazarus a dhroch nithe ann an àm a' bheatha, no 'nuair a bha e anns an t-saoghal.

Uaithe so thugaibh fainear ;—

1. Gu 'm beil beatha nan naomh, cho fad 's a tha iad anns an t-saoghal so, air fheithreamh le iomadh olc no trioblaidean ; a dh' fhaodas a bhi air am foillseachadh a bhi do chaochla gnéithe, mar a deir an sgriobtur, "Is lionmhòr trioblaidean an ionracain, ach saoraidh an Tighearn e uatha gu léir."

2. Thoir an aire gu 'm faod na trioblaidear, no 'na h-uilc a ta leanmuinn nan naomh buanachd 'nam fochar cho fad 'sas beò iad an ian gleann nan deòr so, agus faodaidh iad a bis

eagsamhail, 's e sin, do dh' iomadh seòrsa ; cuid an leth-a-muigh, cuid an leth-a-steach, agus sin cho fad 's a mhaireas iad an so a bhos, mar bha faireachadh agus féin-fhiosrachadh nan naomh uile anns gach linn ; agus dh' fhaodadh so a bhi air a dhearbhadh gu farsuinn cha-n eil mi ach a' cur an cuimhne na nithe so, ach dh' fhaodainn leudachadh gu mòr orr' uile.

3. Na h-uile a ta 'n leanmhuinn, nan naomh cha mhair iad ni's fhaide maille riù na àm am beatha ; agus 's ann an so da rìreadh a ta comhfhurt nan creideach 'na laidhe na Lasarusan, na naoimh, is éigin daibh-san an cùpan searbh a bhi aca air fhàsgadh suas dhaibh ann an àm am beatha ; is ann an so is éigin do'n uile thrioblaid a bhith, agus an uile chràdh bithidh sibhse dù-bhrònach, ach pillear" thugaibh fainear, "bhur bròn gu gàirdeachas." "Feuch," ars' Criod, "ni an saoghal gàird-eachas, ach bithidh sibhse do-bhrònach" (Eoin xvi. 20.) guilidh sibh ann an àm 'ur beatha, ach bithidh 'ur bron air a philleadh gu gàirdeachas, agus 'ur n-aoibhneas cha toir duine sam bith (biodh e 'na 's àill leis,) air falbh uaibh. A nise ma tha sibh a' smuaineachadh, 'nuair a tha mi 'g ràdh gu 'm beil aig na naoimh an uile dhroch nithe ann an àm am beatha, gu 'm beil mi a' ciallachadh nach eil aca ni sam bith eile ach trioblaid ann an àm am beatha an so, 's e so bhur mearachd-sa ; oir innseam dhuibh, ged

a tha aig na naoimh an uile dhroch nithe ann an àm am beatha, gidheadh eadhon ann an àm am beatha tha aca mar an ceudna “aoibhneas do-labhairt agus làn do ghlòir,” am feadh a tha iad a’ sealltainn cha-n ann air na nithibh a ta làthair, ach air na nithibh nach eil r’am faicinn. Tha ’n t-aoibhneas a th’ aig na naoimh cuid do dh’ uairean ’nan cridheachan, le beachd-smuain chreideach air na nithibh matha r’ a thighinn, ’nuair a chrìochnaicheas a’ bheath so, ’g an lionadh ni’s làine do dh’ aoibhneas, na’s urrainn na h-uile crois, trioblaid, buaireadh agus olc a ta ’nan cuideachd anns a’ bheatha so, an lionadh le cràdh, 2 Cor. iv.

Ach faodaidh cuid do naoimh a ràdh, Tha mo thrioblaidean mar iad sin a ta ullamh gu buaidh a thoir tharam. *Freagairt*, Gidheadh biodh deagh mhisneach agad, cha mhair iad ni’s faide na àm do bheatha.

Ach ’s e mo thrioblaid-sa, tha mi air mo shàrachadh le cridhe làn do thruailleachd agus do pheacadh, air chòr’s gu ’m beil mi gu mòr air mo bhacadh ann an imeachd maille ri Dia. *Freagairt*, Tha e coltach gu ’m beil thu mar sin, ach cha bhi na trioblaidean so agad ni’s faide na àm do bheatha.

Ach tha fear-pòsta crost’ agam, agus tha sin ’na chràdh mòr dhomh.

Is fior sin, ach cha bhi thu air do thrioblaideachadh leis ni ’s faidhe na àm do bheath’, agus uime-sin na bi fo dhiobhail misnich, na bi mi-

shuaimhnach, cha bhi trioblaid sam bith agad ni's faide na àm do bheatha.

Am beil thu air do thrioblaideachadh le clann chrosta, dilsean crosta, coimhearsnaich chrosta? Cha thrioblaidich iad thu ni's faide na àm do bheatha.

Am beil thu air do thrioblaideachadh le diabhol cuilbheartach, le as-creideamh? 'seadh, bitheadh e mar a thogras e, gabhaidh tu do chead dhiù uile (mas a creideach thu) an deigh do d' bheatha bhi air crìochnachadh. O is oirdheirc! An sin siabaidh. Dia air falbh na h-uile deur o do shùilean: cha bhi tuille bàs, no bròn, no gul, no éigheach, no pian sam bith; oir an sin tha na nithe roimhe sin air dol seachad.

Ach a nise calg-dhìreach an aghaidh sin, mur bi thu 'na do chreideach ceart agus fallain; an sin ged a bhiodh tu beò mìle bliadhna auns an t-saoghal so, agus coinneachadh ri trioblaidean, no sàrachaidhean goirt na h-uile latha; gidheadh na sàrachaidhean so, air cho mòr agus cràiteach 's d'am bi iad, cha-n eil iad ach mar neo-ni an coimeas ris na piantaibh sin a thig ort araon 'na t-anam agus 'na d' chorp, an deigh do'n bheatha so a bhi air crìochnachadh.

Tha mi 'g ràdh, bi mar a thogras tu, ma bhios tu air t-fhaighinn suidhicht' ann an as-creideamh, no fo'n cheud chùmhnant, tha thu cinnteach á fulang air a shon, aig an àm auns an téid thu mach ás an t-saoghal so. Ach an

ni a tha ri bròn a dheanamh air a shon 's e, ged tha 'n còr so cho brònach gu tuiteam ann, gidheadh tha anmannan bochd' air a chuid a's mò neo-thuigseach mu dhéibhinn; 'seadh, cno neo-thuigseach, (aig cuid do dh' uairean) as ged nach robh a leithid sam bith do thruaighe gu teachd an deigh so. Do bhrigh nach eil an Tighearn gu h-ealamh a bualadh leis a chlaidheimh, ach a' giùlan fada le chreutairean, a' feitheamh a chum 's gu 'm faodadh e a bhi gràsmhor: "Uime sin," tha mi 'g radh, "tha cridhe" cuid do, "chloinn nan daoine làn shuidhichte air olc a dheanamh." (Ecles. viii. 11.) Agus am fada-fhulangas sin agus mathas Dhé a smuainicheadh nach bu chòir an treòrachadh gu aithreachas, air do 'n diabhol a bhi 'g an cruadhachadh le 'm buanachadh 'nam peacadh, agus le dalladh an sùilean, a thaobh crìoch fhada fulangais Dhé do 'n taobh, tha iad air an treòrachadh air falbh le cridhe chruaidhichte agus neo-thuigseach, neo-mhothachail, eadhon gus an tuit iad ann an léir-sgrios sìorruidh.

Ach cridheachan bochda, is éigin daibhsan a bhi aca àm anns am feum iad a bhi air an deanamh tuigseach, mhothachail air an roi-chaithe-beatha, 'nuair a lasas ceart bhreith-eanas an Tighearna mu 'n cuairt d'an cluasan, ionnus gu 'm bi iad air an toirt gu


glaodhach a mach a rithist le anabarr cràidh,
“tha mi air mo ro-phianadh anns an lasair so.”

“Ach a nis’ a ta esan a faotainn sòlaís, agus
a ta thusa air do phianadh.”

Mar gu’n abradh e, A nise thug Dia duais ar-aon do Lazarus agus dhutsa, do réir mar dh’iarr sibh am feadh a bha sibh anns an t-saoghal so: air do shonsa dheth, dhearmaid thu tròcair agus mathas prìseil Dhé, thionndaidh thu do chul ri Mac Dhé a thainig do ’n t-saoghal a’ thearnadh pheacadh; rinn thu fanaid air sear-monachadh an t-soisgeil; bha thu air do comhairleachadh thairis agus thairis, gu teannadh a steach ri caoimhneas-gràidh an Tigh-earna ’na Mhac Iosa Criosd. Leig an Tigh-earna leat a bhi beò fichead, deich ’ar f hichead, dà-fhichead, leth-cheud, no tri-fichead bliadhna: an ùine sin uile, an àite a caitheamh chùm do ghairm agus do thaghadh a dheanam, cinnteach (2 Pead. i. 10) ’s ann a chaith thu i ann an damnadh sìorruidh a dheanamh cinnteach do t’anam. Agus fòs rinn Lazarus ann an àm a bheatha a ghnothach do bhi gabhail ri mo ghràs agus ri mo shlàinte anns an Tighearn Iosa Criosd. ’Nuair a bha thusa anns an taigh-leanna, thaghaich esan am facal air a shearmonachadh; ’nuair a bha thusa a fanaid air mathas, bha esan ag osnaich air son peacannan nan aimsir. Am feadh a bha thusa a’ mionnachadh bha esan ag ùrnaigh; ann am facal, am feadh a bha

thusa a' deanamh cinnteach á sgrios sìorruidh, bha es-an, le creideamh ann am ful an Tighearn' Iosa Criod, a' deanamh cinnteach á slàinte shìorruidh. Air an aobhar sin, "A nis' a tà esan a faotainn sòlais, agus a ta thusa air do phianadh."

Ann an so ma ta faodaidh sibh fhaicinn, mar nach bi na h-ionracain do ghnà a dh' easbhuidh suaimhneis agus sonais; mar sin cha mhò théid na h-ain-diadhaich do ghnà a dh' easbhuidh dioghaltais. Cho cinnteach 'sa tha Dia anns na flaitheas, bithidh chùis mar so : 's éigin dhaibh an cuibhrionn fa leth a bhi aca. Agus uime sin, sibhse a ta 'n-ur naoimh an Tighearna, leanaibh air bhur n-aghaidh, na bithibh fo dhiobhail misnich, "Air dhuibh fios a bhi agaibh nach eil bhur saothair diomhain anns an Tighearn," (1 Cor. xv. 58.) Bhur cuibhrionn is e glòir shìorruidh. Agus sibhse a ta cho neo-thoileach an dràsta teannadh a steach ri Iosa Criod, agus neo-thoileach bhur peacannan fhàgail gu esan a leantuinn; tha'n latha a' tighinn, (Salm xxxvii. 13,) anns am bi fios agaibh, gu 'm bi aig bhur greimeannan milis do pheacadh, a tha sibh cho soirbh a' slugadh, (Iob xv. 12—14,) agus gur gann a ta e 'g a bhur trioblaideachadh, àm gu oibreachadh air a leithid do dhòigh an taobh a steach dhibh chum bhur sgrios bith-bhuan, 's gu 'm bi sibh ann an còr ni's miosa na ged bhiodh agaibh deich mìle deamhain 'gu bhur pianadh; cha n e sin a mhain, ach b' fhearr dhuibh a bhi air



bhur spionadh ball o ball nìle uair, (nam b' urrainn sin tachairt) na bhi 'n-'ur luichd-compairt do'n phianadh so, agus laidhidh , gu cinnteach, gun tròcair oirbh.

"Agus a bharr air so uile, tha doimhne mhòr air a chur eadar sinne agus sibhse, air chòr agus iadsan te'm b' àill dol á so do 'ur n-ionnsaidh-sa, nach eil e 'n comas daibh ; agus nach mò tha e'n comas do dh'aon neach teachd ás a' sin d'ar n-ionnsaidh-ne."—Rann 26.

THA na briathran so fathast 'nan cuid do 'n fhreagairt sin, a gheibh na h-anmannan ann an ifrinne air son an uile chneadan, osnaidhean, ghlaodhan cràiteach, dheòir agus iarrtasan, a th' aca, gu'n bhi air am fuasgladh a mach ás 'na piantan do-fhulang ud a tha iad a' mothachadh, agus leis am beil iad air an sàrachadh. Agus O ! air leam, gu 'm beil na briathran aig a' cheud bheachd, ma bhios iad gu ceart air an toirt fainear, gu leòir gu thoirt air peacach cruaidh-chridheach sam bith anns an t-saoghal tuiteam sios màrbh. An rann air an do labhair mi mu dheireadh, bha i, agus tha i na rann ro uabhasach, agus ag antromachadh piantan pheacach bochda gu h-ionganach ; far am beil e 'g radh, " Cuimhnich gu'n d' fhaair thusa do nithe matha, ri àm dhut a bhi beò, agus Lasaru. mar an ceudna droch

nithe," &c. Tha mi 'g radh, tha na briathran so ro uabhasach do na h-anmannan truagh' ud a tha bàsachadh a mach á Criod. Ach tha na briathran so mu dheireadh ni's ro mhò a' nochdadh am bròin. Bha iad-san air an labhairt, a thaobh a' chòr anns an robh am peacach an uair sin: tha iad so cha n-e mhain a' cur leis na briathran roimhe so, ach tha iad fòs ni's fhaide ag an-tromachadh an truaighe, a' cumail a mach sin a bhios ni's ro dho-fhulang! tha 'n rann a ta air thoisearch oire so gu leòir gu peacach sam bith a bhualadh ann an neul, ach tha 'n rann so gu thoirt orra tuiteam sios màrbh. 'S an àite anns am beil e 'radh, "Agus a bharr air so uile," tha fathast rud eigin gu an-tromachadh an truaighe, fathast mòran ni's lionmhoire. Labhraidh mi gu h-aithghearr air na briathran, mar tha buntainn aca ris an uabhas mu 'n do labhradh anns na rainn roimhe so. Mar gu 'n abradh e, tha thu smuainteach' gu'm beil an staid 'sam beil thu 'n dràsta do-fhulang, tha e 'toirt ort a bhi 'g acain agus ag osnaich, tha e 'toirt ort gu'm b'fhearr leat nach d' rugadh riagh thu, a nise tha thu a tuigsinn cho truagh sa tha bhi as eugmhais tròcair: a nise leumadh tu ris a' bhoinne a's lugh a dh'i; a nise tha thu fair-eachdainn ciod an nì di-meas a dheanamh air tairgse gràis Dhé: a nise tha e toirt ort a bhi 'g acain, ag osnaich, agus a' rànaich gu h-anabarrach, air son a' chràidh anns am beil

tha, “Agus a bharr air so uile,” tha nithe eile agamsa gu innseadh dhut umpa, a bhristeas do chridhe da rìreadh. Tha thu nise gun a bhi anns an t-saoghal ; tha thu air call a bhi ’g éisdeachd an t-soisgeil ; bha ’n diabhol ro chruaidh air do shon, agus thug e ort dol am mearachd air neamh : tha thu nis’ ann an ifrinn, am measg cuideachd do-àireamh do dheamhnaibh, agus do pheacannan uile air iathadh mu d’ thimchioll ; tha thu uile thairis air t’ fhillleadh ann na lasraichean, agus cha-n urrainn thu aon bhoinne uisg’ fhaotainn gu socair sam bith a thoirt dhut ; tha thu ’g éibheach ann an diomhanas, oir cha bhi ni sam bith air a dheònachadh dhut ; tha thu a’ faicinn nan naomh ann am nèamh, ni nach eil ’na bheag trioblaid do t’anam damnaite ; tha thu faicinn nach eil aon chuid Dia no Criosd a’ gabhail cùram sam bith gu socair a thoirt dhut, nogu comhfhurst sam bith a labhairt riut : “Ach a bharr air so uile,” ann an sin a ta choltas ort laidhe ; na smuainich gu bràth mu shocair sam bith, na seall gu bràth, air son comhfhurst sam bith ; cha dean aithreachas a nise feum sam bith dhut, tha ’n t-àm seachad, agus cha-n urrainn e bhi gu bràth air a ghairm air ais a ritist : seall ciod a th’ agad a nise, ni is éigin dut a bhi agad gu bràth !

Tha a fior, làbhair mi gu leòir roimhe chum do chridhe bhristeadh ’na bhloidibh ; “Ach a bharr air so uile,” laidh ann an sin, agus snàmh

ann an lasraichean gu bràth ; tha na briathran so, " A bharr air so uile," nam briathran uabhasach da rìreadh. Bheir mi dhuibh am brìgh ann an sàmhla. Abair gun ceanglaidh sibh duine ri crann, agus le turcais dhearg· theth gu 'n spionadh sibh dheth fheoil 'na mìrean beaga rè dhà no trì do bhliadh-nachan iomlan, agus mu dheireadh, 'nuair a dh' eighheadh an duine bochd a mach air son socair agus còmhnaidh, gu 'm freagradh an luchd-pianaidh, cha-n fhaigh, " Ach a bharr air so uile" is éigin dut a bhi air do làimhseachadh mòran ni's measa.

Riaraichidh sinn thu mar so an fhiveachd bliadhna so cuideachd, agus an deigh sin lionadh sinn do chorp reubte làn do luaidhe theth leaghte, no sàthaidh sinn bior dearg teth tromhad ; nach biodh so brònach ? Gidheadh cha-n eil so ach mar sgobadh deargain an comais ri bròn nam muinntir ud a théid do dh' ifrinn ; oir na'm biodh duine air a riarrachadh mar sin, bhiodh crìoch air ann am beagan ùine. Ach esan a théid do dh' ifrinn fuiligidh e piantan deich míl uair ni's miosa na iad so, agus gidheadh cha bhi e gu bràth gu tür marbh fopa. Ann an sin bithidh iad gu bràth a' gearan, a' seargadh, a' gul', a' bròn', gu bràth air am pianadh gun socair no fois, gidheadh gun a bhi gu bràth air an caitheamh gu neo-ni ; na'n deanadh an diabhol a's mòr ann an ifrinn do spionadh uile 'na d' bhloidibh agus do phronnadh cho mìn ri smùraich, agus

do chaitheamh gu neo-ni, mheasadh tu so 'na thròcair. Ach an so feumaidh tu laidhe agus a bhi air do ròstadh, agus losgadh gu brath ; —gu bràth—'s fada an ùine sin, ach gidheadh is éigin d'i bhi cho fad'. "Imichibh uam, (arsa Criod,) a dh'ionnsaidh an teine shìorruidh, (a dh'ionnsaidh an teine a bhios a' losgadh gu bràth) a dh'ullaicheadh do'n diabhol agus d'a ainglean," (Mata. xxv. 41.) O ! thusa leis bu diùlich do chas a shalachadh ged bha i theagamh salach cheana, no thus' a bha neo-thoileach taobh an tein' fhàgail ma bha e ri beagan gaoithe no uisge ; agus a bha neo-thoileach dol leth mhìle, 'seadh, an seathamh earrann deug do mhìle gu facial Dhé éisdeachd, ma bha e rudeigin drocha ; thus' bha neo-thoileach beagan do chompanaich dhiomhain f'hàgail gu foghlum t'anma ; bitidh teine gu leòir agad, bitidh oidhche gu leòir agad, agus droch cuideachd gu leòir, bitidh do shàth ma théid thu mearachd air Criod, agus "a bharr air sin uile," bitidh iad agad gu bràth, agus gu bràth.

O thus' a ta caitheamh òicheachan iomlan ann an cluich air cairtean agus dìsean, ann an neo-stuamachd agus ana-miann ; thus' a tha g'a mhios na nì gasta a bhi mionnan cho teann ris an fhear a's treuna, a' caitheamh comhla ris an raoighean a's mò th' anns an dùthaich ; thus' n ta gràdhachadh peacachadh ann an cùil 'nuair nach eil neach sam bithega t'fhaicinn ! O thus' a tha ri aideachadh

cealgair air son do chriochan araid féin, a thaobh gu 'm b' àill leat a bhi air do mheas ann ad neach-eigin 'am measg cloinn Dé, ach a tha 'na do nàmhaid do nithibh Chriosd 'na do chridhe: thusa tha ga d' riarachadh féin, an dara euid le peacannan, no aideachadh lòm na diadhachd, tuitidh t'anam ann an anabarr péin agus àmghair a cheart cho luath 's a théid thu ás an t-saoghal so, agus ann an sin bithidh tu a' gùl agus a' giòsgan t'fhiacan, (Mat. viii. 11, 12.) "Agus a bharr air so uile," tha e coltach nach bi socair no ioc-shlaint sam bith agad gu bràth, na seall gu bràth air son saorsainn sam bith, bàsaichidh tu ann ad pheacannan, agus bithidh tu air do phianadh cho liugha bliadhna 'sa tha do rionnagan anns an iormailt, no do ghrainean gainmhich air tràigh na mara; agus a bharr air so uile, is éigin dut fuaireach fodha sin gu bràth.

"Agus a bharr air so uile tha doimhne mhòr air a chur eadar sinne agus sibhse, air chòr agus iadsan le'm b' àill dol á so do 'ur n-ionnsaidh-sa, nach eil e 'n comas daibh; agus nach mò tha e'n comas do dh'aon neach teach a's a sin d'ar n-ionnsaidh-ne." "Tha daoimhne mhòr air a cur eadar sinne agus sibhse." Their thu; ciod e sin? *Freagairt*, Is mion a cheist i, air an aobhar sin, air tùs iarr dol a steach air a' gheata chumhainn, a roghainn air fheòraich gu mionaideach ciod i an doimhne so.

Ach 's an dara h-àite, Na'm b' àill leat fios

fhaighinn ma thig tu gearr air nèambh, gheibh thugurh-e so e. eadhon, òrdugh sìorruidh Dhé; 'se sin, tha òrdugh air dol a mach o Dhia, a' mhuinnitir ud a thig gearr air nèamh anns an t-saoghal so, tha Dia air rùnachadh nach meal iad i gu bràth anns an t-saoghal a ta ri teachd. Agus gheibh thus an doinbhne so cho domhain 's nach bi thu gu bràth comasach dol troipe cho fad 'sa mhaireas sìorruidheatichd. Mar thuirt Criod. "Bi réidh ri t-eas-chairid gu luath, am feadh a ta thu maille ris air an t-slighe air eagal gu 'n tarruinn e. thu chum a' bhreitheimh, agus gu 'n toir am breitheamh thairis thu do 'n mhaor, agus gun tilg na maoir am prìosan thu, tha mi 'g radh riut nach téid thu mach ás a' sin (se sin an doimhne) gus an ioc thu an fheòirlinn dheireannach, no an dearbh pheighinn dheireannach." Na briathran so uime sin, "Tha daoimhne mhòr air a cur" tha mis a' saoilsinn gur e sin òrdugh sìorruidh Dhé; dh' òrduich Dia nach téid iad-san a théid do néimh gu bràth ás sin a rithist do dh'ait' s miosa: agus mar an ceudna an dream a théid do dh' ifrinn, agus leis am b' àill tighinn a mach, cha tig iad a mach aiste a rithist. Agus a chairid, is doimhne i so, a tha cho suidhichte leis-san nach urrainn breug a dheanamh no a radh 's gu 'm faigh thu i mar sin cia b'e sam bith rathad a théid thu, cò dhiù 's ann do néimh no do dh' ifrinn. An so, uime sin, tha thu a' faicinn cia tearuinte a ni Dia iad-san

a bhàsaicheas anns a' chreidimh ; cumaidh Dia iad ann an nèamh : ach iadsan a bhàsaicheas 'nan euid peacannan, tilgidh Dia iad do dh' ifrinn, agus cumaidh e iad ann an sin : air chòr 's iadsan leis an àill dol o neamh gu ifrinn nach urrainn iad, cha mhò a's urrainn iadsan tighinn o ifrinn leis an àill dol do nèamh. Thoire an aire, cha-n eil e 'g radh, cha b' àill leo ; oir O ! cia cho toileach sa b' àill léis a' mhuinntir ud a chaill an anamann-an air son ana-miann, air son dà sgillinn, air son cuach leanna, air son strìopaich, air son an t-saoghail so, tighinn a mach ás an amh-uinn theth theinntich dioghaltais shìorruidh Dhé, na'm faodadh iad ; ach an so tha 'n truaighe, iadsan leis an àill tighinn uaibhse d' ar n-ionnsaidh-ne, 'se sin, o ifrinn gu nèamh, cha-n urrainn iad,—cha-n fhaod iad,—cha tig iad ;—cha 'n urrainn iad,—dh' òrduich Dia e, agus tha e air cur roimhe nach téid an t-òrdugh atharrachadh ; ann an so uime sin tha'n truaige 'na laidhe, cha n-e gu 'm beil iad ann an ifrinn, ach ann an sin gur éigin dut laidhe gu bràth agus gu sìorruidh. Uime sin na 'n deanadh do chridhe aig àm sam bith do bhuaireadh gu peacachadh an aghaidh Dhé, éigh a mach cha pheacaich, oir ma pheacaicheas an sin as éigin dhomh dol do dh'ifrinn, agus laidhe ann an sin gu bràth. Na'n deanadh na misgearan, na mionntairean, na breugairean agus cealgairean, an teagasg so

a' ghabhail sios, bheireadh e orra criothnachadh 'nuair a smuainicheadh iad air peacachadh. Ach anmannan truagha, "An dràsta ni iad fanaid air peacadh," (Gnà. xiv. 9,) agus cluich leis mar ni leanabh cluich le glagaran, ach tha 'n t-àm a' tighinn, anns an dean na glagarain so leis am beil iad an dràsa a' cluich, a leithid do dh' fhuam'nan cluasan 's 'nan cogaisean, ionnus 's, ged bhiodh na h-uile diabhol an ifrinn a' sgreadail 'sa sgriachail aig an sàiltean, nach deanaidh iad fuaim cho mòr ris. (Aireamh. xxxii. 23.) A chairid, Ni do pheacannan, mar cho liugha do choin-luirg, an toiseach do lòrgachadh a mach, agus an sin glacaidh iad thu, agus ceanglaidh agus cumaidh iad sios gu bràth thu, (Gnà. v. 22,) teumaidh agus cagnaidh iad thu mar gu 'm biodh nead nathraighean-nimhe agad 'na t'innidh, (Eoin xx. 14,) agus cha bhi so rè ùine, ach, mar a thuirt mi roimhe—gu bràth!—gu bràth!—gu bràth!

"*An sin thubhairt e, Uime sin tha mi a' guidhe ort', athair, gu'n cuireadh tu e gu tigh m' athar.*"
—Rann. 27.

DH' innis mi dhuibh gu'n robh na rainn roi' so air an labhairt ann an cuid chum a nochdadh cho déidheil sa tha 'n sluagh damnait' air a bhi air an saoradh o 'n truaighe gun chrìch. A

nise tna 'n rann so fathast a nochdadh glaodhaich dhian nan anmannan bochd' ud, bu ro mhath leo ni-eigin a bhi air a dheònachadh dhaibh, ach cha bhi ni sam bith ; mar a chìtir ni's soilleir' an deigh so.

“ An sin thubbairt e, uime sin tha mi 'g guidhe ort athair,” &c. Mar gu 'n abradh e, air faicinn domh gu 'n tug mi mi-féin a chum a leithid do chòr truagh, 's nach toir Dia feart orm, 's nach bi m' éigheach labhar agus shearbh air a h-éisdeachd : air faicinn domh nach faod urrad ri aon bhoine do dh'uisge fuar a bhi air a dheònachadh dhomh, no f hurtachd a's lugha bho na naoimh a's bochdte.

Agus a' faicinn, a bharr air so uile, ann an so gur éigin da m' anam laidhe gu sìorruidh a' ròsthadh agus a' losgadh a' faicinn gu feum mi, cò-dhiù a's àill no nach àill leam làmh dioghaltais shìorruidh f' hulang, agus achmhas-anan teine sgriosach, millteach ; a' faicinn gu 'm beil mo staid *cho o&c,* 's nach iarrainn cù a bhi mar tha mi “ Cuir e gu tigh 'm athar.” Tha e fiùghail air aire (a rithist) cò a dh' iarr e bhi air a chur, *gu taigh athar*, eadhon, Lasarus, O chairid, faic an so cionnas a bhios goilleachan agus eridheachan laidir chreutairean bochd' air an irioslachadh, (mar a thuirt mi roimhe) bithidh iad air an toirt a nuas cho mòr, 's gu 'm biodh iad subhach air son na nithe ud air an d'rinn iad tàir agus di-mheas anns an t-saoghal so,

a bhi aca anns a' bheath a ta ri teachd ; an tì a bha leis an duine so air a chur cho suarach, as gu 'n do smuainich se e 'na as-urram gu 'n itheadh e comhla ri coin a threuda ; ciod, am bi agam sa meas air Lasarus, Lasarus tàireil, truagh ? Ciod, an cuir mis' a leithid sin a dh'as-urram air mo thaigh maiseach, greadhnach, le leithid-sa do chroman sgreabach ? Cha chuir mi, is tàire leam gu 'm faigheadh e aoidheachd fo dhruim mo thaighe. Mar so bha e ann an àm a bheatha, am feadh a bha e 'na mhòr-chuis ; ach a nise tha e air tighinn do shaoghal eile, a nise tha e air a dhealachadh o shòlasan, a nise tha e faicinn a thaigh breagha, a mhiasan àilleasach, a choimhearsnaich agus a chompanaich bheartach, agus e-féin air an dealachadh o chéile : a nise tha e faighinn an àite sòlais, pian ; an àite aoibhneis, dubhachas ; an àite néimh, ifrinn, an, àite tolinntinn a' pheacaidh, uabhas agus cionta peacaidh : " O a nise cuir Lasarus ! "

Theagamh, gu 'm faodadh Lasarus a bhiair deanamh math air chor-eigin dha, nam biodh e air aoidheachd a thoirt dha anns an àm a chaidh seachad, agus dh' fhaodadh gu 'n cuireadh e iompaidh air, air a' chuid a's lagha gun dol air adhaidh cho cràiteach olc, ach chuireadh esan suarach e, cha bhiodh meas aig air, chuir e roimhe cùl a chur ris, ged chailleadh e 'anam air son sin a dheanamh. Seadh, ach a nise cuir Lasarus, mur h-ann thugamsa, gu tigh

m' athar, agus innseadh e dbaibh uam-sa, Mas e 's gu 'n a ruith iad air an adhaidh ann am peacadh, mar a rinn mise, gur éigin daibh fhaighinn, agus gheibh iad, an duais cheudna 'fhuair mise.

Thugaibh so fainear, sibhse a ta 'n-'ur luchdtàrchuis air an aon a's lagha do Lasarusan ar Tighearn' Iosa Criosd ; faodaidh e bhith an dràsda gu 'm beil sibh neo-thoileach gu gabhail ris a' mhuinnitir bhig so aige-san, air son nach eil iad 'nan daoine-uailse, air son nach urrainn iad maille ri Pontius Pilate, Eabhra, Gréigis, agus Laideann a labhairt ; Cha n-e sin a mhàin, ach cha-n fhaod iad, cha-n fhaigh iad a chead labhairt riu, gu'n comhairleachadh, agus sin gu léir air son so.

Ged a nis' a dh' f haodas soisgeul an Tigh-earn' Iosa Criosd a bhi air a shearmonachadh dhaibh gu saor, agus a nasgaidh ; cha n-e sin a mhain, ach tha nis' air iarraighe orra éisd-eachd agus gabhail ris. Ged a nise nach aidich iad, nach cuir iad meas air, agus nach gabh iad ri taigsean criosdaidh do dh' fhìrinnean glòrmhor Iosa, air son gu 'n tàinig iad a mach a cuid do na soithichean talmhuinn a 's tàireile, (1 Cor. i. 26,) gidheadh, tha 'n t-àm a' tighinn, 'nuair a ni iad araon osnaich agus éigheach, "Cuir e gu tigh m' athar." Tha mi 'g radh, cuimhnichibh so, sibhse a ta deanamh tàir air latha nan nithe beaga. tha 'n t-àm a' tighinn, 'nuair a bhiodh sibh toilichte, nam faodadh sibh

aon bhoine do dh' uisge fuar fhaotainn bho Dia, bho Chríosd, no bho naomh, ged a ta sibh an dràsta neo-thoileach gabhail ri boinnean glòrmhor druigteach soisgeil ar Tighearn 'Iosa.

A rithist, faicibh an so an staid bhrònach anns am beil iadsan, a tha dol do dh' ifrinn o'n athraichean, o'm màthraichean, o'm peathraichean, agus o'm bràithrean, &c. Am feadh a ta muinntir anns an t-saoghal tha iad a' gabhail tlachd ann a bhi cur droch eiseamplairean fa chomhair an euid cloinne; agus mar an ceudna tha clann a' gràdhachadh a bhi leanmhainn droch cheumannan am pàrantan ain-diadhaidh; ach 'nuair a théid iad ás a' bheath so agus a thuiteas iad sìos do dh' ifrinn, agus a gheibh siad iad-féin ann an truaighe as nach urrainn iad tighinn, an sin éighidh iad, Cuir neach eigin gu taigh m' athar, gu taigh mo bhràthar. Innis dhaibh gu'm beil mostaid-sa truagh, innis dhaibh gu'm beil mise millte, cailte gu bràth; agus innis dhaibh fòs, ma bhios iadsan ag imeachd anns na ceuman ain-diadhaidh so anns an dh'fhàg mise iad, gu'n tuit iad gu cinnteach do dh' ionad na dòrainn so.

"Tha mi' guidh' ort gu'n cuir thu e gu tigh m' athar." Ah a chàirdean agus a choimhearsnaichean tha e coltach gur beag a tha sibhse a' smuaineachadh air a so, gu'm beil euid do bhur càirdean agus dhìlsean ag éigheach, ann an ifrinn. A Thighearn', cuir neach-eigin gu taigh m' athar, a shearmonaicheas an soisgeil

dhaibh, air eagal gu 'n tig iad-san mar an ceudna chum nam piantan so.

An so, am feadh a tha daoine beò 's urrainn iad imeachd cuideachd gu deònach ann an slighe a' pheacaidh, agus an uair a ta iad air dealachadh le bàs, iadsan a ta beò, is ainmig, ma tha iad idir, a' smuaineachadh air a' chòr bhrònach chum am beil iadsan a bhàsaich air dol sìos. Ach sibhse athraichean ain-diadhaidh, cia mar a ta bh 'ur clainn ain-diadhaidh a' rànaich 's a sgreadail ann an ifrinn? Agus a chlainn ain-diadhaidh, cionnas a tha bhur párrantan ain-diadhaidh a bha beò agus a bhàsaich ain-diadhaidh, a nis' ann am piantaibh na h-ifrinn mar an ceudna? Agus tha aon mhisgear a' gabhail òrain air suidheachan an taigh-leanna, agus fear eile a' rànaich 's a sgreadail fo chorraich Dhé, ag radh, O nach ann a bha mise maille ris, cia mar a bheirinn achmhassan dha, agus a chomhairlichinn e air na h-uile còr, na droch shligheachan so toirt thairis. O ma rinn iad uiread r'a thoirt-fainear ciod a tha mise nis' a' fulang air son pròis', sannt', misg', breugan, mionnan, gadachd, strìopachas, agus an leithid sin. O! nan robh iad air mothachadh am mìle earrann dheth, bheireadh e orra sealltainn mu 'n cuairt dhaibh, agus gun am peacadh a cheannach aig luach cho daor 's a rinn mise, eadhon le m' anam prìseil a cħall.

"Cuir e gu tigh m' athair." Cha-n ann

gu'm 'athair, ach gu taigh m' athar. Theagàmh gu 'm beil clann ain-diadhaidh ann an sin, gu 'm beill seirbheisich ain-diadhaidh ann an sin ag aoineagraich 'nan cuid ain-diadhachd, cuir uime sin "gu tigh m' athar." Tha e coltach, gu 'm beil iad fathast mar a dh' fhàg mi iad : dh'fhàg mi iad aingidh, agus tha iad aingidh fathast ; dh' fhag mi iad nan luchd-dimeas air an t-soisgeil, nan luchd-tarcuis air na naoimh, agus air slighe Dhé, agus tha iad 'g a dheanamh fathast ! "Cuir e gu tigh m' athar," tha e coltach, nach eil achi beag eadar iad agus an t-àite 's am beil mise ; cuire an diugh, mu 'n tig am màireach, air eagal gu 'n tig iad do 'n "ionad ro-phiantach so." Tha mi 'g achanaich ort gun cuireadh tu ann e. Tha mi 'g a iarraidh air mo ghlùinean lùbte, le gul agus dedòr ann an spairn m' anma. Faodaidh e bhith, nach toir iad fainear, mur cuir thu ann e : Dh' fhàg mi iad neo-thuigseach gu ledòr, cruidhichte cho math rium féin, tha aca an 'iabhal ceudna gu 'm buaireadh ; na h-anmannan agus an saoghal ceudna gu buaidh thoirt orra. "Uime sin tha mi guidhe ort gun cuireadh tu e gu tigh m' athar ;" na dean maille, air eagal gu 'n caill iad an anmannan, air eagal gu 'n tig iad an so ; ma 's e 's gu 'n tig, is coltach nach pill iad gu bràth a rithist. Och ! is beag a tha iad-sa a' smuaineachadh, cia cho furasd sa dh'fhaodas iad an anmannan a chall, tha iad ullamh gu smuaineachadh an staid a bhi

cho math ris an staid a's fearr, mar a rinn mise aon uair tre aineolas; ach cuir ann e, cuir ann e gun dàil, "air eagal gun tig iad do'n ionad ro-phiantach so." O ! nach ann a bheireadh tu ùghdasas da, chuir féin ann e; bha àm anns an do chuir mise, cuideachd maille riu-san, suarach a' mhuinntir ud a bh' air an cur le Dia, ged nach b' urrainn duinn àicheadh nach do labhair iad facal Dé; agus gu 'n robh iad air an cur leis-san mar a dh' innis ar cogaisean duinn; gidheadh ròghnaich sinn gairmean dhaoine roi' ghàirmean Dé; oir ged bha'n t-aon aca, gidheadh a chionn nach robh an t-aon eil' aca anns an dòigh ana-criosdail sin a smuainich sinne iomchuidh, cha b' urrainn duinn, cha b' àill leinn, aon chuid an éisdeachd, sinn-fein 's cha mho a bheireadh sinn aonta gu 'n éisdeadh muinntir eile iad. Ach a nise gairm o Dhia is fiùgh i an t-iomlan, "Dean" thus' "uime sin a chur gu tigh m' athar."

Bha 'n t-àm ann, 'nuair nach bu toigh leinne e, mur biodh e air a shearmonachadh anns an t-sionagog, mheas sinn e 'na ni suarach a bhi searmonachadh agus ag ùrnaigh cuideachd ann an taighean; bha sinne ro uaimhreach, ro shaobh-chràbhach; cha rachadh an soisgeil sios dhuinn, mur biodh e againn 'na leithid do dh' àite, le leithid do dhuine; cha rachadh, no idir an uair-sin féin gu h-éifeachdach; ach a nise, O nach ann a bhithinn-sa beò anns an t-saoghal a rithist ! agus an t-soch-

air sin a bhi agam ; eòlas beag a bhi agam air Lasarus beannaichte, beagan mion-eòlais air an duine naomha sin ; ciod an aire a bheirinn-sa d'a bhriathran fallainn ? cia mar a' ghràdhaich a theagasg, agus a theannainn a steach ris ? Cà mar riaghlainn mo bheatha leis ? A nis' (uime sin) mar a ta e ni's fearr éisdeachd ris an t-soisgeul fo sgàile na dìge, na suidhe a' beucail ann an taigh-òsd? tha e n'is fearr gabhail ri Lazarusan bochda Dhé, na ri companaich aindiadhaidh an t-saoghail so. Tha e ni's fearr gabhail ri naomh ann an ainm naomh, deisciobul fo ainm deisciobuil, (Luc. x. 16,) na deanamh mar a rinn mise. Och ! tha e ni's fearr gabhail ri leanabh le Dia, a's urrainn le faireachadh, le féin-fhriosrachadh, nithe Dhé a liubhairt, a shaor-ghràdh, a caomh-ghràs, fhadhulangas saibhir, agus mar an ceudna truaighe an duine, ma bhios e as eugmhais sin, na bhi air a chòmhdach thairis le criadh gun oibreachadh, (Esec. xiii.) Och ! faodaidh mi an latha a mhallachadh 's an do ghabh mi ri miodal agus ri brosgal dhaoine feòlmhor, ach tha m' aithreachas an so ro ana-moch ; bu chòir domh a bhi air sealltainn mu 'n cuairt domh ni bu luaithe, na 'm b' àill leam a bhi air mo thearnadh o 'n ionaid thruagh so. "Uime sin cuir e," cha-n ann a mhàin a chum a' bhaile anns an robh mi beò agus a dh'ionnsaidh cuid do mo luchd-eòlais 'ach gu tigh m' athar."

Ann an àm mo bheatha, cha bu toigh leam
 éisdeachd ris an fhacal sin bu mho a bheum
 mi, agus a dh'fheuch dhomh mo staid gu ceart.

Bha mi air mo chràdh, air mo chiùrradh, an
 'am éisdeachd a bhi luaidh mo pheacannan agus
 d'an cuir ri mo chunntais; ghràdhaich mi ni
 b' fhearr an tì sin bu mhò a mheall mi, agus a
 thuirt, "Sìth, sìth, 'nuair nach robh sìth ann."
 (Ier. vi. 14.) Ach a nis', o nach ann a bha e
 air innseadh dhomh uime! gu eridheil,
 gu treun, gu firinneach, gu fallain. O ! nach
 ann a bha e air drùghadh tre mo chluasan agus
 tre mo chridhe, agus air, sathadh cho teann,
 's nach b' urrainn ni sam bith mo leigheas,
 ach fuil Chriosd a mhàin; tha e ni's fearr
 cùis innseadh gu réidh soilleir dhuinn, na
 gu 'm biodh sinn air ar mealladh, b'fhearr
 dhaibh an còr caillte fhaicinn anns an t-saoghal,
 na fuireach gus am bi iad damnaite, mar a
 rinn mise; sin, "cuir Lasarus," cuir e gu
 tigh m' athair. Leig dha dol agus a ràdh,
 chunnaic mise do mhac, do bràthair, ann an
 ifrinn, a' gul, agus a' caoidh, agus an snagadaich
 fhiacal: labhradh e riù le ùghdarris uime,
 agus innseadh e dhaibh gu soilleir gu 'm
 beil e mar sin, agus gu 'm faic iadsan an
 truaighe shiorruidh, mur bi càram àraidh
 orra. "Cuir e gu tigh m' athar."

“Oir a ta cùignear bhràithrean agam ; chum gu’n toir e fianais dhaibh, air eagal gun tig iadsan mar an ceudna do’n ionad ro phiantach so.”—Rann. 28.

THA na briathran so (ma dh’fhaodas mi sin a radh) ’nan ceann-fàth air a thoirt leo-san a ta ann ’an ifrinn, air son iad a bhi gun fhois, agus a’ glaodhach cho labhar, ’s ann a chum gu ’m bi an companaich air an cumail o na piantaibh do-fhulang ud, a dh’fheumas iad fhulang agus a dh’ fhuiligeas iad, ma thig iad gearr air beatha-mhaireannach tre Iosa Criod. Cuir e gu tigh m’ athar, oir tha cùignear bhràithrean, agam, &c. Ged nach robh iad cho tuigseach an uair a bha iad bedò mam measg anns an t-saoghal mu ’n léir-sgrios, gidheadh a nise ’nuair a tha iad air triall a mach as an t-saoghal, agus a’ co-pairteachadh do ’n ni sin mu’n robh rabhaidh air a thoirt dhaibh roimhe, ’s urrainn iad, tha mi ’g radh, an sin éigheach a mach, a nis tha mi a’ mothachadh sin a bhi fior da rìreadh, a bha ’n dràsta ’sa rithist air innseadh dhomh, agus air a chur an céill domh, gu ’n tigeadh e gu cinnteach gu crìch.

“Oir tha cùignear bhraithrean agam.” Ann an so faodaidh sibh fhaicinn gu ’m faod e bhith, agus gu’ m beil teaghlaichean iomlan ann an staid agus ann an còr damnaidh, mar a ta ar Tigh-earn Iosa a’ ciallachadh leis a so. “Cuir e gu

tigh m'athar," oir tha iad uile ann an aon staid, dh'fhag mise mo bhràithrean uile ann an còr truagh. Fhad sa tha muinntir beò ann an so, cha 'n urrainn iad giùlan le bhi cluinntinn gu 'm biodh iad uile ann an còr truagh: ach 'nuair a tha iad fo chorraich Dhé, tha iad 'ga fhaicinn, tha fios ac' air agus tha iad gle chinnteach as; oir bha iadsan iad-féin, 'nuair a bha iad 's an t-saoghal, beò mar a ta iad-san, ach thàinig iad gearr air nèamh agus uime sin ma théid iad air an adhart, mar sud bithidh iad. O! uime sin cuir e gu luath gu taigh m' athair, oir tha 'n teaghlaach uile ann an còr milte, agus 's feudar gu 'm bi iad air an damnadh, ma bhuanacheas iad mar sin.

'Se nith'air a thoirt fainear an so, eadhon, nach eil iad-san a ta ann an ifrinn, ag iarraidh gu 'n tigeadh an còmpanaich do 'n ionad sin; cha-n eil, ach a roghainn air sin, ars' esean, "Cuir e gu taigh m'athar chum gu'n toir e fianais dhaibh, air eagal gu'n tig iadsan mar an ceudna."

Ceist. Ach faodaidh cuid a radh, Ciod an t-aobhar mu'n iarradh a' mhuinntir dhamnaite gun an còmpanaich a thighinn do 'n chòr cheudna chum am beil iad-féin air tuiteam, ach gur ann a tha iad ag iaraidh gu 'm biodh iad air an cumail uaithe, agus an staid eagalach sin a sheachnad.

Freagairt. Tha mi creidsinn gur gann a tha uidhir do ghaol ann an neach sam bith do 'n mhuinntir dhamnaite ann an ifrinn, as

iarraidh da rìreadh gu'm biodh neach sam bith air a thearnadh. Ach le iarrtas sam bith a bhi annta-san a ta air an damnadh, nach tigeadh an càirdean agus an dilsean do 'n àite phianaidh sin ; tha e a' taisbeanadh dhomhsa, gur h-ann air son an socair féin, 's nach ann air son math an coimhearsnaichean ; oir innseam dhuibh, so tha mi creidsinn, gu 'n an-tromaich e an cràdh agus an uabhas, an còmpanaich ain-diadhaidh fhaicinn anns an léir-sgrios cheudna anns am beil iad féin : oir far am beil na h-ain-diadhaidh beò agus a' bàsachadh, agus a' dol sios do 'n t-sloc cuideachd, 's ann a tha 'n t-aon 'na chràdh do 'n aon eile, 's cha ni sam bith ach sin. Agus feumaidh e bhith mar sin, a thaobh nach eil muinntir ain-diadhaidh sam bith a ta beò ain-diadhaidh cuideachd, nach eil iad ag ionnsachadh droch eiseamplairean o chàch a chéile, mar so ; ma tha aon beò anns a' bhaile a ta ro eòlach innleachadh a thaobh an t-saoghal, a nise saoithrichidh càch a ta do 'n aon inntinn ris, chum deanamh d' a réir agus a cheuman a lean-tainn ; tha so do ghnà r'a fhaicinn.

A rithist, ma bhios aon air a thoirt do mhisg, ruithidh cuid eile do 'n bhaile, tre eiseamplair-san, ni's mò do 'n pheacadh sin maille ris, agus cleachdaidh iad iad-féin ni's mò ann, air son esan a bhi 'gan tàladh agus 'gam brosnachadh ; agus mar an ceudna le cur a leithid do dhroch eiseamplair fa 'n comhair. Agus mar sin ma bhios muinntir sam bith air

an toirt suas do phròis, agus gu 'n feum iad a bhi anns na h uile fasan a's ùire, cia mar a tha 'n eiseamplair-san a' brosnachadh muinntir eile gu gràdhachadh agus leanmhainn an diomhanais cheudna ? a' caitheamh sin air an cuid ana-miannan, bu chòir freasdal air an uireasbhuidhean féin agus uireasbhuidhean muinntir eile. Mar an ceudna, ma bhios muinntir sam bith air an toirt do bhaoth-shùgradh, do dh'fhanaid, do bhreugan, do strìopachas, do chùl-chàineadh, do cuirmean uaigneach do dh'ana-measarachd, no do pheacadh sam bith eile ; tha iadsan a tha ni 's edlaiche anns na nithibh so gu tric a ribeadh muinntir eile, dh' fhaodadh nach biodh cho tûr ghràineil sa ta iad a nise mur b'e gu 'n robh a leithid do dh' eiseamplair aca, agus uaithe so tha iad air an gairm "luchd truaillidh," Isa i. 4.

A nise ni iad so le'n deanadas, pian na muinntir eile an-tromachadh gu h-anabarrach. Esan a shuidhich droch eiseamplair, da choimhearsnach agus le sin a thug air imeachd ann am peacadh, bithidh e air fhaotainn 'na aon aobhar gu sgrios a chairid, ionnas ga 'm bi aige ri freagairt air son earrannm hor do pheacadh a chòmpanaich cuideachd, ni a mheudaicheas fathast a léir-sgrios ! mar a ta 'n sgriobtuir ann an Eseciel a' nochdadh anns an àit anns am beil e labhairt mu dhéibhinn an fhìnaire bu chòir rabhadh a thoirt do 'n

t-sluagh ; mur dean se e, ged a bhàsaicheadh an duine 'na pheacannan, "gidheadh iarrar t' huil air làimh an fhir-fhaire," Esec. xxxiii. 6.

Mar sin an so innseam dhut, ma's e's gu'm bi thu 'nad' leithid do neach, 's a bhios le do chòmhradh agus do cleachdannan ann ad ribe agus ann ad cheap-tuislidh gu thoirt air do choimhearsnach tuiteam ann an léir-sgrios sìorruidh ged bhios esan air a dhamnadair son a pheacaидh féin ; gidheadh faodaidh Dia, cha n-e sin a mhàin, ach euiridh se e ri do chunntas-s' thu bhi ciontach á fhuilsan, ionnas nach fònadh leat do thruaigh, thu-féin a chumail o nèamh, ach gu 'n d' rinn thu mar an ceudna le do chaithe-beatha salach muinntir eile a chumail air falbh, agus a thoirt orra tuiteam maille riut. O uime sin, nach an-tromaich so do phiantan? 'Seadh, na'm bàsaicheadh tu agus dol do dh' ifrin roi' do choimhearsnach no do chòmpanaich, a thuilleadh air cionta do pheacannan féin bhiodh tu cho luchdaichte le eagal damnaidh mhuinntir eile a bhi air a chur ri do chunntas, 's gu 'n glaodhach tu mach ; O cuir aon o na mairbh chum a' chòmpanaich so, agus a' chòmpanach sud, maille ris an robh cuideachd agam-sa ann an àm mo bheatha, oir tha mi faicinn gu 'm bi mo ghiùlan mallaicht-sa 'na aon aobhar dìtidh dha, ma thig e gearr air glòir. —Dh' fhàg mise beò e ann an oilbheuman

salach agus ro aingidh ; ach bu mhise a h-aon do na ceud mheadhonnan chum a thoirt g'an ionnsaidh. O ! bitidh mi ciontach araon ann am dhamnadhbh féin, agus a dhamnadhbh-sa cuideachd. O ! nach ann a bhiodh e air a chumail a mach as a so, air eagal gu 'm bi mo phianta-san air an-tromachadh le esan a thighinn do 'n àite so !

Oir far am beil muinntir ain-diadhaidh a' gabhail còmhnaidh cuideachd, air dhaibh a bhi 'nan ribe agus nan ceap-tuislidh aon do dh'aon eile le 'n cleachdad, is éigin daibh a bhi 'mam piantaibh do càch a chéile, agus nan antromachadh air damnadhbh a chéile, O mallaichte gu'n robh do ghnùis, (deir aon) gu 'n do shocraich mi riamh mo shùilean ort : is tusa bu choireach : faodaidh mi buidheachas air son so a thoirt dhutsa : bu tusa rinn mo thàladh, agus a rinn mo ribeadh : b'e do chaithe-beatha salacha, bha 'na cheap-tuislidh dhomh : b'e do shannt do phròis do thaghaich san taigh-òsda, do chluich agus do neo-ghlaine-sa : bu choireach gu 'n tainig mise gearr air beatha ; nam biodh thusa air suidheachadh eiseamplair mhath dhomh mar a shuidhich thu droch aon, dh' fhaodadh e bhith gu 'm bithinn air deanamh n'a b' fhearr na a rinn mi : ach dh'ionnsaich mise uatṣa, lean mise do cheumansa, ghabh mise comhairle uat-sa. O ! nach ann a bha mi gun t'aodann fhaicinn riamh. O ! nach ann e bha thu gun a bhi riamh air do bhreith mu'n

d' rinn thu 'n dochann so air m'anam a rinn thu ! O, (ars an t-aon eile,) Agus faodaidh mise thus' a choireachadh a cheart cho mòr, oir nach eil thu cuimhneachadh, cionnas aig a leithid do dh' àm, agus air a leithid a dh' àm, a tharruinn thu mach mi, agus a tharruinn thu air falbh mi, agus a dh' fhoighnich thu rium an rachainn càla riut, 'nuair a bha mi dol mu 'n cuairt do ghnothach eile, mu 'n cuairt do'm ghairm : ach dh'iarr thusa air falbh mi. Chuir thu air mo shon, tha thus' a cheart cho mòr 'sa choire 's a tha mise, ged bha mise sanntach, bha thusa pròiseil; agus ma dh' ionnsaich thusa sannt uamsa, dh'ionnsaich mise pròis agus misg' uat-sa ; ged dh' ionnsaich mise dhut-sa a bhi mealladh, sa caradh, dh ionnsaich thusa dhomh-sa striopachas, breugan agus a' bhi a' fanaid air mathas. Ged riun mis', am thruaghan gràineil, thus' a thuisleadh ann an cuid do rudan, gidheadh, rinn thusa a cheart cho mòr mise a thuisleadh ann an rudan eile. 'S urrainn dhomhsa thus' a choireachadh mar a ta thusa 'g a m choireachadh-sa ; agus ma tha agam-sa gu freagairt air son cui'd do d' ghniomharran salach-sa, tha agadsa gu freagairt air son earrann do 'm chuid-sa. B' fhearr leam nach robh thu air tighinn an so, tha do dhearbh shealladh a' leòin m' anma le toirt mo pheacannan as ùr do m' chuimhne, an t-àm an uair, an dòigh, cionnus, an t-àite, a' mhuinntir maille ris an do chuir mi 'n gniomh iad : B' ann còmhlaibh

riut-sa ! riut-sa ! 's cràdh do 'm anam o nach b' urrainn mi do chuideachd a sheachnad an sin, O ! nach ann a bhithinn as eagmhais do chuideachd an so !

Tha mi 'g radh uime sin, air an son-sa a' pheacaich cuideachd gun dean an dol cuideachd do dh' ifrinn an cuir fo mhòr chàmpar agus am pianadh le chéile : air an aobhar sin tha mi meas gur e so aon aobhar air son am beil iadsan a th' ann an ifrinn ag iarraidh nach tigeadh an càirdean, no 'n còmpanaich an sin chuman àite phianaidh cheudna annsam beiliad-féin. Agus air an aobhar sin, an t-àit anns am beil Criosd ag radh, gu 'm beil na h-anmannan damnaite so ag éigheach a mach, Cuir gu mo chòmpanaich, a chum 's gu 'm faigh iad rabhadh agus àinte gu sealltainn riu-féin. "O cuir a chum mo chùignear bhràithrean !" 'S ann air son nach b' àill leo am piantan féin a bhi air an meudachadh le 'n cuideachd ; agus faireachdainn, 'seadh, faireachdainn chonnabhalach gun sgur do 'm peacannan, a thug iad orra chur an gniomh, 'nuair an bha iad anns an t-saoghal maille riù. Oir tha mi creidsinn gu 'm bi dearbh amharc na h-aiteam ud a bha air am mealladh le 'n companaich, tha mi 'g radh, gu 'm bi an dearbh amharc 'na phian dhaibh ; oir leis sin bithidh cuimhne ac' air am peacannan a chiontaich iad còmhla riù, air a chumail (mas a comasach e) ni 's ùire air an cogaisean ; agus mar an ceudna bithidh aca gu h-iongantach eonta peacannan mhuinntir eile orra, anns

an robh iad ann an euid 'nan aobhar da 'n cur an gniomh leo ; air dhaibh a bhi 'nan meadhonnan ann an làmhan an diabhoil, gu 'n tarruinn, a steach cuideachd. Agus uime sin, air eagal gu 'n tig so gu crìch, guidhean ort cuir e gu taigh m'athar. Oir mur faod iad tighinn do 'n àite so, dh' fhaodadh gu 'm bi beagan faothachaidh aig mo phiantan-sa, 's e sin, ma bhios iad-san air an tearnadh, an sin bithidh am peacannan air am mathadh agus gun a bhi cho trom air an eur ri cunntas m'anmasa. Ach ma thuiteas iad san àite cheudna anns am beil mise, na peacannan a thug mise orra a chiontachadh laidhidh iad cho trom cha n-e mhàin air an anam-san, ach mar an ceudna air m' anam-sa, 's gu 'n cuir iad fodha mi ann an truaighe shìorruidh, ni's doimhne agus ni's doimhne. "O uime sin, cuir e gu tigh m'athar, gu mo chùignear bhràithrean, chum gun toir e fianais dhaibh, air eagal gun tig iadsan do'n ionad ro-phiantach so."

Air do na briathran-sa bhi mar so air an tuigsinn : Ciod an còr a ta e nochdadhs anns am beil iad a nise, a tha 'n dràsta 'gabhair cho mòr do thlachd ann a bhi 'nan dearbh chinn-feadhna air an còmpanaich a chum pheàcannan do gach seòrsa a chur an guiomh ?

Am feadh a tha daoine bed ann an so, ma dh'fhaodas iad a bhi air am meas mar an aiteam as seòlta air son meallaidh, a's dàineair son dean-amh bhreug, a's sunntaich' air son striopachais a 's caraiche air son sannt, agus buannachd an

t-saoghail ; ma's urrainn daibh gu carach uirread r' an comhearsnaichean a mhealladh, an cuir ás an àite, miothlachd agus fearg a chuir orra, 'seadh, agus an cumail o mheadhonnan nan gràs, o shoisgeul Chriosd, ni iad uaill ás, agus bi'dh moit orra da chionn, agus saoilidh iad iad-féin gu breagh socrach, agus a sin tha'n inntinnean rud-eigin suaimhneach, air dhaibh a bhi air am mealladh le peacadh.

Ach a chairid, 'nuair a chailleas tu 'bheatha so, agus a thòisicheas tu air togail suas do shùilean ann an ifrinn, agus a chì thu ciod e chum an tug do pheacannan thu ; agus cha n-e mhàin mar sin, ach gu 'n tug thu, le do pheacannan salach, air muinntir eile (mar thug an diabhol) tuiteam a chum an dìtidh cheudna maille riut-féin ; agus gu 'm b' aon do dh'aobh-aran an damnaidh-san so, gu 'n d' rinn thus' an treòrachadh a chum droch cleachd-aidhean an t-saoghail so a chur an gniomh, agus a' chuid ana-miannan. A sin, O nach ann a stadar neach-eigin iad o thighinn, air eagal gu 'n tig iad mar an ceudna do dh'ionad na dòrainn so, agus a bhi air an damnadh mar a ta mise ! Cia mar a phianas e mi ? Cha-n fhòghnadh le Balaam e bhi air a dhamnadh e-féin, ach mar an ceudna dh'fheumadh e le chuid aingeachd a thoirt air muinntir eile tuisleadh agus tuiteam. Cha fhaodadh na Sgrìobhaich agus na Pharisich a bhi toilichte

le iad-féin a chumail a mach á neimh, ach dh' fheumadh iad saoithreachadh a chum muinntir eile a chumail a mach mar an ceudna. Uime sin 's leo-san an damnadh a's mò.

Am fear a ta air a mhealladh, cha-n urrainn e a bhi toilichte le bhi air a mhealladh e-féin a mhàin, ach feumaidh e saoithreachadh chum cuid eile mealladh mar an ceudna. Cha-n urrainn am misgear a bhi toilichte dol do dh' ifrinu air son a pheacannan féin a mhàin, ach feumaidh e saoithreachadh chum toirt air muinntir eile tuiteam anns an àmhuinn cheudna maille ris. Ach seallaibh ribh féin, oir ann an so bithidh damnadh air muin damnaidh ; air do dhamnadh air son do pheacannan féin, agus air do dhamnadh air son thu bhi 'na t-f hear-compàirt ri muinntir eile 'nan cuid peacannan ! air do dhamnadh air son a bhi ciontach ann an damnadh muinntir eile. O cia mar a ghlaodhas na misgearnan air son an cuid coimhearsnaichean a threòrachadh chum na misge ? Cia mar a chaoineas am fear sanntach, air son eiseamplair a shuidheachadh d'a choimhearsnach, d'a chairid, d'a bhràthair, d'a chloinn, agus d'a dhìlsean, eiseamplair cho aingidh ; leis an d' rinn e cha n-e mhain eron d'a anam fein, ach do dh' anmannan muinntir eile ? Am breugaire, le deanamh bhreug dh' ionnsaich e do mhuinntir eile a bhi deanamh bhreug ; dh' ionnsaich am mionntar do mhuinntir eile bhi mionn-

achadh ; dh' ionnsaich fear na neo-ghlaine do mhuinntir eile a bhi deanamh strìop achais.

A nise bithidh iad so uile, maille ri cuid eile do'n t-seòrsa cheudna, cha n-e mhain ciontach 'nan damnadh féin, ach mar an ceudna ann an damnadh muinntir eile. Tha mi 'g innseadh dhut, gu 'n robh cuid do dhaoine cho mòr nan ùghdaran damnaidh muinntir eile, 's gu 'm beil mi ullamh gu smaointeachadh, gu'n dean an damnadh-san am piannadh, a cheart cho mòr sa ni'n damnadh féin. Is eagal leam gu'm bi cuid do dhaoine aig latha a' bhreitheanais, air am faotainn a bhi 'nan ùghdaran sgrios' air rioghachdan iomlan. Cia iomadh anam a tha sibh a' smuaineachadh, a bhios aig Balaam le chéilg, gu freagairt air an son? Cia iomadh a bhios aig Mahomet? Cia iomadh a bhios aig na Phairisich, a thug duais do na saighdearan air son a ràdh, gu'n do ghoid na deisciobail air falbh Iosa? (Mat. xxviii. 11—15.) Agus a thug leis a sin, air an cuid bràithrean tuisleadh gus an latha 'n diugh, agus bha e 'na aon mheadhon chum an cumail o nithibh Dhé agus Iosa Criod a chreidsinn, agus mar sin b'e 'n t-aobhar damnaidh air am bràithrean gus an dearbh latha so.

Cia iomadh anam a th' aig Bonner gu freagairt air an son, tha sibh a' saoilsinn? Agus aig iomadh sagart salach, dall? Cia iomadh anam a bh' air an sgrios leo-san le 'n aineolas

agus le 'n teagasgan truaillidh ? Searmonachadh nach robh dad ni b'fhearr air son an anma, na bha nimh marbtach do 'n chorpa, air sgàth buannachd shalaech. Chì iad, gu 'm bi aca-san, aig mòran diù, is aobhar eagail, bailtean agus dùthchannan ionlan gu freagairt air an son. O ! a chairid, tha mi 'g innseadh dhut, thus' a ghabh os-làimh a bhi searmonachadh do'n t-sluagh, faodaidh e bhith gu 'n dò ghabh thu os-làimh sin nach urrainn thu innseadh ciod e. Nach cràdh e thu, a bhi faicinn do sgìreachd gu h ionlan a' tighinn a' geumnaich ann ad dhéigh gu ifrinn, ag éigheach, Faodaidh sinn buidheachas a thoirt dhut-sa, air son so is tusa bu choireach ris. Cha do theagaig thu 'n fhìrinn dhuinn : rinn thu ar treòrachadh air falbh le sgeulachan diomhain, bha eagal ort innseadh dhuinn mu thimchioll ar peacannan, air eagal nach cuireadh sinn biadh teann gu leòir 'nad bheul. O ! a thruaghain mhallaichte, gu 'n deanadh tu riamh ar mealladh mar so, gu 'n do ghabh thu bràth oirne mar so, gu 'n d' rinn thu miodal mar so ruinn ! Rachadh sinne a mach a dh' éisdeachd an f hacail gu àit' eile ; mar b'e gu 'n do chronaich thusa sinn ; agus mar an ceudna dh'innis thu dhuinn, gu 'n robh sin a ta sinne a nis' a' faicinn is e slighe Dhé, e 'na shaobh-chreideamh, agus 'na theagasc meallta ; agus cha robh thu tolichte ('na t' fhear-treòrachaидh dall mar a bha thu) tuiteam anns an t-sloc thu-féin ach mar an

ceudna threòraich thu sinne innte còmhla riut.

Tha mi 'g radh, seall riut féin, air eagal gu 'n éigh thu mach 'nuair a bhios e ro anmoch, "Cuir Lasarus a dh'ionnsaidh mo phobuill, gu mo chàirdean, gu mo chlann, gu me cho-thional, do 'n do shearmonaich mi, agus a mheall mi tre m' amaideas. Cuir e chum a' bhaile anns an do shearmonaich mi mu dheireadh, air eagal gu 'm bi mise 'nam aobhar an damnaidh-san. Cuir e dh'ionnsaidh mo chàirdean o 'n tàinig mi, air eagal gu 'n toirear orm-sa freagairt air son an anmannan-san agus m' anam féin cuideachd," Esec. xxxiii. 1—6.

O cuir e air an aobhar sin, agus innseadh e dhaibh agus dearbhadh e dhaibh, air eagal gu'n tig iad-san mar an ceudna do 'n àite phianaidh so. Thugaibh fainear, gu 'm beil sibh mar so beò anns an t-saoghal, am feadh a tha sibh ann an tìr nam beò, air eagal gu 'n tuit sibh anns a' chòr so. Abair na'n sgriosadh tu le do ghiùlan uiread ri aon anam, uiread ri aon anam bochd, le aon do d' ghniomharran, peacach; thoir fainear e 'n dràsta, tha mi 'g radh, air eagal gu 'm bi thu air t-éigneachadh gu ghlaodhach:—"Uime sin tha mi a' guidhe ort, gu'n cuireadh tu e gu tigh m'athar; oir a ta cùignear bràithrean agam; chum gun toir e fianais daibh, air eagal gun tig iadsan mar an ceudna do'n ionad ro phiantach so." Ma's ann mar

sin a ta, an sin their mi cha n-e mhain ris, na cinn-iùil dhalla, seallaibh ribh-féin, agus na dùinibh a mach muinntir eile; ach tha so a' ruigsinn g'an ionnsaidh-san a tha cha n e mhain a' cumail anmannan o neamh le searmon-achadh, agus a leithid sin, ach tha e labhairt a mach dìteadh na h-aiteam ud a bhios air dhòigh sam bith nam meadhon gu cuid eile bhacadh bho theannadh a steach ri Iosa Criod. O ciod na cunnataisean dearga bhios iad sud an aghaidh nan uachdarannan fearainn beartach, ain-diadhaidh ud uile, a tha a' cumail fodha 'n cuid tuatha bochda cho mòr 's nach fhaod iad dol a mach a dh' éisdeachd an fhacail, air eagal gu 'm biodh na màil aca air an togail, no iad féin air an tionnda a mach á cuid taighean? Ciod a their thu, fhir-fearainn, nach gearr e t'anam, 'nuair a chì thu nach b' urrainn thu a bhi toilichte le dol a mearachd air neamh thu-féin, ach dh'f heumadh tu saoithreachadh gu éis a cur air cuid eile mar an ceudna? Nach toir e dhut leòn sìorruidh ann ad chridhe, araon aig bàs agus breitheanas, a bhi air do dhìteadh air son sgrios anma do choimhearsnaich, anma do sheirbheisich, anma do mhnatha, cuideachd maille ri sgrios t'anma féin? Smuainichibh air so, sibhse a mhaighistearan misgeacha, pròiseile, saoibhir, agus fanaideach, smuainichibh air so sibhse fhearakbh-pòsta fiadhaich toi-bheum-aich, a ta 'n aghaidh caithe-beatha diadhaidh agus geamnaidh bhur mnathan; mar an ceudna

sibhse a ta a' cumail bhur seirbheiseach cho cruaidh ri bhur gnothach, 's nach seachain sibh dhaibh ùine gu éisdeachd an fhacail, mur bi e 'san àit am miann leibh féin, agus 'nuair a leigeis bhur anainiannan leibh. Ma tha gaol agaibh do bhurn-anmanuan féin, do dh'anmannan bhur tuatha, do dh'anmannan bhurmhnathan, do dh'anmann bhurseirbheiseach, do dh'anmannan cloinne: mur b' àill leibh éigheach, mur b' àill leibh a bhi a' caoineadh, mur b' àill leibh eallach sgrios' mhuinntir eile a ghiùlan gu bràth: an sin tha mi a' guidhe oirbh thugaibh fainear an sgeula bhrònach, dhubbach, chràiteach so, agus saoithrichibh gu seachnad a' phianaidh anma murtaidh fo 'm beil an truaghan so ag osnaich, 's 'g acain 'nuair a tha e 'g radh, "Uime sin guidheam ort gun cuireadh tu e gu taigh m'athair. Oir a ta cùignear bhràithrean agam, chum gun toir e fianais." Thoir fainear, "chum gun toir e fianais dhaibh air eagal, gun tig iadsan mar an ceudna do'n ionad ro-phantach so."

Tha aig na briathran so fathast rud-eigin eile anna a bharr air na thug mi fòs fainear uapa; tha aon no dha do nithibh eile ris am bean mi gu h-aithghearr, agus uime sin, thoir fainear, ars esan, "*chum is* gun toir e fianais dhaibh," &c. Thoir fainear, guidheam ort, agus thoir an aire do na briathraibh. "Gun toir e finais." Cha n-eil e 'g radh, agus rachadh e thuca, no labhradh e riu, no innseadh e

dhaibh an leithid so 's an leithid sùd do nithe. Cha-n eil, ach "chum is gun toir e fianais," no dearbhadh e gu cinnteach bunailteach e, mase 's gun cuir neach sam bith 'na agbaidh. Thugadh e fianais dhaibh. 'S e na briathran ceudna a tha 'n sgriobtura' gnàthachadh gu foileachadh dian-dhùrachd Chriosd ann an innseadh d' a dheisciobuil mu dhéibhinn an tì a bhrathadh e. "Agus thug e fianais" ag radh, brathaidh a h-aon agaibh mise. Agus "thug e fianais," 's e sin, labhair e air chòr 's gu bualadh, no gu buaidh a thoirt air neach sam bith a theireadh nach tachradh e. Tha iad nam briathran a ta ciallachadh, gu 'n cuireadh neach sam bith an aghaidh nan nithe mu 'n labhrar gidheadh gu 'm maireadh an neach a labhradh fathast gu bunailteach ann an labhairt. Agus dh' àithn e dhaibh gun searmonaicheadh iad, agus gun togadh iad fianais, gur esan a bha air òrduchadh le Dia gu a bhi na bhreith-eamh air a bheò agus air na mairbh. Chum fianais a thoirt dhaibh, thugaibh fainear, 's e sin a bhi bunailteach, seasmhach, neoghealtach, nan rachadh a bhacadh agus cuir 'na aghaidh. Mar sin ann an so, thugadh e "fianais dhaibh, air eagal gun tig iadsan mar an ceudna do'n ionad ro phiantach so."

Uaithe so thoir fainear, nach eil e 'na gnothach furasda dearbhadh orra-san a tha 'nan cuid peacannan beò 'san t-saoghal so, gu 'm feum iad, agus gu 'm bi iad air an damnad mur pill

iad, agus mur bi iad air an iompachadh gu Dia. "Thugadh e fianais dhaibh," labhradh e gu muinghninneach, dileas, ged bhiodh iad gruamach, coimheach ris, no ged bu mhi-thaitneach leo a seòl labhairt. Agus cia mar a tha 'n fhìrinn so air a daighneachadh, air a dearbhadh agus air a soilleireachadh le giùlan na cuid a's liugha do na daoine a tha 'n dràsta 's an t-saoghal, riù-san a tha searmonachadh an t-soisgeil, agus a' feuchainn an staid thruagh féin dhaibh, mur taobhaich iad ris. Ma's e 's gu 'n dean duine uiread ri saoithreachadh da rìreadh gu dearbhadh air peacaich an cuid peacannan, agus an staid chaillte a thaobh nàduir, ged is éigin daibh a bhi air an damnadh ma bhios iad beò agus ma bhàsaicheas iad anns a' chòr sin : o cia cho feargach 'sa ta iad ris ! Seall cia mar a ta e a' toirt breth, their iad, eisd cia mar a tha e 'ga ar dìeadh ; tha e 'g innseadh dhuinn gu 'n feum sinn a bhi air ar damnadh ma bhuanacheas sinn beò agus ma bhàsaicheas sinn anns an staid so : tha fearg againn ris, cha-n urrainn sinn fuireach g'a éisdeachd, no neach sam bith d' a leithid ; cha chreid sinn fear sam bith diù sud, ach théid sinn air ar n-adhart anns an rathad anns am bei sinn a' dol. Stad, sguir, c'arson a bhiodh tu air do bhualadh ? ars' an rìgh ain-diadhaidh ris an fhàidh, 'nuair a dh'innis e dha mu dhéibhinn a pheacannan, 2 Eachd. xxv. 15, 16.

Tha mi 'g radh, innis do'n mhisgear gu'm feum e bhi air a dhamnadhbh mur fàg e chuid misge; do 'n mhionntair, do 'n bhreugadair, do 'n mhealltair, do 'n mhearalach, do 'n fhear shanntach, do luchd na droch cainnte, no do mhuinntir ain-diadhaidh sam bith, gu'm feum iad laidhe, agus ga 'n laidh' iad ann an ifrinn air a shon, ma bhàsaicheas iad anns a' chòr so; cha chreid iad thu, 's cha toir iad creideas dut.

A rithist, innis do chuid eile gu 'n beil iomadh ann an ifrinn a bha beò agus a bhàsaich anns an aon chòr riusan, agus mar sin tha iadsan coltach r'a bhith, mur pill iad ri Iosa Criod, agus mur bi iad air am faotainn ann; no gu 'm beil cuid eile a ta 'nan daoine ni's ciùine agus ni's stuaimé, muinntir (ged tha fhios againn nach sàbhail an cuid ciùineachd iad) ma ni sinn uiread ri innseadh gu soilleir cho falamh agus cho neo-tharbhach sa tha sin a thaobh tearnadh an anmanuan, agus nach gabh Dia riù, 's nach gràdhaich e iad, air son nan nithe so, agus ma tha iad air son a bhi air an tearnadh, gu'm feum iad a bhi ni's fearr air an deasachadh na le a leithid so do dh'ionracas; an darna cuid teichidh iad air falbh, agus cha tig iad tuille g'a éisdeachd, no ma thig iad bheir iad leo a leithid de chlaon-bhreth 'nan cridheachan, 's nach dean am facal air a shearmonachadh feum dhaibh, air dha a bhi air a mheasgadh, cha-n ann le creideamh, ach le clalon-bhreth anntasan

a dh'éisdeas e, (Eabh. iv. 1, 2.) Cha n-e sin a mhàin, ach bithidh cuid dhiù cho làn do dh'fheirg, 's gu 'm bris iad a mach agus gu 'n gairm iad, eadhon riusan a labhras an fhìrinn, luchd saobh-chreideamh ; seadh, agus marbh-aidh siad iad, (Luc. iv. 26—29.) Agus c'arson sin ? Air son gu 'm beil iad ag innseadh dhaibh, ma bhios iad beò 'nan cuid peacannan, gu 'n dìt sin iad ; gidheadh ma ruitheas iad agus ma bhios iad beò gu h-ionraic, do réir lagh naomha cheart, agus mhath Dhé, nach tearuinn sin iad. Seadh, air son gu 'm beil sinn ag innseadh dhaibh gu soilleir, mur fàg iad an cuid peacannan agus eas-ionracas cuideachd, agus mur teann iad a steach ri Iosa Criosd lomnochd, r'a f huilagus r'a thoillteannas, agus na rinn e, agus na tha e nis' a' deanamh air son pheacach, nach urrainn iad a bhi air an tearnadh ; agus mur ith iad feòil Mhic an duine, agus mar òl iad fhuil, nach bi beath' ac' annta ; bithidh iad cäs ris air ball, agus bithidh iad feargach ris (mar a bha na h-Iudhaich ri Criosd, air son nan nithe ceudna a labhairt riù, (Eoin vi. 53—60), agus teichidh iad air falbh, an anmannan agus gu léir ; le strìgh an aghaidh teagastg Mhic Dhé, mar da rìreadh tha iad a' deanamh, ged nach creid iad gu 'm beil iad g'a dheanamh ; agus uime sin esan a ta 'na f hear searmonachaидh an f hacal, dh'fheumadh e, cha n-e mhain innseadh dhaibh, ach fianais a thoir dhaibh a rithist agus a rithist, gu 'n

dean an euid peacannean, ma bhuanacheas iad annta, an damnad, agus an damnadh a rithist. Agus innseadh dhaibh a rithist, nach dean a bhi beò gu h-onarach a réir an lagha, ag iocadh do gach aon a chuid féin, agus a bhi beò gu sàmhach còmhla r'an coimhearsnaichean, agus a' toirt do na bochdan, am barail mu 'n t soisgeul, agus a radh, gu 'm beil iad a creidsinn ann an Criod, math sambith dhaibh aig latha mòr a' bhreitheanais. O chàirdean ! cia iomadh dhíbh air an latha 'n diugh, do 'n robh air innseadh aon uair agus a rithist, thairis agus thairis, mu dhéibhinn bhur còr caillte, millte, air son sibh a bhi a dh'easbhuidh deagh obair, fhìrinneach, agus shàbhailt Dhé air 'ur n-anmannan ? Tha mi 'g radh, nach robh so air innseadh dhuibh, seadh, air thoir mar fhianais dhuibh o àm gu àm, gu 'm beil 'ur staid truagh, nach eil sibh fathast car idir ni's fearr, ach gu 'm beil sibh fathast 'n 'ur seasamh far an do sheas sibh; cuid ann am beatha ain-diadhaibh fhollaiseach, agus cuid air am bàthadh ann an naomhachd fhéin-bharalach do chreideamh criosdail ? Air an aobhar sin, air sgàth Dhé, ma tha gaol agaibh do bhur n-anmannan thugabh fainear, agus guidhibh air Dia air sgàth Iosa Criod, gu 'n oibriceadh e leithid do dh'obair gràis ann 'ur eridheachan, agus gu 'n tugadh e dhuibh a leithid do chreideamh 'na Mhae Iosa Criod, a chum gu 'm bi agaibh cha 'n-e mhàin fois ann an so, mar a tha sibh a' saoilsinn, cha

n-e mhàin a' shaoilsinn bhur staid a bhi sàbhailt am feadh a's beò sibh an so, mar a dh' fhaodas sibh a bhi sàbhailt a rìreadh, cha n-e mhàin an so, ach mar an ceudna 'nuair a bhios sibh air triall, air eagal gn 'n éigh sibh an cràdh agus an iomacheist 'ur n-anmannan : Cuir aon gu mo chòmpanaich a bh' air am mealladh le Sàtan, mar a bha mise ; agus mar sin le dol air an aghaidh, a thig do 'n àite phianaidh so, mar a thàinig mise.

A rithist, tha aon ni eile gu bhi air a thoirt fainear o na briathran so, Thugadh e "fianais dhaibh, air eagal gu'n tig iad do'n ionad ro-phiantach so."

Thugaibh fainear ; air eagal gu 'n tig iad ann, mar gu 'n abradh e, air neo thig iad do 'n àite phianaidh so, cho cinnteach 's a tha mise an so. Uaithe so thugaibh fainear. ged tha cuid do dh'anmannan air son peacadh a' tuiteam ann an sloc gun iochdar na h-ifrinn' ro an còmpanaich air son gu 'm beil iad a' fàgail, an t-saoghal so rompa : gidheadh air do 'n mhuinntir eile buanachd anns a' chùrsa cheudna, tha iad gu dol cho cinnteach do 'n àit cheudna, as ged bhiodh iad ann cheana. Ciamar sin ? Air son gu 'm beil iad uile air an dìteadh cuideachd gu 'n thuit iad uile fo 'n aon lagh, agus gu'n tug iad oilbheum uile do'n ceartas cheudna, agus feumaidh iad gu cinnteach, ma bhàsaicheas iad anns a' chòr sin, òl cho domhain, mur òl ni's doimhne, do 'n léir-sgrios cheudna.

Thugaibh fainear, guidheam oirbh ciod a deir an sgriobtura, "An tì nach creid, tha e air a dhàeadh cheana," Eoin iii. 18.

Tha e air a dhàeadh cho math riu-san, air dha an lagh ceudna a bhriseadh maille riù: ma tha chùis mar sin, ma ta ciod as coireach, nach compàirtich iad do'n sgrios cheudna maille riù? 'S e mhàin nach eil aig an aon mhuinn-tir an lagh fathast mar sin air a cur an gniomh orra, air son gu 'm beil iad an so; tha aig a' chuid eile an lagh air a cuir an gniomh orra, tha iad air triall a dh' òl sin a bha iad a' deasachadh, agus tha thus' a' deasachadh sin anns a' bheath so, a dh'fheumas tu gu cinnteach òl. Tha 'n lagh ceudna, tha mi 'g radh, 'na neart 'n 'ur n-aghaidh araon, ach a mhàin gu 'm beil esan air a chur gu bàs, agus nach eil thusa. Dìreach mar gu 'm biodh cuideachd do phrìosanaich aig ionad na binne dìtidh agus iad uile air an dìteadh gu bàsachadh; ciod, a chionn nach eil iad uile air an cur gu bàs ann an aon latha, air an aobhar sin, nach bi iad air an cuir gu bàs idir? Bithidh; an lagh ceudna a chuir a cruas an gniomh air an aiteam a tha nise marbh gu cinnteach air a cuir an gniomh orra-san a ta beò 'na àm sònraichte féin. Eadhon mar sin a ta e an so, tha sinne uile air ar dìteadh a thaobh nàduir, mur teann sinn a steach ri gràs Dé tre Iosa Criod, feumaidh sinn a bhi, agus bithidh sinn, air ar sgrios leis an léir-sgrios cheudna;

agus "uime sin cuir e" (ars esan) "air eagal" thugaibh fainear, 'gun tig iad do'n ionad ro-phiantach so."

A rithist, Cuir e gu taigh m' athair, agus thugadh e fianais dhaibh, air eagal gu 'n tig iad do'n ionad ro-phiantach so. Mar gu 'm biadh e air a radh, faodaidh e bhith, gu 'm buadhaich e orra, agus mar sin gu 'm bi iad air an cumail le so, bho thighinn do'n àite chràiteach phiantach so. Thugaibh fainear a rithist, gu 'm beil e 'na ni comasach tròcair fhaighinn, ma dh'iarrair i nise, tha mi 'g radh, a nis' ann an latha so a' ghràis gu'm pill sinn o ar peacannan gu Iosa Criod; seadh, tha e ni's mò na bhi comasach, tha e cinnteach. Agus uime sin air son do mhisneach, bitheadh fios cinnteach agad, ma 's e 's gu 'n dean thu, ann do latha so, gabhail ri tròcair a réir cùmh-nanta. Dhé féin, agus teanadh ris gu h-éifeachdach. Gheall Dia, seadh rinn e iomadh gealladh, gu 'm bi t'anam air a ghiùlan sàbhailte do ghìorí, agus gu cinnteach théid e as o na h-uile ud uile a dh' innis mi dhut; seadh, agus o iomadh eile seach na 's urrainn mi smuaineachadh. Dean a mhàin mo sgriobturan a rannsachadh, agus faic cho làn sa ta iad do shòlasan do dh' anam bochd aig am beil'na inntinn teannadh a steach ri Iosa Criod. "An tì a thig do m' ionnsaidh-sa (arsa Criod) cha tilg mi e air chor sam bith a mach." Ged bhiodh e na sheanna pheacach, "cha tilg mi air

chör sam bith a mach e : ” Thugaibh fainear “ cha tilg air chör sam bith,” ged bhiodh e ’na pheacach mòr, “ cha tilg mi air chör sam bith a mach e,” ma thig e da’ m ionnsaidh. Ged rinn e tàir orm cho liugha uair, agus ged nach robh spéis aige do shonas no shlàinte anma féin, gidheadh thigeadh e nise gu m’ ionnsaidh-sa, agus an deigh so, “ cha tilg mi air chör sam bith a mach e,” (Eoin. vi. 37.) ’s cha mò a thilgeas mi air falbh anam. A ritist a deir an t-Abstol, “ S e nise.” Thugaibh fainear “ a ’nis’ an t-àm taitneach, ’s so a nise latha na slàinte.” ’Nis an so tha tròcair deagh stòr, a nise tha cridhe Dhé fosgailte do pheacaich ; a nise ’s e bhur beatha ga ’ionnsaidh ; a nise gabhaidh e neach sam bith, ma ’s e ’s gu ’n tig iad gu Criod. “ An tì a thig ga m’ ionnsaidh-sa,” arsa Criod, “ cha tilg mi air chör sam bith a mach e.” Agus c’arson? Air son “ gur e nis’ an t-àm taitneach, gur e nise latha na slàinte,” (2 Cor. vi. 2, 3.) Mar gun abradh an t-abstol Ma ’s àill leibh tròcair a gabhail, gabhaidh i nise, biodh i agaibh a nise, teannaibh dlù rithe nise.

Tha’n latha air leth aig Diagu ghràs a chumail ri peacaich ; ’s e ’nis an t-àm, ’s e ’nis an latha. Tha e fior, tha latha damnaidh ann ach ’s e so latha tearnaidh. Tha latha a’ tighinn, anns an éigin do pheacaich “ éigheach ris na beanntan tuiteam orra, ris na cnuic an còmhdaich o chorraich Dhé : ach a nise, a nise is e an latha

anns am beil e a' nochdadhl a ghràs. Tha latha a' tighinn, anns nach bi e air a cheadachadh dhuibh sochair aon bhoinne uisge a bhi agaibh gu fuarachadh 'ur teangan. Ma's e nise, tha mi 'g radh, ma's e a nise gu 'n cuir sibh suarach a ghràs agus a mhathas a tha e a' tairgse dhuibh. A! chàirdean, thugaibh fainear tha 'n dràsta dòchasan ri tròcaire, ach an uair ud cha bhi; an nise tha Criosd a' taisgse tròcair dhuibh, ach an uair ud cha bhi, (Mat. vii. 22.) An nise tha a shearbheiseach ann a tha 'g achanaich oirbh gabhail r'a ghràs, ach ma chailleas tu 'n cothrom a ta air a chuir 'na do làimh faodaidh tusa a ghuidhe an deigh so, agus gun tròcair sam bith a bhi air a toirt dhut. "Agus ghlaodh e agus thubhairt e, Athair Abrahim dean tròcair orn agus cuir Lazarus chum gu'n tùm e barr a mhèdir ann an uisge, agus gu'm fuaraich e mo theangha." Agus cha robh ni sam bith air a bhualeachadh dha. Air an aobhar sin na biodh e gu bràth air a radh mu do dhéibhinn-sa, mar a theirir mu dheibhinn chuid, "C' arson a tha luach ann an làimh amadain, a dh' fhaotainn gliocais agus e gun rùn aige?" (Gnà. xvii. 16.) A' faicinn nach eil rùn aige gu feum math a dheanamh dheth. Thoir fainear maille riut féin, agus abair tha e ni's fearr dol do neamh no dø dh'iffrinn; tha e ni's fearr a bhi air mo thearnadh na bhi air mo dhamnad; tha e ni's fearr a bhi comhla ri

naoimh na maille ri anmaibh damnaite ; agus tha dol gu Dia ni's fearr na dol chùm an diabhoil.

Uime sin—"iarr an Tighearn am feadh a ta e r'a fhaotainn, gairm air am feadh a ta e am fagus." (Isa. Iv. 6.) Air eagal ann ad thrioblaid gu 'm fàg e thu dhut féin, agus gu 'n abair e riut gu soilleir, Do 'n àite anns am beil mise, cha 'n urrainn thu tighinn. Eoin. viii. 21.

O na'm faodadh iad-san a th' ann an ifrinn a bhi aca nise cuireadh mar e so, cia mar a leumadh iad le aoibhneas ! Smuainich mi cuid do dh' uairean, nan cuireadh Dia a mhain aon do mhinistearan a chum na mhuinntir dhamnaite ann an ifrinn, agus ùghdarras a thoirt da gu searmonachadh saor ghaol Dé ann an Criosd air a shìneadh a mach dhaibh, agus air a thairsgse dhaibh, ma 's e nis' am feadh a tha e air a thraigse dhaibh gu 'n gabhadh iad r' a chaoimhneas ; och cia taitneach a bhiodh an naidheachd so leo agus dhaibh, agus cia mar a dhlùthadh iad a steach rithe air chumhnanta sam bith !

Gu cinnteach, theireadh iad, gabhaidh sinn ri gràs air chumhnanta sam bith anns an t-saoghal, agus bheir sinn taing dhut cuideachd, ged chosgadh e bheatha agus cǎs gu sàil; a bharr air a sin : cha chaomhain sinn cosgais sam bith, ma 's e 's gu 'm faod tràcair a bhi r'a faotainn. Ach anmannan truagha am feadh a tha iad beò an so cha dealaich iad ri peacadh

ri peacadh diabhlaidh do dh-àrach na h-ifrinn ; cha dealaich, is fear leo an anmannan a chall, na'n cuid peacannan salach.

Ach a chairid tionndaidhidh tusa do cheòl gu caochla fuinn ann an ùine ghearr agus eighidh tu, O an truaghan amaideach a ta mi ann, gu 'n dìtinn m' anam le peacadh !

Is fior, bha agam an soisgeul air a shear-monachadh dhomh, agus bha mi air mo chuir-eadh a steach : agus bha rabhaidh air a thoirt dhomh mu dhéibhinn so ; ach “cionnas a thug mi fuath do theagasc agus a rinn mo chridhe tàir air achmhasan agus nach robh mi umhal do ghuth mo luchd-teagaisg, agus nach d'aom mi mo chluas riusan a theagaisg mi ?” (Gnà v. 12, 13.) O ! uime sin, tha mi 'g radh, anaim bhochd ! am beil dòchas ? Ma tha cuir do làimh air do bheul agus pòg an duslach agus teann a steach ris an Tighearn Iosa Criod, agus biodh meas agad air a thròcair ghlòrmhor ; agus guidh mar an ceudna air do chòmpanaich gu teannadh a steach ris an Tighearn Iosa Criod cheudna, air eagal gu 'n téid aon diù sios do dh' ifrinn roi-làimh, agus gu 'm bi dùil agaibh le cràdh cridhe ri bhur còmpanaich a thighinn 'n-'ur deighe ; agus anns an àm sin, le cràdh cridhe a bhi 'g osnaich agus ag radh.”—

O cuir e gu mo chòmpanaich, agus thugadh e fianais dhaibh, air eagal gu 'n tig iad-san mar an ceudna do 'n ionad ro-chràiteach so.

A nise ma ta o na thubhairt mi, dh' fhaodadh iomadh ni bhi air a labhairt ann an rathad feum agus co-chur; ach bithidh mi ro aithghearr, agus cha dean mi ach beantainn ri cuid do nithibh, agus mar sin ni mi co-dhùnad.

Agus air tùs, tòisichidh mi le còr brònach nam muinntir ud a ta bàsachadh a mach á Criod, agus labhraidh mi rud-eigin air a sin.

Anns an dara h-àite, Ris a' cheann mu dheireadh do 'n t-samhla, a tha ni 's soilleire a beantainn ris an sgriobtura, agus labhraidh mi rud-eigin air a sin.

1. Uime sin tha sibh a' faicinn, gu 'm beil a' cheud chuid do 'n t-sàmhla a' gabhail a steach dearbhadh muladach air staid aon a bha beò agus a bhàsaich a mac á Criod; mar a chaill e nèamh air son ifrinn, Dia air son an diabhoil, solus air son dorchadais, aoibhneas air son bròin.

2. Mar nach eil aca-san uiread ris a' chòmn-fhurt;a's lugha bho Dhia, a rinn ann an àm am beatha an so a bhos, dearmad air tighinn thuige-san a dh'iarridh tròcair; cha-n eil uiread ri aon bhoinne do dh' uisge fuar.

3. Gu 'm bi aithreachas air an leithidibh sin a dh' anmannan air son amaideas, 'nuair nach dean aithreachas math sam bith dhaibh, no 'nuair a bhios iad air dol seachad air saorsa no leasachadh.

4. Gu'm beil na h-uile còmhfhurt a tha 'n

leithidean sin do dì' anmannan coltach r'a bhi
aca, anns an t-saoghal so a mhain.

5. Nach gluais an uile ghearan agus
osnaichean Dia anns an tombas a's lugha,
chum a làimh thròm dhioghaltais a ta orra,
aotromachadh air son nam peacannan a chuir
iad an gniomh 'na aghaidh.

6. Gu 'm beil an staid thruagh do-leasaichte,
oircha-n-fhaod iad gu bràth, (tabhair fainear,) gu
bràth tighinn a mach ás a' chòr sin.

7. Cha bhi an achanaich air son an coimhairs-
naichean ain-diadhaidh air an éisdeachd.

O na nithibh so ma ta, tha mi a' guidh' ort
thoir fainear staid nam mninntir ud a bhàsaich
a mach á Iosa Criod; seadh, deiream, thoir
fainear an staid thruagh; agus smuainich mar
so maille riut féin; Is ceart, ma ni mi dearmad
air tighinn gu Criod, is éigin domh dol a chum
an diabhoil, agus cha dhearmad esan mo thoir
air falbh a chum nan piantan do-fhulang ud.

Smuainich mar so maille riut féin, Ciod, an
caill mi nèamh bhuan air son sòlas diombuan?
An ceannaich mi sòlasan an t-saoghal so le
luach cho daor ri call m' anma? An toilich
mi mi-féin le nèamh nach mair ni's fhaide na
àm mo bheatha? Ciod a' bhuanachd a bhios
annta dhomh-sa, 'nuair a sguras an Tighearn
anam agus corp o chéile, agus a chuireas e aon
diù do 'n uaigh, agus an t-aon eile do dh' ifrinn;
agus aig làtha a bhreitheanais gur éigin
binn dheireannach an léir-sgrios shìorruidh
a bhi air a toirt 'nam aghaidh.

1. Thoir fainear, nach mair buannach agus diomhanas an t-saoghal so gu bràth; ach tha an t-àm a' tighinn, seadh, dìreach aig na dorsan 'nuair a theicheas iad uat, agus a dh fhàgas iad thu ann am féith, agus ann an drisean nan uile ni rinn thu.

2. Agus uime sin a chum do chòr truagh so a chumail air ais, smuainich mar so maille riut féin. Tha e fior, tha mi a' gràdhachadh mo chuid peacannan, mo chuid ana-miannan agus shòlasan; ach ciod am math a ni iad dhomh aig latha bàis agus bhreitheanais. An dean mo chuid peacannan math dhomh an uair sin? Am bi iad comasach air mo chòmh-nadh 'nuair a thig mi chum mo tharuinn analach dheireannaich? Ciod am math a ni mo bhuannach domh? Agus ciod am math a ni mo dhiomhanas, 'nuair a their am bàs nach gabh e diùltadh? Ciod am math a ni mo chòmpanaich, mo cho-luchd-sùgraiddh, mo cho-luchd-fanaid, mo cho-bhreugairean, mo cho-mhisgearan, agus m' uile cho-luchd maenais dhomh? An dean iad comhnadh a chum piantan na h-ifrinn a dheanamh socradh dhomh? An cuidich iad so gu làimh Dhé a tionndadh o fhraoch-fheirg' aleagadhorm? Cha chuidich, cha chuidich, nach ann, a roghainn air a sin, a bheir iad air Dia nach nochd e tràicair sam bith dhòmh, nach toir e dhomh còmhfhurt sam bith: ach 's ann a's ro mò thilgeas e sìos mi anns an àite is teotha do dh' ifrinn,

für am faod mi bhi snàmh ann an teine agus ann am pronasg gu siorruidh.

3. Thoir fainear mar so maille riut féin : Am bithinn subhach m' uile pheacannan a bhi agam, agus gach aon diù tighinn 'nam aghaidh, chum ceartas Dé a lasadh 'na m'aghaidh ? Am bithinn subhach a bhi air mo cheangal suas annta, mar a bha 'n triùir chloinne air an ceangal 'nan cuid aodaich, agus a bhi cho cinnteach air mo thilgeadh ann an àmhuinn theinteich corraich an Dé Uile-chumhachdaich, 's a bha iadsan ann an àmhuinn theintich Nebuchadnesair.

4. Thoir fainear mar so ; am bithinn subhach na deich àintean uile bhi agam, agus gach aon diù ullamh chum an cuid urchraighean a thilgeadh an aghaidh m' anma ? A' cheud àint' ag ràdh, Dìt e, oir bhrist e mise ; an dara h-àint' ag ràdh, Dìt e, oir bhrist e mise, agus mar sin sìos.

Thoir fainear cho uabhasach sa bhios so, seadh, ni's uabhsaiche na ged bhiodh deich do na gunnachan mòra 's mò am Breatuinn gu 'bhi air an losgadh an aghaidh do chuirp, tàirneanach, tàirneanach, aon an deigh aon eile ! Chan e sin a mhàin, ach cha bu choimis so ris na h-urchraighean a loisgeas an lagh an aghaidh t'anma air son thu ga bhristeadh ! Oir chan urrainn iad sud ach an corp a mharbhadh ; ach marbhaidh iad so araon chorpa agus anam :

agus sin, cha-n am rè uaire, latha, mìos, no bliadhna, ach dìtidh iad thu gu bràth.

Thoir fainear, tha e gu bhi chaoidh nan eaoidhean! 'Sann a chum dìteadh sìorruidh, léir-sgrios sìorruidh, corraich, shìorruidh agus duimb o Dhia, agartasan sìorruidh cogais, còmhnaidh shiorruidh maille ri deamhnaibh.

O thoir fainear, theagamh gu'n dean smuain mu 'n diabhol fhaicinn a nis' a thoirt air t'fhalt seasamh dìreach air do cheann. O ach so, a bhi air do dhamnad, a bhi am measg nan diabhol uile, agus sin cha n-e mhàin rè ùine mar a thuirt mi roimhe, ach gu suthainn, tre uile shiorruidheachd.

Tha so gu h-iongantach truagh, gu sìorruidh truagh, air chòr 's nach eil teanga duine, cha-n eil no teangan ainglean, comasach air a chur an céill.

5. Thoir fainear gu mòr maille riut féin, Cha n-e mhàin mo pheacannan an aghaidh an lagha a bhios air an cur ri mo chunntas, ach mar an ceudna na peacannan a chur mi'n gniomh ann an deanamh tàir air an t-soisgeul, air an t-soisgeul ghlòrmhor : feumaidh iad so mar an ceudna tighinn le guth 'na m' aghaidh ; mar so,—cha 'n e sin a mhàin, ach tha e toill-teannach air damnadh, oir dhiùlt e 'n soisgeul, rinn e tàir air saor-ghràs Dhé, a ta air a thairgs' anns an t-soisgeul. Cia iomadh uair a bha thu (a thruaghan dhamnait') air do chuir-

eadh, air a ghuidh' ort, air achanaich ort thu thighinn gu Criod chum tròcair a ghabhail, chum agus gu'm biodh neamh agad, agus do pheacannan air am mathadh dhut, t'anam air a thearnadh, do chorp agus t'anam air an glòrachadh, agus so uile gun luach sam bith ach a ghabhail, agus clann ud Shàtain a treigsinn tre chreideamh, a rinn le 'm beadradh agus le'm brosgul do tharrainn sìos do dhoimhne corraich shiorruidh Dhé.

Cia minig a leugh no dh' éisd thu na geallaidhean, seadh, saor-gheallaidhean na slàinnte choitchinn? Cia minig a leugh no chuala tu comhairlean agus teagasgan an t-soisgeul, chum gabbail ri gràs Dhé? Ach cha ghabhadh tu ris, cha robh meas agad air; chuir thu suarach iad gu léir.

Mar a b' àill leam thu thoirt fainear staid dhubbach agus bhrònach nam muinntir a bhàsaich a mach á Criod, agus a tha do leasachadh, mar sin b' àill leam thu thoirt fainear na h-iomadh tròcair agus sochair a tha thu a mealtainn os ceann euid (theagamh) do d' chompanaich, a ta air triall a chum an ionadan iomchuidh féin.

Mar 1. Thoir fainear, tha fathast snaithean do bheath' agad air a shìneadh, ni a dh' fhaodadh o chion seachd bliadhna, no tuilleadh, a bhi air a ghearradh ás air son do pheacannan, agus thusa a bhi air tuiteam sìos am measg nan lasraichean.

2. Thoir fainear, tha chumhachan no rèite tre chreideamh ann an Criosd fathast air an tairgse dhut, agus thusa air do ghairm, seadh, air a ghuidhe ort, gu gabhail riu.

3. Thoir fainear, cha-n eil ann do chumhachan na rèite (ceadaich dhomh a radh ach) a mhain creidsinn ann an Iosa Criosd, leis a' chreideamh sin a ghlanas an cridhe, agus a ni t'anam comasach air beathachadh air-san gu h-éifeachdach, agus a bhi air do thearnadh o'n staid bhrònaich so.

4. Thoir fainear, tha àm do thriall as an t-saoghal so am fagus agus th'an, t-àm mi-chinnteach, agus mar an ceudna air son 'na tha dh'f'hi os agadsa, faodaidh latha gràis a bhi air dol seachad ortmum bàsaich thu, oir cha-n eil e mairsinn cho fada ri beatha mhi-chinnteach an t-saoghal so. Agus ma's ann mar sin a bhios a' chùis, an sin bithidh fios agad, gu 'm beil thu gu bhi air do dhamnadh cho cinnteach's ged bhiodh tu ann an ifrinn cheana, mur gabh thu aithreachas anns an àm a ta làthair.

5. Thoir fainear, faodaidh e 'bhith gu 'm beil cuid dod' chàirdean r'an uile dhìchioll chum an gairm agus an taghadh a deanamh cinnteach, air dhaibh a bhi air cuir rompa dol do nèamh agus thusa a' deanamh do dhìchill a cheart cho teann ifrinn a dheanamh cinnteach dhut-féin, mar gu 'm biodh tu air cur romhad i bhi agad; agus cuideachd maille ris an so thoir fainear cia mar a phianas e thu, am feadh a

bba thus' a' deanamh ifrinn cinnteach dhut féin gu 'n robh do chàirdean a' deanamh neimh cinnteach dhaibh-san ; ach tuilleadh de so ann an ùine ghearr.

6. Thoir fainear, ciod an t-ath-smuainteachadh dubhach a bheir so gu t'anam, a bhi faicinn do chàirdean ann an nèamh, agus tu-féin ann an ifrinn ; t'athair ann an nèamh, agus tus' ann an ifrinn ; do mhàthair ann an nèamh, agus tua ann an ifrinn ; do bhràthair, do phiuthair, do chlann ann an nèamh agus thus' ann an ifrinn. Mar a thuirt Criod ris na h-Iudhaich mu dheibhinn an dilsean, do réir na feòla, mar sin faodaidh mise a radh riut-sa mu dhéibhinn do chàirdean, “Ann an sin bitidh gul agus *caoineadh*, agus giogsan fhiacal 'nuair a chi sibh' 'ur nathraichean agus bhur màthraichean, bhur bràithrean agus bhur peathraichean, fir-phòsta, agus mnathan posta, clann agus dislean, maille ri bhur càirdean agus bhur coimhearsnaichean, “ann an rioghachd Dhé agus sibh féin air bhur tilgeadh a mach,” Luc. xiii. 27—29.

Ach a rithist, do bhrigh nach b' àill leam a mhain innseadh dhut mu staid dhamnaidh nam muinntir ud a bhàsaich no a bhàsaicheas a mach a Criod, ach fòs iompaidh a chuir ort gu greim a ghabhail air beatha, agus dol do nèamh, thoir an aire do na nithibh so a leanas.

1. Thoir fainear, ciod sam bith a's urrainn thu dheanamh, a chum thu bhi air do ghabhail

gu taitneach le Dia, cha-n fhiach e salachar do chuid bròg, ach tha e “uile mar luideagan salach,” Isa. lxiv. 6.

2. Thoir fainear, gu ’m beil agus gu ’n robh chumhachan a’ Chumnanta Nuaidh (a thaobh tearnaidh) gu h-iomlan air an coilionadh leis an Tighearn Iosa Criod, agus sin air son pheacach.

3. Thoir fainear, gu ’m beil an Tighearn a’ gairm riut, gabhail ris gach ni a rinn Criod, agus sin gu saor, Tais. xxii. 17.

4. Thoir fainear, nach urrainn thu onair as mò chuir air Dia le ni sam bith, na ni thu le teannadh a steach r’ a thairgsean gràis, tròcail, agus mathanas peacaidh, Rom. iv.

A rithist, an ni sin a chuireas ri càch gu léir, bidh dearbh thròcail Dhé agad, ful Chriod; luchd-searmonachaидh an fhacail, maille ris gach searmoin ; uile gheallaidhean, ghairmean, earailean, agus uile chomhairlean agus bhag-raidhean facail Dé, bithidh agad t'uile smuaintean, bhriathran, agus ghniomhrran, maille ri t'uile lòn, t-uile thrusgan, do chadal, do mhaoin, agus mar an ceudna na h-uile uair, latha, seachduin, mios, agus bliadhna, maille ris gach ni eile thug Dia dhut ; tha mi ’g radh, do mhi-ghnathachadh orra so uile thig e suas ann am breitheanais an aghaidh t'anma. Oir ni Dia cunntas riut air son, “gach ni mas math no olc,” Eccles. xii. 14.

5. Cha n-e sin a mhain ach ni’s fhaide, tha

e na ni cho mi-reusonta do dh' anam an soisgeul a dhiùltadh 's gu 'n tig na dearbh dhiabhoil iad-féin a steach 'na t'aghaidh cho math ri Sodom, am buidheann mhallaichte sin: nach faod iad, tha mi 'g radh, tighinn a steach 'na t'aghaidh, agus a ràdh, O thusa a dhuine ghòraich ! O a thruaghain shalaich ! aig nach robh uiread do chùram mu dhéibhinn t'anma, t'anma prìseil, 's a th' aig a' bhrùid mu dhéibhinn a h àil no th'aig a chù mu 'n dearbh chnàimh a tha 'na laidhe fa 'chomhair. An robh t'anam cho luachmhor, agus cho beag meas agad-sa air ? An robh tàirneanaich an lagha cho uabhasach, agus an d' rinn thusa cho mòr do thàir orra ? Osbarr an robh an soisgeul cho saor, cho tric, cho làn air a thairgse dhut, agus gidheadh an do dhiùlt thusa na nithe so gu léir ?

An do mheas thu peacadh ni's luachmhoire na t'anam ? Dia, Criod, ainglean, naoimh, agus co-chomunn maille riu ann an sonas agus an glòir bhithbhuan ? Nach robh air innseadh dhut mu dhéibhinn teine-ifrinn, na lasraichean do-fhulang ud ? Nach cuala tu riamh mu dhéibhinn na rànaich do-fhulang ud aig a' mhuinntir dhamnaite a ta ann an sin ? Nach chuala no nach do leugh thu riamh na seann-achas brònach sin a th' anns an t-sèadhamh caibidil deug do Lucas, mar tha 'n duine peacach ag éigheach a mach am measg nan lasraichean, "Aon bhoinne uisge gu fuarach-

adh mo theanga?" Mar so tha mi 'g radh faodaidh na dearbh dhiaboil, a bhi ullamh gu dol maille riut a steach do'n amhuinn loisgeach theine agus phronnaisg, ged nach ann air son peacannan cho cudthromach, ri do pheacannansa agus ag ràdh air balla-chrith.—O nach ann a bha Criod air bàsachadh air son dhiabhol, mar a bhàsaich e air son duine! Agus, O nach ann a bha 'n soisgeul air a shearmonachadh dhuinne, mar a bha e dhutsa! Cia mar a shaothraicheadh sinn gu dlùthadh a steach ris? Ach an-aoibhinn duine, oir cha-n fhaodadh e a bhi air a thairgse dhuinn riamh: cha-n fhaodadh, cha-n fhaodadh anns an tomhas bu lugh, ged bhiodh sinn aoibhneach air a shon. Ach dhut-sa, dhut-sa, bha e air a thairgse, air a shearmonachadh, agus air a chuir an céill, (Gnà. viii. 4.)—Osbarr, bha air a ghuidhe agus air achanaich ort gabhail ris, ach cha b' àill leat-sa. O amadan an gun toinisg! a dh' fhaodadh dol ás o chorraich, o dhioghaltas, o theine ifrinn, agus sin tre uile bhith-bhuantachd, agus aig nach robh cridhe gu sin a dheanamh.

6. Nach faod teachdraicheadh Iosa Criod mar an ceudna tighinn a steach le cùis-dìtidh gheur agus uabhasach an aghaidh t'anma, 'nuair a sheasas tu a fa-chomhair ionad ceartais Dé, ag radh, Cha n-e sin a mhàn, ach thus' ain-diadhaich, cia minig, a bha rabhaidh air a thoirt dhut mu dhéibhinn an latha so? Nach

do sheirm sinne caiseamach ann ad chluasan, le tràmpaid facail Dé, latha an deigh latha? Cia minig a chuala tu sinn ag innseadh dhut mu na nithibh so? Nach d' innis sinn dhut gu 'n dìteadh peacadh t'anam? Nach d' innis sinn dut, a dh' easbhuidh iompachaидh, nach robh tearnadh sam bith? Nach d' innis sinn du:, gu 'm biod iad-san a ghràdhaich an euid peacannan, air an damnadh aig an latha dhorch' agus ghruamach so (mar a tha choltas orsta bhith?) Gidheadh nach d' innis sinn dhut, gu 'n do chuir Dia a mach, a thaobh a ghaoil do pheacaich, Criod gu bàsachadh air an son, a chum gu 'm biodh iad-san (le tighinn thuigesan) air an tearnadh? Nach d' innis sinn dhut mu na nithibh so? Nach do ruith sinn, nach do mharcaich sinn, nach do shaoithrich agus nach d' rinn sinn spàирн gu pait (nam faodadh e 'bhith) air son math t'anma (ged tha e nise na anam caillete)? Nach do chuir sinn ar maoin, ar anmannan, ar beatha an cunnart? Seadh, nach d' rinn sinn eadhon sinn féin a mharbhadh le'r n-achanaichean ort do staid a thoirt fàinear, agus an latha uabhasach so a sheachnadh tre Chriod? O a bhreth, an dìteadh, a chrioch bhrònach dhubbach! 'Nuair a bhios tu air t'éigneachadh, gu làn-ghòirt an aghaidh do thoile, gu tuiteam fo fhìrinn a' bhreitheanais so, ag ràdh, "O! Cionnas a thug mi fuath do theagasc agus a rinn mo chridhe tāir air achimhasan," oir gu dearbh cha robh mi

“ umhal do ghuth mo luchd-teagaisg, agus cha d'aon mi mo chluais riusan a theagaisg mi,” Gnà. v. 12—13.

7. Nach faod t'athar, do mhàthair, do bhràthar, do phiuthar, do charaid, do choimhnearsnach, agus mar sin sios, taisbeanadh le gàirdeachas 'na t'aghaidh aig an latha uabhasach ! ag ràdh, O thus' a thruaghain ghòraich ! Nach ceart a choinnich Dia riut ! O nach ceart a thug e binn ort ! Cuimhnich, cha b' àill leat a bhi air do riaghlaigh, no air do chomhairleachadh ann an àm do bheatha ; mar nach biodh spéis agad dhuinn fèin no do 'r comhairlean 'san àm ud, mar sin cha mhò th' oirnne do chùram as leth do sgrios, t' uabhas, agus do dhamnadhsa nise. Cha-n eil, ach seasaidh sinn air taobh Dhé ann am breith a thoirt ort gu bhi air do chuir a chum na cuibhrionn sin do 'm bi na deamhnabh agad mar luchd-compairt. “ Bidhidh aoibhneas air an fhìrean 'nuair a chì e an dioghaltas : nighidh e a chasan ann am ful an duine aingidh,” (Salm lviii. 10.) O is truagh ! Is leòir e gu thoirt air beauntaibh crithneachadh, agus air creagan sgàineadh agus sgoltadh 'nam bloidibh an fhuaim bhrònach, chianail so a' chluinntinn. Thoir fainear na nithe so, agus mas a math leat gun a bhi anns a' chòr so ; thoir an aire nach bi thu beò ann am peacadh an dràtsa. Cia cho aindeonach sa bhios tu a bhi air do thilgeadh air falbh o gheatachan néimh ?

Agus cia cho aindeonach sa bhios tu air do thoirt o thròcair Dhé?

Cia cho ain-deònach sa thriallas tu chum an loch theine : cha robh fear droch-bheirt riagh cho aindeònach air pilleadh o'n chroich, an uair a bha tobha na croiche mu mhuineal, 's a bhios tusa gu tionndadh bho Dhia chum an diabhoil, o nèamh gu ifrinn, nuair a bhios binn air a toirt air t'anam.

Och ! mar a ni thu osnaich agus caoidh ? Cia cho deònach a dh'fhalaicheadh tu thu féin, agus a ruitheadh tu air falbh o cheartas ? Ach mo thruaighe ! mar iadsan a ta ann an gobhal na croiche ullamh gu a bhi air an crochadh, mar sin tàrlaidh dhutsa. Bu toileach a ruitheadh iad air falbh, ach tha iomadh fear-pìce sgu'mbacadh : agus mar sin iathaidh ainglean Dé mu 'n cuairt dut, tha mi 'g ràdh, cruinn air gach taobh ; air chör'sgu'm faod thu darìreadh sealltainn, ach ruith cha-n urrainn thu ! Faodaidh tu guidhe thu féin a bhi fo chreig no fo bheinn mhòir air chor-eigin," (Taisb. vi. 15, 16.) Ach cionnus a gheibh thu foipe cha-n fhios dut.

Och cia neo-thoileach sa bhios tu leigeadh le t'athar dol do neamh, as t-eugmhais, do mhàthar no do chàirdean, &c. dol do neimh as t-eugmhais féin ! Cia toileach a chrochadh tu riu, chum an cumail o dhol ann ! O athair ! nach urrainn thu mo chòmhnad ? A mhàthair nach h-urrainn dutsa beagan math a dheanamh

dhomh? O cia cho aindeònach sa ta mi air mo losgadh agus mo ròstadh ann an ifrinn, am feadh abhios sibhse a' seinn ann an nèamh? Ach mo thruaige! ni'n t-athar, a' mhàthar, agus càird-ean an diùltadh, tàir orra, agus tionndaidh iad an cul riù, ag ràdh, Cha b' àill leibh a bheag de nèamh ann bhur beatha, uime sin cba bhi bheag sam bith agaibh dheth a nise; chuir sibh suarach ar comhairlean-ne an uair sin, agus tha sinne a' cur suarach bhur deòir, bhur éigheach, agus bhur còrsa nise. Ciod a tha thu 'g ràdh, a pheacaich? Nach cuir so iompaidh air do chridhe, 's nach toir e ort thu-féin a chuimh-neachadh! Nach toir e ort smuaineachadh ort féin? Tha so an nise mu'n tuit thu anns an àit' uabhasach sin, an àmhuinn theinteach sin. Ach o thoir fainear cia uabhasach eagalach a bhios an t-àit féin, a bhios na diabhoil féin, a bhios an teine! Agus an so aig crioch nan uile, is éigin dut laidhe gu sìorruidh ann an so is éigin dut a bhi ròstadh a chaoideh nan caoidhean. Bithidh so ni's mò dhut na's urrainn duine sam bith a chuir an céill le teanga, no sgrìobhadh le peann cha-n eil neach sam bith a 's urrainn, tha mi 'g ràdh an deicheamh mìle cuid a chuir an céill do staid agus-do chòr a leithid do dh' anam.

Co-dhùnaidh mi so ma ta le beagan do bheachdan misnich.

1. Thoir fainear (oir b'àill leam gu dùrachdach thu thighinn a steach, a' pheacaich),

gu 'm beil sligh air a fosgladh le Iosa Criod air an son-san a ta fo mhallachd Dhé, gu tighinn a chum staid chòmhfhùrtach agus bheannaichte Lasarus, mu'n robh mi labhairt: Ephes. ii.

2. Thoir fainear, ciod an t-saothair a ghabh Criod Iosa air son t-anam a saoradh o uile mhallachdan, thàirneanaich, agus stoirmean an lagha; bho uile lasraichean do-fhulang na h-ifrinn'; o 'n choltas dol-sios anma do phearsa (air an làimh chli) fa chomhair cathair bhreitheanais Chriod Iosa; bho cho-chomunn sìorruidh maille ri cuideachd do-àireamh do dhiabhoil sgreadach, sgriachach, chulaidh-uabhair-anma. Tha mi 'g ràdh, ciod an t-saothair a ghabh an Tighearn Iosa Criod ann an toirt saorsainn a steach air son pheac-airch, o na nithibh so.

1. Anns, Ged a bha e saibhir gidheadh gun d'rinneadh bochd e air bhur sonsa chum gum biodh sibhse saibhir tre bhochdainn-san, (2 Cor. viii. 9.) Gu 'n do chuir e gu taobh a ghlòir, (Eoin xvii.) "agus gu 'n tàinig e gu a bhi 'na sheirbhiseach," Phil. ii. Gu 'n dh' fhag e cuideachd ainglean, agus gu 'n do chathaich e an aghaidh an diabhoil, (Luc. iv. Mat. iv.) Gu 'n d' fhàg e suaimhneas néimh re sheal chum laidhe air beannraig cruaidhe, (Eoin viii.) A dh'aon fhacal, gu 'n tàinig e gu a bhi ni's bochte na iadsan a tha 'g oibreachadh sùist' a's ràcain; seadh nan dearbh

eanlaidh no na sionnaich, agus sin uile gu math a deanamh dhut-sa. A bharr air so, thoir fainear beagan do 'na tarchuisean agus do na diùltaidhean do-labhairt agus do-fhulang so, agus na mi-ghnàthachaidhean iom-f hilteach so a thainig air o dhuine. Cia mar a bha e gu breugach air a chasadid 's air a dhìteadh, air dha a bhi na Uan taitneach neo-lochdach, agus neo-thruaillidh. Cia mar a bha e air a chuir suarach, air chòr 's gu 'n robh mortair air a mheas ni bu neo-thoillteannaiche air dìteadh na esan. A bharr air so, cia mar a rinn iad fanaid air, a thilg iad smugaidean air, a bhuailead iad e sa cheann le batachan, bha fhalt air a spionadh ás. "Thug mi mo dhruim do 'n luchd-bualaidh (ars' esan) agus mo ghruaidhean dhaibh-sana spion m' fhionnadh, cha d' f halaich mi m' aodann o làire agus smugaidean." Cia mar a bha a cheann air a chrùnadadh le droighinn a làmhan air an tolladh le tairnean, agus a thaobh le sleagh; maille ris mar a sgiùrs' iad e, agus cho truagh sa mhi-ghnàthraig iad e, 's gu 'n do chlaoividh iad e gu mòr mu'n d' rinn iad a cheusadh, air chòr 's gu 'm b' fheudar do dh' fhear eile a chrann-ceusaith iomchair.

A rithist, cha-n e so a mhain, ach gabh gu d' chridh car greis na fhuair e bho Dhia, Athair, gràdhach, ged b' e a Mhac gràidh agus caomh. Air tùs, anns gu 'n do mheas se e am peacach agus an ceannairceach bu mhò air an t-saoghal: oir chuir e peacannan mhìltean, agus dheich

mìltean, agus mìltean do mhìltean r 'a chunntas, (Isa. liii.) Agus thug e air an copan uabhasach òl a bha dligheach dhaibh uile : agus cha n-e mhain sin ach ghabh e tlachd ann an sin a deanamh : “ Oir thoilich an Tighearn a bhruthadh.” Bhuin Dia da rireadh r'a Mhac, mar a bhuin Abraham ri Isaac, seadh, agus ni b' uabhasaiche mar dheich mìle cuid. Oir rinn e cha n-e mhain a chorp a reubadh mar ni leòghan, ach rinn e anam 'na iobairt air son peacaidh. Agus cha robh so air a dheanamh gu meallta, ach gu firineach, (oir ghairm ceartas air a shon, air dha a bhi 'na sheasamh ann an àite pheacach, faic an chruaidh-ghleachd oillteil agus dho-labhairt a thuit air gu h-obann anns an ghàradh, mar gu 'm biodh uile shaithichean dioghaltais tinnt-each do-labhairt Dhé air an tilgeadh air uile an aon uair, agus mar gu 'm biodh na h-uile dhiabhol ann an ifrinn air an leigeadh fa-sgaoil colath chum a sgrios, agus sin gu bràth ; ionnun's 's gu 'n do ghlac dearbh phiantan a' bhàis e anns an uair sin féin. Oir thuirt e, “ Tha m' anam ro bhrònach eadhon gu bàs,” Marc xiv. 33, 34.

Faic mar an ceudna am falas iongantach sin a shruth sios air aodann ro-bheannaite-san, anns an ait anns am beil e gràdh ; “ Agus bha fhallas mar bhraonaibh mòra fala a' tuiteam sios air an talamh.” O Thighearna Iosa ! ciod an sac a ghiùlan thu ! Ciòd an t uallach a dh' iomchair

thu do pheacannan an t-saoghail, agus do chorraich Dhé! O rinn thu cha n-e mhain t'fhuil a chall air do shròin agus air do bheul, leis a chudthrom a laidh ort, ach bha thu cho sàraichte, cho luchdaichte, 's gu 'n do bhrùehd an fhuil fhior-ghlan tre 'n fheoil agus tre'n chraicionn, agus mar sin ruith i a' sileadh sios chum na talmhuinn. An urrainn dut so a leughadh. O thus' a pheacaich aingidh, agus gidheadh dol air t'adhaidh ann am peacadh? An urrainn thu smuainteachadh air a so, agus dàil a chuir an athreachas aon uair ni's faide? O a chridhe chloiche! 'seadh, ni's cruaidhe. O a thruaghain thruaigh! Ciod an t-àite ann an ifrinn a bhios teth gu leòir air do shon gu t'anam a bhi air a chur ann, ma bhuan-aicheas tu ann an cur aingeachd ri aingeachd?

Osbarr, chaidh anamsa sìos do dh' ifrinn, (Salm, xvi. 10. Gniomh. ii. 31.) agus a chorp fo ghlasan na h-uaighe. Agus na 'm biodh ifrinn, bàs, no 'n uaigh laidir na's leòir gu chumail, dh' fhuiligeadh e dioghaltas teine sìorruidh tre uile bhith-bhuantachd. Ach, o Iosa bheann-aithe! Cia mar a leig thu ris do ghaol do dhuine le thu dh' fhulang mar so! Agus, O Dhia an t-Athair! cia mar a chuir thusa an céill t' fhir-ghlaine agus neo-chlaonachd do cheartais, anns, ge do b'e f'aon Mhac Iosa, naoinha, neo-chiontach, neo-lochdaidh, agus

neo-thruaillidh ; a ghabh air, ar nàdur-ne, agus a sheas ann ar riochdaine, a' freagairt air son ar peacannan : rinn thu cho iongantach do chorraich a thaomadh air, gu thoirt air éigheach a mach, "Mo Dhia, mo Dhia, c' arson a thréig thu mi ?" Agus, O Thighearn' Iosa ! Ciod a' bhuaidh ghlòrmhor a fhuair thu thar nàimhdean ar n-anmannan, eadhon air corraich, peacadh, bàs, ifrinn, agus deamhnan, anns gu 'n d' fhàisg thu thu-féin o bhi fo 'n cumhachd-san uile ! Agus cha n-e sin a mhain ach chuir thu iad-san ann am braighdeanas, leis am b' àill sinne a chur am braighdeanas ; agus fòs fhuair thu air ar son-ne an oighreachd ghlòrmhor agus dho-labhairt sin. Nach fhaca sùil, 's nach cuala cluais, 's nach mo thàinig e ann an cridhe dhuine a thuigsinn." Agus mar an ceudna thug thu dhaibh cuid do dh' fhoillseachadh dheth tre do Spiorad.—Agus a nis' a pheacaich, maille ris a' so, thoir fainear.

Anns a 'cheathramh àite, Ged rinn Iosa Criod na nithe so uile air son pheacach, gidheadh is e gnàth obair agus càram nan deamhnan a bhi saoithreachadh a chum thus agus muinntir eile a chumail o na sochairean beannaicht' so mhealtainn, a bha mar so air an cosnadh do peacaich, leis an Iosa chaomh so. Tha e saoithreachadh, tòa mi 'g radh.

1. Chum do chumail aineolach mu do staid a thaobh nàduir.

2. Chum do chridhe a chruadhachadh an aghaidh sligheachan Dhé.

3. Chum do chridhe a lasadh le gaol do 'n pheacadh, agus do shligheachan an dòrchadais.

Agus 4. Chum do chumail gu buanachd annta so. Oir's e sin an dòigh, tha fios aige, gu t' fhaighinn gu bhi 'na t'fhear-co-pàirt maille ris do theine lasarach na h-ifrinn, eadhon an teine ceudna chum am beil esan e-féin air tuiteam ; maille ris a' chuid eile do'n t-saoghal aindiadbaidh, air son peacaidh : seall ris air an aobhar so.

Ach a nis' *anns an ath àite*, facal misnich dhuihbhse a ta 'n-'ur naoimh an Tighearna.

1. Thoir fainear, ciod an staid shona' anns àm beil thusa, a fhuair creideamh an Tighearna Iosa a steach do t' anam. (Ach bi cinnteach gu 'm beil e agad). Tha mi 'g radh, cia cho tearuinte, cho cinnteach, cho sona sa là thu. Oir 'nuair a théid cuid eile do dh' ifrinn, eumaidh tusa a dol do neamh ; 'nuair a théid cuid eile chum an diabhoil, feumaidh tusa dol a chum Dhé ; 'nuair a théid cuid eile do phriosan, feumaidh tusa a bhi air do chuir fa-sgaoil, aig socair, agus aig saorsa ; 'nuair a dh' fheumas cuid eile a bhi gul le bròn cridhe, an sin seinnidh tusa mar an ceudna le aoibhneas inninn.

2. Thoir fainear, feumaidh tu t'uile dheagh chaithebeatha bhi agad gu do leantainn, an

àite t'uile pheacannan; agus beannachdan glòrmhor an t-soisgeil an àite mallachdan agus dìtidhean uabhasach an lagha; beannachdan an Athar an àite binn theinteach o 'na bhreitheamh.

3. Thigeadh am bàs 'nuair a's àill leis, cha-n urrainn e cron sam bith a dheanamh ortsa; oir cha bhi e ach a mhàin 'na shlighe a mach á priosan a steach do lùchait; a mach á cuan do thrioblaidean, a steach do chala na sìthe; a mach a dòmhladas nàimhdean, gu cuideachd do-àireamh do chàirdean dealaidh, gràdhach, agus dileas; a mach á nàire, masladh agus dimheas, a steach do ghlòir ro mhòr agus siorruidh. Oir cha dean am bàs do chiùradh le ghath, no do ghearradh le fhiacan anam-mhurtaidh, ach 's ann a bhios e 'na aoidh thaitneach dhut, eadhon do t'anam, agus gu 'm beil e air a chuir air leth gu do shaoradh o t'uile thrioblaidean anns am beil thu am feadh a tha thu chòmhnaidh san t-saoghal so, anns a' phàilliunn chré.

4. Thoir fainear, cia b'e sam bith a dh' éireas do d' chairdean agus do d' dhìlsean, gidheadh éiridh gu math dhutsa.

Cia b'esam bith a dh' éireas do'n aingidh, "gidheadh tha fios cinnteach agam," ars esan, "gu'n éirich gu math dhaibh-san air am bi eagal Dé, air am bi eagal 'na làthair," Ecle. viii. 12.

Agus uime sin, thugadh so ort, anns a 'cheud àite, t'fhoighidean a ghnàthachadh gu suilbhear

fo na h-uile thruaighean, chroisean, thrioblaidean agus shàrachaidhean a dh' fhaodas tighinn ort; agus le buanachadh gu foighidneach ann am math a deanamh araon thu féin agus do ghnothaichean agus do ghniomharran earbsa ri Dia, tre Iosa Criodmar ri Cruithear dìleas, a chumas ri fhacal, agus leis a math gach ni gheall e thoirt dhut.

2. Agus uime sin gu d' mhisneachadh, am feadh a ta thu 'n so, chum do cumail air t'adhart le comhf hurt air son t'uile chroisean ann ad thuras san t-saoghal so, bi gu mòr a' smuainteach air an àite chum am feum thu triall 'nuair a ghairmeas am bàs air falbh thu.

Feumaidh e bhith gu Dia breitheamh nan uile, gu cuideachd do-àireamh do dh' ainglean, spioradan dhaoine ionraic air an deanamh fairfe, gu cho-thional agus eaglais nan ceud-bhreith, aig am beil an ainmean sgrìobht' ann an nèamh, agus gu Iosa (gus an Fhear-shaoraidh) an neach is e Eadar-mheadhonair a Chumhnanta Nuaidh, agus gu ful a chrathaidh, a tha a' labhairt nithe a's fearr air do shonsa na labhair ful Abeil air son Chain, Eabh. xii. 22—24.

3. Thoir fainear, an uair a bhios an t-àm anns am bi na mairbh air an togail air tighinn an sin bithidh do chorpsa air a thogail a mach ás an uaigh, agus bithidh e air a ghlòrachadh agus air a dheanamh coltach ri Iosa Criod, Phil. iii. 21. O an còr oirdhearc !

4. 'Nuair a shuidheas Iosa Criod air cathair a ghloire suidhidh tusa mar an ceudna maille ris—eadhon an uair a shuidheas e air cathair a ghloire. O nach bi so glòrmhor urramach, an uair a bhios mìlltean agus mìlltean do mhìlltean air an dìteadh ann an làthair cathair bhreitheanais Chriosd, a sin air an son-san suidhe maille ris air a chathair, gu binn a thoirt a mach air na h-aindiadhaidh, (1 Cor. vi. 2. 3.) Nach bi e 'na ni glòrmhor a bhi a mealltainn nan nithe ud nach f'aca sùil, 's nach chuala cluais, 's nach mo thàinig e steach do chridhe duine a thuigsinn ?

Nach bi e 'na ni glòrmhor a bhrefh so a thoirt orra, "Thigibh, sibhse a mhuinntir bheannaichte m' Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rioghachd a ta air a h-ullachadh dhuibh mu'n do shuidheachadh bunaid an domhain?" Nach bi e 'na ni glòrmhor dol a steach a sin comhla ris na h-ainglean agus na naoimh do 'n rioghachd glòrmhor sin? Nach bi e na ni glòrmhor air do shon a bhi ann an glòir maille riu, am feadh a bhios cuid eile ann an piantan do-labhairt? O an sin! Cia mar a bheir e comhf hurtach dhut a bhi faicinn nach do chaill thu ghlòir sin ; a bhi a' smuain-eachadh nach d' f'huair an diabol t'anam, gu 'm biodh t'anam air a thearnadh, agus sàbhailt', agus sin cha-n ann o chunnart beag, ach o chunnart ro mhòr ; cha-n ann le slàinte bheag ach le slainte mhòr. O air an aobhar sin

biodh na naoimh aoibhneach ann an glòir, deanadh iad buaidh-caithream thar an uile nàimhdean. Tòisicheadh iad ri seinn nèimh air talamh, air buaidh-caithream mu'n tig iad gu glòir, eadhon 'nuair a tha iad ann am meadhon an nàimhdean : "Oir bithidh an t-urram so aig na naoimh uile," Salm, cxlix.
5—9.

"Thuirt Abraham ris, Tha Maois agus na fàidhean ac', éisdeadh iad riù-san.—Rann 29.

ANNS na rainn roi' so, chì sibh, gu 'm beil staid thruagh an anma sin a' bhàsaicheas a mach á Criod, agus á fàbhair àraidih Dhé air am foill-seachadh. Agus mar an ceudna, cho beag feart sa th' aig Dia glòrmhor nèimh air an còr truagh.

A nis' anns an rann so tha e 'g àrdachadh an f hacail a bha air a labhairt ris an t-sluagh leis na fàidhean agus leis na h-abstoil. "Tha Maois agus na fàidhean ac' éisdeadh iad riùsan." Mar gu 'n abradh e, Tha thusa g iarraidih orm, gu 'n cuirinn Lasarus air ais a rithist do 'n t-saoghal, gu searmonachadh dhaibhsan a tha bëò ann an sin, a chum 's gu 'm faodadh iad an t-àite brònach sin anns am beil thusa a sheachnad : ciod am feum a nì sin? Nach eil Maois agus na fàidhean aca? Nach robh mo mhinistearan agus mo

sheirbhisich air an cnir g'an ionnsaidh, agus a' tighinn mar uam-sa? Chuir mi Enoch agus agus Noah, Maois agus Samuel. Chuir mi Daibhidh, Isaiah, Ieremiah, Eseciel, Daniel, Hosea, agus a' chuid eile do na fàidhean, maille ri Peadar, Pol, Eoin, Mata, Seumas, Iude, maille r'a càch, "éisdeadh iad riu-sa." Na labhair iad le deachdadadh an spiorad naoimh' aidichidh mise e, cò dhiù a bhios e air son daimhnamh nam muinntir ud a dhiùltas, no tearnadh nam muinntir a ghabh no a ghabhas r' an teagascg-san. Agus air an aobhar sin, ciod e 'm feum a th' aca air gu 'm biodh aon air a chur thuca air dòigh eile? "Tha Maois agus na fàidhean ac', éisdeadh iad riu-san;" gabhadh iad r'a facal-san, teannadh iad a steach ris an teagascg a th' air a chur an céill leo-san. Cha labhair mi aig an àm so ni sam bith air an fhacal sin "Abraham" air dhomh beantainn rischeana; ach innisidh mi duibh ciod a tha gu bhi air a thuigsinn leis na briathran, "Tha Maois agus na fàidhean ac' éisdeadh iad riu-san." Na nithe a bheir mi fainear uaithe so, 's iad so, (1.) Gu' m beil na sgriobturan a th' air an labhairt le daoine naomha Dhé 'nau riaghailt gu leòir gu teagascg a chum tearnaidh an dream a chreideas, agus a theanas a steach gu cinnteach ris na tha iad a' teagascg. "Tha Maois agus na fàidhean ac' éisdeadh iad riu-san." 'S e sin, na 'm b' àill leo an t-àite cianail sin a sheachnadh, agus a bhi air an tearnadh

a rìreadh o phiantan do-fhulang teine ifrin, mar a tha iad ag iarraidh, tha ac' an sin tha gu leòir gu 'n comhairleachadh. " Tha Maois agus na fàidhean aca biodh iad air an teagasg leosan, éisdeadh iad riu-san." " Oir tha 'n sgriobtur uile air a dheachdadhl le Spioraid Dhé, agus tha e tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaiddh, chum oilean ann am fireantachd." C'arson ? " chum gu 'm bi òglach Dhé coimhlionta chum gach deagh oibir." (2 Tim. iii. 16, 17.)

Beachdaich air na briathran so :—" Tha 'n sgriobtur uile tarbhach : Uile, gabh e ann an àite sam bith a's àill leat ;" " Tha e uile tarbhach." " A chum gu 'm bi duine Dhé," no esan a tha a' dol do nèamh a' teagasg muinntir eile air an turas a chum an àite sin.

Tha e tarbhach gu theagasg, ma bhios e aineolach, gu chronachadh, ma pheacaicheas e, gu chuir ceart, ma tha feum aig air ; gu dhaighneachadh ma bhios e ann an iomachomhairle. Tha e tarbhach air son teagaisg, agus so uile ann an rathad ro ionraic, a chum 's gu 'm bi an t-anam cha n-e mhàin air a chobhair, ach gu h-iomlan air uidheamachadh, cha-n ann a mhain a chum cuid, ach a chum gach uile dheagh oibre. Agus 'nuair a b' àill le Pòl Timoteuis a chomhairleachadh, gu leantainn dlù ris na nithibh a ta fallan agus cinn teach, chuir se e air ball chum nan sgriobturan, ag radh. B' aithne dhut o'n

bha thu ann ad leanabh, na sgriobturan, a tha comasach air do dheanamh glic a chum slàinte tre chreideamh ann an Iosa Criosd. Tha 'n sgriobtur a' cumail a mach inntinn agus toil Dé, a ghaol agus a thròcair a thaobh an duine, agus mar an ceudna giùlan nan creutairean da thaobh-san o thoisearch gu deireadh; mar sin na 'm b' àill leat aithne a bhi agad air gaol Dé ann an Criosd do pheacaich, "A sin rannsaich na sgriobturan, oir is iad san a ta toirt fianais mu thim-chioll-san."

Na'm b' àill leat fios a bhi agad ciod a tha thu, agus ciod a th' ann ad' chridhe, an sin rannsaich na sgriobturan, agus faic ciod a tha sgriobht' annta-san, (Rom. iii. 9—18; i. 19—31. Ier. xvii. 9. Gen. vi. 5. Caib. viii. 21. Ephes. iv. 18,) maille ri iomadh eile. Na sgriobturan, tha mi 'g radh, tha iad comasach gu seòladh foirfe a thoirt do dhuine steach do ni sam bith do nithibh Dhé, a tha feumail do chreideamh agus do dhiadhachd, ma 's e's gu 'm beil aige cridhe ceart, gu cothromachadh agus smuaineachadh gu dùrachdach air na nithibh fa leth a tha air an cur sìos annta. Mar choimis ni's sònraite chum tuilleadh soillearaichidh air a so; agus air tùs ma thig sinn gu cruthachadh an t-saoghal.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad air rud éigin mu dhéibhinn sin, leugh Gen. i. agus ii. agus

coimeas iad ri Salm xxxiii. 6 Mar an ceudna Isa. lxvi. 2. Gnà. viii. gu crìoch.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn cò dhiù a rinn se iad do rud-éigin no do neo-ni, leugh Eabh xi. 3.

N'am b' àill leat fios a bhi agad an do chuir e mach saothair sam bith g'an deanamh, mar a ta sinne a' cur a mach ann an deanamh nithibh, leugh Salm xxxiii. 9.

Na 'm b' àill leat fios a bhi agad cò dhiù a bha 'n duine air a dheanamh le Dia truaillidh no ionraic. leugh Ecles. xii. 26. Gen. i. 10—31.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad c' àit an do shuidhich Dia an duine an deigh dha chruthachadh, leugh Gen. ii. 15.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad am beil an duine sin bed ann an sin fathast no nach eil, leugh Gen. iii. 23, 24.

Na 'm b' àill leat fios a bhi agad am beil an duine fathast anns an staid sin a thaobh nàduir, anns an do shuidhich Dia e, leugh Ecles. vii. 29, agus coimeas e ri Rom. v. 16, agus Ephes. ii. 1—3. “Rinn Dia an duine ; ionnraig ach dh'iarr e féin iomadh innleachd a mach.”

Na 'm b' àill leat fios a bhi agad cò dhiù a b'e 'n duine a bha air tùs, air a mhealladh, no a' bhean, a rinne Dia 'na banna chòmpanach dha leugh Gen. iii. 6, agus coimeas e ri 1 Tim. ii. 14.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad an do mheas

Dia Adhamh ithe do'n chraoibh thoirmisgte, a bhi na pheacadh no nach robh, leugh Rom. v. 12—15, agus coimeas e ri Gen. iii. 17.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn cò dhiù a'b'e 'n diabhol a mheall iad, no nathair nàdurrach sin a ta taghal nan ionadan uaigneach, leugh Gen. iii. 12, Tais. xx. 1—3.

Am b' àill leat fios fhaighinn am beil no nach eil am peacadh sin air a chur ás ar leth-ne, leugh Rom. v. 12—15, agus coimeas e ri Ephes. ii. 2, 3.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn cò dhiù a bha no nach robh an duine air a mhallaichadh air son a pheacaidh, leugh Gal. iii. 10. Rom. v. 15.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad cò dhiù a thuit a' mhallaichd air an duine, no air a chruitheachd gu léir maille ris, coimeas Gen. iii. 7, ri Rom. viii. 20—22.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn am beil an duine air a thruailleadh anns gach earrainn deth, leis a' pheacadh a chuir e an gniomh, leugh Isa. i. 6.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn air tograidhean an duine colath 's a tha e air a bhreith, leugh Salm lviii. 3. "Tha na h-aingidh a' ciaonadh, o'n bhroinu, tha iad a' dol air seachran o'm breith."

Na'm b' àill leat fios a bhi agad an urrainn duine, air dha tuiteam o Dhia aon uair le

peacachadh, e-féin a shaoradh leis na h-uile a's urrainn e dheanamh, leugh Rom. iii. 20, 23.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad an e iarrtas cridhe duine a thaobh nàduir, Dia a leanmhainn 'na rathad féin no nach e, coimeas Gen. vi. 5; viii. 21, ri Hos. xi. 7.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad cionnas a sheas cridhe Dhé, ann an gràdh do thaobh an duine roi' thoiseach an t-saoghal, coimeas Eph. i. 4, ri 2 Tim. i. 9.

N'an b' àill leat fios a bhi agad an robh am peacadh gu leòir gu gaol Dé a tharruinn o a chreutairean coimeas Ier. iii. 7. Mica vii. 18, ri Rom. v. 6—8.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn an do sheas gaol Dé fathast do thaobh a chreutairean airson ni sam bith a b' urrainn iad a dheanamh a chum co-leasachadh a dheanamh dha, leugh Deut. xi. 5—8.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn cionnas a b' urrainn Dia fathast a chreutairean a ghràdhachadh, agus gun mhearachd a dheanamh d'a cheartas, leugh Rom. iii. 24—26. "Air dhaibh a bhi air am fireanachadh gu saor le a ghràs, tre 'n t-saora a ta ann an Iosa Criod; neach a shònraich Dia 'na iobairt-reitich, tre chreideimh 'na fhuil, chum fhìreantachd fhoillseachadh le mathanas nam peacannan a chaidh seachad, tre fhad-f hulangas Dé. A dh' fhoillseachadh *tha mi 'g ràdh, fhìreant-*

achd·san 'san àm a ta làthair ; chum gu'm biodh e cothromach, agus gu'm fireanaicheadh e an tì a chreideas ann an Iosa."

'S e sin, Air do Dhia a cheartas a bhi air a riarrachadh ann am fuil, ionracas, agus bàs a Mhic féin Iosa Criosd air son peacannan pheacach bochda, 's urrainn e nise iad-san a thearnadh a thig g' a ionnsaidh, air cho mòr 's ga 'm bi iad nam peacaich agus gun dochann a dheanamh d'a cheartas, air son gu 'n d' fhuair e làn riarrachadh, a thoirt d' a leis an fhuil sin, 1 Eoin ii. 7, 8.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad cò e, agus cò tha e, a rinn a thaobh a ghràidh bàsachadh air son pheacach, coimeas, Eoin iii. 16, 17. Rom. v. 7, ri Isa. ix. 6.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad an robh aig an t-slànaighear so corp feòla agus chnàimhean, mu 'n robh an saoghal ann, no 'n do ghabh se e e bho 'n Oigh Muire, leugh Gal. iv. 4.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad an d' rinn e anns a' chorpa sin ar n-uile peacannan a ghiùlain, agus c' àite, leugh 1 Pead. ii. 24. " Neach a ghiùlain ar peacannan e-féin 'na chorpa féin air a' chrann."

Na'm b' àill leat fios fhaighinn an d' éirich e rithist an deigh dha bhi air a cheusadh leis an dearbh chorpa sin, leugh Luc. xxiv. aig rann 38 — 41.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn an d' ith no'n d' òl e maille r'a dheisciobail an deigh dha

éirigh ás an uaigh, leugh Luc. xxiv. 42.
Gniomh x. 41.

Na 'm b' àill leat a bhi dearbh-chinnteach á so, gu 'm beil an dearbh chorp sin an dràst' os-ceann nan neul agus nan reultt, leugh Gniomh. i. 9—11, Luc. xxiv. 50 gus a' chrioch.

Na 'm b' àill leat fios fhaighinn, gu 'm beil na crith-chreidich ann am mearachd, a ta 'g radh gu 'm beil corp Chriosd an taobh a-steach dhiù : gabh beachd air an sgriobtura cheudna.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn ciod a tha 'n Criosc sin a bhàsaich air son pheacach a' deanamh anns an àite chum am beil e air triall leugh Eabh. viii. 24.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn cò aige bhios beatha trid-san, leugh 1 Tim. i. 14, 15, Rom. v. 6—8, a tha 'g radh, bhàsaich Criosc air son pheacach,—air son nan ain-diadhach.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn an téid iad-san a bhios beò agus a' bhasaicheas 'nan peacannan do néimh no nach téid, leugh 1 Cor. vi. 10. Tais. xxi. 8—27, a tha 'g radh, "Bithidh an cuibhrionn anns an loch a ta dearg losgadh le teine agus pronnasg."

Na'm b' àill leat fios fhaighinn am buannaich ùmhachd an duine gu 'n bhàsaicheadh Criosc air an son, no 'n tearrainn Criosc iad air son an ùmhachd, leugh Marc ii. 17. Rom. 5, 6.

Na 'm b' àill leat fios fhaighinn am beil

ionracas, fireantachd, agus naomhachd a' tighinn tre fheartan fala Chriosd, coimeas Rom. v. 9. ri Eabh. xii. 12.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn an urrainn duine nadurrach fuireach o ghniomharran faicsinneach a' pheacaidh o'n leth a mugh an aghaidh an lagha mhàin le rùn nàduir, coimeas gu math Rom. ii. 14, ri Phil. iii. 6.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn am faod duine a thaobh naduir aithne bhi aige air rud-eigin do nithibh neo-fhaicsinneach Dhé, coimeas gu dùrachdach Rom. xv. 21, ri Rom. ii. 14, 15.

Na'm b' àill leat fios a bhi agad cia cho fad' sa dh' fhaodas duine dol air aghaidh ann an aideachadh an t-soisgeul, agus gidheadh claonadh air falbh, leugh Eabh. vi. 4—6. Faodaidh iad blasad air deagh fhasal Dé agus cumhachdan an t-saoghail ri teachd : faodaidh iad blasad air an tiodhlaic nèamhaidh, agus a bhi 'nan luchd-compàirt do'n Spiorad Naomh', agus gidheadh tuiteam cho mòr air falbh is nach bi iad air an saoradh no air an ath-nuadhachadh gu bràth tuilleadh gu aithreachas. Faic mar an ceudna Luc. xiii.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn cia cho cruaidh sa tha e dol do néimh ; leugh Mat. vii. 13, 14, Luc. xiii. 24.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn am beil duine

a thaobh nàduir 'na chaòrid do Dhia, no 'na nàmhaid, leugh Rom. v. 11, Col. i. 21.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn air ciod, no cò iad a théid do néimh an sin leugh Eoin iii. 3 —7, agus 2 Cor. v. 7. Mar an ceudna na'm b' àill leat fios faighinn ciod an ni truagh a th'ann do mhuinntir sam bith a thionndadh an cùl ri soisgeul Iosa Criod, leugh Eabh. x. 28, 29, agus Marc. xvi. 16.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn ciod e tuarasdal a' pheacaid, leugh Rom. vi. 23.

Na'm b' àill leat fios fhaighinn c' àit' am beil iadsan a' dol a tha bàsachadh gun a bhi air an iompachadh gu creideamh Chriod, leugh Salm ix. 17, agus Isa. xiv. 9.

A Leughadair, ann an so dh' fhaodainn iomadh pàipeir a chaithe, seadh, dh' fhaodainn, leabhair gle mhòr a sgriobhadh, air a' phùing so ach an dràsata stadaidh mi, 'g iarraidh ort-sa bhi ro eòlach anns na sgriobturan, "Oir is iad sin a ta toirt fianais mu Iosa Criod, (Eoin, v. 39.) Bha na Bereanaich air am meas uasal air son so; "Bha iad sin na b' uailse na muinn-tir Thesalonica, oir ghabh iad am facial da'n ionnsaidh leis an uile thogradh a' rannsachadh nan sgriobturi gach aon latha," &c. (Gniomh. xvii. 11.) Ach an so leig dhomh aon rabh-aidh a thoirt dut, 's e sin, thoir an aire nach riaraich thu thu-féin le rannsachadh lom orra, gu'n fhior cho-chur air an Tì mu 'm beil iad

a' toirt fianais ri t'anam, air eagal an àite bhi ni's fearr air son na h-oibir so a dhean-amh gur ann a bhios tu mòran ni's miosa, agus bithidh do dhìteadh ro mhòr le thu leughadh ann an sin cho tric mu staid bhrònach nam muinntir a bhàsaich 'nan cuid peacannan, agus staid ghlòrmhor nam muinntir a dhlùth-aich a steach ri Criosd: gidheadh gu 'm biodh tu féin 'na do leithid a dh' amadan as gun cailleadh tu Iosa Criosd a dh'aindeoin na dh'éisd agus na leugh thu mu thimchioll.

"Tha Maois agus na fàidhean ac', éisdeadh iad riu-san."

Mar gu 'n abradh e, Ciod am feum a tha aca gu 'm bidh aon air a chuir thuca bho na mairbh? Nach eil Maois agus na fàidhean aca? Nach d'innis Maois dhaibh cunnart a bhi bed 'nam peacadh? Deut. xxvii. 15, 26, xxviii. 15—21, xxix. 18—22. Nach d'innise ann an sin dhaibh, ciod an staid bhrònach anns am beil a' mhuinntir ud a mheall iad féin le ceilg an cridheachan, ag radh, Gu 'm bi sìth aca, ged a leanadh iad an cuid peacannan, anns na briathran so; "Agus an uair a chluinneas e briathran a mhallaichaidh so, gu 'm beannaich se e-féin 'na chridhe, ag radh, bithidh sìth agam, ged a théid mi air m'aghaidh, no ged a dh' imichicheas mi ann an smuaintean mo chridhe, a' chur misge ri pathadh: Cha chaomhain an Tighearn an duine sin, ach a sin cuiridh fearg an Tighearna, agus eud, ceò diù

na aghaidh, agus laidhidh 'na h-uile mallachd a tha sgrìobte 'san leabhar so air, agus dubhaidh an Tighearn a mach ainm o bhi fo néimh."

A rithist, nach do sgrìobh Maois mu thim-chioll an t-Slànaighear a bha gu tighinn an deigh sin a chum an t-saoghal? (Deut. xviii. 18.) Cha n-e sin a mhàin, ach nach d' rinn na fàidhean uile bho Shamuel, maille riu-san uile a thàinig 'na dheigh, f'hàisneachd, agus na nithe so a roi'-innseadh? uime sin, ciod e am feum a th' aca gu 'n oibrichinnn-sa a leithid do mhiorbhUIL, ri aon a chuir o na mairbh do 'n ionnsaidh? "Tha Maois agus na fàidhean ac', éisdeadh iad riu-san."

Uaire so thoir an aire rithist, gu 'm beil Dia ag onarachadh sgrìobhaidhean Mbaoris agus nam fàidhean cho mòr, cha n-e sin a mhàin, ach ni 's mò, na ged dh' éireadh aon o na mairbh; "Nach bu chòir do shluagh iarraidh a chum an Dé? Ciod a bhi g'iarraidh nam beòam measg nam màrbh! "Chuman lagha agus chum nam fianais, (arsa Dia) mur labhair iad do réir an fhacail so, 's ann a chionn nach eil solus annta," (Isa. viii. 19, 20.) Agus innseam dhut gu soilleir tha mi a' creidsinn gu 'm beil aig an diabhol fios air so gu sàr mhath, ni a ta toirt air saoithreachadh gu gin ann an cridheachan a dheisciobuil agus a luchd-leanmhainn smuaintean aotrom mu 'n déibhinn; agus tha e cur mar fhiachaibh orra

gu 'm beil eadhon gluasad o'n cogaisean meallta, no bho dhroch spiorad féin, gu a bhi air a thoirt fainear, agus ùmhachd air a thoirt d'a rompasan ; 'nuair a tha dearbh abstol Iosa Criosd, ged' chual e guth o'n ghlòir oirdheirc, ag radh, " 'S e so mo Mhac gràdhach-sa, anns an beil mo mhor-thlachd," gidheadh a sgriobh-adh a chum nan eaglaisean, tha e a' moladh sgriobhaidhean nam fàidhean roimhe, ag radh, " Tha againn mar an ceudna facial faidheadaireachd a's cinntiche ; da' m math an ni sibh aire a thoirt, &c." (2 Pead. i. 27—19.) A nise ma tha thu 'n teagamh an e na sgriobturan a ta air an ciallachadh ann an sin le facail nam fàidhean no nach e, leugh an ath rann, far am beil e labhairt mar daighneachadh cinnteach air na briathran so ; " Air dhuibh fhios so a bhi agaibh air tùs, nach eil fàidheadaireachd sam bith do 'n sgriobtura o thogradh dhaoine féin ; oir cha tainig fàidheadaireachd a réir toil dhaoine bho shean ach labhair daoine naomha Dhé mar a sheòladh iad leis an spiorad Naomha."

Agus uime sin ciod an ni truagh a tha e do'n dream a tha dol mu 'n cuairt gu aich-eadh nan sgriobturan. Innseam dhut, ge b' e sam bith mar a ni iad tàir orra an dràsta, gidheadh, 'nuair a thig iad do dh' ifrinn, chì iad an amaideas : Tha Maois agus na faidhean, aca éisdeadh e riu-san.

Ni's fhaide, cò iadsan a th' air an luasgadh

thuige agus uaithe, leis na gaothan fa leth teagaisg a bha air an sgaileadh anns na laithibh so, ach iadsan aig nach robh ach meas aotrom air na sgriobturan ; air stéidh a mhearachd (mar thuird Criod) 's e chionn nach b' aithne dhaibh iadsan, (Marc xii. 24.) Agus gun amharus, is ceart do Dhia an toirt thairis do leanmhainn an cogaisean dorcha, dalla féin, gu bhi air an treòrachadh gu mhearachdan, a chum 's gu'm biodh iad air an damnadh do dh' ifrin, nach do chreid gu 'm b'e na nithe a th' air an cur sìos anns an sgriobtur an fhirinn, a chum 's gu 'm biodh iad air an tearnad agus gu 'n rachadh iad do néimh. Cha mhath is urrainn mi innseadh cia mar a sguireas mi labhairt as leth, agus air taobh an sgriobtuir ; a mhàin so tha mi a' toirt fainear. "Tha facal gu leòir do 'n inhuinntir ghlic;" agus uime sin earbaidh mi na nithe so an làmhan nam muinntir a bhuineas do Dhia : agus air son chàich deth, their mi riu, mu'n tearainn Dia iad o ifrin le briseadh air fhacal naomha, ged do bhiodh aca mìle anam am fear, sgriosadh Dia iad gu léir ; Oir cha-n "fhaodar an sgriobtur a bhristeadh," Eoin x. 35.

“Agus thubhairt esan: Ni h-eadh, Athair Abrahaim: ach ma théid neuch d'an ionnsaidh o na màirbh, ni iad aithreachas.”—Rann. 30.

AN rann roimhe so, tha fhios agaibh mar a dh'innis mi dhuibh gu'm b' earrainn i do fhreagairt do leithid a mhuinntir's a chaill an anmannan; mar sin tha i na dion do sgriobturan Mhaois agus nam fàidhean, “Tha Maois agus na fàidhean ac', éisdeadh iad riu-san.”

A nise tha 'n rann so 'na freagairt do na bh'air a radh anns an rann roimhe so; agus 'na rann anns am beil diùltadh an fhreagairt roimhe. “Ni h-eadh Athair Abraham,” ni h-eadh, ars' esan, na abair mar sin, na cuir iad air falbh mar so, “cuir aon o na màirbh,” agus a sin bithidh rud-éigin dòchais. Tha e fior, tha thu labhairt-mu thimchioll an sgriobtuir, mu Mhaois agus na fàidhean, agus ag radh, “Eisdeadh iad riu-san;” ach cha-n eil na nithe so cho math 's a b'urrainn domh iarraigdh, b' fhearr leam gu 'n cuireadh tu neach o na màirbh. Anns na briathran so uime sin, “Ni h-eadh, athair Abraham,” ann an sin tha cuir air ais air a thoirt. Ni h-eadh, na biodhn e mar sin; ni h-eadh, cha toigh leam am freagairt sin: “éisd ri Maois agus ris na fàidhean,” (tha 'm facal ceudna air a ghnàth-achadh le Criod.) “Na h-oched fir dheug sin

air an do thuit an tÙr ann an Siloam, agus a mhàrbh iad, an saoil sibh gun robh iadsan 'nam peacaich os-ceann nan uile dhaoine a bha 'nan còmhnaidh an Ierusalem? Ni h-eadh tha mi 'g radh ribh: ach mar dean sibh aithreachas sgriosair sibh uile mar an ceudna, (Luc xiii. 4, 5.) Mar sin tha so "Ni h-eadh, athair Abraham," &c. Leis an fhacal so, Ni h-eadh, uime sin tha air a chiallachadh diùltadh a' cheud fhreagairt.

A nise thugaibh an aire; guidheam oirbh, an reuson air son am beil e 'g ràdh ni h-eadh, 's e, air son gu 'm beil Dia a' cur thairis iadsan uile leis an àill a bhi air an tearnadh, gu toirt an aire agus gabhail ris an fhirinn a th' air a chuir sios anns an sgriobtura, agus sin a chreidsinn. Meas àrd a bhi ac' orra, agus an gràdhachadh agus an rannsachadh, mar a deir Criod. "Rannsaichibh na sgriobturan oir is iadsan a tha toirt fianais mu mo thiomchioll-sa." (Eoin v. 39.) Ach a deir an aon dhamnaite, Ni h-eadh, mar gu 'n abradh e, 'S e so an ni. Gu bhi aithghearr, tha mo bhràithrean 'nan as-chreidich, agus cha-n eil meas ac' air facial Dé, tha agam-sa fios air leam féin, oir an uair a bha mise anns an t-saoghal, bha mi 'san staid cheudna; 's iomadh searmoin mhath a chuala mi, 's iomadh uair a bha mi air mo chomhairleachadh, 's iomadh uair a bha air iarraigd orm, air a ghuidhe orm, air achanaich orm, air a bhagairt orm;

's iomadh uair a fhuair mi rabhaidh mì na tha mi nis' a' fulang : ach mo thruaighe ! bha mise aineolach, féin-bharalach, iargalta, ceann-laidir, ceannairceach. 'S iomadh uair a dh' innis an searmonaiche dhomh gu'm be ifrinn mo chuibhrionn, gu 'm briseadh an diabhol a mhi-rùn orm, gu'n taomadh Dia a chorraich gheur orm, ach bu cho math dha bhi air a shearmonachadh do sgonn maide, na do na clachan air an do shaltair mi ! rinn 'fhabail beum ann am chluasan, ach chùm mi iad o mo chridhe. Is cuimhne leam gu 'n tug e leis iomadh sgriobturi gu dearbhadh, ach orra sud cha robh meas agam : na sgriobturan, smuainich mise, ciod iad sin ? Litir mharbh beagan ìnc a's pàipeir, luach trì no ceithir do thastain. Och ! ciod e an sgriobturi ? Thoir dhomh-sa leabhar òran diomhain, leabhar ùr, leabhar sgeulachan ; thoir dhomh leabhar sam bith, a theagaisgeas innleachdan iongantach, a dh' innseas seann sgeulachan faoine ; ach air son nan sgriobturan naomha cha robh diùgh agam dhaibh. Agus mar a thachair dhomhsa 'nuair-sin, mar sin tha mo bhràithrean an dràsta, bha sinn uile ann an aon spiorad, ghràdhaich sinn uile na h-aon pheacannan, chuir sinn uile suarach na h-aon chomhairlean, geallaidhean, misnichean agus bagraidhean an sgriobtuir ; agus tha iad fathast mar a dh' fhàg mi iad, fathast ann an as-chreideamh, fathast a' brosnachadh Dhé

agus a' diùltadh deagh chomairle, cruaidhichte nan slighe cho aomta chum an cuid pheacannan a leanmhainn is ged' bhiodh na sgriobturan air am feuchainn dhaibh gach latha searmonachadh theachdraichean Chriosd gus am bi an cridhe goirt, gus an tuit iad sios màrbh le searmonachadh, 's ann a shaltaireas iad air fo'n casan agus an reubadh coltach ris na mucan, a roghainn air teannadh a steach ri luchd-aidmheil caomh agus beannaichte ud an t-soisgeil. "Ni-h-eadh Athair Abrahain; ach mu théid neach d'an ionnsaidh o na mairbh, ni iad aithreachas." Ged tha Maois agus na fàidhean (na sgriobturan) aca cha ghabh iad aithreachas agus cha teann iad a steach ri Iosa Criosd, ged tha na sgriobturan a' toirt fianais 'n an aghaidh. Ma bhios uime sin, math sam bith air a dheanamh dhaibh, 's fheudar daibh e bhi aca rathad eile. "Tha mise a smuaineachadh," ars' esan, "gu'n oibricheadh e gu mòr orra nan éireadh neach o na mairbh. Agus tha 'n f'hìrinn so gun amharas cho soilleir, gu'm beil aig muinntirain-diadhaidh meas cho aotrom air na sgriobturan, 's nach feum e moran connsachaidh chum a dearbhadh, air dh'i a bhi cho soilleir air a cur an céill le 'n cleachdadadh gach latha araon ann am briathran agus an gniomharran, ach beag anns na h-uile nith a tha iad ag radh agus a' deanamh. Gidheadh air son an leughadair, a thoileachadh feuchaidh mi dhut le sgriobturan

no dha (ged dh' fhaodainn iomadh fheuchainn) gu'n robh so, agus gu'm beil e, fior a thaobh a' chuid a's liugha do'n t-saoghal. Faic briathran Nehemiah, anns an naothamh caibidil mu dhéibhinn chloinn Israeil, muinntir, ged a dheònaich an Tighearn daibh tròcair air muin tròcair, mar a tha e bho'n naothamh rann deug gus a' chuigeamh rann thar fhichead; gidheadh anns an t-seathamh rann thar fhichead, a deir e, "Gidheadh, bha iad eas-umhal," air son t'uile mhathas do'n taobh, "agus rinn iad ceannaire a t'aghaidh," achi cionnas? "agus thilg iad do lagh air an culthaobh: agus mharbh iad t' fhàidhean a thug fianais 'nan aghaidh chum am pilltinn a t'ionnsaidh agus dh'oibrich iad mòran bhrosnachaidh." Thoir an aire, (1.) Pheacaich iad an aghaidh tròcair. Agus a rithist, (2.) Rinn iad tàir air an lagh, no facial Dé. (3.) Mharbh iad na fàidhean a chuir an céill e dhaibh. (4.) Mheas an Tighearna sin na bhrosnachadh mòr. Faic Eabh. iii. 10—19. agus faic Sech. vii. 11, 12, "Ach dhiùlt iad-san éisdeachd," a deir e ann an sin mu thimchioll nan aingidh "agus tharruinn iad an gualainn air falbh agus dhruid iad an cluasan, a chum nach cluinneadh iad an lagh." 'Seadh, rinn iad an crideachan cruaidh "mar chloich adamant, mu'n cluinn-eadh iad an lagh, agus na briathran a chuir Tighearn na sluagh le a Spiorad leis na fàidh-

ean roimhe so," &c. Beachdaich, guidheam ort, tha 'n so mar an ceudna.

1. Diùltadh éisdeachd ri briathran nam fàidhean.

2. A chum gu'n deanadh iad mar sin, dhùin iad an cluasan.

3. Ma bha ni sam bith gu a bhi air a dheanamh, tharruinn iad air falbh an guaileann.

4. A chum so a thoirt gu buil shaoithrich iad chum an cridheachan a dheanamh cruaidh mar chloich adamaint.

5. Agus so uile, air eagal gu'n cluinneadh agus gu 'n teannadh iad a steach ri Iosa, agus a bhi beò, agus a bhi air an saoradh o 'n f'héirg a ta ri teachd. Tha na nithe so uile a' cumail a mach neo-thoil gu géilleadh do bhriathran Dé, agus gabhail riù, agus mar sin ri Iosa Criosc, mu 'm beil iad a' toirt fianais dh' f'haodainn mòran sgriobturan eile a thoirt a steach air son dearbhadh agus daigneachadh an ni so, mar an Amos, vii. 12, 13. Mar an ceudna I Sam. ii. 24, 25. 2 Eachd. xxv. 15, 16. Ier. vii, 23—27, xvi. 12. Leugh mar an ceudna gu dùrachdach na briathran sin ann 2 Eachd. xxxvi. 15, far am beil e 'g ràdh, "Agus chuir Thighearna Dia an aithraichean fios da'n ionnsaidh le làimh a theachdairean a'g éirigh gu moch,—a chionn gu'n robh truas aige d'a shluagh agus d'a àite-còmhnaidh." "Agus an do ghabh iad gu taitneach riu?

Cha do ghabh; "ach rinn iad fanaid air teachdairibh Dhé, agus rinn iad dimeas air a bhriathraigheibh." Agus am b' e sin uile? Cha b' e; "rinn iad tareuis air fhàidhribh." Cia cho fad? "Gus an d' éirich fearg an Tighearna 'nan aghaidh: air chòr is nach robh leigheas ann." Faic mar an ceudna Ier. xxix. 19. caib. xxv. 3—7. Luc. xi. 49.

Agus a bharr air so, tha iompachadh a chuid a's mò do dhaoine a' toirt fianais do'n ni ceudna, araon muinntir dhiadhaidh agus ain-diadhaidh, le iad bhi gach latha a' diultadh, agus a tiondadh an cùil air teisteas còmhnaid nan sgriobturan.

Mar, 1. Gabh na bagraidean a th' air an euir sios anns an sgriobhadh naomh', agus cia mar a ta iad air an dearmad? Cha-n eil ach tearc do dh' àitean anns a' Bhioball' anns nach eil bagraidean an aghaidh aon pheacaidh no peacadh eile; an aghaidh mhisgearan, mhionntairean, bhreugairean, luchd-uaille, strìopaichean, luchd-neo-ghloine, luchd-sainnt, luchd-anacainnt, luchd-foireigin, luchd-foirneart, meirliche, leisgeadairean a dh'aon fhacal, tha na h-uile ghné pheacannan air an cronachadh, agus gun chreideamh anns an Tighearn Iosa, tha peanas goirt gu 'bhi air a chur an gniomh orra-san a bhios ciontach do pheacannan mar sin; agus tha so uile air aithris mu'n timchioll anns na sgriobturan.

Ach air son so uile, nach lionmhor na

truaghanan so a' siubhal sìos agus suas 'n ar sràidean ! Rach do na taighean-leaunnan, agus chì thu ach beag na h-uile seòmar air cuir thairis leo, a' bruchdad a mach an naire féin, air chor's gu'm beil e gu leòir gu thoirt air cridhe naoimh crithneachadh, ionnus 's nach b' àill leo cuideachdas sam bith a bhi aca maille riu ni's fhaide air son an t-saoghail. Oir mar nach eil ráidean nam muinntir dhiadhaidh taitneach leis na h-ain-diadhaich, eadhon mar sin tha slighean 'nan aingidh nan ghràinealachd do na fireanaibh ; Gnà. xxix. 27, Salm cxx. 5, 6.

Tha na sgriobturan ag radh, " Is mallaichte an neach a chuireas a dhòchas ann an duine, agus a ni feòil 'na ghairdean dà, agus aig am beil cridhe tha claonadh air falbh o'n Tighearn." Ier. xvii. 5.

Agus gidheadh cia iomadh anam bochd a ta anns an t-saoghal, a ta 'nan seasamh ann am fiamh san eagal mòr roi' dhaoine, agus an deagh-ghean cho measail aca 's gur fearr leo an anmannan a chuir an cunnart ann an làmhan an diabhoil maille r'an deagh-ghean, na teicheadh gu Iosa Criosd air son tearnadh an anmannan ? Cha n-e sin a mhain, ach ged tha iad dearbhte 'nan anmannan, gur e 'n t-slighe, slighe Dhé ; gidheadh cia mar a ta iad a' saoithreachadh gu agartas-cogais a mhùchadh, agus an cluasan a' tionndadh air falbh o'n fhìrinne, agus sin uile air son nach àill leo deagh-ghean

choimhearsnach a ta r'an aghaidh a chall? O ! cha dàna leam air son mo mhaighistear, mo bhràthar, m'uachdaran fearainn, caillidh mi deagh-dhean a thaigh-oibreach, agus mar sin mo dhreuchd a chall. O ars' aon eile, rachainn gu toilleach air an t-slighe so, mur b'e m' athair, tha e 'g am chronachadh agus ag innseadh dhomh, nach seas e mi mar chairid 'nuair thig mi gu uireasbhuidh ; cha mheall mi gu bràth urrad ri peighinn de a mhaoin ; cuiridh e as mo chòir mi. Agus cha-n fhaod mi ars' aon eile, le m' fhear-pòsta, oir bithidh e toirt anacainnt domh, agus ag innseadh dhomh, gu 'n cuir e mach air an doras mi, gu'n gabh e orm, agus gu 'n gearr e diom mo luirgnean. Ach innseam dhut, ma bhios ni sam bith diù so, no nithe sam bith eile, cho buadhach ort an dràst' as do chumail o iarraidh an deigh Chriosd na shlighibh bithidh iad mar an ceudna cho buadhach maille ri Dia 'na t' aghaidb, as a thoirt air do thilgeadh air falbh uaithe, air son gu 'm b' fhearr leat-sa earbs' á duine na á Dia, agus tlachd a ghabhail ann an duine, roi' dheagh-ghean an Tighearna.

2. A rithist, tha na sgriobturan ag ràdh, "Am fear a chronaichear gu minig gidheadh a chruaidheachas a muineal sgriosar e gu h-obann, agus sin gun leigheas," (Gnà. xxix, 1.) Gidheadh tha iomadh cho fad o thionndadh, ged bha 'n staid thruagh ceud uair air a

dhearrbadh orra, is nuair a thig geur-mhothachaidhean no trioblaidean air son peacaidh air an cogaisean, gur ann a théid iad air an adhard fathast anns an dòigh cheudna, a' cur an aghaidh agus a' mùchadh nan trioblaidean sin ged tha sgrios gun leigheas dlù r'an sàiltean.

3. A rithist, chuala tu bhi 'g ràdh, "Mar beireir duine rithist nach faod e rioghachd Dhé fhaicinn," (Eoin iii. 3—7.) Agus gidheadh tha thus' a' dol air t-adhard ann an staid nàdurrach, còr gun ath-bhreith; cha n-e sin a mhain, ach tha thu a' cur romhad nach pill thu gu bràth, 's nach mò a bhios tu air do chaochla, ged tha ifrinn air a comharrachadh a dh' aon ghnothach a chum do leithid a shlugadh suas (Isa. xiv. 9.) "Cuirear na h-aingidh gu h-ifrinn na cinnich uile nach cuimhnich Dia." Salm ix. 17.

4. A rithist, tha 'n sgriobturi ag radh gu soilleir, Gu'm bi aige san a ghràdhhaicheas agus a ni breug, a chuibhronn anns an loch a ta losgadh le teine agus pronnasg, (Tais. xxi. 8, 27.) Agus gidheadh tha thusa cho fad' o eagal so a bhi ort, 's gur e do thlachd a bhi sùgradh 'sa fanaid, agus a' deanamh bhreug air son sgillinn, no dà sgillinn, no seà sgillinn do bhuanachd. Agus mar an ceudna ma 's urrainn thu do chòmpanaich a dheanamh subhach sùigeartach, le nithibh breugach innseadh mu 'n timchioll-san i's fearr na thu-féin, cha mhò agad sin na cùiseag

no ma chluinneas tu breug mu neach eile, aithrisidh tu i, agus mionnnichidh tu gu 'm beil i fior. O is truagh !

5. Chual' agus leugh thu, Gu 'm bi e-san nach creid air a dhìteadh, (Marc xvi. 16.) " Agus nach eil creideamh aig na h-uile, (2 Tes. iii. 2.) Agus gidheadh tha thusa a' deanamh tàir cho mòr air na nithibh so, 's gu 'm beil e coltach gur gann a rinn thu riamh uiread ri rannsachadh gu dùrachdach an robh thu anns a' chreideamh no nach robh ; ach 'sann a tha thu 'ga do thoileachadh féin le dòchas cealgair, ni a ghearras Dia fa dheireadh air falbh, agus cha mheas se e ni's fearr na lion an damhain-allaidh, (Iob viii. 13, 14,) no 'n taigh a' th' air a thogail air a ghainmich, (Luc. vi. 49.) Cha n-e sin a' mhàin, ach tha thusa theagamh a' miodal riut féin agus a' smaointeachadh gu 'm beil do chreideamh cho math ri creideamh na h-aiteam a's fearr diù uile ; 'nuair, mo thruaighe ! anaim bhochd, faodaidh tu bhi gun creideamh tearnaidh idir agad ; ni nach eil 's nach bi agad, mur bi thu air do bhreith a rithist, agus air do dheanamh ann ad chreutair nuadh, 2 Cor. ii. 17.

6. Chuala tu, esan a ni dearmad air slàinnté mhòr Dhé nach téid e gu bràth a's o'n dìteadh mhòr, (Eabh. ii. 3, Luc. xiv. 24, Taisb. xiv. 19, 20.) Agus gidheadh 'nuair a tha thusa air do chuireadh, air t-aslachadh, agus air ach-anaich ort tighinn a steach (Luc. xiv. 17, 18,

2 Cor. v. 19, 20, Rom. xii. 1), gabhaidh tu leis-geul a dh' fòghnas leat. Chan-e sin a mhàin, ach bithidh tu cho ain-diadhaidh is gun cuir thu Criosd air falbh àm an deigh àma, ged a tha e cho saor air a thairgse dhut; beagan fearrainn, beagan do dhaimh, do chrodh, tuathanas, bean, fiach dà sgillinn, àbhachd; cha n-e sin a mhàin, ach tha eagal fanaid, no magaidh ni's comasaich' air do tharruinn air t'ais, na tha tearnadh t'anma gu do tharuinn air t'aghaidh.

7. Agus chuala tu, "Ge be air bith neach leis an àill a bhi na charaid do'n t-saoghal tha e 'na nàmaid do Dhia," (Seum. iv. 4.) Ach cha-n eil feart agad-sa air na nithibh so, ach an ceart aghaidh sin, a roghainn air thu bhi machá càirdeas agus deagh-gheanan t-saoghailsa, peacaichidh tu an aghaidh do chogais féin, agus gheibh thu-thu féin a steach do dheagh-ghean le miodal as brosgal a dheanamh ris an t-saoghal. Seadh, a roghainn air thu dh' f halbh as eugmhais meallaidh tu, ni thu breug, cul-chàinidh tu do choimhearsnach, agus bithidh ceud cleas a's căr eile agad.

8. Chuala tu gu 'm beil làtha 'bhreitheanais am fagus, anns am feum thus' agus mise, agus na h-uile taisbeanadh an làthair cathair-bhreitheanais Iosa Criosd, agus cunntas a thoirt - dhà-san ann an sin a ta ullamh gu breth a thoirt air a' bheò agus air na mairbh; eadhon mu na h-uile a rinn sinn riamh, seadh, mu ar

n-uile pheacannan ann an smuain. facal, agus gniomh, agus a bhi gu cinnteach air ar dìteadh air an son cuideachd, mur teann sinn a steach ri ar Tighearn Iosa Criosd, agus ris na riu agus na dh' fhuilige air son beatha mhaireannach, agus sin cha-n ann gu ceann-bharaileach, no gu beul-aithriseach, ach gu firinneach agus gu tearainnte, ann an cumhachd, agus le oibreachadh an Spioraid, tre chreideamh ; (Ecles. xi. 9, 12, 14—Eabh. ix. 21—Gniomh. x. 42, xvii. 30, 31—2 Cor. v. 10—Tais. xx. 12)—“Agus chunnaic mi na mairbh, beag agus mòr, nan seasamh am fianais Dé agus dh' fhosgladh na leabhraichean : agus dh' fhosgladh leabhar eile, *eadhon leabhar* na beatha agus thugadh breth air na mairbh ás na nithibh sin a bha sgrìobht’ anns na leabhraichean.” Tha leabhar nan creatairean, leabhar nan cogaisean, leabhar-cuimhne an Tighearna, leabhar an lagha, leabhar an t-soisgeil. (Rom. i. 20, ri Rom. ii. 12, 15, Tais. vi. 19, Eoin xii. 48.) “An sin tearbhaidh e iad o chéile, mara thearbas buachaill, a chaoirich air a làimh dheis, agus na gobhair air a làimh chlì.” Agus their e riu-san air a dheis. “Thigibh, a dhaoine beannaichte” Ach ri càch their e imichidh uain a shluagh mallaichte, (Mat. xxv. 30—41.) Gidheadh, ged tha na sgriobturan cho soilleir agus cho pailte a’ labhairt mu na nithibh so, mo thruaighe ! cò an sin a ta air an sgaradh o’ n t-saoghal, agus o’ n cuid peacannan agus

thoil-inntinn, gu teicheadh o'n fhéirg a ta ri teachd? (Mat. iii. 7.) Ged tha 'n sgriobtura ag radh mar an ceudna. Gu 'n téid nèamh agus talamh thairis mu'n dean aon lide no aon phunc do 'n fhacal fàillinu, gus am bi 'n t-iomlan air a choilionadh. Tha iad cho cinnteach, Mat. v. 18.

Ach a' fàgail nam bagraidhean, thigeamaid a dh' ionnsaidh nan geallaidean, agus labhraimaid rud-éigin mu 'n timchioll, agus faodaidh sibh fhaicinn cho aotrom sa thadaoine g'an cur, agus cho beag meas sa th' aca orra, ged 's e beul an Tighearna féin a labhair iad.

1. Pillibh, sibhse amadan, sibhse a luchdfanaid, sibhse a' mhuinntir ghòrach, le 'm achmhasan-sa, agus feuch taomaidh mi mach mo Spiorad oirbh, (Gnà. i. 23.) Agus gidheadh is fearr le muinntir a bhi 'nan cuid amaideas, agus fanайдean fathast, agus is fearr leo gabhair gu dlù ri ana-miann salach air chòr-éigin, na gabhair ri Spiorad naomha, neo-thruaillidh, beannachte Chriosd, trid a' ghealladh, ged 's ann leis, a tha cho liugha 's a ghabhas ris, "air an sealadh a chum latha na saorsainn," (Eph. i. 39.) Agus nach buin an tì a bhios beò agus a bhàsaicheas as easbhuidh, do Chriosd, Rom. viii. 9.

2. Thuirt Dia, mas e 's gu 'n tig thu ga ionnsaidh-san tre Chriosd, Ged bhiodh do pheacannan cho dearg ri sgàrlaid, bithidh iad cho geal ri sneachd, agus cha tilg e air chòr sam

san bith air falbh, thu (Isa. i. 18, ri Eoin vi. 27.) gidheadh cha tig anmannan bochda gu Criosd, a chum is gum faigh iad beatha, (Eoin v. 40.) ach a roghainn air tighiñn, “’s ann a tha iad, a réir an cruais agus an eridhe neo-aithreach, a’ càrnadh suas féirge dhaibh-féin fa chomhair latha na féirge, agus foillseachaidh ceart bhreitheanas Dé,” Rom. ii. 4—6.

3. Thuirt Criosd Iosa ann am facal na firinn, ma riaraicheas agus ma leanas duine sambithe. An t-àit anns am beil es-an an sin mar an ceudna gu ’m bi a sheirbhiseach, (Eoin xii. 16,) ach gidheadh is fearr le anmannan bochda a bhi a’ leanmhainn peacaidh, Shàtain, agus an t-saoghail, ged ’s e na còmpanaich a bhios aca diabhoil, agus anmannan damnaite gu bràth, Mat. xxv. 41.

4. Thuirt e mar an ceudna, Iarr an tùs rioghachd Dhé, agus bithidh na h-uile nithe eile air an cuir ris. Ach iarradh neach sam bith leis an àill rioghachd néimh air tùs, air an son-san ; oir gabhaidh iad an ceud àm, ami feadh a mhaireas àm, gu nithe na beatha so faighinn. Agus ma bhios a’ chùis mar sin, gu ’m feum iad néimh iaraidh no bhi air an damnadh, fanaidh iad gus am bi ni ’s mo de shocair aca no gus am fearr as urrainn iad feitheamh ris ; no gus am bi nithe eireachdail eil’ aca mu’n cuairt daibh ; no gus am bi iad ni’s sine ; ’nuair nach bi bheag eile aca r’ a dheanamh ; no ’nuair a dh’fhlàsas iad tinn, agus gu

bàsachadh. A sin a Thighearn dean tròcair orra ; ged is deich mìle ri aon mur téid iad am mugha gu bràth.

Oir tha'n dòigh so aig an Tighearna gu coitcheann chum buntainn ri peacaich a tha 'g a chuir uatha 'nuair a tha e a' strì riu, "An darna cuid gaire dheanamh r' an truaighe, agus fanaid 'nuair a thig an eagal," (Gnà. i. 26, 28,) no 'n cuir chum nan dé a riaraich iad, 's iad sin na dibhoil, (Breith. x. 13, 14,) Siubhlaibh chum nan dée do 'n d' rinn sibh seirbhis agus saoradh iadsan sibh, ars' es-an coimeas so ri Eoin xiii. 44.

5. Thuit e, Cha-n eil duine sam bith a thréigeas athair no màthair, bean, no clann, no tearann air a sgàth-san, agus air sgàth an t-soisgeil, nach bi aige ceud fillte uiread anns an t-saoghal so, maille ri geur-leanmhainnean, agus anns an t-saoghal ri teachd beatha-mhair-eannach," Marc x. 29, 30.

Ach tha chuid a 's mò do dhaoine cho fad às o cinnteachas 'n ni so chreidsinn, 's gur gann a chailleas iad cosnadh sgillinn gu éisd-eachd ri facal Dé, soisgeul na slàinte. Cha n e sin a mhàin, ach cha téid iad féin, 's cha mhò a d' f' huiligeas iad do mhuinntir eile dol (ma 's urrainn iad a leasachadh), gun a bhag-airt gu 'n dean iad olc dhaibh, mas urrainn iad : cha n-e sin a mhàin ach ni's f' haide, tha mòran cho fad o dhealachadh ri buannachd shaoghalta sam bith, air sgàth Chriosd agus an

t-soisgeil, 's gur h-ann a tha iad do ghnà a' strìgh, le dubhan agus cromag, mar a their sinn, le mionnan, a' deanamh bhreug, mealladh, caradh, goid, sannt, foirneart, foireigin, meall-taireachd, duais-bhratha, miodal, no dòigh sam bith eile, gu tuilleadh fhaotainn, ged gheibh iad maille riù so, bàs, fearg, dam-nadh, ifrinn, an diabhol, agus na h-uile phlàigh-ean a 's urrainn Dia a thaomadh orra. Agus ma bhios muinntir sam bith ann nach ruith còmhla riu a chum an ana-mheasarrachd cheudna, ach a roghainn air sin air son an uile bhagraidhean, a bhios cho dàna agus cho neochùramach (mar their iad) as gu leanmhainn ràidean Dhé; mur urrainn iad tuilleadh a dheanamh, gidheadh geuraichidh iad an teangan coltach ri claidheamh, chum an lot, agus an dochan as mo is urrainn iad a dheanamh dhaibh, araon ann an labhairt 'nan aghaidh r'an coimhears-naich ri mnathan, ri fir-phòsta, ri uachdaranan-fearainn, agus a' togail sgeulachan bréige mu'n déibhinn. Ach thugadh muinntir mar sin an aire, air eagal gu 'm bi iad ann a leithid do staid agus de chòr brònach dubhach anns an robh esan, a thuirt an cràdh agus am pian anma, "Aon bhoinne do dh' uisge fuar gu fuarachadh mo theanga."

Mur so dh' fhaodainn mòran a chuir ris do nithibh a mach as an sgrìobhadh naomha, araon bagraidhean agus geallaidhean, thuilleadh air na comhairlean nèamhaidh ud, na cronachaicd

ean gaolach ud, na gairmean 's na guidhean saor ud do na h-uile seòrsa pheacach, araon sean agus òg, beartach agus bochd, daor agus saor, glic agus gòrach. Iad sin uile, bha iad, tha iad, agus tha aobhar eagail cho fad 'sa mhaireas an saoghal, gu 'm bi iad air an saltairt fo chasan nam muc ud (cha abair mi daoine riu), a bhuanachaes ann an deanamh mar sud. Ach gabh beachd do chuid diù.

1. *Comhairle.* Ciod a' chomhairle nèamhaidh a tha sin, far am beil Criod ag ràdh, " Ceannaich uamsa òr air a dhearbhadh an teine, a chum 's gu 'm bi thu saibhir, agus aodach geal, a chum gu'n comhdaicheadh thu, agus nach bi nàire do lomnochdaidh follaiseach," (Tais. iii. 17, 18.) Mar an ceudna sin, " Ho ! gach neach air am beil tart thigibh a chum nan uisgeachan, seadh thugibh ceannaichidh gun airgead agus gun luach ;" (Isa. lv. 1.) " Eisdibh, agus mairidh 'ur n-anaman beò," rann 3. Gabhaidh greim do mo neart-sa, a chum 's gu 'm faod sibh sìth a dheanamh-rium, agus ni sibh bhur sìth rium, Isa. xxvii. 5.

2. *Teagasg.* Ciod an teagasg a tha 'n so ! " Eisdibh ri teagasg, agus bithibh glic, agus na diùltaibh e. Is beannaichte an duine a dh' éisdeas rium (arsa Criod), a' faire aig mo gheataidh gach làtha a' feitheamh aig ursannan mo dhorsan : oir es-an a gheibh mise, gheibh e beatha, agus gheibh e deagh-ghean Deanaibh saothair cha-n ann air son a bhidh a

theirgeas, ach air son a' bhidh a mhaireas chum na beatha sìorruidh o'n Tighearn" (Gnà. viii. 33—35.) "Thugaibh an aire nach meall duine sam bith sibh air chòr sam bith." "Saoithrichibh cha-n ann air son a bhìdh a théid 'am mugha, ach air son sin a mhaireas chum na beatha mhaireannaich, "Deanaibh spàирн chruaidh gu dol a steach air a' gheata chumhann. Creid anns an Tighearn' Iosa Criosd, agus bithidh tu air do thearnadh," (Gnà. viii. 33—35, Eoin vi. 27, Gniomh. xvi. 31.) Na creidibh na h-uile spiorad, ach dearbh-aibh na spioradan. Na mùchaibh an spiorad. Gabhaibh gréim air beatha shìorruidh. "Gu ma h-ann mar sin a dhealraicheas bhur solas an làthair dhaoine, chum gu 'm faic iad bhur deagh obair, agus gun toir iad glòir do bhur n-nathair a ta air nèamh," (Mat. v. 16,) "thugaibh an aire agus bithibh 'n ur faire an aghaidh cealgaireachd," "deanaibh faire, agus bithibh stuam. Ionnsaichibh dhiom-sa (arsa Criosd), Thigibh g' am ionnsaidh-sa."

3.—*Roi-rabhaidh.* Ciod an roi-rabhaidh a ta 'n so?

A chionm gu'm beil fearg riut, tabhair an aire nach toir e air falbh thu le a bhuile an sin cha shaor éirig mhòr thu. (Iob xxvii. 18.) "Na bithibh ri fanaid air eagal gun deanair bhur cuibh-richean làidir; oir chuala mi o Iehobhah Tighearna nan sluagh sgrios eadhoin air a shònachadh air an tìr uile," (Isa. xxviii. 22.) Thugaibh an

aire, uime sin, air eagal gu 'n tig oirbh sin a ta sgrìobhte. Feuchaibh, sibhse a luchdtarcuis, agus gabhaidh iongantas, agus rachaibh am mugha. Oir feuch, oibrichidh mise oibir ann'ur lathaibh-sa, oibir nach creid sibh idir, ged chuireadh duine an céill i duibh, (Gniomh. viii. 40, 41.) “An tì a shaoileas e bhi 'na sheasamh, thugadh e aire nach tuit e.” (1 Cor. x. 12.) “Deanaibh ùrnaigh, chum 's nach tuit sibh ann am buaireadh,” (Luc. xxii. 40.) “Uime sin Biodh faitcheas oirnn air eagal air bhi do ghealladh dol a steach d'a shuaimhneas air fhàgail againn, gu 'n tigeadh aon neach agaibh an déigh-làimh air,” (Eabh. iv. 1.) “Uime sin is àill leam bhur cuir an cuimhne ged bha fhios agaibh aon uair air so cionnas an deigh do'n Tighearna am pobull a shaoradh á tìr na h-Eiphit a sgrios e an deigh sin an dream nach do chreid.” (Iud. 5.) Deann gréim daighean air na'm beil agad, chum nach glac duine sam bith do chrùn, Tais. iii. 11.

4.—*Comhfhurt.* Ciod an comhfhurt a ta 'n so ?

An tì a thig do m' ionnsaidh-sa, cha tilg mi air chòr sam bith a mach e,” (Eoin vi. 37.) “Thigibh a m' ionnsaidh-sa sibhse uile a ta ri saothair, agus fo throm uallach agus bheir mise suaimhneas dhuibh,” (Mat. xi. 28.) “Biodh deagh mhisneach, agad tha do pheacannan air am mathadh dhut, (oir) ghràdhaich mise thu le gràdh sìorruidh,” (Ier. xxxi. 3.) “Tha mi

a' leagadh sios mo bheath air son mo chaoirich," tha mi a' leagadh sios mo bheatha chum gu 'm bi beath' aca-san agus a chum gu 'm bi i aca ni's ro phailte. "Chuala mi thu ann an àm taitneach, agus ann an latha slàinte chuidich mi thu." (2 Cor. vi. 2.) Ged bhiodh am peacannan mar sgàrlaid, biodh iad cho geal ri sneachd; ged bhiodh iad mar *chrimson*, bithidh iad mar ollainn. "Oir dhubb mi 'mar neul t' euceartan, agus mar cheò do lochdan; pill rium, oir shaor mis' thu," Isa. xliv. 22.

5.—*Cràdh dhaibhsan a thig gearr.* O Cràdh dubhach!

"Cionnas a thug mi fuath do theagasg agus a rinn mo chridhe tàir air achmhasan? agus nach robh mi uamhal do ghuth mo luchd-teagaisg agus nach d' aom mi mo chluas riu-san a theagaisg mi!" (Gnà. v. 11—13.) "Mallaichidh iad an rìgh agus an Dia, agus seallaidh iad suas. Agus seallaidh iad air an talamh, agus feuch teanndachd agus doilearachd dubhar an àmhghair: agus bithidh iad air am fuadach do thiugh-dhorchadas," (Isa. viii. 21, 22.) "Sgaoil e, thug e do na bochdan, mairidh fhireantachd gu bràth.—Chì an droch dhuine, agus bithidh fearg air, casaidh e fhiac-lan agus seargaidh e ás; sgriosar miann nan aingidh, Salm, cxii. 9, 10.

"Ann sin bithidh gul, 'nuair a chì sibh

Abraham, Isaac, agus Jacob, agus na fàidhean uile ann an rìoghachd Dhé, agus sibh féin air bhur tilgeadh a mach," (Luc. xiii. 28.) Tha na nithe sin uile air an cuir suarach leis an t-saoghal.

An uiread so gu h-aithghearr, a thaobh, gu 'm beil daoine ain-diadhaidh a' cur nan sgriobturan suarach, agus nach eil iad a' toirt creideas dhaibh, 'nuair a tha 'n fhìrinne a ta air a cuir sios annta air a cumail a mach ann an soilleireachd dhaibh, ach 's ann is fearr leo éigheach a mach, "Ni h-eadh ach 'nan éireadh neach o na mairbh," an sin tha iad a' saoilsinn gu 'm faodadh rud-eigin a bhi air a dheanamh ; 'nuair mo thruaighe ! ged a bhiodh comharraidhean a's iongantasan air an oibreachadh le làmhan nam muinntir a ta searmonachadh an t-soisgeul, cha bhiodh na creatairean bochd' ud air an iompachadh a bheag ni bu luaithe ged tha iad a' saoilsinn gu 'm biodh, mar a tha e dearbhte le giùlan nam muinntir a thainig rompa, muinntir, ged rinn an Tighearn Iosa Criod e-féin, a theagascg a dhaighneachadh le miorbhulean, mar tha fos-gladh shùilean dhall, tilgeadh a mach dbeamhain agus togail nam marbh, bha iad cho fada bho ghabhail aon chuid ris-san no r'atheagascg, gur ann a chuir iad e gu bàs air son a shaoithreach. Ged rinn e cho liugha mhiorbhuil nam measg, gidheadh cha do chreid iad e, (Eoin

xii. 37.) Ach gu dol seachad air a so cuiridh mi sios cuid do na h-aobhair air son am beil iad a' diùltadh agus a deanamh tàir air na sgriobturan, agus mar sin théid mi air m' aghaidh.

I. A chionn nach eil iad a' creidsinn gur iad facal Dé, ach a roghainn air sin a saoilsinn gur e th' ann innleachdan dhaoine, air an sgrìobhadh le luchd-riaghlaidh seòlt' eigin, a dh' aon rùn gu thoirt air muinntir bhochd ain-eolach géilleadh do dhiadhachd a's nachdaranachd. Ged nach eil iad ag ràdh so, gidheadh tha 'n cuid cleachdaidhean a' toirt fianais air: mar esan an uair a chluinneas e briatharan a mhallaichaidh, gidheadh a bheann-aicheas e-féin 'na chridhe, agus a their gu 'm bi sìth, aige ged tha Dia ag radh nach bi sìth sam bith aige (Deut. xxix. 18,—20.) Agus feumaidh so a bhith, oir na 'm biodh daoine air so a chreidsinn, gur e facal Dé, an sin feumaidh iad a chreidsinn gu 'm beil esan a labhair e fior, uime sin gu 'm bi na h-uile facal agus lideadh air an coilionadh. Agus mathig iad aon uair gu so, mur bi iad gu tür air chaothach, bithidh oúram orra cionnus a tha iad g' an tilgeadh féin fo sgiùrsadh dioghaltais sìorruidh. Oir b'e'n t-aobhar mu'n do ghabh na Tesalonianach am facal, a chionn gu 'n do chreid iad gu 'm b' e facal Dé, agus cha n-e facal duine, facal a dh'oibrich gu h-éifeachdach annta le iad a chreidsinn mar so, (1 Tes.

ii. 13, 14.) "Nuair a ghabh sibh ri facial Dé a chuala sibh uainne," ars' esan, "gun do ghabh sibh ris cha-n ann mar f' hacal dhuine, ach (mar is e gu firinneach) facial Dé, a tha 'g oibreachadh gu h-éifeachdach annaibhse a ta creid-sinn." Air chòr as na'm biodh daoine mhain air a ghabhail ann an éisdeachd, no leughadh, no meòghrachadh, mar 's e facial Dé, bhiodh iad air an iompachadh. Ach am facial air a shear-monachadh cha-n eil e deanamh feum, 'nuair nach eil e air a mheasgadh le creideamh annta-san a tha g' a éisdeachd. Eabh. iv. 1, 2.

2. Air son nach eil iad d'a rìreadh g' am faicinn féin a thaobh nàduir, 'nan oighreachan air an f'héirg mhòir agus air an dioghaltas sin mu 'm beil na sgriobturan a' toirt fianais. Oir nan deanadh iad a mhàin a thoirt fainear ciod e tha Dia a' cur roimhe a dheanamh riusan a bhuanaicheas beò agus a bhàsaicheas 'nan staid nàdurraich, chuireadh e iad an darna cuid fodha ann an eu-dòchas, air neo bheireadh e orra teicheadh air son dion chum an dòchais a th' air a chuir rompa. Ach ged nach biodh a leithide do pheacannan air an cuir an gnìomh, agus ged nach biodh riamh cho mòr do chorraich air a bhàgaire, agus gu chur an gnìomh gun a bhi riamh cho fagus; gidheadh mas e 's gu 'm beil an neach a ta ciontach gun mhothachadh agus gu tûr aineolach air a sin, bithidh e neo-chùramach, agus cha bhi feart sam bith aige air idir. Agus gu 'm beil

duine a thaobh nàduir anns a' chòr so, tha e dearbhte. Oir gabh an duine sin a ta gu 'n mhethachadh, agus aineolach mu dhéibhinn an truaighe sin anns am beil e thaobh nàduir ; tha mi 'g ràdh, gabh e aig àm eile, 'nuair a bhios e beagan air a dhùsgadh, agus a sin cluinnidh tu e a' gul, agus ag éigheach a mach cho fada 's a tha trioblaid air, agus mothachadh air chorraich Dhé an crochadh os a cheann ; "A dheagh dhaoine, ciod a dh' fheumas ni dheanamh chum a bhi air mo thearnadh ?"

Ged a ni an duine ceudna, aig àm eile, 'nuair a bhios a chogais 'na cadal, agus air fàs cruaidh, laidhe sios coltach ri cù a' ghobha aig bonn an innein, ged bhiodh na sradagan teine 'g itealaich 'na aodann. Ach, mar a thuirt mi roimhe, 'nuair a tha neach beagan air a dhùsgadh, O ! ciod an obair a ni aon rann, aon sreach, cha-n e sin a mhàin, ach aon fhasacal do na sgriobturan naomh' air a chridhe ! Cha-n urrainn e ithe, cadal, no obair a dheanamh, no cuideachdas a chumail ris na còmpanaich a bh' aige roimhe ; agus sin uile air son gu 'm beil eagal air gu 'n tuit an damnadh a th'air ainmeachadh anns an sgriobtur 'na chòir, coltach ri Balaam, a thuirt, "Cha-n fhaodainn dol thar facal an Tighearna," (Aireamh, xxii. 18.) Cho fada 's a bha rud-eigin aige do dh' fhasacal an Tighearna le ùighdarras, cruas, agus cumhachd air a' chridhe ; ach aig àm eile

b' urrainn, e theagasg do Bhalac ceap-tuisliadh a thilgeadh roimh chloinn Israeil.

3. A chionn gu'm beil na sagairt fheòlmhor agus ministearan gun ghràs, a' diogladh cluasan an luchd-éisdeachd le teallsanachd agus mealltaireachd dhiomhain, agus leis a sin a' cruadhachadh an cridheachanan aghaidh simplidheachd soisgeul agus facail Dé, nithe a chombhairlich an t-Abstol dhaibhsan aig am beil inntinn gu teannadh a steach ri Criod a sheachneadh, (Col. ii. 8,) ag ràdh, Thugaibh an aire nach dean duine sam bith (bitheadh e na's àill leis) fairneart oirbh tre fheallsanachd agus mealltaireachd dhiomhain, a réir beul aithris dhaoine, agus a réir ceud thoiseachadh an t-saoghail, agus cha-n ann a réir Chriosd." Agus sibhse a tha ceangal suas 'ur pobuill ann an aineolas le Aristotle, Plato, agus a' chuid eile do na teallsanaich phàganach agus a searmonachadh beag, ma tha ni sam bith, do Chriosd air chóir; tha mi 'g ràdh ribh, gu'm faigh sibh gu'n do pheacaich sibh an aghaidh Dhé, agus gu'n do mheall sibh 'ur luchd-éisdeachd, 'nuair a chuireas Dia, ann an lath' a' bhreitheanais, aobhar damnaidh iomadh mìle do dh' anmannan ri bhur cunntas, agus e a' g ràdh, "Iarraidh e am suil air bhur làmhan,"

4. 'Se aobhar eile air son am beil an saoghal feòlmhor as -chreideach a' cur nan sgriobturan, facal Dé, cho suarach, a chionn nach eile a,

bhreitheanas air am beil iomradh anns na sgriobturan, gu grad air a cuir an gniomh air na peacaich. A chionn nach eil binn an aghaidh droch oibre ga cur an gniomh gu luath, “nime sin tha cridhe chloinn nan daoine làn-shuidhichte air ole a dheanamh.” (Ecles. viii. 11.) A chionn nach eil Dia gu grad a' bualadh an truaghain bhochd cho luath sa tha e peacachadh, ach a' feitheamh, agus foighidneach; air an aobhar sin air do 'n t-saoghal a bhi toirt breith gu 'm beil Dia mi-dhileas tha iad a' dol d'a ionnsaidh, a rithist agus a rithist, agus na h-uile uair a' fàs ni's cruaidhe 's ni 's cruaidhe, gus fa-dheòigh gu 'm beil Dia air éigneachadh, an darna cuid gu threun-chumhachd a shìneadh a mach gu 'm pilleadh, air neo am bàs a chuir còmhla ris an diabhol agus ifrinn gu 'n toirt leo. “Shaoil thu” arsa Dia “gun robh mi gu tûr mar thu féin, cronaichidh mi thu, agus cuiridh mi gach ni an òrdugh fa chomhair do shùl. Smuanaichibh a nis' air so sibh-sa nach chuimhnich Dia air eagal gun reub mi ás a' chéile gun neach ann a theasraigearas.” Salm, l. 20, 21.

5. Is e aobhar eile mu'n beil an saoghal dall a' cur tàir air ùghdarras an sgriobtuir, a chionn gu 'm beil iad a' toirt cluais do 'n diabhol, a tha tre sheòltachd a' tilgeadh leith-sgeulan breugach, agus mìneachaidhean truaillidh, orra, 'g an eadar-theangachadh air dhòigh nach bi cho soilleir a réir inntinn Dè, agus na riagh-

ailt air son sèolaidh do dh' anmannan bochda. a' dearbhadh orra gu 'n feum iad cluais agus rathad a thoirt do rud-eigin eile a thuilleadh orra, agus a bharr orra: no tha e saoithreachadh chum cumail a mach e bhi suarach agus tàireil, le thoirt a chreidsinn orra gur litir mharbh e, ni do rìreadh nach eil fhios aca ciod a tha iad ag ràdh, no ciod air am beil iad a' toirt dearbhadh. Oir cha-n eil an sgriobturi cho marbh, 's nach eil eòlas air comasach gu duine sam bith a dheanamh glic a chum slàinte tre chreideamh agus a' ghaoil a ta ann an Criost Iosa, (2 Tim iii. 15.) Agus tha e tarbhach chum teagaisg, achmhaisain, agus an cuir ceart an ionracas, a chum gu 'm bi duine Dhé gu h-iomlan air uidheamachadh a chum na h-uile dheagh oibir : rann 17.

Agus anns an àite 's am beil e air a ràdh, gu 'm beil an litir "a' mharbhadh," 's e tha e ciallachadh an lagh, mar 's e ministrealachd an dìtidh, no cùmhanta ghniomha, agus mar sin tha e do rìreadh a' mharbhadh, agus feumaidh e deanamh mar sin, air son gu 'm beil e ceart, air son ionnas nach eil an neach a ta fodha, comasach air ùmhlachd iomlan dhaonnan agus gun sgur a thoirt d'a. Ach gidheadh gairmidh mi air Peadar agus Pòl a thogail fianais, gu 'm beil na sgriobturan do dh' fheum ro urramach, ionnas as annta gu 'm beil air a chumail a mach dhuinne rathad na beatha ; agus mar an ceudna gum beil iad a' toirt deagh aobhar

dòchais duinn, (Rom. xv. 4.) “ Oir ge b’ iad nithe sam bith a sgriobhadh roimhe so, ’s ann a chum ar teagaisg-ne a sgriobhadh iad a chum tre foighidin agus còmhfhurtachd nan sgriobturan, gu ’m biodh dòchas againn.” Agus a rithist, (Rom. xvi. 25, 26.) “ A nise dhasan a tha comasach air sibhse a dhaighneachadh a réir mo shoisgeil-sa, agus searmonachadh Iosa Criod, (a réir foillseachaidh an rùindìomhair a bha ’m falach o thiseach an domhain, ach a dh’ fhoillschaidh, a nise, agus le sgriobturibh nam fàidhean, a réir àithn’ an Dé bhith-bhuain, a tha air a dheanamh aithnichte do na h-uile chinnieh chum ùmhlachd a’ chreidimh).” Agus air an aobhar sin, cò sam-bith iad a ta cur suarach nan sgriobturan, tha iad a’ cur suarach, sin nach eil ni’s lugha ’na facal Dé ; agus iadsan a tha a’ cur sin suarach, tha iad a’ cuir suarach an Tì a labhair e agus iadsan a tha deanamh mar sin, sealladh iad riù-féin, oir dioghlaidh Dia air an leithidibh sin. Dh’ fhaodadh mòran ni’s mò bhi air a ràdh air an nì so, ach cha-n àill leam a bhi fad-alach.

Facal no dhà eile, agus an sin sguiridh mi labhairt m’so. Thoir fainear cunnart a bhi cuir suarach briathran nam fàidhean no nan abstol, cò dhiù a bhios iad air son leasachaidh, cronachaidh, comhairle, rabhaidh, no nan gairmean agus ’nan geallaidhean a th’ annta.

1. Tha anmannan mar sin a’ brosnachadh Dhé

gu féirg. agus gu dhìoghaltas a chur an gniomh orra." Dhiùlt iad-san éisdeachd, agus tharruinn iad an guailleann, agus dhruid iad an cluasan mu'n cluinneadh iad an lagh agus na briathran a chuir Tighearna nan sluagh le Spiorad, leis na faidhean roimhe; so, air an aobhar sin thainig corraich mhòr *orra*," Sech. vii. 11, 12.

2. Cha toir Dia feart orra 'nan truaighe. "Achionn gu 'n do ghairm mi' agus gu 'n do dhiùlt sibhse, gu 'n do shìn mi mach mo làmh, agus nach tug duine sam bith an aire; ach gu 'n do chuir sibh an neo-bhrìgh m'uile chomhairlean, agus nach b' àill leibh a bheag dom' achmhasan: Ni mise mar an ceudna gàire ri 'r sgriosa; ni mi fanaid 'nuair a thig bhur n-eagal. 'Nuair a thig 'ur n-eagal mar f hèasachadh, agus a thig 'ur lèir-sgrios oirbh mar ioma-ghaoith. An sin gairmidh iad ormsa, ach cha f hreagair mi: iarraidh iad mi gu moch, ach cha-n f haigh iad mi," Gnà. i. 25—28.

3. Tha Dia mar is tric a' toirt thairis an leithide sud do dhaoine do mheallaidhean gu creidsinn bhreug. A chionn nach do ghabh iad gaol na fìrinn, a chum gu 'm biodh iad air an tearnadh, air an aobhar sin cuiridh Dia do 'n ionnsaidh meallaidhean laidir, ionnus 's gu 'n creid iad breug, a chum 's gu 'm bi iad uile air an dìteadh, 2 Tesal. ii. 10—11.

4. Am am facal, iadsan a bhuanneicheas mar sin, a' diùltadh agus a' deanamh tàir air

facal Dé, is iad a chuid as mò, 's a th' air an òrduchadh gu bhi air an diteadh. Air do mhic sheann Eli gun éisdeachd ri guth an athar, g'an cronachadh air son an cuid peacannan, ach a bhi eas-umhal d'a ghuth, tha e air a radh, "B' ann a chionn gu 'm b' àill leis an Tighearna am marbhadh," (1 Sam. ii. 25.) A rithist, faic an 2 Eachd. xxv. 15, 16, air do Amasiah peacachadh an aghaidh an Tighearna, chuir e da ionnsaidh fàidh chum a chronachadh ; ach arsa Amasiah, "Leig dhiot, c'arson a bhidh tu air do bhualadh ?" (Cha d' éisd e ri facal Dé). A an sin leig am fàidh dheth, ag radh, Tha f hios agam gu 'n do rèuinich Dia do sgrios, do blàrigh nach d' éisd tha ri mo chomhairle-sa." Leugh air an aobhar sin, agus gu'm a h-ann a bheir an Tighearn tuigse dhut. Oir bitidh crìoch thruagh air a' muinntir ud a théid air an aghard ann am peacachadh an aghaidh Dhé, a' diùltadh fhacail.

Dh' fhaodadh nithe eile a bhi air an toirt fainear o'n rann so, nithe aig an àm so air an téid mi seachad ; ann an cuid air son gu 'n do bheanadh ris an t-sùim aca cheana, agus faodaidh iad a bhi ni 's ro shoilleire air an luaidh anns an ath rann a leanas ; agus air an aobhar sin labhraidh mi beagan bhriathran ris an ath rann, agus mar sin teannaidh mi gu co dhùnadadh.

Agus thuirt e ris, mur éisd iad ri Maois agus ris na faidhean, cha mhò a chreideas iad ; ged éireadh neach o na mairbh.—*Rann. 31.*

“AGUS THUIRT E.” ’S e sin, agus thug Dia freagairt do na briathran a labhradh anns an rann roimhe so, “Agus thuirt e ris, mur éisd iad ri Maois,” &c. Mar gu ’m biodh e air a radh, bha Maois na dhuine iomraiteach, ’na dhuine fiùghail, duine a labhair ri Dia aghaidh ri aghaidh, mar a labhras duine r’ a chairid ; na briathran a labhair Maois, bha iad mar a dh’ àithn’ mise dha labhairt ; cuireadh an tì a thogras teagamh annta, aidichidh mise iad, bheir mise creideas daibh, beannaichidh mise iadsan a theannas a steach riù, agus mallaichidh mi iadsan a dhiùltas iad.

Chuir mise na fàidhean *thuca*, cha do ruith iad o’n seòladh féin ; thug mise dhaibh ùghdarras : chuir mi mach iad agus dh’ innis mi dhaibh ciod bu chòir daibh a ràdh. Ann am facal, dh’ innis iad do ’n t-saoghal ciod a tha rùin orm a dheanamh, araon do pheacaich agus naoimh ; “Tha Maois agus na fàidhean, ac’ éisdeadh iad riu-san.” Air an aobhar sin, esan a dhiùltas agus a thiondaidheas a chùl, aon chuid air na bagraidhean, na comhairlean, na teagasgan, na cuiridhean, na gairmean, na geallaidhean, no ciod sam bith eile a dh’ àithne mise dhaibh a labhairt, a thaobh tearnaidh

agus beatha, agus a thaobh seòlaidhean ann an sin, bithidh e cinnteach cuibhrionn a bhi aige anns na h-iomadh mallachd a labhair iad, agus anns an teagasg a th' air a labhairt leo. A rithist, "Mur éisd iad ri Maois agus na fàidhean," &c. Mar gu 'm biodh e air a ràdh, B' àill leatsa gu 'n cuirinn neach o na mairbh do 'n ionnsaigh; Ciod am feum a nì sin? Tha m' inntinn-s' aca cheana, chuir mi 'n céill dhaibh an nì ris am beil mi rùnachadh seasamh, araon air son tearnadh nam muinntir a chreideas, agus dìteadh nam muinntir nach creid. An ni sin, uime sin a thuirt mi, co-lionaidh mi, cò-dhiù a dh' éisdeas no nach éisd. Agus a thaobh an iarrtais so agad-sa, bu cho math dhut iarraigd orm Bioball ùr a dheanamh agus mar sin gu atharrachadh mo cheud bhriathran a labhair mi le beul m' fhàidhean. Ach is mise Dia, agus cha n-e duine, agus tha m' fhacal neo-chaochlaideach, agus seasaidh e cho daighean sa's urrainn m' òrduighean a dheanamh. Théid nèimh agus talamh seachad, ach cha téid aon phone no aon lide do m' fhacal-sa seachad gu bràth. Ged bhidh agad deich mile do bhràithrean, agus gach aon diù ann an cunnart anam a chall, mur teann e steach ris na th' air a chuir sios agus air a chumail air chuimhne ann an sgriobturan na firinn': feumaidh iad eadhon gach aon diù dol am mugha, agus a bhi air an dìteadh gu bràth ann an ifrinn; oir cha'n

urrainn na sgriobturan a bhi air am briseadh. Cha d' rinn mise an cuir cho neo-chomhairlichte sin chum an gairm air ais a rithist le beachd-smuain eile. Cha d' rinn, Oir tha mi labhairt ann am fìreantachd, agus ann am breitheanas, (Isa. lxiii. 1—3, agus ann am mòran gliocas agus comhairle. Air dha a bhi uime sin air dol a mach ás mo bheul air an dòigh so, cha phill e air ais gu'n tairbhe gus an co-lion e an ni chum an do chuir mi mach e.

Ach a rithist, tha thu saoilsinn gu'n oibrich miorbhuilean agus iongantas an ni's mó orra, nì a ta toirt ort a ràdh,—“Cuir neach o na mairbh.” Ach an so tha thu ann am mearachd, oir dhearbh mise iad leis a sin aon uair agus a rithist, leis na 's liugha na aon, no dithis, no triùir do mo sheirbhisich. Cia lion miorbhui a rinn mo sheirbheiseach Maois oibreachadh le àithn' uamsa ann an tìr na h-Eiphit, aig a' mhuir-ruaidh, agus anns an fàsach? Gidheadh cha robh muinntir na ginealaich sin idir ni bu luaithe air an iompeachadh air son sin, ach an deigh sin uile, 's ann a rinn iad ceannairec, agus mhiannaich iad fathast 'nan eridheachan, agus phill iad air an ais do 'n Eiphit, (Gniomh. vii.) Nach iomadh miorbhui a rinn Samuel, Daibhidh, Elias, Elisha, Daniel, agus na fàidhean, maille ri mo Mhacsa, a thog na mairbh, a thilg a mach deamhnan a thug orrasan a bha air am breith dall a bhi

faicinn agus a dh'aisig buill-cuirp? Gidheadh air son so uile (mar a thuirt mi roimhe) dh'fhuathaich iad e, cheus iad e. Thog mise bho na mairbh e, agus thaisbean e d'a dheisciobuil, a bha air an gairm, agus air an taghadh, agus dileas, agus thug e dhaibh àithne agus ùghdarras gu dol a thogail fianais air an fhìrinn so do'n t-saoghal; agus a chum an nì ceudna a dhearbhadh agus a dhaigh-neachadh, rinn e comasach iad gu labhairt le ionadh seòrsa theangan, agus gu oibreachadh miorbhulean nach bu ghann; gidheadh bha geur-leanmhainn mhòr air a togail 'nan aghaidh, ionnas gur tearc dhiù a bhàsaich 'nan cuid leapaichean. Agus uime sin, ged tha thusa smuaineachadh gu 'n dean miorbhui na h-uiread drùghaidh air an t-saoghal, gidheadh tha mise 'g ràdh nach dean: "Oir mur creid iad Maois agus na fàidhean, cha mhò a chreideas iad ged éireadh neach o na mairbh."

O na briathran so uime sin thoir an aire do'n fhìrinn so; eadhon, gu 'm beil iad-san a dhiùltas agus nach creid Maois agus na fàidhean 'nan sluagh ro chruaidh-chridheach, nach creid 's nach gabh comhairle ged éireadh neach o na màirbh.

Iadsan nach toir spéis do na sgriobturan naomha, chum tionndadh ri Dia, air dhaibh a bhi faicinn gu'm beil iad a' toirt fianais mu thim-chioll a mhathais agus a thròcair, cha-n eil achi

beag dòchais air gu'm bi iad air an tear-nadh : “ Oir cha ghabh iad comhairle 's cha chreid iad ged éireadh neach o na mairbh.” Tha 'n fhìrinn so air a dearbhadh le Iosa Criosd féin ; ma leughas tu Eoin v. far am beil an Tighearn a' labhairt uime-féin, gur e an dearbh Chriosd ; tha e toirt a steach ceithir no cuig do dh' fhianaisean gu cuir leis n'a thubhairt e. 1. Eoin Baiste. (2.) Na h-oibríchean a thug 'Athair d'a r' an deanamh. (3.) Athair a labhairt o nèamh. (4.) Teisteas nan sgriobturan, 'nuair a bha so uile deante, a' faicinn fathast nach creideadh iad, tha e cur na coire air aon do 'n dà ni so.

1. An spéis a th' aca do mheas am measg dhaoine.

2. Nach do chreid iad sgriobhaidhean nam faidhean, eadhon Maois agus càch. “ Oir 'nan creideadh sibh Maois,” ars' esan “ chreideadh sibh mise ; oir sgrìobh e mu mo thimchioll ; ach mur creid sibh a sgriobhaidhean-sa, cionnus a s' urrainn sibh mo bhriathran-sa chreidsinn ?” A nise, tha mi 'g ràdh, esan a ni tàir air na sgriobturan, agus air teisteas nam fàidhean a ta annta mu thimchioll Iosa Criosd, feumaidh e bhi ann an mòr cunnart gu 'n caill e 'anam ; ma bhuanachas e anns a chòr so : do bhrìgh gu 'm beil esan, a ta deanamh tàir air an teisteas, a' deanamh mar an ceudna tàir air an ni mu thimchioll am beil e toirt fianais ; abradh e an aghaidh so cho

tric's a thogras e. Oia mar a chuir Iosa Criod an so sìos an t-aobhar air son nach eil daoine a' gabhail ris; mar sin chuir an t-Abstol sios ann an àit' eil' a rithist na h-aobharan sin le antromachadh àrd agus laidir, (1 Eoin v. 10.) ag ràdh, "An tì a chreideas ann am Mac Dhé tha'n fhianais aige ann féin: an tì nach creid Dia, rinn e breugaire dheth, do bhrìgh nach do chreid e an fhianais a rinn Dia mu thimchioll a Mhic." An fhianais, their thu, ciod e sin? 'S e eadhon an teisteas a thug Dia mu thimchioll le beul nam fàidhean naomh' uile bho 'nuair a thoisich an saoghal, (Gniomh. iii. 20.) 'S e sin, Dia a chur a Spiorad naomh' ann an cridheachan a shéirbhisich, na fàidhean agus na h-abstoil, ghiùlan esan, le 'Spiorad annta-san, fianais do dh' f hìrinn an tearnaidh le Mhac Iosa, araon roimhe agus an déigh a theachd. Agus so mar tha 'n t-àite sin gu bhi air a thuiginn, a ta 'g radh, "Tha triùir a tha togail fianais air thalamh, an Spiorad, an t-uisge, agus an f huil." 'S e sin, an Spiorad anns na h-Abstoil a shearmonaich e do 'n t-saoghal, mar a tha e soilleir, ma leughas tu gu dùrachdach, 1 Tesal. iv. 8. Air do 'n Abstol a bhi labhairt mu Iosa Criod, agus ùmhachd do Dhia troimhe, tha e 'g radh mar so, "An neach a ni tàir, cha-n ann air duine a tha e deanamh tàir, ach air Dia: "ach 's e sibhse a ta labhairt; tha sin fior, ach is ann leis an Spiorad agus trid an Spioraid. Esan

uime sin a ni tàir, cha-n ann air duine a tha e deanamh tàir, ach air Dia, a thug mar an ceudna dhuinne de a Spiorad naomha. Tha so uime sin mar dhaighneachadh laidir air an fhìrinn so, esan a ta deanamh tàir air an fhianais a th'aig Dia le Spiorad, 'na chuid fàidhean agus abstol, air fhoillseachadh dhuinne, tha e deanamh tàir air teisteas an Spioraid, a ghluais iad gus na nithibh so a labhairt; agus ma 's ann mar sin a ta, an so b'àill leam fhios fhaighinn, cionnus a 's urrainn duine no neach sam bith a bhi air a thearnadh le Iosa Criod, a ta deanamh tàir air an teisteas mu thimchioll Chriosd; seadh, teisteas a Spioraid féin mu thimchioll féin? Tha e fior, faodaidh daoine bhi 'm barail gu 'm beil teisteas an Spioraid aca, agus o'n bharail sin, meas suarach a chur air na sgriobturan naomha; ach an spiorad sin a ta chòmhnaidh annta, agus 'g an teagastg gu sin a dheanamh, cha n-eil e ni's fearr na spiorad Shàtain, ged tha e g' a ghairm féin le ainm spiorad Chriosd. "Chum an lagha uime sin, agus chum an teisteas," dearbh iad leis sin, "mur labhair iad a réir an fhacail so, is ann do bhrìgh nach eil solus annta."

Tha'n t-abstol Peadar ag ràdh mu Chriosd, 'nuair a tha e labhairt mu dhéibhinn a' ghuth ghlòrmhor a bh'aige bho mhòrachd oirdheirc, "'S e so mo Mhac gràdhach, éisdibh ris; tha e 'g ràdh mar so riù-san a dh' ionnsaidh an

do sgrìobh e ; “ Tha agaibh mar an ceudna falal fhaidheadaireachd;” is cinntiche no na fàidhean, oir mar sin faodaidh tu a leughadh ; “ do ’m math a ni sibh an aire thoirt.” ’S e sin, ged tha sinne ag innseadh dhuibh gu ’n robh an teisteas oirdheire so againn o ’bheul féin gu soilleir, gidheadh tha agaibh na fàidhean tba sinne ag innseadh dhùibh so, agus cha ruig sibh a leas f hìrinn a chuir an teagamh ach ged a chuireadh, gidheadh cha-n fhao sibh, cha chòir dnibh iad-san a chuir ar teagamh ; rannsaichibh uime sin anntasan gu camhanaich an làtha, gus an éirich reu na maidhe ann bhur cridheachan ; ’s e sin, gu am faigh sibh leis an spiorad cheudna thug a mach na sgriobturan, an f hìrinn air a daighneachadh do bhur n-anmannan, a th’ agaibh air a cur sios anns na sgriobturan ; gur e am falal fhaidheadaireachd so, no nam fàidhean, na sgriobturan : leugh romhad, Oir arsa esan “ Air dhuibh fios so a bhi agaibh air tùs, nach eil fhaidheadaireachd sam bith do ’n sgriobtur,” &c. 2 Pead. i. 18—20.

Ach their sibh, ciod am feum a th’ air an iomairt so uile, agus c’ arson a tha ’n t-àm agus an t-saothair so uile air an caitheadh ann an labhairt mu thimchioll so, a tha gu cinnteach air a chreidsinn cheana ? Is ni so a th’ air a chreidsinn leis na h-uile, gur e na sgriobturan falal Dé, am falal cinnteach fhaidheadaireachd sin ; agus uime sin cha-n eil

math dut a bhi caitheadh t'uine ann an dearbhadh 'nan nithe so, agus an fhirinn ac', a' faicinn gu'm beil sinn ag aideachadh na firinn so, mu'n do labhairt thu do bhreath mu'n déibhinn.

Freag. 1. Cha-n urrainnear fianais a thogail le firinnean Dé-mò's tric; faodaidh tu a radh cho math, cha-n eil math dhut Iosa Criod a shearmonachadh cho tric, a' faicinnn gu'n robh e, agus gu'm beil e air a ghabhail air son an fhior Mhesiah cheana.

2. Ged dh' fhaodas mòran a shaoilsinn gu'm beil iad a' creidsinn nan sgriobturan, gidheadh na'm bidh iad a mhàin gu math air an ceasnachadh, gheibheadh sibh iad an dara cuid le facial beòil, air no le caithe-beatha, no co-labhairt, ag àicheadh, a' diùltadh, agus a' deanamh tàir air na sgriobturan naomha Tha e fior, tha aontachadh baralach, eachdraidheil anns a' cheann, tha mi'g radh, ann an ceann mòrain, no chuid a's liugha, do'n fhìrinn a th' anns an sgriobturan; ach dearbhaidh iad, tha mi'g ràdh, agus cha-n fhaigh sibh ach beag, ma gheibh sibh a bheag sam bith, do chreideamh oibreachaidh Dhé ann an cridheachan dhaoine truagh, chum nan sgriobturan a chreidsinn agus na nithe a tha air an cuir sios annta. Tha iomadh, seadh, a'chuid a's liugha do dhaoine a' creidsinn nan sgrobturean, mar a tha iad a' creidsinn faoin-sgeul naigheachd, eachdruidh, seanachas mu nach

eil cinnt sam bith ; ach mo thruaighe ! cha n-eil ann ach ro bheagan a ta da-rìreadh, agus ann am fìrinn, a' creidsinn gur iad na sgriobturan dearbh fhacal Dé.

Cunnuil. Ach their sibh, tha so 'na ni iong-antach leamsa.

Freag. Agus tha mise ga niheas na nì a cheart cho fìrinneach agus cha n-eil mi an amharus ach gu a dheanamh aithnichte, nach eil ach beagan, seadh, fior bheagan, a tha gu h-éifeachdach (oir 's ann air sin tha mi beachdachadh) a' creidsinn nan sgriobturan agus na fìrinnean a th' air an cuir sios annta, agus mu thimchioll an ni mu'm beil iad a' labhairt. Ach gu leigeadh ris, agus sin gu h-éifeachdach (ma's àill le Dia) cuiridh mi sios dhuibh na h-oibrichean fa leth a th' aig na sgriobturan orra-san, a tha gu h-éifeachdach a' creidsinn nan nithe a th' air an cuir sios annta.

1. Esan a tha gu h-éifeachdach a' creidsinn nan sgriobturan, bha e an toiseach air a mhàrbhadh, tha mi 'g ràdh air a mhàrbhadh le ùghdarras nan sgriobturan naomha ; air a mharbhadh gu tûr ann an seadh spioradail, leis na sgriobturan naomha, air dhaibh a bhi air an cuir dhachaigh, leis an spiorad sin a thug iad a mach air an anam. " Tha 'n litir a' marbhadh," tha 'n litir a' marbhadh dhaoine, (2 Cor. iii. 6;) agus so chunnaic agus thuig Pòl so mu'm b' urrainn e

ràdh, “ Tha mi a’ creidsinn na h-uile a labhair na fàidhean.” ’S an àit am beil e ’g ràdh, “ Bha mie beò as eagmhais an lagha uair-eigin ; ” ’se sin, ann am staid nàdurraich, mun robh an lagh a’ir a chur air mo eridhe le cumhachd ; “ Ach air teachd do’n àithne dh’ ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mise bàs,—Agus an àithne a dh’òrduicheadh a chum beatha, fhuaireadh dhomhsa chum bàis i ; oir air do’n pheacadh fàth a ghlacadh tre’n àithne mhealle mi, agus leis a sin mharbh e mi,” (Rom. vii. 9—11.) A nise an ni sin do’m beil-sa gairm na litreach ann an Cor. tha ’n lagh air a ghairin dheth ann an Rom. vii. a tha lecumhachd agus a h-oibreachadh, mar a tha i air a làimhseachadh le Spiorad Dhé, air tùs a màrbhadh, a’ marbhadh nan uile a th’air an deanamh comasach air na sgriobturan a chreidsinn. Tha mise a’ marbhadh, arsa Dia ; ’s e sin, leis an lagh. Tha mi a’ tolladh, tha mi a’ leòrn, tha mi a’ bioradh dhaoine a steach chum an dearbh chridhe, le’n cuid peacanñan an aghaidhan lagha fheuchainn dhaibh (Deut. xxxii. 69 ; Gniomh. ii. 36, 37.) Agus esan a tha aineolach air a so, tha e mar an ceudna aineolach air an sgriobturi, agus cha-n eil e gu fìrinneach agus gu h-éifeachdach a’ creidsinn nan sgriobturan.

Ach their sibh, Cionnas a tha ’n lagh a’ màrbhadh, a’ fàgail màrbh a’ chreutair bhochd.

Freag. 1. Tha ’n litir no ’n lagh a’ màrbhadh mar so ; tha i air a’ cur dhachaigh air an

anam, agus a' leigeadh ris do 'n anam a' pheacannan an aghaidh an lagha: agus a' feuchainn do 'n anam cuideachd, nach urrainn e gu h-iomlan ceartas Dé a riachadh air son briseadh an lagha, uime sin tha e air a dhìteadh, (Eoin iii. 19.) Thoir an aire, an tì nach creid, tha e air a dhìteadh cheana eadhon, leis an lagh, 's e sin, tha 'n lagh g'a dhìteadh, seadh, dhìt se e air son a pheacannan 'na aghaidh; mar a ta e a sgrìobhte, "Is mall-aichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nith a ta sgrìobhte ann an leabhar an lagha chum an deanamh," (Gal. iii. 10.) A nise tha na h-uile neach mar a ta iad a' teachd a steach do 'n t-saoghal, anns a' chòr so, 's e sin, air an dìteadh leis an lagh. Gidheadh 'nuair nach eil iad a' creidsinn an dìtidh leis an lagh gu cinnteach, cha-n eil iad ni 's mò a creidsinn gu fìrinneach agus gu h-éifeachdach an lagh a tha g'an dìteadh. Oir mar nach eil aig daoine ach barail mu thimchioll an aon 'se sin, an dìtidh air son peacannan an aghaidh an lagha; mar sin cha-n eil ac' ach barail mu thimchioll cumhachd dìtidh, marbhaidh, agus léir-sgriosach an lagha; oir mar a tan't-aon, mar sin anns na nithibh so tha do ghnà an t-aon eile. Cha-n eil duine sam bith ann a tha gu firinneach a' creidsinn an lagha no 'n t-soisgeul, ni's fhaide 'na tha iad a' fair-eachdainn an cumhachd agus an ùghdarrais 'nan cridheachan. "Tha sibh am mearachd,

air dhuibh a bhi gun aithne air na sgriobturan, no air cumhachd Dhé." A nis 'an litir so, no 'n lagh, cha-n eil i gu bhi air a gabhail anns an t-seadh a 's farsuinne, ach tha i gu bhi air a ceangal gu teann ris na deich àintean, d'an oibir iomchuidh, a mhain le feuchainn do 'n anam a' pheacadh ar aghaidh an lagha a mharbhadh, agus an sin f'hagail tür marbh, gun a' bheath' a's lugha thabhairt, no taic no comhf hurt, ach an t-anam fhàgail ann an còr gun chobhair agus gun dòchas, mar uaithe féin, no bho chreutair sam bith eile, nach eil ach 'na chreutair a mhàin.

Tha e fior, chur an lagh na h-uile duine 'nan laidhe marbh, mar a ta iad a' teachd a steach do 'n t-saoghal ; ach cha-n eil na h-uile duine 'g am faicinn féin marbh, gus am faic iad an lagh a marbh iad a' bualachd 'nan anmaibh, agus air dha am bualachd leis a' bhuelle mharbh-tach sin, mar dhuine tha gu trom 'na chadal ann an taigh, agus e r'a theine m'a chluasan, agus esan gu 'n f'hiös aige air, air son e bhi 'na chadal ; eadhon mar sin do bhrìgh gu'm beil anmannan bochda 'nan cadal 'nam peacannan, ged tha corraich Dhé, mallachd an lagha, agus lasraichean ifrinne air iathadh mu'n cuairt daibh gidheadh cha-n eil iad g'a chreidsinn, a chionn gu'm beil iad 'nan cadal 'nam peacannan. A nise mar tha 'n tì sin a th' air a dhùsgadh, agus a' faicinn so, a' faicinn gu 'm beil e leis a so 'na dhuine

marbh : eadhon mar sin iadsan a tha faicinn an staid a thaobh nàduir, a bhi 'na leithid do chòr dubhach, tha iad mar an ceudna 'g am faicinn féin a bhi leis an lagh 'nan daoine marbha gu nàdurrach.

Ach a nise c'uin a mhothaich thusa cumhachd a' cheud earrainn so do 'n sgriobturi, an lagh, cho cumhachdach is do bhualadh marbh ? Mur d' fhairich, cha-n eil thu uiread ri gu cinnteach a' creidsinn an earrainn sin do'n sgriobturi anns am beil an lagh, gur e fìrinne Dé. Gidheadh ged' mhuthaicheadh tu rud-eigin, tha mi 'g ràdh, rud-eigin do chumhachd marbhaidh lagha Dhé ann ad chridhe, cha-n eil so na h-argamaid gu dearbhadh gu'm beil thu creidsinn na h-uile ni th' anns an sgriobturi ; oir tha soisgeul ann cho math ri lagh, agus uime sin labhraidd mi air sin mar an ceudna ; 's e sin, na mhothaich thu cumhachd an t-soisgeil, cho math ri rud-eigin do chumhachd an lagha ?

2. An sin ma fhuair thu cumhachd an t-soisgeul, agus mar sin gu 'n do chreid thu e, fhuair thu e mar so maille ri t'anam.

1. Bha air fheuchainn dut le facal no fìrinne an t-soisgeil, ann an solus spioraid Chriosd, gu 'n robh thu thaobh nàduir as eugmhais fior chreideamh Mhic Dhé ann a t'anam : oir 'nuair a tha esan, an Spiorad, air teachd, feuchaidh e do dhaoine "nach eil iad a' creidsinn annam-sa," arsa Criod, (Eoin xvi. 9.)

Thoir an aire, ged mhothaich thu mar a thuirt mi roimhe, rud-eigin do chumhachd an lagha, na litreach, nan deich àintean, gidheadh a chionn nach robh thu air do thoirt chum so fhaicinn leis an spiorad anns an t-soisgeul, gu'm beil thu gun chreideamh a thaobh nàduir, cha do bhlais thu fathast, 's cha mhò idir a chreid thu earrann sam bith do 'n t-soisgeul. Oir tha 'n soisgeul agus an lagh 'nan dà chumhnant' eadar-dhealaichte. Agus faodaidh iadsan a ta fo 'n lagh, a bhi air an dearbhadh no air am fàgail ris leis, agus mar sin an lagh no 'n ceud chùmhnant' a chreidsinn, agus gidheadh anns an àm sin a bhi 'nan coigrich do chùmhnant a' gheallaidh, 's e sin, an soisgeul, agus mar sin tha iad "as eughmhais dòchais," (Eph. ii. 12.) Cha-n eil gealladh sam bith ann a's urrainn a bhi gu sàbhailt air a chreidsinn, gus am bi 'n t-anam leis an t-soisgeul air iompachadh chum Iosa Criod. Oir air cho mor 'sa tha daoine a' smuaineachadh gu'm beil iad a' creidsinn nithe no facal an tearnaidh, gidheadh mur eil oibir gràis aca 'nan anmannan, cha-n eil iad, cha-n urrainn iad na nithe a ta air an cuir sios anns na sgriobturan a chreidsinn gu ceart.

A rithist, mar a ta 'n lagha a' marbhadh na h-aiteam a tha g'a creidsinn, eadhon mar sin tha na geallaidhean a th' anns an t-soisgeul, a' frithealadh, no tabhairt tre chreidimh, comhfhurt dhaibh-san a tha 'ga chreidsinn gu ceart.

“Na briathran,” (arsa Criod), na briathran, a tha mis a’ labhairt ribh is spiorad agus is beath’ iad,” (Eoin vi. 63.) Mur gu ’m bidh e air a ràdh, na briathran a th’ anns an lagh mar chumh-nanta gnìomha, tha iad a’ lotadh tha iad a marbhadh, tha iad g’am marbhadh-san a ta fopa. Ach air mo shon-sa, “na briathran a ta mi labhairt ribh, is spiorad, agus is beath’ iad” ’Se sin, ge b’e sam bith a ghabhasiad gu creideach, gheibh e iad làn oibreachaidh gu comhf hurtachadh, neartachadh agus ath-bheothachadh an anma. Oir mar nach tainig mi dh’ionnsaidh an t-saoghal chum beatha dhaoine sgrios, .mar sin na briathran a tha mise a’ labhairt (mar a ta mi air mo chuir chum an soisgeul a’ shearmonachadh), chan eil a leithid do rùn ac’ idir dhaibh-san a ta g’an creidsinn. O cia mar tha na geallaidhean a ta anns an t-soisgeul ’gan comhf hurtachadh ! A leithid a ghealladh, agus a leithid a ghealladh, O cia cho milis sa ta e ! Cia sòlasach dhaibh-san ta ’gan creidsinn ! Mo thruaighe, tha iomadh anam bochd a tha smuaineachadh gu ’m beil iad a’ creidsinn gur e na sgriobturan facal Dé, agus gidheadh cha do mheal iad riaghni sam bith do bheatha nan geallaidhean ! tha na geallaidhean a’ tighinn a steach air a’ chridhe gu do neartachadh, gu t’ath-bheothachadh, gu do thogail o na bhinn bàis a th’ air a cuir ort leis an lagh. Agus tre ’n chreideamh a ta air oibreachadh na t’ anam, le oibreachadh

Spioraid naomha Dhé (ged bha thu uair-eigin air do mharbhadh leis an lagh, no leis an litir), tha thu air do dheanamh beò anns an Tighearn Iosa Criod, a tha air fhoillseachadh 's air a thraigse do t'anam anns na geallaidhean.

3. Am beil thu da-rìreadh agus ann am firinn, a' creidsinn gur e na sgriobturan facal Dé? Ma tha, tha na nithe a th' anna, gu h-àraidh nithe an t-soisgeil, glè oirdheire do t'anam; mar tha breith Chriosd, a bhàs, ais-eirigh, eadar-ghuidhe, agus a dhara teachd; O cia prìseil agus oirdheirc a ta iad do t'anam! Innus 's nach eil meas agad air ni sam bith an coimeas riu! O is e breith, bàs, fuil, ais-eirigh, &c. Chriosd, a réir nan sgriobturan, anns am beil thu deanamh gàirdeachas gu mòr, agus air am beil do dhéidh! Do 'm beil sibh a toirt gràidh, ged nach faca sibh e; agus air dhuibh a bhi creidsinn ann, ged nach eil sibh a nise g'a fhaicinn, tha sibh a' deanamh gàirdeachas le aoibhneas do-labhairt, agus làu do ghlòir, 1 Cor. xv. 1—6, Phil. iii. 6—8; 1 Pet. i. 8.

4. Am beil thu creidsinn gur e na sgriobturan facal Dè? Ma tha, tha thu ad'sheasamh ann an eagal, rompa, agus tha thu toirt mòr urram dhaibh. C' uime, is iad facal Dé, fior bhriathran Dé; 's iad comhairle Dhé; 's iad a gheallaidhean agus a bhagraidhean. Tha anmannan truaghà ullamh gu smuaineachadh, mar so na 'm b' urrainn

mi Dia a chluinntinn a' labhairt rium o néimh le guth labhar fosgar a sin bhithinn gu cinnteach suidhichte agus chreidinn e. Ach gu firinneach, ged' labhradh Dia riut o néimh, mur biodh tu air t'iompachadh, cha tugadh tu aire dha, 's cha chreideadh tu gu cinnteach e. Ach ma tha thu creidsinn nan sgriobturan, tha thu faicinn gur iad an fhìrinn, cheart cho cinnteach ri esan a chreidsinn. Agus ma thu a' creidsinn nan sgriobturan, tha thu faicinn gur iad an fhìrinn cho cinnteach as ged a labhradh Dia riut o nèimh tre na neòil, agus uime sin na bi idir a miodal riut-féin, gu h-amaideach a' smaoineach na 'm biodh a' chùis mar so 's mar sud, an sin gu 'm b' urrainn thu creidsinn. Tha mi 'g innseadh dhut, arsa Criod, mur creid iad Maois agus na fàidhean, cha mho a chreideas iad ged éireadh neach o na mairbh.
—Ach.

5. Am beil thu a' creidsinn gur e na sgriobturan facal Dé? Ma tha, tre chreideamh ann an Criod, tha thu toirt ionnsaidh do bheath' a riaghadh a' réir nan sgriobturan, araon ann am facal agus an cleachdadadh. Cha n-e sin sin a mhain, ach tha mi 'g ràdh, faodaidh tu sin a bhi agad, ged nach creid thu iad uile. 'S e tha mi a' ciallachadh, ged' nach creid thu sgriobtur sam bith ach na deich àintean, gu 'm faod do bheatha bhi do 'n réir-san-beatha laghail naomha; agus ma chreideas tu'n

soisgeul cuideachd, an sin bithidh do bheatha 'na beatha creidimh ann ar Tighearna Iosa Criod ; 'se sin, an dara cuid bithidh tu beò anns an t-suamhneas bheannaichte agus naomha sin a ta na sgriobturan a' cuir an céill mu nithe glòrmhor ar Tighearn Iosa Criod, air neo bithidh tu gu dian an toir orra le mòr dhéidh. Oir tha na sgriobturan a' giùlain a leithid do sgeimh bheannaichte annta do 'n anam sin aig am beil creideamh anns na nithibh a th' annta, 's gu 'm beil iad a' glacadh agus a' toirt leo anam an neach a ta g'an creidsinn a chum gaol a thoirt dhaibh, a' creidsinn na h-uile nith a ta sgriobhte anns an lagh agus na fàidhean : agus le dòchas a thaobh Dhé, gu 'm bi ann aiseirigh nam mairbh, araon nam fìrean agus nan neo-fhìrean ; "agus an so tha mi a saoithreachadh do ghnà cogais neo-lotach a bhi agam a thaobh Dhé agus a thaobh dhaoine," Gniomh. xxiv. 14—16.

6. Esan a ta creidsinn gur e na sgriobturan facal Dé, 'ra 's e 's gu 'n saoil e gu 'm beil àite sam bith do 'n sgriobtuir ga dhùnhadh-san a mach o chòir anns na geallaidhean a ta anta : O cuiridh e trioblaid air, cràdhaidh se e, cùiridh e ann an iomacheist e ; seadh, cha bhi e toilichte gus am bi cheist air a fuasgladh, agus an fhìrinne air a seuladh d'a anam, oir tha fios aige gur h e na sgriobturan facal Dé, gu léir 'nam fìrinn : agus air an

aobhar sin tha fios aige, ma's e's gu'n dean aon fhacal esan a dhùnadh a mach air son a bhi dh'easbhuidh an ullachaidh ud, no 'n ullachaidh ud eile; tha fhios aige mar an ceudna nach e 'n saoghal a mhàin a tha g'a dhùnadh a mach, ach esan a tha g'a labhairt, eadhon Dia féin; agus air an aobhar sin cha-n urrainn e,—cha bhi e,—cha dàna leis a bhi toilichte gus am faigh e anam féin agus an sgriobtnr cuideachd (maille ris na nithibh a th' ann), gu dlù-ghabhail r'a chéile, agus co-fhreagarrachd agus réite mhilis, thaitneach a bhi eatorra. Oir feumaidh tu fios a bhi agad, dha-san a ta creidsinn an sgriobtuir gu ceart, gu 'm beil na geallaidhean no na bagraidhean do ni's mò do chumhachd gu comf hurtachadh no gu tilgeadh sios na tha uile gheallaidhean no bhagraidhean nan uile dhaoine 'san t-saoghal. Agus b'e so an t-aobhar, air son an d' rinn mairtirich Iosa araon geallaidhean an eas-chàirdean a chuir cho suarach, 'nuair a b' àill leo buadhachadh orra le nithibh mòra an t-saoghal so a thairgse dhaibh, agus mar an ceudna am bagraidhean, 'nuair a dh' innis iad daibh gu'm pianadh, gu'n crochadh, agus gu'n loisgeadh siad iad; (Gniomh. xx. 24.) Cha b' urrainn aon sam bith do na nithibh so buadhachadh orra, no 'nan aghaidh, air son gu'n do chreid iad dà-rìreadh na sgriobturan, agus na nithe a tha annta: mar a ta e gu soilleir air

fhaotainn agus r'a fhaicinn ann an Eabh. xi. agus mar an ceudna ann an Eachdraidh Mhaighstear Focs mu thimchioll am bràithrean.

7. Esan a tha creidsinn gur iad na sgrìobturan facal Dé, tha e creidsinn gu'm feum daoine a bhi air am breith a rithist, agus mar an ceudna a bhi 'nan luchd-compàirt do 'n chreideamh sin a tha do dh'oibreachadh Dhé (a réir mar a leugh agus a chreid e), air neo gu'm feum e agus gu'm bi e air a dhamnad. Agus esan a ta creidsinn so gn ceart, cha bhi e toilichte gus am bi e (do réir 's mar a ta e sgrìobhte) a' compàirteachadh agus a' mealltuinn, na h-ùr-bhreith, agus gus am faigh e tre ghràs, an creideamh sin a ta air oibreachadh le oibreachadh Dhé 'na anam. Oir is e so an t-aobhar air son am beil daoine g'an toileachadh féin le dòchas cho fann agus cho baralach gu'm beil an staid gu math ('Nuair nach eil i bheag mar sin), eadhon air son nach eil iad a' creidsinn nan sgrìobturan; oir na'm bitheadh shealladh iad a steach do 'n cridheachan féin, agus rannsaicheadh iad gu dùrachdach a dh' fheuchainn am beil an cridheamh sin, an dòchas sin, an gràs sin a tha iad a' smuaineachadh a th' aca, do 'n nàduir sin, agus air oibreachadh leis an spiorad agus an cumhachd sin, mu'm beil an sgrìobtura' labhairt. Tha mi labhairt so mu thimchioll creidsinn éifeachdaich, as eughmhais nach eil na h-uile ni eile a chum tearnaidh. A nise ma ta, do

bhrìgh nach b' àill leam a bhi fadalach, cha chuir mi aig an àm so tuille soilleirichidh sios air a leithid do neach 'sa tha gu sàbhailt a' creidsinn nan sgriobturan, agus nan nith sin a tha annta, ach labhraidh mi beagan bhriathran rannsachaiddh mu thimchioll nan nith sin a tha chean' air an luaidh.—Mar.

1. Tha thusa 'g radh gu 'm beil thu darìreadh agus ann am firinn, gu h-eifeachdach a' creidsinn nan sgriobturan; tha mi feòraich uime sin, an robh thu riamh air do mharbhadh tür marbh le lagh nan gniomharan a th' air a cuir sios annta. Air do mharbhadh leis an lagh no leis an litir, agus air a thoirt ort do pheacannan 'na aghaidh fhaicinn, agus air t-fhàgail anu an còr gun chòmhnadhl leis an lagh. Oir mar a thuirt mi 's e oibir iomchuidh an lagha an t-anam a mharbhadh, agus f'hàgail ann an staid gun chòmhnadhl. Oir cha-n eil e toirt do 'n anam comhf hurt sam bith e-féin 'nuair a thig e; 's cha mhò a nochdas e do 'n anam c' àit am beil comhf hurt r'a fhaotainn; agus air an aobhar sin tha e air a gairm “Ministreileachd an dìtidh,” mar a ta e ann an 2 Cor. iii. 9, “Ministreileachd a' bhàis,” (2 Cor. iii. 7.) Oir ged dh' fhaodas daoine barail a bhi aca mu dhéibhinn facal beannaichte Dhé, mar a bh' aig a chloinn, gidheadh mu'm bi iad air an iompachadh, faodaidh e gu firinneach a bhi air a ràdh mu 'n timchioll.

Tha sibh ann am mearachd, do bhrigh nach eil eòlas agaibh air na sgriobturan, no air cumhachd Dhé, Marc xii. 24.

2. Tha thu 'g ràdh gu 'm beil thu creid-sinn gur e na sgriobturan facal Dé. Tha mise 'g ràdh, a rithist rannsaich, an robh thu riamh air do bheothachadh o staid mharbh le cumhachd spioraid Chriosd tre 'n earrainn eile do'n sgriobtur 'se sin ri ràdh, le cumhachd Dhé 'na Mhac Iosa Criosd, tre chùmhant a' gheall-aidh ? Innseam dhut o 'n Tighearn, ma bha thu mar sin, mhottaich thu leithid do chumhachd beothachaidh ann am briathran Chriosd, (Eoin vi.) 's gu 'n robh thu air do thogail a mach ás a' chòr mharbh sin anns an robh thu roimhe ; agus an uair a bha thu fo chionta peacaidh, fo mhallaichd an lagha, agus fo chumhachd an diabhoil, agus fo cheartas an Dé mhòir, gu 'n robh thu air do dheanamh comasach le cumhachd Dhé ann an Criosd air fhoillseachadh dhut leis an Spiorad, trid an sgriobtur, gu sealltainn air peacadh, bàs, ifrin, an diabhol, agus an lagh, agus na h-uile nithibh a ta ann an nàimhdeas 'na t'aghaidh le dànanachd agus comhf hurt ann ad ghnùis tre fhuil, bàs ionnracas, aseirigh, agus eadar-ghuidhe Chriosd, a th' air an luaidh anns na sgriobturan.

Agus 3. air sgàth so, O cia cho oirdheire sa ta na sgriobturan do t'anam ! O cia mòr do dh'fheartan a tha thu faicinn 'na leithid do ghealladh, 'na leithid do chuireadh ! Tha

iad iomus a radh, "Cha tilg Criosd air chor sam bith a mach mi! Mo pheacannan dearga bitidh geal mar shneachda." Innseam dhut a chairid tha cuid do gheallaidhean ann leis agus trid an do chobhair an Tighearn mi gu gréim a dheanamh air Iosa Criosd, nach iarrainn a bhi mach ás a' Bhìoball air urrad òir a's airgeid 'sa 's urrainn laidhe eadar York agus Lunnaidh air a' chruachadh suas chum nan reull; do bhrìgh tridsan gu 'm beil Criosd toilichte le Spiorad comhfhurt a ghiùlan a dh' ionnsaidh m' anma! Tha mi 'g radh, 'nuair a mhallaicheas an lagh, 'nuair a bhuaireas an deamhain, 'nuair a lasas teine ifrinn ann am chogais 'nuair a bhios mo pheacannan le cionta g'a mo reubadh, an sin tha Criosd air a thaisbeanadh cho milis do m' anam bochd tre na geallaidhean, 's gu 'm beil iad sud uile air an éigneachadh gu teicheadh agus sgur do chasadidh m' anma. Mar sin mar an ceudna, 'nuair a tha 'n saoghal gruamach, coimheach, 'nuair a tha na naimh-dean air bhoille agus a' bagairt mo mharbhadh, an sin mar an ceudna tha na geallaidhean, "na geallaidhean gle mhòr agus prìseil" a' cothromachadh sios nan uile, agus a' comhfhurtachadh an anma 'nan aghaidh gu léir. 'S e so toradh creidsinn nan sgriobturan gu sàbhailt; oir iad-san a ta deanamh sin, tha aca leis na sgriobturan agus trid-san deagh chomhfhurt, "Agus mar an ceudna aobhar

dòchais," (Rom. xv. 4,) air dha a' bhi creidsinn gur leis féin na nithe ud, a tha na sgriobturan a' cumail a mach.

4. Rannsaich, am beil eagal ort peacachadh an aghaidh Dhé, de bhrìgh gu'n d'àithn' e ort anns na sgriobturan gun sin a dheanamh? Am beil thu ri dìchioll a chum do ghairm agus do thaghadh a dheanamh cinnteach, do bhrìgh gu 'm beil Dia g'a iarraidh anns na sgriobturan? Am beil thu g'a do cheasnachadh féin, a dh' fheuchainn am beil thu anns a' chreideamh no nach eil, air dhut àithne a bhi agad anns an sgriobturi gu sin a deanamh? No 'm beil thu (gun bhacadh a ghabhail o na tha thu leughadh anns an sgriobturi) a' leantainn an t-saoghal, a' gabbail tlachd ann am peacadh, a' dearmad tighinn gu Iosa Criosd, a' labhairt uile mu thimchioll nan naomh, a' deanamh tàir agus fanaid air òrduighean Dé, a' gabbail tlachd ann an droch cuideachd, agus a leithid sin? Ma tha, biodh fhios agad, gur ann do bhrìgh nach eil thu da-rìreadh agus ann am firinn, a' creidsinn nan sgriobturan gu h-éifeachdach. Oir mar a thuirt mi roimhe, ma tha duine g' an creidsinn, agus sin gu sàbhailt, an sin tha e fo fhiamh, tha e sealltainn r'à cheuman, tha e tionndadh a chasan o olc, agus a' deanamh dìchioll gu leanmhainn an ni sin a ta math, ni a dh' àithn' Dia ann an sgriobturan na firinn, gidheadh cha-n ann bho aobhar

laghail no nàdurrach ; 's e sin gu iarraidh air-son beath' a chionn nan nithe matha sin a dheanamh ach air dha a bhi fiosrach gu 'm beil tearnadh cheana air a chosnadhlair a shon le fuil an duine sin Criod Iosa air a' chrann, do bhrìgh gu 'm beil e a' creidsinn nan sgriobturan, uime sin (thoir an aire guidheam ort) thu saoithreachadh guimeachd maille ri Dia ann an uile dheagh-thoileachadh agus dhiadhachd, do bhrìgh gu 'm beil cumhachd milis gaoil Chriosd, a tha e mothachadh 'na anam leis an Spiorad, do réir nan sgriobturan 'g a cho-éigneachadh gu sin a dheanamh, 2 Cor. v. 14.

5. Rannsaich a rithist, am beil thu a saoithreachadh an deigh nan uidbeamachaidean ud leis am beil na sgriobturan a' toirt cunntas mu thimchioll leanabh Dhé ? 's e sin, creideamh, seadh, an creideamh ceart, an creideamh naomha, creideamh oibreacahaídh Dhé ? Agus mar an ceudna am beil thu a' rannsachdh a dh' fheuchainn am beil fior fhàs gràis ann a t' anam, mar tha gaol, eud, féin-aicheadh, agus iarraidh leis na h-uile mheadhon gu ruigsinn (mas a comasach dhut) a chum ais-eirigh nam marbh ? 's e sin, gun thu-féin a thoileachadh no riarrachadh, gus am bi thu dealichte agus saor o'n chorp bàis so, agus a bhi air t'atharrachadh a chum na glòire sin anns am bi na naoimh an deigh latha

na h-aiseirigh ; agus anns an àm a ta làthair, am beil thu saoithreachadh agus a' gabbail gach uile chothrom chum imeachd cho faisg 's a dh' fhaodas a bhith chum an àrd-thomhais sin, ged tha fhios agad nach urrainn thu ruigisinn air gu h-iomlan ? Gidheadh tha mi 'g ràdh tha thu deanamh dìreach air, ag iarraidh 'na dheigh, a' dlùthachadh ris ; agus a' cumail air t'adhart air do thuras, tha thu seachanadh sin a dh' fhaodas air dhòigh sam bith éis a chuir ort, agus mar an ceudna tha thu teannadh a steach ris na dh' fhaodas air dhòigh sam bith cuideachadh leat ann an sin : air dhut fios a bhi agad gu 'm feum sín a bhith, no 'g iarruidh gur e bhios 'na fhonn sìorruidh dhut ; agus air an aobhar sin a mach á gaol agus taitneas da, tha thu g'a iarraidh, agus a' miannachadh 'na dheigh, a chionn gur e an nì a's mò bheir do thaitneas do t'anam.

No cionnas a tha 'chùis maille ri t' anam ? Am beil thu ann ad leithid do neach aig nach eil feart air na nithibh so, ach gur fearr leat do smuaintean a chumail gniomhach mu thimchioll nan nithibh a tha bhos an so, a' leanmhainn nan nithibh ud deth nach eil a bheag do dh' fhaileadh diadhaidh ? Mas ann mar sin a tha, seall riut séin, tha thu 'na t'as-chreideach, agus mar sin fo chorraich Dhé, agus tuitidh tu gu cinnteach anns an

ionad-dhòrain cheudna anns am beil do leith-eidean eile air tuiteam romhad, a chum cràdh t'anma agus do léir-sgrios sìorruidh.

Thoir na nithibh so fainear, agus cuir iad 'nan laidhe ri do chridhe mu 'm bi e tuileadh's anmoch gu thu féin a leasachadh, le aithreachas air son an aoin, agus iarraidh gu teannadh a steach ris an aon eile. O ! tha mi 'g ràdh, thoir an aire, thoir an aire, oir tha ifrinn teth. Tha làimh Dhé shuas, tha 'n lagh air cuir roimh a chuid urchraichean a thilgeadh an aghaidh t'anma ! Tha latha bhreitheanais am fagus, tha na h-uaghlaichean ullamh gu fosgladh suas, tha 'n trompaid fagus da bhi air a séirm, bithidh a' bhùnn gu h-aithghearr air a labhairt agus an sin cha-n urrainn thus' agus mise àm ath-ghairm air ais.

Ach a ritlist, a' faicinn gu 'm beil iad cho cinnteach, cho do-leasaicht' agus daighean, agus a' faicinn gur h-ann a tha creideamh tearnaidh air na nithibh a th' air an cuir sios ann, gu ath-leasachadh an anmà, agus a thoirt thairis gu nithibh Dhé, gu firinneach a' co-chumadh ris na nithe a th' air an cur sios ann, araon a thaobh fireanachaiddh, agus mar an ceudnaimeachd neo-chlaon agus toirt suas t'anam agus do chorp do cho-chumadh ris na h-ul àintean chomhairlean, theagasan, agus earail a th' air an cuir sios ann. Ionnasaichidh so dhuinn an sin cionnus a bheir sinn breth orra-san a tha g' an toirt féin suas do shiubhal ann an

deagh smuaintean an cridheachan féin, a tha 'cur suarach, a' deanamh tàir, agus a' cur gu taobh nan sgriobturan, a' meas nach eil ann diù ach nithe falamh agus neo-chinnteach, agus a bhios beò gach latha ann an cur an aghaidh gu follaiseach na th' air a chur sios, air àithneadh, agus air a thoirmeasg annta.

Mar. air tùs, nochdaidh so dhuinn nach eil aig bhur n-uile mhisgearan, bhreugadairean, mheirleach, luchd-draois luchd-mionnan, luchd-cùl-chàinidh, luchd-tuaileis, luchd-fànaid air mathas, &c. Tha mi 'g radh, faodaidh sinn fhaicinn leis a so, nach eil aig a' mhuinntir a ta beò ann an leithide do nithe, creideamh air na nithibh so air a chumail 'nan cridheachan; air faicinn duinn gu 'm beil iad a' gabhail tlachd ann an cuir nan nithibh ud an gnìomh a ta air an toirmeasg leis na sgriobturan. Agus mar sin tha iad beò agus a' bàsachadh anns an staid so, faodaidh sinn a cho-dhùnadhan gun eagal, gu 'm bun na h-earrannan so do 'n sgriobturan dhaibh, agus gu 'm bi iad gu cinnteach air an coilionadh orra; "Ach ge be nach creid dìtear e," (Marc, xvi. 16.) Cha sealbhaich luchd-do-bheirt rioghachd Dhé," (I Cor. vi. 9, 10.) "Ach aig an dream sin a ta gealtach, agus mi-chreideach, agus gràineil, agus aig luchd-mortaidh, agus sìropachais, agus aig na h-uile bhreugairibh, bithidn an cuibhrionn anns an loch a ta dearg lasadh le teine agus proun-

asg," (Taisb xxi. 8.) "Imichibh uam, a shluagh mallaichte, a dh' ionnsaidh an teine shìorruidh a dh' ullaicheadh do'n diabhol agus d'a ainglibh, "(Mat. xxv. 41.) Imichibh, imichibh uam, oir cha tearnainn mi sibh. Imichibh, oir cha għlan m' fhuil idir sibh. Imichibh, oir cha chuir sibh aon chas a steach do rioghachd nèimh.

Imichibh, sibhse a tha mallaichte, tha sibh air bhur mallachadh le Dia, air bhur mallachadh leam-sa, air bhur mallachadh leis na naoimh, agus air bhur mallachadh leis na h-ainglean, mallaicht' uile thairis, gun ni sam bith ach mallaichte, agus uime sin imichibh uam-sa ; ach c' àite ? A dh' ionnsaidh an teine shìorruidh ; teine a sgàlltas, a loisgeas, agus a lasas da-rìreadh ; "Teine nach mùchair a chaoidh," (Marc, ix. 43.) Teine a mhaireas fad uile bhith-bhuantachd. Agus an éigin duinn a bhi leinn féin ? Cha 'n éigin, bithidh cuid-eachd agaibh, pailteas cuideachd còmhla ribh. Eadhon, na h-uilc dheamhnaidh bhuaireasach, bheucach, sgreadach, sgriachach, maille ri cuideachd do-àireamh do pheacaich dhamnaithe, do dhaoine, do mhnathan agus do chloinn. Agus ma's e gu'm beil na sgriobturan, fior (mar a thaisbeanas iad gu h-iōngantach aon latha gu'm beil) an sin feumaidh e bhith gu'm bi so'na chuibhrionn agad-sa ma bhuanacheas tu beò agus ma' bhàsaicheas tu anns an staid so, agus na chuibhrionn dhaibh-san uile a bhuan-

aicheas ann am peacachadh 'an aghaidh na firinn a th' air a cuir sios anns an sgriobturr.

Mar 1. Am beil thu gabhail tlachd ann a bhi peacachadh an aghaidh àinteán còmhnard soilleir? Ma tha, tha thu caillte!

2. Am beil thu deanamh tàir agus fanaid air na comhairlean a th' air an cur sìos anns na sgriobturan, agus a' buanachd ann an deanamh mar sin? An sin tha thu caillte.

3. Am beil thu a' sìor dhearmad tighinn gu Criod, agus am beil thu a' gnàthachadh argamaidean ann ad chridhe gu toileachadh t'anma air son sinn a dheanamh? Ma tha, tha thu caillte, (Luc. xiv. 17, 18, 24, Eabh. ii. 3.) "Cionnus a théid sinne ás, ma ni sinn dimeas air slàinte cho mòr?" Cionnus a théid sinn ás, 's e sin, cha-n eil rathad ann gu dol ás.

1. Do bhrìgh gu 'n tuirt Dia nach téid, "Thugaibh an aire nach diùlt sibh esan a ta labhairt; oir mur deach' iad-san ás, a dhiùlt an tì a labhair o *Dha riu* air talamh" b'e sin Maois "is lugha gu mòr na sin a *théid* sinne ás ma thionndaidheas sinn air falbh uaithe-san a ta labhairt o nèambh," Eabh. xii. 25.

2. Do bhrìgh gu 'n tuirt e cha n-e mhàin, nach téidiad, ach mar an ceudna cheangail se e le bòid, ag ràdh, "Ionnas gun mhionnaich mi ann am f'héirg, nach téid iad a steach do m' shuaimhneas," (Eabh. iii. 11.) Cò dha mhionnaich e nach rachadh iad a steach d'a shuaimhneas?

Freagairt. Dhaibh-san nach do chreid : " Mar chì sinn nach b' urrainn iad dol a steach, air son mi-chreidimh." Rann 18, 19.

Anns an darna h-àite, Teagaisgidh so dhuinn ciod a tha ri bhi air a smuaineachadh agus ri cho-dhùnadhl mu dhéibhinn a leithid 's a bheir, (ged nach eil iad cho follaiseach a leigeadh ris an amaideas le peacannan follaiseach agus sgainnealach an aghaidh an lagha, gidheadh) a bheir ni's mò do dh'aire do 'n spioradan féin, agus do gluassadan an spioradan féin, (ged nach eil iad aon chuid air an àinteadh no air am moladh air son sin anns an sgriobtura, cha-n e sin a mhàin, ach ged tha'n sgriobtura ag àinteadh agus ag iarraidh an ceart aghaidh sin, (Isa. viii. 20.) na bheir iad do thoil naomh agus fhoillsichte Dhé. Tha mi'g radh, gu 'm beil an leithide sin do dhaoine ann an staid a cheart cho olc 'sa tha mhuinntir eile gu h iomlan, air dhaibh a bhi as-umhal do thoil Dé air a foillseachadh 'na f hacal, cho math riu-san, ged nach ann air an aon dòigh ; an aon gu follaiseach a' peacachadh an aghaidh nam fìrinnean soilleir agus làn-aithnichte a t' ann : an t-aon eile, ged is ann ni's uaignich' agus ni's falaichte, gidheadh gu h-uaigneach g'an diùltadh agus a' deanamh tàir orra, a' toirt ni's mò do dh'aire do'n spioradan féin agus do 'n gluasadan, ged nach eil sin air a ceadachadh leis na sgriobturan.

Beagan bhriathran fathast, agus mar sin co-dhùnaidh mi.

Agus 1, thoir an aire nach toilich thu thu-féin le barail lòm mu thimchioll nan sgriobturan ann ad chridhe, leis am faod thu dol fada, eadhon cho fad' ri bhi comasach gu deasbaireachd air son na firinn, gu searmonachadh an t-soisgeul, agus saoithreachadh gu dhion an aghaidh luchd-cuir 'na aghaidh, agus gidheadh a bhi air t'fhaotainn air làmh chlì Chriosd aig latha a' bhreitheanais, air son gu 'n do thoilich thu thu-féin le barail no eòlas beul-aithriseach mu 'n timchioll.

2. Thoir an aire gu 'n aidich thu 'n sgriobtuar uile, cha n-e aon earrainn deth aideachadh agus earrann eile a dhearmad, no chuir suarach; mar so, an lagh aideachadh, agus an soisgeul a dhearmad, no smuaineachadh, gu'm feum thu bhi air do thearnadh le do dheagh dheanadas agus le do dheagh ghnìomhan; oir tha sin uile ionnus as mar gu 'n tilgeadh tu Criosd air falbh uat: air neo an soisgeul aideachadh, mar gu 'm biodh tu leis-san air do shaoradh o gach uile ùmhlachd do na deich àinteán agns o cho-chumadh ris an lagh ann am beatha 'san giùlan; oir ann an deanamh mar sin, ni thu gu dearbha dioghaltas sìoruidh cinnteach dhut féin.

3. Thoir an aire nach cuir thu ainmean mearachdach air na nithibh a th' anns na

sgriobturan, mar an lagh a ghairm do Chriosd, agus criosd do'n lagh. Oir air do chuid deanamh mar sin (le m' fiosrachadh-féin) rinn iad fìrinnean glòrmhor an t-soisgeul cho dorcha dhaibh, as gu 'n robh iad ann an ùine bheag air rùnachadh am fiaradh, an truailleadh, agus cur 'nan aghaidh, agus mar sin rinn iad rùm 'nan anmannan air son an diabhoil gu còmhnaidh a ghabhail annta, agus fhuairead iad àit' ann an ifrinn air son an anmannan gu bhi air an pianadh gu bràth agus gu bràth.

An aghaidh a chunnart so uime-sin ann an leughadh agus ann an gabhail ri teisteadh an sgriobtuir, ionnsaich dealachadh a chur eadar an lagh agus an soisgeul, agus an cumail gu soilleir o chéile, a thaobh tearnadh t'anma: agus a chum gu 'm faod thu mar sin a dheanamh.

I. Iarr air Dia, gu 'm feuchadh e dhut nàdur an t-soisgeul, agus a chur dhachaigh gu h-éifeachdach le beath' agus cumhachd air t'anam le creideamh. Ni is e so, gu 'm feuchadh Dia dhut, mar air dhut a bhi a d' dhuine, gu 'n do pheacaich thu an aghaidh Dhé, mar sin air do Chriosd a bhi 'na Dhiadhuine, gu 'n do cheannaich e thu rithist, agus gu 'n do shaor e thu le fhuil phriseil o'n daorsa fo d'rinn thu tuiteam le do pheacannan, agus sin cha b' ann air cumha gu 'n dean thusa mar so 's mar so, an obair mhath so 's an obair

mhath ud eile ; ach ni's fearr, air dhut a bhi air t'f hìreanachadh gu saor a mhàin le gràs tre f huil Iosa, gu 'm faigheadh tu mar an ceudna do neart uaithe-san a rinn do cheannach chum siubhal fa chomhair-san anns na h-uile dheagh thoileachadh, air dhut a bhi air do dheanamh comasach gu sin a dheanamh le feartan a Spioraid-san, a dh' fhoillsich do t' anam gu 'm beil thu air do shaoradh cheana o 'n f héirg a ta ri teachd, le ùmhachd, cha n-e t'ùmhachd féin ach ùmhachd duine eile, eadhon Iosa Criod.

2. An sin ma ni an lagh mu'm beil thu leughadh, innseadh dhut ann ad chogais gur éigin dut an obair mhath so no'n obair mhath ud eile an lagha a dheanamh, ma tha thu idir air son a bhi air do thearnadh, freagair gu soilleir, air do shon-sa dheth gu 'm beil thu air cur romhad gun oibreachadh air son beatha, ach creidsinn ann am feartan na fala sin a bh' air a dortadh air a' chrann air Beinn Chalbhari, air son mathanas peacaidh ; agus gidheadh do bhrigh gu 'n d' f'hìreanaich Chriosd thu gu saor le ghràs, ni thu seirbheis ann an naomhachd agus an ionracas rè uile laithean dò bheatha, gidheadh cha-n ann an Spòrad laghail, no ann an cùmhanta ghniomha : ach m' ùmhachd (abair thus) bheir i ionnsaidh air i bhi agam saor agus suilbhear, a thaobh gaoil do mo Thighearn Iosa.

3. Thoir an aire nach gabh thu an teagastg

so ann am barail a mhain, air eagal gu 'n toir thu damnadh ceart air t'anam, le thu dh' aid-eachadh thu bhi air do shaoradh le ful Chriosd o chionta peacaidh am feadh a tha thu a' fantainn fathast ann ad' sheirbhiseach do shalachar a' pheacaidh. Oir feumaidh mi innseadh dhut, mur bi obair fhìor agus shàbhailidh creidimh agad maille ri gràs an t-soisgeul ann ad cnridhe théid thu 'n dara cuid air t'adhart ann an naomhachd laghail; a réir brìgh an lagha; no, tre bharail mu 'n t-soisgeul (air do 'n diabhol a bhi cur drùidheachd, ort agus a' mealladh do thugse, do thoil' agus t'aignidh) tionndadhaidh tu, mar ghlagaire, gràs Dé gu macnus, agus bheir thu damnadh dùbaitl' air t'anam, mur tabhair trì-fille, anns nach b' urrainn thu bhi toilichte 'bhi air do dhamnad air son do pheacannan an aghaidh an lagha, ach mar an ceudna gu sgrios a dheanamh cinuteach do t' anam, b' àill leat eas-urram a thoirt do 'n t-soisgeul, agus gràs Dé, a th' air a chumail a mach agus air a leigeadh ris do 'n duine leis an t-soisgeul a thionndadh chum macnus.

Ach a chum gu'm biodh tu cinnteach á na creagan cunnartach so air an làimh dheis agus air an làimh chlì a sheachnad, faic gu 'm bi do chreideamh mar a ta e air a labhairt anns an sgriobtur, agus nach bi thu toilichte a dh' easbhuidh sin, a tha 'na chreideamh air oibreachadh le oibreachadh cumhachdach Dhé, a' taisbeanadh Chriosda dhut, agus annad, mar a

bhi gu h-iomlan air do shaoradh o do pheacann-an le f'huil phrìseil féin. Creideamh, ma ruigeas tus air, a dh' oibricheas air a leithid do dhòigh ann ad chridhe, 's air tùs gu 'm faic thu nàdur an lagha, agus mar an ceudna nàdur an t-soisgeil, agus gu 'n gabh thu tlachd 'na ghlòir; agus mar an ceudna gheibh thu do chridhe agus t' anam a' dlùthachadh ri Iosa Criod, eadhon do thoirt suas t' anma agus do chuirp uile, gu bhi air an riaghlaigh agus air an stiùradh leis-san, a chum a ghloire, agus do chumhfhurt, le creideamh an Tighearn' Iosa.

A' CHRIODH.

Dunéideann. Clò-bhailte le Neall agus a Chuideach l.

Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart.

		s.	d.
Haughton's "A Saviour for You,"	...	0	2
History of Animals named in the Bible,	...	0	6
History of Prince Charles, fcap. 8vo, cloth,	...	3	0
Ditto. ditto. <i>cheap edition, sewed,</i>		1	6
James' Anxious Enquirer, 12mo, <i>sewed,</i>	...	1	0
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth,</i>	...	1	6
Joseph, History of, 18mo, <i>sewed,</i>	0	4
Laoidean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, <i>cloth,</i>		0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy Scriptures, by Forbes, 18mo,	0	4
Lessons in Gaelic, crown 8vo,	1	0
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the Highlanders, 2 vols,	28	0
M'Alpine's Gaelic Grammar, 12mo, <i>cloth,</i>	...	1	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo, ... The Catholic or Universal Church,	...	4	0
MacColl's Mountain Minstrel, 18mo, <i>cloth,</i>	...	1	6
Macdonald's (Mac Mhaistir Alistir) Gaelic Songs,		2	0
Macdonald's (Rev. Dr) Gaelic Poems, <i>cloth,</i>		2	6
... Waters of Jordan, 18mo, <i>sewed,</i>	0	2
M'Gregor's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, <i>cloth,</i>		0	8
M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, with an English Translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," 18mo,	2	0
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language (in English),	1	6
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, 18mo,		2	6
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth,</i>	...	3	6
Mackenzie's Beauties of Gaelic Poetry, royal 8vo,		12	0
... Gaelic Melodist, 32mo,	0	4
Macleod, Rev. Dr, Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed,</i> 1s. for		0	6
Macleod, Rev. Norman, Caraid nan Gaidheal, 8vo, <i>cloth,</i>	...	16	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings, or Notices of the History and Literature of the Scottish Gael (in English), fcap. 8vo, <i>cloth,</i>		2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian (in English), 8vo,	0	6
Macneill's Neniae, and other Poems, <i>cloth,</i>	...	2	0

Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart.

	s.	d.
Macpherson's "Duanaire," a New Collection of Songs, &c., never before published, cloth, ...	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, 8vo, cloth, ...	6	0
Mountain Songster, Collection of Original and Selected Gaelic Songs,	0	6
Munro's Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, ...	2	0
... Selection of Gaelic Songs, 32mo,	0	4
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, cloth,	3	0
Ossian and the Clyde: Fingal in Ireland, Oscar in Iceland, by Dr H. Waddell,	12	6
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, sewed,	0	6
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. MacColl, 12mo,	1	0
Prayers and Admonitions (series of six, large type), in packets of 2 dozen, sorted, ...	0	6
Psalm Book (General Assembly's Version), large type, 18mo, bound, gilt edges,	2	6
Do. do., 18mo, cloth,	1	0
Do. Smith's or Ross's, large type, 18mo, bd.	2	0
Do. Gaelic and English, on one page, ...	1	6
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, cloth, ...	1	6
Sinner's (The) Friend, 12mo, sewed,	0	3
Sixteen Short Sermons, 12mo, sewed,	0	2
Skene's Celtic Scotland; a History of Ancient Alban, Vols. I. and II., each	15	0
Smith's (Dr) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram,	2	6
Stewart's Elements of Gaelic Grammar, New Edition, crown 8vo, cloth,	3	6
Sum of Saving Knowledge, 12mo, sewed, ...	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, sewed,	0	2

New Testament for Schools, 12mo, bound,	1	0
Job to Ecclesiastes, 12mo, bound,	0	6
Proverbs of Solomon, 8vo, sewed,	0	2

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS, AT VARIOUS PRICES.

